L.39.9
98 31 6

E. 8. 24

Ex libris bibliothecæ
facultatis Juridicæ
Dorpatensis

Psalmi Davi

# SAILM DHAIBHIDH

ANN

## DAN GAOIDHEALACH,

Do reir na HEABHRA,

Agus an EIDIR-THEANGACHAIDH a's fearr ann LAIDIN, ann GAOIDHEILG, 's ann Gaillbhearla. Do thionnſgnadh le SEANADH EARRA-GHAOIDHEAL s a' Bhliadhna 1659, agus do chriochnaigheadh s an 1694, r'an ſeinn ann *Eaglaiſibh* 's ann *Teaghlaichibh* GAOIDHEALACH.

Agus, do ghlanadh anois o Mhearachdaibh lionmhor Clodh-bhualaidh, air Iarrtas agus do reir Seolaidh an tSEANAIDH cheadna.

---

LE UGHDARRAS.

---

ENTERED IN STATIONERS-HALL.

---

Clodh-bhuailt' agus r'an Reic le JOIN ORR, Leabhair-reiceadoir. Ann GLAS-GHO. M DCC LIII.

# SAILM
# DHAIBHIDH.

## SALM I.

'S Beannuight' an duine sin nach gluais
ann comhairle nan daoi,
Ann slighe fhiar nam peacach baoth
'na sheasamh fòs nach bi,
Ann cathair fanoid luchd an spòrs'
nach togair suidh' gu bràth.
2 Ach gabhail toil do naoimh-reachd De,
'ga smuaintiugh' oidhch', is la.
3 Mar chraoibh is amhluidh bitheann se
'g cois aimhne fas a'ta,
Do bheir 'na haimsir toradh trom;
gun duille chall no blàth,
Soirbhichidh leis gach ni d'an dean.
4 ni h amhluidh sin do bhi
Na daoine peacach: ach mar mholl,
air fhuadughadh le gaoith.
5 Is uime sin ni sheasmhunn suas
na haingidh ann san bhreith,
No peacaich ann an comunn naomh'
nam fireanach gu seth.
6 Oir 's fiosrach Dia air slighe ghloin
nam fireanach air fad:
Ach slighe fhiar nam peacach baoth,
di-mhilltear i gu grad.

CReud as far ghabh na Geintligh boil',
's am pobull fòs gu cruinn,
Far ſmuaintigh ſiad beart dhiomhaoineach
nach feadfuidh chur ann ſuim?
2 Righridh na talmhain d'eirigh ſiad,
'sna prionnſuidh mòrdha treun,
Ann aghaidh De do chruinnigh ſiad,
's an ti do ung ſe fein.
3 Briſmid anois an cuibhreach dhinn,
(a dubhradar air fad)
Na boinn do b'àill leo iadhadh oirn,
dhinn tilgeamaid gu grad.
4 An ti air Neàmh 'na ſhuidh' a'ta,
do ni ſe gàire fò:
Is mar chùis mhagaidh bitheann ſiad,
do'n Tighearn' àrd, gach lò.
5 'N ſin labhraidh ſe ám briathraibh borb
'na chorruigh riu gu garg,
Is cuiridh ſe gu cabhaig iad,
le laſan is le feirg.
6 Gidheadh do ungadh leam mo Righ
gu fior air Sion caomh;
Is chuir mi e 'na uachdaran
ſuas air mo thulaich naomh'.
7 Cuirfeam ann ceill an tordugh ùd:
(dubhairt Jehobhah riom,)
Is tu mo mhacsa; 's ann an diugh
do ghineadh thuſa liom.

8 Iarr

8 Iarr orm, 's mar oighreachd bheiream dhuit
na Geintiligh gu leir,
'S mar ſheilbh roi-dhileas bheiream dhuit
fad iomall crich gach tir.

9 Nithear le ſlait do'n iarunn chruaidh
gu luath am briſeadh leat,
Nam bloidibh beaga pronnfar iad
mar phota criadh' le d'neart.

10 O Righridh, uime ſin anois
gabhuibhſe ciall gu leir:
A Bhreitheamh talmhain gabhaibh fòs
deagh-fhòghlam glan d'a reir.

11 Do'n Tighearna Jehobhah mòr
adhruibhſe dh'a gu ceart,
Le h eagal deanuibh ſeirbhis mhaith
do Thighearna nam feart.
'S le baill-chrith deanaibh gàirdeachas.

12 Do'n mhac is tugaibh pòg,
D' eagal gu laſadh fhearg-ſan ruibh,
d'ar milleadh ann ſan ròd.
An uair do bhitheas corruigh air
ag laſadh ach gu beag:
Is beannuight' iad gach uile neach
an dòchas air do leag.

## SALM III.

NAch lion-mhor iad mo naimhd', a Dhia,
ſior-dhol a' mead gach la?
Is luchd mo thriobloid iomad iad,
ag eirigh rium do ghnà'.

2 Re m'anam iomad deir nach bhuil
aon fhurtachd ag an Dia,
3 Ach 's tu fear-togbhalach mo chinn,
mo ghlòir, is tu mo ſgia'.
4 Air Dia do ghairmeas le mo ghuth,
d' eiſd as a thulaich naomh' :
5 Luidh, choidil, agus mhoſgail mi,
chum Dia mi ſuas gu caomh.
6 Ni h eagal leam deich mile ſluaigh,
d'an cuartuighionn ſiad me.
7 Mo Thighearn' eirigh ſuas gu luath,
is cuidigh leam a Dhe :
Mo naimhde bhuail tu air an giall :
bhris fiacla fòs nan daoi.
8 'S le Dia an fhurtachd : air do ſhluagh
do bheannachd 'ta gun di'.

## SALM IV.

O Thuſa Dhia ùd m'ionracais,
eiſd rium tràth eigheam riut ;
'S tu dh'fhuaſgail orm is mi ann teinn,
fòir orm, is eiſd mo ſcread.
2 Mo ghlòir cia fhad a chlann nan daoin',
chum nàire chaochluigh's ſibh ?
Ag tabhairt gràidh do dhiomhaoineas,
is leanas breagan ruibh ?
3 Biodh agaibh fios gur roghnuidh Dia
dh'a fein an duine naomh' :
Tràth eigheam ris, do bheirionn ſe
sàr eiſdeach do mo ghlaodh.

4 Biodh eagal oirbh 's na deanaibh lochd:
le'r croidhe labhraibh fein
Gu h uaigneach air ar leabuidh, fòs
bibh toſdach mar an ceadn'.

5 Deagh iobairt thaitneach thugaibh uaibh
do'n ionracas do ghnà',
'S ar dòchas cuiribh ann an Dia,
ag earbſa ris gach la.

6 Ni maith cia nochdfas duinn anois?
ta' mòran ac'ag ràdh:
Ach dealradh glan do ghnùis, a Dhe,
tog oirnne ſuas do ghnàth.

7 'S mò chuir tu dh'aoibhneas ann mo chroidh',
n'an uair is lion-mhoir' coirc',
No, aca sùd, is ſaibhre fion
ag cinneachduin gun airc.

8 Ann ſioth-ſhaimh luidhidh mi faraon,
is coidlidh mi le ſuain:
O's tus' amhàin bheir dhamh, a Dhe,
fuidh dhidean, comhnuidh bhuan.

## SALM V.

DO m' bhriathraibh, tabhair air' a Dhe,
is beachduigh air mo ſmuain.

2 Eiſd guth mo ghlaoidh, mo Righ, 's mo Dhia,
oir guidheam ort gu dian.

3 Mo ghuth do chluinntear leat a Dhe,
air maidin gach aon la:
Gu moch do dheanam ùrnaigh riut
is dearcam ort do ghnà'.

4 Cho tus' an Dia le'r miann an t olc,
is lochd ni chaidreann tu.
5 Cho seas an tamadan a'd' làth'r:
's fuath leat luchd-uilc nach fiu.
6 Do sgriosfar leat luchd-labhairt breig:
is gràin le Dia faraon
An duine fuileachdach, 's an ti
chum cealgoireachd do chlaon.
7 Ach mise tiucfam chum do theach,
thaoibh mead do ghràsa caomh:
Agus ann t eagal adhram dhuit,
m' aghaidh re d' theampull naomh'.
8 Fa chùis mo naimhde, treòruigh mi,
a'd' cheartas naomh', a Dhe,
Is deanfa romham air gach ball
do chasan direach reidh.
9 Oir ni bhuil cinnt no ceart nam beul,
fior-aing'eachd ionnt' ata:
An scornach fosgailt' ac' mar uaigh,
le miodal teanga tlà'.
10 Le'n comhairlibh leig tuiteam dhoibh,
sgrios iad, a Dhe, nan lochd:
Nam peacaibh lion-mhor fuaduigh iad:
oir rinn siad ceannairc ort.
11 Ach aoibhneas air gach neach gu raibh,
ni barrant' dhiot nan airc:
Is deanadh iad buan-ghàirdeachas,
o rinn tu dhoibh cul-taic:
Biodh ionnad ait, na ghràidhuigh's t ainm.
12 Oir beannuigheann tu, Dhe,

Am

Am firean: ni tu le do ghràs
a chuartugh', mar le ſge'.

## SALM VI.

A Thighearn', ann do chorruigh mhòir
na cronuigh mi gu garg,
Na dean mo ſmachdachadh gu geur
an uair a laſas t fhearg.
2 Dean tròcair orm, a Dhia nan gràs,
oir lag ataim gun cheiſt:
Dhia, ſlànuigh mi anois a' m' fheim,
o 'taid mo chnàmhan briſt'.
3 'Ta m' anam air a chràdh gu geur:
ach thus', a Dhe, cia fhad'?
4 Pill, fuaſgail m'anam: agus fòir
le tròcair orm gu grad.
5 Oir orts' a Thighearna ſan bhàs,
cho chuimhnighear gun cheiſt:
Cia bheir dhuit buidheachas ſan uaigh,
no bheir ort luadh am feaſd'?
6 'Taim ſgith le m' oſnaigh, feadh na h oidhch'
ag cur mo leab' air ſnàmh:
Le deuraibh m'uirigh uiſgichim
ſan am bu chòir dhamh tàmh.
7 Mo ſhùil ata air fàilneachadh
fa chùis mo bhròin gach tràth:
Is 'ta ag dol gu h aos, ar-ſon
m' uil' eaſ-cairde do ghnàth.
8 A luchd na h aingidheachd gu leir,
imthibhſe uam am fad:

Oir chuala Dia gu tròcaireach
àrd-ghuth mo chaoi gun ſtad.
9 An ath-chuinge do chuir mi ſuas
do chual' an Tighearn' i,
Is gabhaidh ſe gu toileach uam
an ùrnaigh do ni mi.

10 Air m' eaſ-cairdibh gu raibh air fad
nàir', agus cùradh geur:
Is pilleadh iad air'n ais gu luath
le maſladh mòr gu leir.

## SALM VII.

O Dhia mo Thighearn', earbam riut:
orm furtaigh agus fòir,
Is ſaor mi fòs o dhiobhargadh
luchd leanmhuin orm ann tòir.
2 D' eagal mar ni an leòmhan treun
gu reubar m' anam leis:
Ag deanamh liodairt air gu mion,
gun neach do m' fhuaſgladh as.

3 Jehobhah Dhe, ma rinn mi ſo;
ma 'ta lochd air mo laimh:
4 Ma dh'iocas olc do'n fhear do bhi
ann ſioth-chaint dhamh, 's ann dàimh;
(Ni h amhluidh ſin, ach rinn mi 'n ti
a theaſairgin gu blàth
Do bhi gun àdhbhar is gun chùis
'na nàmhad dhamh gach la.)

5 Leanadh an nàmhad m'anam fein,
glacadh ſe e, 's gu làr

Sal-

Saltradh mo bheatha, leagadh fòs
m' onoir ſan dùs le tàir.
6 Eirigh, a' t fheirg, tog ſuas thu fein,
fa chorruigh m'eaſ-cair threin:
Is chum na breith a dh'orduigh tu
moſgail fa m' chùis a Dhe.
7 Mar ſin ni coimh-thional an t ſluaigh
do chuartughadh gun chàird':
Is uime ſin fa'n cùis, a Dhe,
pill fein air ionad àrd.
8 Breith air a' phobull beiridh Dia:
reir m'ionracais dean breith,
Do reir mo neimh-chiont' fein, a Dhe,
gu teann cuir as mo leith.
9 Gu d'thigeadh crioch air olc nan daoi,
ach daingnigh daoine còir:
'S fear-ſgrùdaidh croidh', is rannſaigh àirn',
Dia comh-thromach na glòir.
10 'S e Dia mo ſgiath, 's e dh'fhurtaigheas
air luchd a' chroidhe cheart.
11 Breitheamh luchd-còrach Dia, gach la
am feirg re luch droch bheart.
12 Ma 's e nach pillfionn ſe air ais,
a chloidheamh liomhfar leis:
Air lagh a bhogh' do chuir gu teann
gu caitheamh ullamh deas.
13 Fior-acfuinn agus inneal mairbh
do dheaſaigh ſe dh'a fein:
A ſhaighde do luchd diobhargaidh
do ull'mhuigh ſe gu treun.

14 Feuch, amhluidh iodhnadh Mnà re ſaoth'r,
mar ſin re h olc ata,
Aimh-leas 'se bu torraicheas d'a,
breug rugadh leis gun ſtà.
15 Chladhaich ſe ſlochd, is threachail e,
thuit fein ſan dig do rinn.
16 Thig aimh-leas air a chlaigeann fein,
is fhòirneart air a cheann.

17 Do reir a cheartais molaidh mi,
an Tighearn' air gach am:
Do ainm Jehobhah ſeinnidh mi,
O ſe is àird' a't'ann.

## SALM VIII.

JEhobhah Dhia, cia mòrdha t ainm
air feadh gach uile thir!
Do ghlòir do ſhocraigh tu oiſ-cionn
nam flaitheas is nan ſpeur.
2 As beul nan naoidh 's nan ciochran maoth,
bhrigh t eaſ-cair d'orduigh neart,
An nàmhad chum gu coiſgionn tu,
's an dioghaltach mi-cheart.

3 Do ſpeuran trà' thug mi fainear,
obair do mheura fein,
A' ghealach is na reulta glan,
do dh'orduigh tu le cheil':
4 Creud e an duin' gu cuimhnis air?
no mhac gu fioſraight' leat?
5 Do'n inbh' is beag do laghduigh's air,
air 'n d'fhuair na h aingil ceart;

Do

Do chuir tu coroin àluinn air,
le mais is glòir thar chàch.
6 Air oibribh fòs do làmh air fad,
thug uachdranachd gu bràth :
Gach dùil do chuir fa chofaibh dh'a,
do chruthuigh thufa riamh :
7 Caoirigh, is buar, 's gach ainmhidh fòs
'ta 'g imtheachd air an t fliabh.
8 An eunlaith 'ta fan aidheir fhuas,
an tiafg a'ta fa'chuan,
'S na fhiùbhlas air fligh' tuinne fòs,
fin thug tu dh'a gu buan.
9 A Dhia ar Tighearn' is ar Triath,
tainmfe cia h uafal e ?
Air feadh gach talamh is gach tir
is mòrdha sùd a Dhe,

## SALM IX.

LE m' uile chroidhe bheiream dhuit,
ard-mholadh binn, a Dhe ;
Is t oibridh miorbhuileach air fad
do innfeam iad gu reidh.
2 Do dheanam ionnad aoibhneas ait
is gàirdeachas gu mòr :
Do t ainmfe feinneam moladh binn,
O Righ a's àirde glòir.
3 A rìs trà' phillfear air an ais,
mo naimhde, theid gu làr ;
Oir tuitidh fiad is theid dhoibh as,
a't fhiadhnais fein gun dàil.

4 Mo chòir do rinn tu ſheaſamh dhamh
gu daingean is gu treun:
A' d' chathair chomh-throm ſhuidh tu ſuas
mar bhreitheamh ceart am binn'.

5 Do rinn tu air na cinnibh ſmachd,
do ſgrios na daoine daoi:
An ainm do chuir tu as gu glan,
o linn gu linn a choidhch'.

6 O nàmh chuaidh crioch air ſgrios am feaſd':
leag thuſa bailte treun,
An iomradh-ſan 's an cuimhne fòs
do theirig ſin leo fein.

7 Ach mairfidh Dia gu bunaiteach:
chuir cathair ſuas chum breith.
8 Bheir air an domhan comh-throm ceart,
le còir do'n t ſluagh fa leith.
9 Mar dhaingneach bithidh Dia nam feart
do'n ti a'ta fuidh leòn:
Ann triobloid tearmunn dileas e
re faicſin neach fuidh bhròn.

10 Gach neach 'gam bhuil air t ainmſe fios,
ni dòchas diot, is bun:
Oir mead 's ata ga d'iarraidh, Dhe,
nior threig tu iad gu tur.
11 D'on Triath, 'ta 'g àiteach' ſliabh Shioin
ſeinn moladh dh'a gu binn:
Aithriſibh fòs a' mealg an t ſluaigh
na gniomhartha do rinn.

12 Tràth ni ſe rannſachadh air fuil,
'n ſin cuimhneach orra 'ta;

Cho

Cho leig air dearmad glaodh nam bochd
a ghairmeas air do ghnà'.
13 Fòir orm, a Dhe, is amhairc air
mo thriobloid O luchd m'fhuath,
A Dhe a'ta gam' thogbhail suas
O dhorsaibh bàis gu luath.
14 Ann dorsaibh Inghein Shioin chaoimh
gu foills'ghinn t uile chliu:
Do dheanam gàirdeachas air sgàth
na slàint' a dheònuigh tu.
15 Thuit sios na cinnigh ann san dig
do thochail siad do chàch:
Is ann san lion a dh'fholuigh siad,
'ta 'n cosa fein ann sàs.
16 Aithnighear Dia san bhreith do ni,
trà' thuiteas daoi san drip;
Is ann an gniomh a laimhe fein
teann-ghlacar e san rib.
17 Pillfear luchd-uilc is aingidheachd
gu hifrionn sios gu leir;
'S na fineachan nach cuimhnigh Dia,
pillfear iad sios le cheil'.
18 An tainnis truagh cho teid e 'm feasd'
air dearmad no air dith:
Air dòchas fòs an duine bhochd
gu bràth ni fhaicear claoidh.
19 A Thighearn', eirigh, 's na leig buaidh
le neach d'an dual am bàs;
Breith thugar air na cinneachaibh
a' t fhiadhnais anns gach càs.

20 Cuir

20 Cuir eagal orrasan gu mòr,
Jehobhah Dhia nam feart,
Gu'n aithnigheadh na Geintiligh
iad fein nan daoine meat'.

## SALM X.

CReud as far sheasas fad o laimh,
Jehobhah laidir threin?
Ann aimsir teinn is triobloid mhòir
fa 'n dean tu t fholach fein?
2 'Ta 'n droch-dhuin' ann a àrdan borb
ag diobhargadh nam bochd;
Ach glacar iad sna hinnleachdaibh
do dhealbhadar chum lochd.
3 Oir ni an droch-dhuin' raiteachas
a miann a chroidhe fein,
'S na daoine sanntach molaidh se,
ge beag air Dia a' mein.
4 An droch-dhuin' ag fior-àrdan gruaidh
ni ghairionn se air Dia:
'Na chroidhe ni bhuil uair air bith
aon smuaineadh air an Triath.
5 'Ta uile shlighe doilghiosach,
's àrd o na shùil do bhreith:
Ag seideadh pluic gu fanoideach,
m'a eas-cairdibh gach leith.
6 'Na chroidhe fein do labhair se,
am feasd' cho ghluaisfear mi:
Oir cho tig amhghar orm gu bràth
no triobloid fòs do m' chlaoidh.

7 Do'n

7 Do'n iogan, mhallachadh, 's do ghò,
a bheul-ſan làn ata:
'Ta donas mòr is diomhaoineas
fuidh theangaidh-ſin do ghnà'.
8 Ann diomhaireachd nan clochan beag'
ghnà'-ſhuidhionn ſe gun fhios:
'Ta ſhùil air bochd 's air neimh-chiontach,
d'a' mort ann uaignidheas.

'Ta ſhùile nimhneach mar an ceadn',
ro-ghuineach geur gu lochd,
Ag dearcadh ann an diomhaireachd
a ſgrios an fhirein bhochd.
9 Mar leòmhan luidh' am plaid ata,
'na thàmh ann garadh dion,
Ghabhail nam bochd: is ghlac ſe iad,
'g an tàrtuing ann a lion.

10 Crùbaidh, is cromaidh ſe gu làr,
chum dh'a nach mothaigh neach:
Le laochraibh chum gu leagfadh ſe
am bochd ag gabhail ſeach.
11 A dubhairt ſe 'na chroidhe fein,
dhio-chuimhnidh Dia gun cheiſt:
Do fholuigh ſe a ghnùis ann cein,
ni leir dh'a sùd am feaſd'.

12 Jehobhah, eirigh ſuas ann àird',
a Dhia 'ta neart-mhor treun,
Tog ſuas do làmh: 's na dearmaid choidhch'
na deòraidh' bhochd nam feim.
13 Na daoine dona creud fa'n dean
ſiad tailceas ort a Dhe?

A du-

A dubhairt ſe 'n a chroidhe fein,
ni fhioſruighionn tu e.

14 Chunnairc thu ſin, oir duit is leir
gach dochar, is gach ſpid,
Chum le do laimh gu tiubhradh dhoibh
comain an uilc do nid:
'S ann ortſa dh' fhag an duine bochd
e fein do chur fo dhion,
O's tu fear-cuidigh agus neart
nan dilleachdan gun mhaoin.

15 Gàirden an droch-dhuin' is an daoi
leòn thus', is bris a Dhe:
Is rannſuigh 'mach a lochd gu geur,
gu nuig nach fuighear e.
16 Gu ſuthain is gu ſiorruidh fòs,
an Tighearn' 'ta 'n a Righ:
Sgrioſadh na cinnigh 'mach gu glan
'n a fhearann-ſan do bhi.

17 Miann nan daoin' umhal chual' tu, Dhe;
an croidhe ni tu gleuſt',
Is bheir tu air do chluais gun chàird'
an gearan-ſan gu'n eiſd:
18 Do chunbhail ceart re dilleachdaibh,
's re daoinibh brùite truagh,
Do chum nach d'thugadh duin' o'n ùir,
ni 's mò air fòirneart luadh.

## SALM XI.

MO dhòchas chuir mi ann an Dia:
creud e fa'n abradh ſibh

Re

Re m'anam, chum mo chur air gheilt,
teich as mar eun gu d' shliabh?
2 Feuch chuir na h aingidh bogh' air lagh,
an saighd' air sreing do ghleus:
Thilgin san dorch' an ti 'ta ceart
'na chroidh' agus 'na bheus.
3 Ma theid na bunaite air dhith,
creud ni an duine còir?
4 'Ta Dia 'na theampull naomh', air Neamh
'ta chathair làn do ghlòir,
Is leir d'a shùilibh-sin gach dùil,
san domhan mhòr a'ta:
Le roscaibh clann nan daoin' air fad
rannsuighidh se do ghnà'.
5 Rannsuighidh Dia na fireanaigh:
ach luchd na h aingidheachd,
Is fuath le anam, is gach neach
thug speis do ragaireachd.
6 Air daoinibh droch-mhuint' dortuidh Dia
nuas painntere gun di':
Teine, pronnasc, is doinionn gharbh,
cuibhrionn cup' dhoibh do ni.
7 Oir Dia 'ta comh-thromach is ceart,
is ionmhuin leis a' chòir:
Ag amharc air na fireanaibh
le deagh-ghnùis làn do ghlòir.

## SALM XII.

'NOis fòir, is cuidigh leinn a Dhe,
oir deagh-dhuin' ni bhuil ann,

Na

Na treibh-dhirigh meafg clann nan daoin'
re'm faghail 'ta ro-ghann.
2 Labhruidh gach neach r'a choimhearfnach
a' bhreug le miodal beil;
Le chroidhe dùbailt' làn do cheilg
fior-labhruidh fiad le cheil'.
3 Gach beul 'ta làn do ghabhann tlàth
d'an gnà' bhi leam is leat,
An teanga bhruidhneach àrdanach
fgathar le Dia nam feart.
4 A dubhairt, orra bheir finn buaidh
le'r teangaidh fein amach,
'S leinn fein ar beil: cia chean an Triath
do chuireas finn fa fmachd?
5 Re foireigneadh nan deòraidh truagh,
re ofnaidh dhaoine bochd,
'Nois eir'gheam, (dubhairt Dia:) d'an dion,
o luchd-bagraidh an lochd:
6 Is fior-ghlan briathar Dhe gu dearbh:
amhluidh mar airgiod e
Do leaghadh is do ghlanadh fòs,
fa fheachd ann fuacan cre.
7 Coimhididh thus' iad uil', a Dhe
dionaidh tu iad do ghnàth
O'n ghinealaichs' anois a't'ann,
's o fhoin amach gu bràth.
8 Gluaifidh gach aon taobh luchd an uilc,
is togbhaidh fiad an ceann;
An t am do chuirfear fuas gu hàrd
na daoin' a's fuaruigh 't'ann.

SALM

CIA fhada dhearmadar mi leat
a Dhia, an ann gu bràth?
Cia fhada dh'fholaigh's tu do ghnùis
gu coimhtheach uam gach tràth?
2 C' fhad' bhim re comhairl' ann mo chom,
le croidhe trom gach laoi?
Cia fhada dh'àrduigh'r tharum fuas
mo nàmhad mar do bhi?
3 Tabhair fainear, is freagair mi,
a Thighearna mo Dhia;
Soillsigh mo shùile, codal trom
chum bàis nach codladh mi.
4 D'eagal gu'n abradh rium mo nàmh,
chuaidh agam air anois:
'S gu deanadh m'eas-car gàirdeachas,
san uair ann aomar mis'.
5 Ach dh'earb mi as do ghràs, is biaidh
mo spiorad ait a'd' shlàint':
6 Is seinnidh mi gu binn do Dhia,
ar-son a phailteis ghnàight'.

## SALM XIV.

'NA chroidhe deir an tamadan,
ni bhuil ann Dia air bith,
'Taid truaillidh, 's oillteil fòs an gniomh,
ni bhuil ann neach ni maith.
2 An Tighearn' dh'amhairc se o neamh,
air chloinn nan daoin' anuas;
Do fheuchuin an raibh tuigs' ag neach
no dh'iarradh Dia nan gràs.

3 Do chlaonadar a thaoibh air fad,
ro-ſhalach iad gu leir :
Ni bhuil aon neach re deanamh maith,
ni bhuil fiu aoin fuidh ſpeur.
4 Nach tuigionn luchd na h ea-corach ?
'ta 'g ith air fad 's air lead
Mo phobuill ſuas mar aran blaſt',
air Dia ni ghairionn ſiad.
5 Ann ſin do ghabh ſiad eagal mòr;
ar-ſon gu bhuil gu fior
Dia ann an ginealach is linn,
nam fireanach do ſhior.
6 Comhairl' an truaghain nàirigh ſibh,
chionn Dia 'na thearmunn d'a :
7 As Sion O gu tiucfadh 'mach
ſlàint' Iſraeil gach la !
Trà' bheireas Dia air ais o bhruid
a phobull fein le cheil',
Air Jacob bithidh aoibhneas mòr,
's aiteas air Iſrael.

## SALM XV.

CIa dh'fhanas ann do phàilliun ſhuas?
a Thighearna cia e?
Cia 'n ti ſin leat air do chnoc naomh'
a chomhnuigheas gach re?
2 An ti do ghluais gu treibh-dhireach,
is ionracas do ni,
Labhras an fhirinn ſin amach
'na chroidh' a ſteach do bhi.

3 An

3 An ti nach dean air neach air bith,
cul-chàineadh le na bheul,
Nach dean aon lochd d'a choimhearsnach,
's nach tog air fòs droch sgeul.
4 Do ni trom-thailceas air an daoi:
ach onoir dhoibh do bheir
D'an eagal Dia: 's nach caochail mionn'
d'an d'thigeadh calldach air.
5 Airgiod air ocar nach do chuir:
ann aghaidh fòs nan saoi
Brìb nach do ghabh: cho ghluaisfear e
gu bràth mar sin do ni.

## SALM XVI.

DHia, coimhid mi, o's ionnad fein
ata mo dhòigh gu fior;
2 O m'anam, dubhairt tu re Dia,
is tu mo Thriath gu fior.
Mo mhaitheas ort ni ruigionn se,
3 Ach air na naomhaibh 'ta
Air talmhain, 's air na flaithibh fior
'g am bhuil mo ghean 's mo ghradh.
4 Moir-mheaduighear an doilghios doibh
a dheifrigheas gu luath
Air lorg De eile choimhigh bhreig'
ag cur re cràbhadh truagh:
An deoch iobairt a'ta do fhuil
ni ofraileam gun cheist,
Is air an ainmibh ann mo bheul
ni thiubhram luadh am feasd'.
5 Cuibhrionn mo chup' is m'oighreachd Dia:
's tu sheasas dhamh mo chrann.

6 Ann àitibh aoibhneach thuit mo lion:
's leam oighreachd bhreagh nach gann.
7 Do bheiream buidheachas do Dhia,
thug comhairl' orm a'm' fheim:
'Ta m'àirne fòs ann am-na h oidhch'
gam' theagaſg mar an ceadn'.
8 Do chuireas romham, anns gach cùis,
an Tighearn' mòr do ghnàth;
O's air mo dheas-laimh gu bhuil ſe,
cho ghluaisfear mi gu bràth.
9 Mo chroidh' ni aoibhneas uime ſin,
ni gàirdeachas mo ghlòir:
Ni m'fheoil fòs comhnuidh fhoiſtineach
le dion ann dòchas mòr.
10 Oir chean ni fhagann tu ſan uaigh
ſhios m'anam air aon achd;
'Sni leigionn tu do d' ſheircin naomh'
gu faic ſe truaillidheachd.
11 Dhamh ſligh' na beatha foills'ghidh tu:
a'd' làth'r làn aoibhneas 'ta,
Is ag do dheas-laimh fein a Dhe
mòr-fhubhachas gu bràth.

## SALM XVII.

EIſd thus' a Thighearn' ris a' chòir,
mo ghlaodh toir aire dh'a,
Is cluinn an ùrnaigh thig amach
o m' bheul gun bhreug, gun ghò.
2 Mo bhreith o t fhiadhnais thigeadh i:
le d' ſhùilibh leirſineach,

Feuch

Feuch air na nithibh ſin a Dhe,
'ta ceart is comh-thromach.
3 Dhearbh tu mo chroidh', is d'fhioſruigheas
ſan oidhche, d'fhionn gu geur,
Cho d'fhuair tu maoin: oir b'e mo rùn
nach peacaighinn le m' bheul.
4 Fa thimchioll oibribh dhaoine fòs,
ghleidh mi mi-fhein gu beachd,
Le guth do bheil, o cheimeanaibh
luchd-braid is ragaireachd.
5 Cum m'imtheachd ſuas a Dhia nam feart
a'd' ſhlighibh ceart gu treun,
A'd' chaſan direach cum mi ſuas,
nach ſleamhnuigh uam mo cheim.
6 Do ghairmeas ort, a Dhe, ſa chùis
gu'n eiſdfeadh tuſa rium;
Do chluas do m'ionnſuidh crom anuas,
is fòs mo ghearan cluinn.
7 Taisbein do chaoimhneas iongantach
'ta gradhach làn do chliu,
Do ſhaoras le do dheas-laimh fein,
an drong d'an dòchas thu,
O'n droing nan aghaidh thogbhas ceann.
8 ach coimhid mi gu treun
Mar chloich do ſhùl: dean folach orm
fuidh ſgàil do ſgiatha fein.
9 O'n droch-dhuin' 'ta re fòirneart orm,
o naimhdibh m'anma treun
A'ta ga m' chuartughadh gach taobh,
mo choimhead orra dean.

10 Nan

10 Nan faill ata fiad druidte fuas,
cainnt uaibhreach 'ta nam beul.
11 Chrom fiad gu làr is dhearc le'n fùil:
is chuartuigh fiad ar ceim:
12 Mar leòmhan gionach togarach
chum cobhartaigh do ghnà',
Mar leòmhan òg ann diomhaireachd
ag luidh' am plaid a'ta.
13 Eirigh, a Dhe, is coisg mo nàmh,
leag fios gu talamh e:
O'n droch-dhuin' 'ta 'n a chloidheamh dhuit,
saor m'anam uaidh' a Dhe.
14 O'n dream 'ta dhuits' a Dhe, mar laimh,
o dhaoinibh saoghalt' dàn,
'G am bhuil an cuibhrionn is an cuid
sa' bheathaidh so amhàin.
D'am bhuil tu tabhairt làin am bronn
as tulaidh dhiomhair fòs:
Lan cloinne 'taid fuighleach a' maoin
fagbhuid d'an leanbaibh òg.
15 Ach mise chean, do dhearcam air
do ghnùis am fireantachd:
Air mosgladh dhamh, lan diolfar mi,
A Dhe, le d' chosamhlachd.

## SALM XVIII.

MO chion ort fein, a Dhia, mo threis.
2 mo charraig Dia gu ceart,
Mo dhaingneach, is mo shlànuigheoir:
mo Thighearn', is mo neart,

An

An ti ann cuiream dòchas fòs,
mo thargaid is mo sgia',
Adharc mo shlànuigh' e gu beachd,
mo bhaideal àrd 'se Dia.

3 'Nois gairéam air an Tighearna,
d'an dlighear moladh sior;
Mar sin o m' easc-cairdibh gu leir
coimhidear mi gu fior.

4 Chuir tuilteach dhroch-dhaoin' eagal orm,
chuaidh umam guin an èig.

5 Pian ifrionn agus eangach bàis,
romham sgach àit' do bhid.

6 A'm' eigin ghair mi air mo Thriath,
dh'eigh le mo ghlaodh gu h àrd:
Is as a theampull naomhtha fein
dh'eisd se mo ghuth gun chàird':
'Na fhiadhnais is 'na eisdeachd fein
mo ghlaodh do rainig suas:

7 An talamh air gach ceim ann sin
do chriothnuigh, chrathadh, ghluais:
Iochdar nan cnoc agus nam beann,
do ghluaisеadh sin gu garg,
Do chriothnuigh is do chrathadh iad,
do bhrigh gu raibh air fearg.

8 Chuaidh deatach as a shròin amach:
is teine loisgeach mòr
Chuaidh as a bheul, is lasadh leis
do eibhlibh ni bu leòr.

9 Do lùb se fòs na neamha fuidh',
's anuas do thùirling se:

Fior-dhorchadas is dùbh-aigein
do bhi fuidh chofaibh Dhe.
10 Air cheruib mharcuigh fe gu hàrd,
air iteig fòs do chuaidh:
Do bhi fe luath ag itealaigh,
air bharraibh fgiath na gaoith.
11 Dùbh-dhorchadas mar dhiomhaireachd
do chuir fe uime fein:
Bu phubull d'a na h uifgidh dorch',
is neultaidh tiugh' nan fpeur.
12 Do chuaidh a neultaidh tiugh' le cheil',
is clocha meallain fòs,
Is eibhle teine roimh' do chuaidh
o'n dealradh bhi 'n a ghnùis.
13 Rinn Dia fna fpeuraibh tairneanach,
do leig an ti a's àird'
A ghuth amach, le cloich-fhneachd chruaidh
is eibhlibh teith gun chàird'.
14 A fhaighde leig fe chuc' amach,
do fgaoil fe iad air fad,
Tein' aidheir orra thilg gu mòr,
le'r chlaoidheadh iad gu grad.
15 Aigein nan uifge chunncas ris,
bhi grunnd an domhain nocht':
Le t anail as do fhròin, a Dhe,
le d' achmhafan is fmachd.
16 As ionad àrd do chuir fe 'nuas,
is bhuin fe mis' amach,
Is rinn mo tharruing mar an ceadn'
a h uifgibh iomarcach.

17 O

17 O m'eas-car tul-chuiseach is treun
do anacail se mi,
'S o luchd mo mhio-ruin agus m'fhuath:
oir laidir orm do bhi.
18 Ann la mo thriobloid is mo theinn
thug ionnsuidh orm gun fhios:
Ach do bhi Dia 'na throstan damh,
cho sleamhnuigh uam mo chos.
19 Gu h ionad fairsing agus reidh
amach do thug se mi:
Mo theasairgin do rinneadh leis,
oir ciatfach dhiom do bhi.
20 Reir m'ionracais, is gloine làmh,
do chùitigh Dia maith riom.
21 O m'Dhia nior chuaidh'm gu h aingidh olc,
sligh' Dhia do choimhdeadh liom.
22 Oir uile bhreith do bhi a'm' làth'r:
a statuin uam nior chuir.
23 Bu treibh-dhireach 'na fhiadhnais mi:
o m' aing'eachd fein do sguir.
24 Reir m'ionracais is gloine làmh,
ann sealladh beachd a shùl,
Do rinneadh mise chùiteachadh
gu caomh le Dia nan dùl.
25 Do'n duine ghràsail, gràs-mhor thu,
direach do'n treibh-dhireach.
26 Glan thu do'n duine ghlan, is fiat'
do'n duine fhiat' fa seach.
27 Na daoine 'ta fuidh thriobloid mhòir
làn-shaorann tu sgach àit':

Ach bheir tu 'nuas a' mhuintir ſin
'g am bhuil an ſealladh àrd.
28 Oir lasfaidh tu mo choinneal damh,
do ni mo Dhia 's mo Ri'
Mo dhorchadas a ſhoillſeachadh
chum ſoilleir glan gu 'm bi.
29 Mòr-mhal-ſhluagh, le do threis' a Dhe,
do bhriſeadh leam air fad:
Le neart mo Dhia thar ball' a leim,
do chuaidh mi fhein gun ſtad.
30 Ach Dia chean', 'ta a ſhlighe ceart,
do dhearbhadh focal De:
Do'n dream gu h uille dh'earbas as,
d'an dion is targaid e.
31 Oir cia 's Dia, ach Jehobhah ann?
cia 's carraig ach ar Triath?
32 An neach do ni mo ſhlighe ceart,
's a bheir dhamh neart, 's e Dia.
33 Mar choſaibh feidh 'ta luath chum ruidh
mo choſa do rinn ſe,
Air m'àitibh àrd' gam' ſhocrachadh,
'n coinne nach gluaiſteadh me.
34 Gu comhrag theagaiſg ſe mo làmh:
ionnas gur leam do chuaidh,
Gur bhriſeadh le mo ghairdenibh,
sàr-bhogh' do'n ſtàilinn chruaidh.
35 Do thug tu ſgiath do ſhlàinte dhamh,
do dheas-lamh chum mi ſuas,
Thug orm do chaoimhneas is do ghradh
gu h inbhe mhòir gu d'fhàs.

36 Mo cheimne rinn tu fairſing fùm,
ſin damh mar fhuaradh thus',
Ionnas gur ſocrach ſheaſmhas mi,
cho ſleamhnuigh uam mo chos.

37 Lean mi mo naimhd' is ann ſan ruaig
orra do rug gu cas:
Is ach gur chlaoidheadh iad gu leir
nior phillios fein air m'ais.

38 Gun chomas eirghe lot mi iad,
do thuit ſiad fuidh mo chois.

39 Le neart chum cath' do chrios tu mi:
na dh'eirigh rium leag thus'.

40 Air mhuineal thug tu dhamh mo nàmh:
luchd m'fhuath gu claoidheadh me.

41 Ghlaodh ſiad, 's d'am furtachd ni raibh
re Dia, 's nior fhreagair ſe. [neach:

42 Amhluidh mar dhùs ag dol le gaoith,
gu mion do phronn mi iad:
Do thilg mi iad amach a rìs
mar chlàbar air an t ſràid.

43 O ſtribh nan daoine ſhaor tu mi,
rinn ceann nam fineach dhiom:
Na daoine riamh nach b'aithne dhamh
re ſeirbhis dhamh do chùm.

44 Air cluinntin dhoibh-ſin iomraidh orm,
geillſidh ſiad dhamh gun ſtad:
Do ni dhamh coigrigh mar an ceadn'
an iſliugh' fein air fad.

45 Làin-ſeargaidh is duibh-chrionaidh as,
iarmad nan allmharach;

Ag teachd le h eagal 's ùamhunn mhòr
o'n garadh fein amach.
46 Dia beo ata, beannuight' gu raibh
mo charraig fein gu bràth:
Is Dia mo ſhlàinte bitheadh ſe
air àrdughadh do ghnàth.
47 Mo dhioghaltas, 'smo leaſachadh
'se Dia do bheir amach:
'Se fòs a chuireas fuidh mo ſmachd
na ſlòigh gu h iomadach.
48 'Se dh'fhuaſglas o mo naimhdibh mi,
's tu thog mi thar gach neach
A dh'eirigh rium; is thug mi ſaor
o fhear na h ea-corach.
49 A' meaſg nan Geintleach uime ſin
do bheiream dhuit', a Dhe,
Mòr-bhuidheachas do t ainmſe fòs
àrd-mholadh ſeinnidh me.
50 Do bheir ſe fuaſgladh mòr d'a Righ:
le pailteas ni ſe gràs,
Air Daibhidh, neach do ungadh leis,
is air a ſhliochd gu bràth.

## SALM XIX.

GLòir Dhe do fhoillſighionn na neamh':
's na ſpeura gniomh a làmh.
2 'Ta la ag deanamh ſgeil do la,
is oidhche dh'oidhch' gun tàmh
Ag teagaſg eòlais, anns gach àit'.
3 oir ni bhuil ionad ann,

No

No caint, no uirghioll fòs air bith,
nach cual an guth gach am.

4 Chuaidh 'n lin' air feadh gach tir' amach
am focal chuaidh ann cein
Gu crich na cruinne, chuir se ionnt'
buan-phàilliun àrd do'n ghrein:
5 Neach 'ta mar nuadh fhear-pòsta teachd
o sheòmra fein amach,
'Ta ait, mar ghaisgeach treun ag ruidh
coimh-liong' gu togarach.

6 Ag dol amach o chrich nan speur,
m'an cuairt g'an crich do ghnà':
'Sni 'm foluighear o theas na grein
aon ni san chruinne 'ta.
7 Is iomlan lagh Jehobhah mhòir,
an t anam iompoigh' se:
Teisteas an Tighearn' 'ta se dearbh,
do'n t simpligh glic do ni.

8 'Ta statuin fòs an Tighearn' ceart,
'g cur aoibhneis anns a' chroidh':
Glan-àitheanta De ag soillseachadh,
nan sùl nach maith do chi.
9 Eagal an Tighearn' fior-ghlan e,
buan-mhaireachduin do ghnà':
Fior agus comh-thromach air fad,
a bhreitheamhnais ata.

10 Is fearr re'n iarraidh iad na'n tòr,
an tòr a's fearr air bith:
Ni 's millse na an mhil ataid,
no cior mheala r'a hith.

11 Ag faghail rabhaidh fòs, ata
do ſhearbhant' uath' do ghnà',
Is ann nan coimhead cùramach
mòr-thuaraſdal ata.

12 Cia thuigeas chean' a ſheachrain fein!
glan o lochd diomhair me.
13 O pheacaibh dànadais air ais
cum t òglach fein a Dhe;
Na bitheadh ac' àird-cheannas orm:
ann ſin bim treibh-dhireach,
Agus on' pheacadh mhòr do bhim,
fior ionraic neimh-chiontach.

14 O Dhia mo neart, 's mo ſhlànuigheoir,
ann deagh-thoil gabh uam fein
Na ſmuainteagh' 'ta a'm' chroidh' a ſtigh,
is briathra glan mo bheil.

## SALM XX.

GU freagradh Dia thu ann an la
do thriobloid, is do phein,
Gu deanadh ainm De Jacob fòs
do ſhior-choimhead ann t fheim.
2 Gu cuireadh chugad comaradh
tràth, as a theampull naomh':
Is deanadh ſe do neartachadh
as Sion fein gu caomh.

3 Cuimhnigheadh ſe gu gràſ-mhor dhuit
t uil' ofrala gu grad,
Is gabhadh ſe gu tairneach uait
t iobarta loiſgt' air fad.

4 Do

4 Do reir deagh-rùin do chroidhe fein
tiùbhradh ſe dhuit gu maith,
Coimh-lionadh ſe gach comhairle
'ta ann do chroidh' a ſtigh.

5 Do ni ſinn aoibhneas ann do ſhlàint',
is ann an ainm air Diainn
Suas togbhaidh ſinn ar brataichean:
Dia dheònagh' t uile mhiann.

6 'Nois 's fiofrach mi gu teaſairg ſe
an ti do ungadh leis:
Is le neart-ſaoruidh deaſ-laimh De,
O neamh do eiſdear ris.

7 'Ta cuid ag earbs' a carbadaibh,
is cuid a heachaibh àrd':
Ach ainm Jehobhah chean' ar Dia
cuimhnighidh ſinn ſgach àit'.

8 Dh' iſligheadh iad, is thuit iad ſios:
ach dh'eirigh ſinn is ſheas.

9 Dhia, fòir, is eiſdeadh ruinn an Righ
tràth ni ſinn gearan ris.

## SALM XXI.

A' Mead do nearts' a Dhe nan dùl,
biaidh aoibhneas air an Righ:
Is ann do ſhlàinte thròcairich
sòlais cia mead do ni?

2 Làin-mhiann is rùn a chroidhe fein
do thug tu dh'a gu ſeth:
Aon ath-chuinge do iarr a bheul
nior dhearnas air a cleith.

3 Oir beannughadh a' mhaitheis mhòir
fin thugas dh'a gu moch:
Is chuir tu coroin àrd m'a cheann
do'n òr a's deirge dreach.
4 Do iarr se ortsa beatha bhuan,
fin thug tu dh'a gu fior:
Do thug tu fineadh saoghail dh'a,
do chum bhith beo gu fior.
5 Do thaoibh na flàinte thug tu dh'a
is mòr a ghlòir gach am:
Ard-onoir agus mòrdhalachd
do chuir tu air a cheann.
6 Oir rinneadh leat roi-bheannuight' e
air feadh gach re gu beachd:
Is rinn tu e làn-aoibhneach fòs
le d' ghnùis ann tròcaireachd.
7 Oir ann an Dia Jehobhah mòr
earbaidh an Righ do ghnàth:
Trid tròcair fòs an ti a's àird',
ni 'n gluaisfear e gu bràth.
8 Aimsidh do ghlac air t uile nàmh:
air t easg-car do làmh dheas.
9 Mar àmhuinn theinteich ni tu iad
ann aimsir t fheirg' d'an sgrios':
'Na chorruigh mhòir ni Dia gu fior,
an flugadh fios air fad,
Is nithear orra milleadh fòs
le teine mòr gu grad.
10 An toradh sgriosfuidh tu o'n tir,
's an siol o dhaoinibh as.

11 Oir

11 Oir chum ſiad chugad feall: 's do dhealbh
olc gràndh', nach d'fhead' cur leis:
12 Is uime ſin le d' ſhaighdibh gleuſt'
air ſreing re'n aghaidh sùd,
Bheir orr' air 'n ais gu rachadar,
's gu pilleadar air cùl.
13 Arduigh thu fein, a'd' cumhachdaibh,
a Thighearna nam feart:
Mar ſin ſior-chanfaidh ſinn do chliu,
is molfaidh ſinn do neart.

## SALM XXII.

MO Dhia, mo Dhia, creud mi far threig?
le t fhurtachd uam ann cein,
O bhriathraibh goirt mo bhùiridh àird
gun fhuaſgladh orm a'm' fheim?
2 Mo Dhia, nior thug tu freagradh dhamh,
ſan la do ghairmeas ort;
An uair bu chòir dhamh tàmh ſan oidhch',
ni bhuilim fein a'm' thoſd.
3 Ach thuſa chean' 'ta ſior-ghlan naomh',
a Dhe oiſ-cionn gach ſgeil,
A'd' chomhnuidh ann ſan àros ſin,
am bhuil cliu Iſraeil.
4 Do rinn ar ſinnſir dhiotſa bun:
is-ſhaor tu iad mar dh'earb.
5 Do ghlaodh ſiad riut, is ſhaoradh iad:
dh'earb riut, gun aghaidh dhearg.
6 Ach miſe fòs cho duin', ach cnuimh:
gràin daoin', is tàir nan ſlògh.

7 Cùis crathaidh cinn, is caſaidh beil,
ſpòrs' do na chi mo dhòigh.
8 Ag ràdh, do rinn ſe bun a Dia,
chum fuaſgladh air 'n a fheim:
'Nois deanadh ſe a theaſairgin,
o thug ſe toil dh'a fein.

9 Ach 's tus' an ti do bhuin amach
a broinn mo mhàthar mi;
Is tu bu bharrant' dòchais damh,
'n tràth air a' chich do bhim.
10 O'n bhroinn do thilgeadh ortſa mi,
air bhith dhamh òg is maoth;
O thaìnig's as a' bholg amach
is tu mo Dhia ro-chaomh.

11 A Dhe na bioſa fada uam,
oir 's dlùth dhamh triobloid theann;
'S gun agam neach do m' chuideachadh
no urra chuireas leam.
12 Do chuartuigh umam mòran tarbh
a'm' thimchioll air gach laimh:
D'iadh umam tairbh ro-laidir bhorb
am Bàſan bhi nan tàmh.

13 Gu fairſing dh'fhoſgail fiad am beul,
mar leòmhan àllta garg;
Ag tabhairt ſithidh reubaidh orm
le bùireadh fiadhaigh borb.
14 Mar uiſge dhoirteadh mis' amach,
mo chnàmhan ſgàint' o cheil':
Mo chroidh' a'm' chom an taobh a ſtigh,
air leaghadh 'ta mar cheir.

15 Air

15 Air tiormachadh mar phota criadh'
ata mo neart a Dhe;
Mo theang' air leanmhuin re mo ghiall;
gu h ùir bhàis thug tu me.
16 Oir d'iadh ſiad umam madraidh gharg,
bhuail umam thall 's a bhos
Mòr-bhuidheann luchd na h aingidheachd;
lot ſiad mo làmh 's mo chos.
17 Mo chnàmhan uile feadfuidh mi
an àireamh leith air leith:
Gu geur ataid ag amharc orm
ag dearcadh orm gu ſeth.
18 Mo thruſcan eatorra do roinn,
croinn chuir ſiad air mo bhrot.
19 Ach fad o m' chobhair Dhia mo neart
na fan, ach deifrigh ort.
20 Do m'anam tabhair fuaſgladh deas
on' chloidheamh ſgaiteach gheur:
Is m'aon-ghradh caomh gu ſaorthar leat,
o neart na' madradh treun.
21 O bheul nan leòmhan laidir borb
Dhe fuaſgail orm gun ſtad:
O adharcaibh nam buabhull treun;
oir chual tu mi gu grad.
22 Do m' bhràthraibh cuiream tainms' ann
ſan eireachd molfam thu. [ceill:
23 Shiol Jacob, 's a luchd eagail De,
glòir thugaibh dh'a is cliu:
Oirbhs' Iarmad Iſraeil air fad
biodh eagalſan gu mòr.

24 Oir

24 Oir tarcuis riamh cho d'rinn air bochd,
's nior ghabh se gràin d'a leòn:
Nior fholaigh air, 's nior cheil a ghnùis
d'a threigsin ann a theinn,
Tràth rinn se glaodh is gearan ris,
thug eisdeachd dh'a gu binn.
25 'S ann ortsa bhios mo mholadh àrd
san eireachdas a Dhe:
Mo mhòid do iocsam fòs ann làth'r,
na droing' d'an eagal e.
26 Na daoine sin macant' a'ta
ithid is gheibh an sàth:
Na dh'iarras Dia àrd-mholaid e;
bhuir croidh' biaidh beo gu bràth.
27 Pillsidh re Dia gach iomall tir',
ag cuimhniugh' air fa leith:
Is sluagh nam fineacha gu leir
dhuit geillsidh siad gu seth.
28 Ar-son gur le Jehobhah mòr
an rioghachd le còir cheart:
'Sa' measg nam fineachan air sad
aig' uachdranachd is neart.
29 Na daoine reamhar anns gach tir,
ithid is geillsid dh'a:
Dh'a cromaidh sios na theid san uaigh,
cho chum neach anam beo.
30 Thig sliochd is seirbhis nid do Dhia,
dh'a measar iad mar linn.
31 Innsid a cheart do'n àl re teachd,
gur b'eisin sùd do rinn.

SALM

IS e Dia fein a's buachaill dhamh,
cho bhi mi ann an dith.
2 Bheir ſe fainear gu luidhinn ſios
air cluanaibh glas le ſith:
Is fòs re taoibh nan aimhnichean
theid ſeachad ſios gu mall,
Ata ſe ga mo threòruġhadh
gu min reidh anns gach ball
3 'Ta 'g aiſeag m'anam' dhamh air ais:
is treòrachadh mo cheim
Air ſlighibh glan na fireantachd,
air ſgàth dheagh-ainme fein.
4 Seadh fòs a chean' d'an gluaisfinn trid
ghleann dorcha ſgàil' a' bhàis,
Aon olc no urchoid do theachd orm
ni h eagal leam 's ni 'n càs:
Ar-ſon gu bhuil tu leam do ghnàth,
do lorg, 's do bhata treun,
Ataid ag tabḥairt comh-fhurtachd
is fuaſglaidh dhamh a'm' fheim.
5 Dhamh dheaſuigh's bòrd air beul mo nàmh:
le h òla dh'ung mo cheann,
Cur thairis 'ta mo chopan fòs
ag mead an làin a't'ann.
6 Ach leanaidh maith is tròcair rium
an cian a bhios mi beo:
Is comhnuigheam ann àros De,
air fad mo re 's mo lo.

SALM

'S Le Dia an talamh, is a làn:
an domhan, 's na bhuil ann.
2 Oir shocruigh se air cuantaibh e,
air sruthaibh leag gu teann.
3 Cia e am fear a rachas suas
gu tulaich naomhtha De?
Is ann a ionad naomhtha-san,
cia sheasas ann gu reidh?

4 An ti 'g am bhuil na làmhan glan,
is croidhe neimh-chiontach;
Anam nior thog re diomhaoineas,
's nior lùgh mionn' ioganach.
5 An ti sin beannughadh o Dhia
do gheibheann se gu pailt,
Is ionracas faraon o'n Dia
's bun slàinte dh'a 'n a airc.

6 'S i sin a' ghinealach 's an dream
a dh'iarras e gu mòr:
'Ta 'g iarraidh t aghaidh is do ghnùis,
o Jacob, mar is còir.
7 O gheataidh, togaibh suas ar cinn,
is eirghibh chean' ann àird',
A dhoirse siorruidh; Righ na glòir'
gu tigeadh se g'a àit'.

8 Cia e sin fein Aird-Righ na glòir'?
an Tighearn' laidir treun,
Jehobhah neart-mhor cruaidh ann cath
bheir buaidh àmach dh'a fein.
9 A gheataidh, togaibh suas air cinn,
is eirghibh chean' ann àird'

O dhoirse

O dhoirſe ſiorruidh: Righ nà glòir'
gu tigeadh ſe g'a àit'.
10 Cia e ſin fein Aird-Righ na glòir'?
Jehobhah mòr nan ſlògh,
Se fein is Righ na glòir a't'ann,
gun choi'-meas idir dh'a.

## SALM XXV.

DHia, togbham m'anam riutſa ſuas.
2 mo Dhia, mo mhuinghin dheas,
Do m'ionnſuidh na leig àdhbhar nàir':
do m'eaſ-car gàirdeachas.
3 Fuidh nàir' is mhaſladh na leig neach
d'an gnàth bhith feitheamh ort:
Ach nàire gu raibh air an dream
do ni gun àdhbhar lochd.
4 Foillſigh do ròdſa dhamh a Dhe;
a'd' ſhlighe teagaiſg me:
5 Is treòruigh mi a't fhirinn ghloin,
's mo theagaſg dean a Dhe:
Oir 's tu a's Tighearn' ann gu dearbh,
's tu ſlàinte dhamh do ghnà',
Is ort ataim ag feitheamh fòs
le foighid mhòir gach la.
6 Cuimhnigh, a Dhe, do thròcair chaomh,
do chaoimhneas làn do ghradh:
O chian nan cian do bhi ſiad ann,
ſan aimſir fad o'n la.
7 Na cuimhnigh peacaidh m'òige dhamh;
's na lochda do rinn me:

A reir

A reir do thròcair cuimhnigh orm,
air ſgàth do ghràis, a Dhe.
8 Is maith 's is direach Dia nan dùl:
is air an àdhbhar òd
Do dheanann ſe na peacaich thruagh
a theagaſg ann ſan ròd.
9 Treòruighidh ſe na daoine ciuin
am bhreitheamhnas gu ceart:
'S na daoine mine teagaiſgidh
'na ſhlighe Dia nam feart.
10 An tròcair is an fhirinn reidh
sùd ſligh' ar Dia ſgach ball;
Do'n dröing a chumas gealladh ris,
's nach leig a theiſt air chall.
11 Sgàth tainmſe, logh mo chionta fòs,
oir 'ta sùd mòr, a Dhe.
12 Cia 'm fear d'an eagal Dia? San ròd
's ion-roghnuidh ſeòluidh ſe.
13 Ann ſeaſgaireachd ni anam tàmh,
's le ſhliochd le ceart an tir.
14 'Ta rùn an Tighearn' ag an dream
d'an eagal e gu fior:
Is nithear leis a chùmhnant fòs
fhoillſeachadh dhoibh gu ceart.
15 Ataid mo ſhùile fein do ghnàth
re Tighearna nam feart:
Ar-ſon gu ſpionaidh ſe mo chos
gu h aith-ghearr as an rib.
16 Pill chugam, is dean tròcair orm:
a'm' aonar 'taim, 's fuidh dhrip.

17 'Ta

17 'Ta teinn mo chroidh' ag dol a' mead:
saor mi o m'amhghar geur.
18 Feuch air mo phein, is m'an-shocair,
's mo pheacaidh logh gu leir.

19 Mo naimhde guineach toir fainear:
oir 'ta siad lion-mhor ann,
Fuath nimhneach agus mio-runach
'ta aca dhamh nach gann.
20 Dhia coimhid m'anam, 's furtaigh orm:
na leig fuidh nàire mi,
Mo dhòchas uile leagas ort,
ar-son gur tu mo Righ.

21 'Nois deanadh ionracas is còir
mo dhion: 's mi feitheamh ort.
22 Dhia, fuasgail air cloinn Israeil,
o'n uile amhghar goirt.

## SALM XXVI.

TAbhair orm breith, a Dhia nan dùl,
a'm' neimh-chiont' ghluaiseas fein:
O rinn mi dòchas maith a Dia,
cho sleamhnuigh uam mo cheim.
2 Dhia, fionn mo chroidh', is m'àirne fòs,
fidir is ceasnuigh me.
3 Oir dearcam air do chaoimhneas gràidh:
a' t fhirinn ghluais mi Dhe.

4 Le cuideachd dhiomhaoin riamh nior shuidh,
cho siùbhlam le luchd-saoibh.
5 Is beag orm coimh-thional an uilc:
's cho suidh mi le baothaibh.

6 Ann

6 Ann neimh-chiont' glanaidh mi mo làmh:
is cuartuigh'm t altair, Dhe.
7 Gu foills'ghinn le guth molaidh àird,
do mhiorbhuile gu leir.
8 Comhnuidh do theachs' is ionmhuin leam,
a Tighearn' is a Dhe,
Gnàth-àite bunaidh t onorach
is leam roi-ionmhuin e.
9 Le peacachaibh, luchd deant' an uilc,
na cruinnigh m'anam bochd,
Na cuir mo bheath' nan cuideachd sùd
'ta fuileachtach gu lochd.
10 'G am bhuil an donas mòr nan glaic:
làn brìbin an làmh dheas.
11 Ach gluaiſeams' ann mo neimh chiont'
a'd' thròcair ſaorſa mis. [fein,
12 'Na ſeaſamh 'ta mo chos gu beachd
air ionad comhnard reidh:
Is ann an coimh-thional nan naomh,
beannuigheam thus' a Dhe.

## S A L M XXVII.

'SE Dia mo ſholus, is mo ſhlàint',
cia chuireas eagal orm?
'S e neart mo bheatha Dia nan dùl,
cia chuireas fait'gheas fùm?
2 Mo naimhde, m'eaſ-cairde, luchd-uilc,
trà' thainig orm gu bras,
Gu gionach dh'itheadh m'fheòla ſuas;
fhuair tuiſleadh, thuit gu cas.

3 ſluagh

3 Sluagh nàmhad ge do theifdeadh mi,
ni h eagal le mo chroidh':
D'an eirgheadh cogadh m' aghaidh fòs,
as fo mo bhun do ni.
4 Aon ni do mhiannuigh mi o Dhia,
gu minig iarram e:
Do bhith a'm' chomhnuidh feadh mo la
ann tigh 's ann àros De;
Do chum gu faicinn fein gu glan
maife Jehobhah mhòir,
Gu fiofruighinn 's gu fuighinn fgeul,
'na theampull mar is còir.
5 Oir ni 'm' fholach 'n am na h airc'
'na phubull: dion do ni
Ann diomhaireachd a phàilliuin dhamh,
air charraig focruionn mi.
6 Oif-cionn mo naimhde 'ta fa m' chuairt
'nois togbhar fuas mo cheann:
Glan iobairt aoibhneis uime fin
g'a phubull bheirthear leam:
Is feinnidh mi gu togarach,
feadh, canfam fòs gu binn
Ceòl agus moladh àrd do Dhia
air feadh mo re 's mo linn.
7 Le guth mo bheil tràth eigheam riut,
toir eifdeachd dhamh, a Dhe:
Le iochd dean tròcair orm is fòir,
gu gràf-mhor freagair me.
8 Iarr m' aghaidh, 'n uair a dubhrais rium,
a dubhairt m'anam leat,

T aghaidh,

Taghaidh, agus do ghnùis, a Dhe,
ſin iarram fein gu h ait.
9 Na folaigh uam do ghnùis, am feirg
na dibir t òglach fein :
'S tu chuidigh leam, a Dhe mo ſhlàint',
na fàgſa mi 's na treig.
10 Trà' threigeas m'athair mi gu tur,
's mo mhàthair fòs faraon,
Do ni an Tighearn' ann an ſin
mo thogbhail ſuas gu caoin.
11 Dhia, teagaiſg dhamh do ſhlighe fein :
is treòruigh mis' a Dhe,
Fa chùis mo naimhde mio-runach,
air caſan direach reidh.
12 Do mhio-run m'caſ-cairde roi-gheur
na tabhair thairis dhamh :
Oir dh'eirigh rium luchd fiadhnais bhreig
is dream a bhruchdas nimh.
13 Rachadh mo mhiſneach uil' air cùl,
mun' creidfinn maitheas De,
Gu faicfinn ſin ann tir nam beo
do m' fhuaſgladh ann am fheim.
14 Fuirigh gu foighidneach re Dia,
glac chugad miſneach mhòr,
Is bheir ſe ſpionnadh croidhe dhuit :
fuirigh re Dia na glòir.

## SALM XXVIII.

A Dhia mo charraig, eigheam riut,
a'd' thoſd na bioſa uam :

D'egal

D'eagal le d' thoſd, gur coſmhuil mi
re daoinibh theid ſan uaigh.
2 Guth m' ath-chuinge tràth eigheam riut,
eiſd thus' ann ſin a Dhe:
Trà' thogbhas mi mo làmhan ſuas
gu d' theampull naomhtha fein.
3 Le luchd an uilc 's na hea-corach,
na tarruing mi gu bràth:
Le'n coimhearſnach a labhras ſith,
ach olc nan croidh' ata.
4 A reir an oibre, tabhair dhoibh,
do reir an rùin chum lochd:
Is cùitigh riu droch ghiomh an làmh,
amhluidh mar thoill ſiad ort.
5 Do bhrigh nach tuig ſiad oibridh De,
no gniomh a laimhe fòs,
Do ni ſe milleadh orr' is claoidh',
's cho dean an togbhail ſuas.
6 Ar-ſon guth m' ath-chuinge gu d'eiſd,
mòir-bheannuight' gu raibh Dia.
7 Do chuir mo chroidh' a dhòchas ann,
's e Dia mo neart 's mo ſgiath.
Ataim ag faghail cuideagh' uaidh':
mar ſin ann dòchas, ait
Ata mo chroidh'; 's le m'oran binn
ſior-mholfam e gu pailt.
8 Se Dia is neart, 's is treiſe dhoibh,
oir 'ta ſe fein gu deas
'Na neart, 's 'na ſpionnadh ſlàn'uidh dlùth
do'n ti do ungadh leis.

9 Dhia

9 Dhia furtaigh air do phobull caomh,
is beannuigh t oighreachd fein,
Dhoibh tabhair beath' is teachd ann tir,
tog iad am feafd' a Dhe.

## SALM XXIX.

THugaibh a laochraidh laidir threun,
do Thighearna nam feart,
Thugaibh do'n Thighearn' ùd faraon
glòir, urram agus neart.
2 A' ghlòir a's cubhaidh fòs d'a ainm,
fin thugaibh do'n Dia threun:
Sleachdaibh do'n 'Tighearna faraon
a' mais' a naomhthachd fein.

3 'Ta guth Dhe air na h uifgeachaibh:
is fòs ni Dia na glòir'
Ard-thairneanach, is fuidhidh fe
air uifgibh laidir mòr.
4 'Ta guth an Tighearna gu beachd
mòr-chumhachdach is treun:
'Ta guth an Tighearna faraon
làn mòrdhalachd ann fein.

5 Brisfidh an Tighearna le ghuth
na Cedair a'ta fàs:
Is brisfear Cedair Lebanoin
le ghuth-fan ag a chruas.
6 Do bheir fe orra leim gu clift'
amhluidh mar ghamhuin bò:
Sliabh Sirion is Lebanon
mar bhuabhull meargant'òg.

7 Sgoilt

7 Sgoiltidh guth Dhe na dealanaigh.
8 am fàsach crathaidh se:
Is di-threabh Chadeis mar an ceadn'
's e Dia a chrathas e.
9 Do bheir guth Dhe air aighibh àllt'
grad-sgarachdain r'an laogh;
Is lomaidh sùd na coillte dlùth
ag rùsgadh bharr nan craobh:
Is ann a theampull naomhtha-san,
cuirfidh gach neach ann ceill
Glòir agus onoir mhòr ar Dia;
'g a mholadh-san d'a reir.
10 'Ta Dia 'na chomhnuidh air an tuil:
's 'na shuidh' am feasd' 'na Righ.
11 Bheir Dia d'a phobull neart: is bheir
dhoibh beannughadh le sith..

## SALM XXX.

DHia, àrduigh'm thu, o thogbhas mi,
gàir' m'easg-cair nach d'rinn diom.
A Dhia mo Thighearn', ghlaodh mi riut,
is d'fhurtaigh orm gu dian.
Do thogbhadh m'anam leats' a Dhe,
glan as an uaigh ainios:
s choimhdeas mi gu sàbhailt' beo,
do'n tsloc nach rachuinn sios.
Do'n Tighearn' àrd gu ceòl-mhor binn
seinnibh a naomh-shluagh fein,
.e cuimhniugh' air a naomhthachd-san
sgaoilibh a chliu ann cein.

5 Oir fhearg ni mair ach mionoid bheag;
'na dheagh ghean beatha 'ta:
Trà' feaſgair ge gu raibh am bròn,
chluinnt' aoibhneas teachd an la.

6 A'm' ſhocair dubhairt mi mar ſo,
cho ghluaisfear mis' am feaſd'.

7 Le d' thròcair thug tu air mo chnoc
gu daingean ſuas gur ſheas:
A Dhe do cheil tu orm do ghnùis,
chuir ſin gu triobloid mi.

8 Dhia, riut do ghlaodh: is rinn re Dia
mo ghearan is mo chaoi'.

9 Creud i an tairbh' a'm' fhuilſe 'ta,
taireis mo chur ſan uaigh?
A' molfar thuſa leis an ùir?
an toir air t fhirinn luadh?

10 Eiſd rium anois, a Dhia nan dùl,
dean tròcair orm is gràs:
Is bioſa Dhe t fhear-cuid'idh leam
trà' tharlas dhamh bhith 'n sàs.

11 Mo bhròn gu damhſa chaochlais damh
is m'eadach ſaic a chean'
Dò ſgaoilis dhiom, is chrioſruis mi
le h aoibhneas gàir' is gean.

12 Mo ghlòir gu ſeinneadh dhuitſe cliu,
gun idir bhith 'na toſd:
Mo Thighearn' Dhia, do bheiream dhuit
mòr-bhuidheachas am feaſd'.

SALM

A Sads', a Dhe, do dheanam bun;
nàir' orm na leig am feasd':
Dean fuasgladh dhamh a' tionracas
o thriobloid is o cheist.
2 Do chluas do m'ionnsuidh crom anuas,
is furtaigh orm gu dian:
Do charraig tuinnidh' biosa dhamh,
tigh-tearmuinn chum mo dhion.
3 O's tu a's carraig dhileas dhamh
's mo dhaingneach laidir treun,
Air 'n àdhbhar sin sgàth tainms' a Dhe,
treòruigh, is stiuir mo cheim.
4 Saor as an rib a dh'fholuigh siad
buin mis' amach a Dhe:
Ar-son gur tus' an ti amhàin
a's neart 's a's treòir dhamh fhein.
5 A'd' laimhs' amhàin a Dhia nan dùl
mo spiorad tiomnam suas:
A Dhia na firinn is mo Thriath,
's tu dh'fhuasgail air mo chruas.
6 Is fuath leam iad do bheir fainear
na breuga diomhaoineach:
Ach dòchas ann an Dia nan gràs
chuir mi gu muinghineach.
7 A'd' thròcair bim gu h aoibhneach ait:
oir thug tu Dhe fainear
Mo thriobloid; 's m'anam ann an teinn
do bhi tu fiosrach air.
8 Nior dhearnadh leat mo dhruideadh suas
ann laimh an nàmhaid threin:

Ann àite fairſing ſhocruigh tu
mo choſan is mo cheim.

9 O 'taim a Dhia ann triobloid mhòir,
dean tròcair orm gu cas:
Mo ſhùile, m'anam, is mo bholg
le bròn air ſeargadh as.
10 Oir chloidheadh m'anam as le bròn,
's mo bhliadhnaidh fòs le caoidh':
Do bhrigh mo lochd chuaidh as do m' neart,
mo chnàmhan air an claoidh'.
11 Mar àdhbhar fanoid bhitheam fòs
do m' eaſ-cairdibh gu leir,
Gu h àirid do mo choimhearſnaibh
mar mhaſladh bhitheam fein,
Is do luchd m'eòlais fòs ataim
a'm' àdhbhar geilt is fuath:
Gach neach do chi mi air an t ſràid,
ag teicheadh uam gu luath.
12 Mar dhuine marbh air dol a cuimhn';
mar ſhoitheach briſte mi.
13 Oir chualas toibheim mòrain dhaoin';
eagal gach taobh do bhi:
A'm' aghaidh 'n uair do chruinnigh iad
dhealbh ſiad mo bheatha ſgrios.
14 Ach dhiots' a Dhe, do rinn mi bun;
is tu mo Dhia deir mis'.
15 'Taid m'aimſiridh a'd' laimhs' a Dhe:
orm furtaigh agus fòir
O laimh mo naimhde, is o'n dream
'ta leanmhuin orm ann tòir.

16 Do

16 Do ghnùis is t aghaidh dealraigheadh
air t òglach dileas fein:
Air ſgàth do ghràſa carthannach,
mo ſhaoradh dean gu treun.

17 Na leig fuidh nàire mhaſlaidh mi,
oir Dhia do ghairmeas ort:
Biodh nàir' air uile luchd an uilc;
ſan uaigh gu raibh nan toſd.

18 Cuir beil nam breug a Dhe nan tàmh:
labhras gu h àrdanach,
'N aghaidh nam firean ſpreigeadh cruaidh
gu ſpideil tailceaſach.

19 Cia mead do mhaith do thaiſg tu dhoibh,
d'an eagal thu faraon.
'S do rinn tu do na dh'earbas riut,
am fiadhnais chloinn nan daoin'!

20 O àilghios dhaoine ni tu 'n dion,
fuidh dhiomhaireachd do ghnùis;
'S am pàilliun fòs o ſtribh nan teang',
ni didean dhoibh nan cùis.

21 Dia gu ma beannuight' e gu bràth:
oir dh'fhoillſigh ſe dhamh fein
A chaoimhneas càirdeil iongantach,
ann cathair laidir threin.

22 A'm' dheifir dubhras, ſcaitht' ataim
o bheachd do ſhùl amach:
Ach chual' tu 'n uair do ghlaodh mi riut,
guth m'aſluigh ghearanaigh.

23 Gràdhuighibh Dia, O naoimh, air fad:
oir Dia do'n treibh-dhireach

Do ni ſe dion, is diol gu pailt
do'n uaibhreach àilghioſach.
24 Sibhſe do chuir ann Dia nan gràs
bhur dòchas mar is còir,
Bibh meiſneachail, is cuirfidh ſe
neart ann bhur croidh' is treòir.

## SALM XXXII.

'S Beannuight' an duine ſin a fhuair
'na pheacadh maitheamhnas,
Is fhuair le tròcair folach air
a chiont' is eaſ-aontas.
2 'S beannuight' an ti nach agair Dia
'na ſheachranaibh ni 's mò,
Is ann a ſpiorad fòs nach bhuil
claoin chealgoireachd no gò.
3 Ag fantain dhamh gu fad a'm' thàmh,
luidh air mo chnàmhaibh aois
Gach la mar ſin do bhi mo chor,
le dol do m' bhùireadh ſuas.
4 Oir orm do bhi do làmh gu trom,
re feadh gach oidhch' is la:
Mo bhriogh gu tart an t ſamhraidh theith
air atharrach' ata.
5 Làn-fhoillſigh mi mo pheacadh dhuit,
nior cheileas m'aingidheachd:
A dubhras aidmheam ſin do Dhia,
is mhaith tu cron mo lochd.
6 So fàth m'an guidheann riut gach naomh,
ſan am am fuighear thu:

Gu

Gu dearbh ann tuil' nan uiſgeach mòr
cho ruig ſiad air gu dlù'.
7 'Ta thuſa tionad foluigh dhamh,
ni coimhead orm o theinn:
Is nitheàr leat mo chuartughadh
le h oran ſaoirſe binn.
8 Fir-theagaiſgeam is mùinfeam dhuit,
am bealach is an tiùl
Ann d'thigeadh dhuitſe triall gu ceart:
'nois ſeòlam dhuit le m' ſhùil.
9 Na bibh mar mhuileat, no mar each,
na hainmhighidh gun cheill:
Re 'n cuirthear chum nach tiocfaid ort,
teann-ſparrag ſrein nam beul.
10 Is lion mhor bròn ag luchd an uilc:
ach neach d'am barrant' Dia,
Ta thròcair dol m'a thimchioll-ſan
d'a dhidean mar ni ſgiath.
11 A dhaoine treibh-dhireach, ann Dia
bibh aoibhneach agus ait:
Is deanaibh gàirdeachas, gach neach
'g am bhuil an croidhe ceart.

## SALM XXXIII.

O Sibhſe 'ta 'n ar fireanaibh
biodh aiteas oirbh ann Dia:
Oir 's cubhaidh do na daoinibh còir
bhi tabhairt cliu do'n Triath.
2 Air clàirſigh thugaibh moladh dh'a:
is air an tſaltuir ghrinn,

Air inneal ciuil nan teuda deich
seinnibh do Dhia gu binn.

3 Is canaibh dho-san oran nuadh:
àird-seinnibh fonn gun stad.
4 Oir 's ceart a reachd; am firinn fòs
'ta oibridh deant' air fad.
5 Is ionmhuin leisin còir is ceart:
lion maitheas De gach tir.
6 Rinn focal De na neamh', san sluagh,
rinn guth a bheil gu leir.

7 Mar thorr ata se carnadh suas,
uisge na fairge mòir:
Ag coimhead fòs na doimhne suas,
gu dileas ann tigh stòir.
8 'Nois roimh an Tighearna gu mòr
biodh eagal air gach tir;
Is air na dh'àitigheas an saogh'l
biodh ogluigheachd gu leir.

9 Oir labhair Dia, is rinneadh e:
dh'orduigh, is chuir air chois.
10 Chuir comhairle nan sluagh air cùl:
is innleachd dhaoin' air ais.
11 'Ta comhairle Jehobhah mhòir
gu seasmhach buan am feasd';
Smuaintidh a chroidhe mar an ceadn'
o linn gu linn gun cheist.

12 'S beannuight' am fine sin 'g am bhuil,
mar Dhia Jehobhah treun:
'S am pobull fòs do roghnuidh se
mar oighreachd bhuain dh'a fein.

13 Air

13 Air chloinn nan daoine feallaidh Dia,
o neamh nan ſpeur anuas.
14 'S leir dh'a gach neach fa' chruinne-che
o ionad comhnuidh ſhuas.
15 An croidh' air aon-dòigh chumadh leis:
do thug fainear an gniomh.
16 Cho tearuinn Righ le mead a ſluaigh:
do'n laoch neart mòr cho dion.
17 An t each ann comhrag diomhaoin e
do dheanamh furtachd leis;
No dheanamh fuaſglaidh re am feim,
ge mòr a lùth 'sa threis'.
18 Feuch, sùilean De gu furachair
air a luchd eagail fein,
Is air an droing ſin as a ghràs
ni muinighin gu treun:
19 An anam chum a dhion o'n bhàs,
's o'n ghort an cunbhail beo.
20 Ar n anam feithidh ſe air Dia:
ar neart, 's ar ſgiath gach lò.
21 Oir ann-ſan ni ar croidh' a ſtigh
ùr-ghàirdeachas gun dì':
Oir ann a ainm ro-uſal naomh'
ar muinighin do bhi.
22 Do thròcair gu raibh oirn' gu caomh
a Thighearna gach la,
Do reir mar chuir ſinn ionnad fein
ar dòchas treun do ghnà'.

JEhobhah beannuigheam gu hàrd
gach aimsir is gach tràth :
A chliu 's a mholadh ann mo bheul
gu h iom-raiteach do ghnàth.
2 Is ann san Tighearna roi-threun
ni m'anam uaill a chean';
Trà' chluinnid sùd na daoine seimh
biaidh aoibhneas orr' is gean.
3 Mòr-mholaibh leamsa Dia nam feart
ainm àrduighmid le cheil'.
4 Do iarras Dia, chual' e, is bhuin
mi as gach gàbhadh geur.
5 Dh' amhairc siad air, is dhealruigh iad;
is nior ghabh nàir' an gruaidh.
6 Do ghlaodh am bochd, is dh'eisd ris Dia,
is dh'fhuasgail as gach truaigh.
7 'Ta aingeal De ag campughadh
m'an droing d'an eagal e,
D'am fuasgladh is d'an teasairgin
o'n triobloidibh gu leir.
8 O blaisibh agus faicibh so,
gur maith 's gur milis Dia :
Am fear sin beannuight' e gu beachd
a dh'earbas as an Triath.
9 Fir-eagal De, biodh oirbh a naoimh :
oir uir-easbhuidh no di'
Ni bhuil air a luchd eagail-sin,
fior-chràbhadh dh'a do ni.
10 Biaidh easbhuidh air na leòmhnuibh òg,
is ocras mòr gu seth :

Ach

Ach air an droing a dh'iarras Dia
ni 'n ceilear aon ni maith.
11 Thigibh a chlann, is eisdibh rium:
dhuibh mùinfeam eagal De.
12 Cia ghràdhuigh's làith', 's le'r b'àill bhith
chum maith gu faiceadh se? [beo,
13 Coimhid do theanga fein o'n olc,
's o labhairt ceilg do bheul.
14 Seachain an t olc, is dean a' maith:
iarr sioth-chaint, 's lean gu geur
15 'Ta sùile De air fireanaibh,
'sa chluas re'n ghaodh gu fior.
16 'Ta gnùis De 'n aghaidh daoi, do chum
an cuimhn' a sgrios a tir.
17 Do ghlaodh na fireanaidh re Dia,
is dh'eisd se riu gu grad,
Thug furtachd agus fuasgladh dhoibh
o'n amhgharaibh air fad.
18 Do'n droing sin 'g am bhuil croidhe brùit'
is dlù' dhoibh Dia gun cheist:
Do ni se furtachd fòs do'n dream
'g am bhuil an spiorad brist'.
19 Is lion-mhor triobloid agus teinn
thig air an fhirean chòir:
Ach ast' air fad ni Dia nan gràs
a thesairgin fai-dheòidh.
20 A chnàmhan coimhdidh se gu leir:
ni bhuil a haon diubh brist'.
21 Ach marbhaidh olc an duine daoi,
is claoithear e gu'n cheist:

Is luchd an fharmaid, bheireas fuath
do dhaoinibh còir is ceart,
Mòir-chiontach fàgar iad nan lochd,
di-mhilltear iad gu beachd.

22 Anam a fhearbhantadh gu leir
faor-fuaſglaidh Dia gach am,
Cho mhilltear idir neach dhiubh sùd
chuirfios an dòchas ann.

## SALM XXXV.

TAgair a Dhia re luchd mo ſtribh;
cuir troid air luchd mo chath'.
2 Glac fein do thargaid, is do ſgiath,
eirigh, dean congnamh maith.
3 Glac fòs do ſhleagh, 's air luchd mo thòir
am bealach druid gu teann:
Rc m'anam abair fein mar ſo,
is mi do chongnamh ann.

4 Trom-nàir' is maſladh gu raibh dhoibh,
'ta 'g iarraidh m'anam bochd:
Is pilleadh ſiad le h amhluadh geur,
'ta ſmuaintiugh' chugam lochd.
5 Biodh iad mar mhuillnen dol le gaoith:
biodh aingeal De nan tòir.
6 Biodh aingeal De 'g an ruidh gu teann,
dorch' ſleamhuin biodh an ròd.

7 Oir gaoiſte dh'fholuigh ſiad ſan dig
gun àdhbhar no cion-fàth;
Sin chladhaigh ſiad gun chùis air bith,
chum m'anam chur ann sàs.

8 Gun

8 Gun fhios, gu d'thigeadh dòghrainn air,
is glacfar e fan lion
Dh'fholuigh fe fein: fan dòghrainn cheadn'
grad-thuiteadh e gu dian.

9 Ni m'anam gàirdeachas ann Dia:
's 'na fhurtachd sòlas mòr.

10 Is deir mo chnàmhan uil', a Dhe,
cia choi'-meas riuts' is còir:
Ni teafairgin do'n duine bhochd
o'n neach 'ta air roi-threun,
An tainnis is am bochd o'n ti
le'r b'àill a chlaoidh gu leir?

11 Luchd fiadhnais bhreige dh'eirigh rium:
is chuir fiad as mo leith.
Na nithe fin gu h ea-corach
nach b'fhiofrach mi am bith.

12 Olc dhiol fiad rium ann eiric maith,
chum m'anam chur fuidh leòn.

13 Ach mis', air bhith dhoibh sùd gu tinn,
ghabh umam culaidh bhròin:
M'anam le trofgadh dh'ùmhluigh mi,
's phill m'ùrnaigh ann mo chrios.

14 Mar charaid, bràth'r, no fear-caoi' màth'r
gu brònach crom ghluais mis'.

15 Ach chruinnigh fiad, is bhid gu h ait,
air bhith dhamh ann an teinn:
Gun fhios dhamh, chruinnigh prafcan gràndh',
gun tàmh mo reubadh rinn.

16 Le cealgoiribh gu fanoideach,
nam feift' rinn fpòrfa dhiom,

Do

Do chaſadar am fiacla rium,
ſior-mhagadh orm gu dian.
17 Cia fhad' is leir dhuit ſo, a Dhe?
ſaor m'anam fein gu cas
O 'm milleadh-ſan; mo ſheircin fòs,
a Dhia air leòmhnuibh ſeas.
18 Làn-bhuidheachas do bheiream dhuit
a' meaſg an tionoil mhòir:
Is meaſg an t ſluaigh trà' 's lion-mhor iad
àrd-mholfam thu le glòir.
19 Mo naimhde 'ta gun àdhbhar rium
nior raibh ac' aoibhneas dhiom:
'S an dream do thug dhamh fuath gun chùis,
dhoibh caogadh sùl na biom.
20 Cir air an t ſith ni h iomraidh'nn ſiad:
ach cumadh aiſ-innleachd
Do dhaoinibh sàmhach ciuin na tir'
'g am buaireadh le h ain-iochd.
21 Gu fairſing dh'fhoſgluid rium am beul,
ha, ha, a deir ſiad chean',
Do chi anois air sùil an ni
bu mhiannach leinn, 's bu ghean.
22 Ach chunnairc thuſa ſo a Dhia,
na bios a'd' thoſd a'm' fheim:
A Thighearn' is a Dhia nam feart,
na fuirigh uam ann cein.
23 Tog ort, is moſgail chum mo cheart,
fa m' chùis, mo Dhia, 's mo Righ.
24 Dhia, dean a reir do cheartais breith,
is dhoibh nior b'aoibhneas mi.

25 Nan

25 Nan croidh' na h abradh ſiad riu fein,
aha, ſe sùd ar miann:
Is fòs na h abradh ſiad a choidhch',
do ſhluig ſinn e gu dian.
26 Biodh orra nàir', is tairngear iad
gu h amhluadh mòr le cheil',
A'ta gu ſuilbhir; is gu hait
re faicſin m'amhghair gheir:
Is biodh ſiad air an ſgeudughadh
le maſladh is le nàir',
'Ta 'g iarraidh urraim mhòir dhoibh fein
a'm' aghaidh; àdhbhar gàir'.
27 Biodh aoibhneas orr', is gàirdeachas,
'ta ſeaſamh le mo chòir:
Is abradh ſiad do ghnàth gun cheilt',
gu raibh Jehobhah mòr,
'Ta gabhail tlachd do ſhonas buan
a' ſheirbhiſigh do ghnàth.
28 Is air do cheartas thig mo bheul,
is air do chliu gach tràth.

## SALM XXXVI.

DEir eaſ-aontas an droch-dhuin' ſo
a'm' chroidh' is ann mo chliabh,
Fir-eagal De fa chomhair ſhùl
ni bhuil, is ni raibh riamh.
2 Oir ni ſe brionnal baoth ris fein
do reir mar thaitneas ris,
A chionta gus am foillſighear
mar àdhbhar fuath d'a ſgrios.

3 Fior-

3 Fior-chluaintearachd is ea-coir mhòr
sùd caint a bheil gu tric:
Do ſguir ſe fòs o dheanamh maith,
is leig ſe dh'e bhith glic.
4 Aimh-leas 'na leabuidh 'ta ſe dealbh,
ſan t ſlighe nach bhuil maith
'Ga ſhuidheachadh 's 'ga ſhocrugh' fein;
ni h oillteil leis beart ſhaith.

5 Do thròcair 'ta ſna neamhaibh ſhuas,
a Thighearn' is a Dhe:
Gu ruig na neòil is àird' nan ſpeur
do ruigionn tfhirinn reidh.
6 Do cheartas mar na ſleibhte àrd;
do bhreith mar dhoimhneachd mhòir:
Air duin' is ainmhidh ni tu, Dhe,
deagh-choimhead agus fòir.

7 O Dhia! is priſeil onorach
do chaoimhneas gradhach caoin;
Fuidh ſgàil do ſge' nid uime ſin,
làn-dòchas clann nan daoin'.
8 Le ſaill do theach is t àrois phailt
sàſuighear iad gu mòr:
As tamhainn làn do ſhòlaſaibh
deoch bheir tu dhoibh r'a hòl.

9 Tobar na beatha 'ta gu dearbh
agads' a Dhia nan dùl;
Is ann do ſholus dealrach glan
do chi ſinn ſolus iuil.
10 Mairfeadh do chaoimhneas gràidh a Dhe
do'n dream chuir eòlas ort:

Is

Is buanaigh tionracas faraon
do luchd a' chroidhe cheart.
11 Na leig do chois an àrdain bhuirb
a'm' aghaidh teachd, a Dhe,
Is làmh an droch-dhuin' aingidh fòs
gu bràth na tulgadh me.
12 Ann ſin do thuit luchd deant' an uilc:
is ſios do leagadh iad,
Ag diobhail ſpionnaidh agus lùith
eirigh ni 's mò cho'n fhead.

## SALM XXXVII.

LAſan no campar na biodh ort
fa dhaoinibh aingidh olc,
Is na gabh farmad ris an dream
do bhios ag deanamh lochd.
2 Oir amhluidh mar is dual do'n fheur,
glan-ſgathar iad gu grad,
Is amhluidh mar na luſa maoth
crin-ſeargaidh ſiad air fad.
3 Cuirſe do dhòchas ann an Dia,
is deantar maitheas leat,
Mar ſin ſior-àitghidh tu an tir,
's beathuighear thu gu beachd.
4 Gabh tlachd ann Dia, is bheir ſe dhuit
làn-rùn do chroidh' a choidhch'.
5 Do ſhlighe tabhair ſuas do Dhia:
earb, ris is bheir gu crich.
6 Foillſighidh ſe do chòir 's do cheart
mar ſholus glàn nan tràth,

Is

Is amhluidh mar àird-mheadhon-laoi
do bhreitheamhnas do ghnàth.
7 Gu sàmhach fan re Dia nan dùl,
is feith le foighid leis:
An ti 'na ſhligh' a ſhoirbhigheas,
na gabhſa farmad ris;
Fa chùis an fhir do bheir gu buil
a dhroich-bheart innleachdach.
8 Leig corruigh dhiot treig fearg: chum uilc
na bioſa frionaſach.
9 Oir droch-dhaoin' is luchd deant' an uilc
glan-ſgathar iad gu leir:
Ach lion 'g am bhuil an sùil re Dia,
buain-mhealaidh ſiad an tir.
10 Oir feithse gu fòil re huair bhig,
's an droch-dhuin' ni 'm bi ann:
'S 'na ionad fòs, ma bheir fainear,
cho bhi e fein no chlann.
11 Ach mealaidh daoine ſeimh am feaſd'
an tir 's an talamh ti:
Làn-toileachadh do gheibh faraon,
ann lion-mhoireacnd na ſith.
12 'Ta 'n droch-dhuin' cumadh lochd do'n [t ſaoi
is caſadh fhiacla ris.
13 Ni Dia air fanoid; o's d'a 's leir
gur dlùth air la a ſgrios.
14 Na haingidh nochdfuidh ſiad an lann,
's ag cur am bogh' air ghleus,
A leagadh aim-beartach is bochd,
's a mharbhadh luchd deagh bheus.

15 An

15 An cloidheamh theid nan croidhe fein,
theid air am bogha claoi'.
16 'S fearr beagan ag an duine chòir,
na ſaidhbhreas mòr nan daoi.
17 Oir gàirden luchd na h aingidheachd
min-bhrisfear iad d'an cruas;
Ach daoine còir' is fireanaidh
ni Dia an cunbhail ſuas.
18 Air aimſiribh nam fireanach
is fioſrach Dia gun cheiſt:
An oighreachd is am bunadh fòs,
dhoibh 's marthanach am feaſd'.
19 Cho chuirear iad gu ruidheadh gruaidh
ſan aimſir ghàbhuidh olc:
Oir gheibheadar an sàth gu leòr
ann làithibh gainn' is gort'.
20 Ach ſgriosfar droch-dhaoin', naimhde De
do bhid mar ſhaill nan uan:
Lain-mhilltear iad: is theid dhoibh as
mar dheataich nach bhuil buan.
21 An iaſachd gabhaidh daoine daoi
's cho diol a rìs air ais;
Am firean 'ta ſe tròcaireach,
is nithear pailteas leis.
22 Oir mead 's a fhuair a bheannachd-ſan,
ſir-mhealaidh ſiad an tir:
'S an dream do gheibh a mhallachd-ſan,
loim-ſgriosfar iad gu leir.
23 'Ta Dia ag ſtiuireadh ceimeana
an duine naomhtha chòir:

Is

Is 'ta fe gabhail tlachd is toil
d'a fhlighe-fin gu mòr.

24 D'an tarladh dh'a gu tuitfeadh fe,
cho tilgfear uil' e fios:
Oir 'ta an Tighearna le laimh
'g a chunbhail fuas a rìs.

25 Do bhith mi òg, 's anois ann aois:
is riamh ni fhaca mi
'Na dhibreachan an duine còir,
no fhliochd ag iarruidh bidh.

26 Sior-thruacant' e, is coinghiollach:
beannuight' a fhliochd ata.

27 Seachain an t olc, is dean a' maith,
is comhnuidh gabh gu bràth.

28 Is toigh le Dia ceart bhreitheamhnas,
a naoimh cho treig fe chaoidhch',
Sior-choimhdear iad: ach fgathar fios
droch fhliochd nan daoine daoi.

29 Mealaidh na fireanaidh an tir;
is nid buan-chomhnuidh innt'.

30 Thig beul an t faoi air gliocas glan,
a theang' air comh-throm cinnt'.

31 'Ta lagh a Dhia-fan ann a chroidh':
cho fleamhnuigh uaidh' a cheim.

32 'Ta 'n droch-dhuin' feitheamh air an t faoi,
d'a mharbhadh is d'a theum.

33 Cho'n fhàg an Tighearn' e 'na laimh
do dheanamh air droich-bheart,
Cho'n fhàgfar ris e ann am binn'
trà' chuirfear e fuidh cheart.

34 Feith

34 Feith thus' air Dia, is gluais 'na ròd.
is àrdfuigh'r leisin thu
An tir gu mealfais: is droch-dhaoin'
'g an sgrios do chi do shùil.

35 An duine malluight' chunnairc mi
ann neart, 's ann inbhe mhòir,
'Ga sgaoileadh fein amach mar chraoibh
ag fàs gu dosrach ùr.

36 Ach chuaidh se thart', is feuch ni raibh:
dh'iarr, is nior fhuaras e.

37 Amhairc is feuch gur sith is crioch
do'n duine dhireach reidh.

38 Ach sgriosfar luchd an easaontais,
is theid dhoibh as faraon:
Di-mhilltear agus sgathar sios
crioch dheighionach dhroch-dhaoin'.

39 Ach furtachd fhior nam firean fòs,
thig sin o Dhia nan dùl:
Is ann san aimsir thriobloidigh,
's e 's barrant' air an cùl.

40 Thig treis' is furtachd chuc' o Dhia,
le fuasgladh ann deagh-am:
Iad saoruidh se o dhaoinibh olc,
o chuir siad muinghin ann.

## S A L M XXXVIII.

O Thighearn', ann do chorruigh mhòir
na cronuigh mi gu garg,
Na dean mo smachdughadh gu geur
an uair a lasas t fhearg.

2 Oir

2 Oir 'taid do ſhaighde guineach geur
sàitht' ionnam fein gu teann:
Is orm ata do làmh gu trom,
ga m' chunbhail ſios gach am.

3 Ni bhuil maoin fallanachd a'm' fheòil,
ar-ſon do chorruigh gheir:
A'm' chnàmhaibh ni bhuil tàmh no fois,
ar-ſon mo pheacaidh fein.

4 Oir chuaidh mo pheacaidh os mo chionn:
'taid orm nan eire thruim.

5 Mo chreuchda 'ta ro-lobhtha, 's breun,
mo ghòruigh 's coireach rium.

6 Ataim gu cràiteach, ea-ſlan crom,
ag triall gach la le bròn.

7 Mo leaſraidh làn do ghalar grândh':
gun fhallanachd a'm' fheòil.

8 'Taim lag is brùit': ag bùireadh fòs
trid mio-ſhuaimhneas mo chroidh'.

9 A' t fhiadhnais, Dhe, 'ta m'uile mhiann:
ni'm foluight' ort mo chaoidh.

10 Mo chroidh' ata ſior-phloſcartaigh,
mo neart dh'fhàg mi gu glan:
Ann taic re radharc geur mo ſhùl,
ſin agam fòs nior fhan.

11 'Ta luchd mo ghaoil 's mo chairde caomh
ag ſeaſamh fad o m' bheim,
Mo choimhearſnaigh is luchd mo phàirt
ag teicheadh uam ann cein.

12 Sealg orm ataid luchd iarraidh m'anam':
luchd iarraidh m'uilc a ghnà',

Ag

Ag labhairt nithe aimh-leafach',
's ag fmuaineadh ceilg gach la.
13 Ach mife chean', mar bhodhar mi,
nach cluinnionn guth no fgeul;
Is cofmhuil mi re duine balbh
gun chomas foglaidh beil.
14 Mar fin mar dhuine mi nach cluinn,
gun achmhafan 'na bheul.
15 Oir dh'earbas riut, a Dhe mo Thriath:
Dhia, freagraidh tus' a'm' fheim.
16 Oir, chum nach biodh ac' aoibhneas orm,
a dubhras freagair mi:
Is orm nach biodh fiad maoidhfeachtach
mo chos trà' fgriofas i.
17 Oir 's dlùth chum claonaidh mi, 's mo bhròn
a'm' fhiadhnais 'ta do ghnà'.
18 Mo lochd do innfeam, is fa m' chiont',
mòr-aith-mheal orm ata.
19 Ach mead 's ata nan naimhde dhamh,
's roi-bheathail iad, is treun;
Is luchd mo mhio-ruin ea-corach
'taid lion-mhor mar an ceadn'.
20 'S iad fin a's naimhde dhamh gu fior,
luchd-cùitigh maith le holc:
Ar fon gu bhuil mi leanmhuin air
an ni 'ta maith gun lochd.
21 Na treig mi, Thighearna: mo Dhia
na biofa uam ann cein.
22 Dhia, deifrigh do mo chuideachadh,
o 's tu mo fhlainte fein.

SALM

A Dubhram, bheiream fein ſainear
mo ſhligh', o lochd mo theang':
Coimhdeam (air bhith do'n daoi a'm' chòir)
le ſrian mo bheul gu teann.
2 Dh'fhanas gu toſdlach balbh a'm' thàmh
o'n ni ſin fein bu mhaith,
Mhoſgail mo thriobloid is mo bhròn
ionnam gu mòr a ſtigh.
3 Air bhith dhamh ſmuaintiugh' tric mar ſo,
do ghabh mo chroidhe teas.
Do las an teine: is mar ſo
le m' theangaidh labhair mis.
4 Toir fios a Dhe dhamh air mo chrich,
tomhas mo la creud e:
Gu fuighinn eòlas agus fios
cia h anmhunn gearr mo re.
5 Feuch, rinn tu mar leud bois' mo làith',
mar neimh-ni agad m'aois:
Gach neach d'a fheabhas, e gu fior
's ni diomhaoineach gun phrìs.
6 Ann ſamhlugh' breig' ag ſiùbhal fòs
gach duin' ata gu dearbh:
Gun ſuaimhneas 'taid gu dimhin fein
ann diomhaoineas gun tairbh':
Ag torradh nithe, 's cur le cheil'
moir-bheartais air gach dòigh,
Gun fhios cia chruinnigh's iad mar oighr',
no mhealas iad fai-dheòidh.
7 Creud 'nois re'm feitheam fein, a Dhe?
mo dhòchas dhiot do niom.

8 Saor

8 Saor mi o m' uile lochd: 's na dean
ball-maſlaidh an-daoin' dhiom.
9 Do bhi mi balbh, gun fhoſgladh beil,
o's leatſa rinneadh e.
10 Tog dhiom do bhuille, Dhe: le beim
do laimhte chlaoidheadh me.
11 Trà' ſmachduigh'r duine leat m'a lochd,
mar chnuimh theid as d'a ſhnùadh.
Gu dimhin fein 's fir-dhiomhaoineas
gach duin' air bith do'n tſlùagh.
12 Dhia, eiſd re m'ùrnaigh', is re m'ghlaodh,
re m'dheuraibh d'thoſd na bi,
Oir coigreach agad, is fear-cuairt',
mar m'aithreach' uile mi.
13 Dhia, coigil agus caomhain mi,
gu fuighinn neart re m' bheo:
Sol rachuinn thart' ag dol do'n eug,
's nach bithinn ann ni 's mò.

## SALM XL.

DH'fheith mi le foighid mhaith air Dia,
chrom chugam, dh'eiſd mo ghuth.
2 Do thug ſe a ſlochd ùamhuinn mi,
a clàbar criadha tiugh,
Air charraig chomhnaird chuir mo chos,
mo cheim do ſhocruigh ſe.
3 Is oran nuadh do chuir a'm' bheul,
gur b'e sùd moladh De:
Chi mòran e, fuidh eagal bid,
is earbann ſiad a Dia.

4 'S beannuight' an duine ſin gu dearbh
ni dòchas as an Triath,
Is nach gabh tlachd no toil air bith
do luchd an àrdain mhòir,
No fòs do'n droing do theid a thaoibh
gu ceilg, le ſaobhadh glòir.

5 Is lion-mhor t oibridh iongantach,
a Thighearn' is a Dhe,
'S do ſmuaintidh oirn': ni àirfear iad
ann ordugh dhuit gu reidh:
D'an cuirfinn iad ann ceill gu mion,
no fòs gu 'n innſinn iad,
An aireamh rachadh thar mo neart,
ag lion-mhoireachd is mead.

6 Ofrail ni miann no iobairt leat,
do fhoſgail tu mo chluas:
Lochd iobairt agus iobairt loiſgt'
nior iarras dhuit chur ſuas.

7 Ann ſin a dubhairt miſe, feuch,
anois ataim ag teachd:
Ann ròl' an leabhair orms' a chean'
sùd ſgriobht' ata gu beachd:

8 'S e sùd mo thlachd 's mo mhiann a Dhe,
do thoil gu deanta leam:
Do reachd a chean' ata gu bùan
a'm' chroidh' a ſtigh, 's a'm' chom.

9 Air t fhireantachd ſa' choinne mhòir,
a Dhe, do rinn mi ſgeul:
Oir feuch, a Dhe, mar 's aithne dhuit,
nior choiſg mi fhein mo bheul.

10 A'r

10 A'm' chroidh' nior fholaigh's t fhireanach t fhirinn chuir mi 'n ceill; [tachd,
Do ſhlàint', 's do chaoimhneas caomh, nior t fhirinn o'n t ſluagh gu leir. [cheil

11 Do thròcair chaomh na cumſa uam,
a Thighearna gu bràth,
Do chaoimhneas gradhach, t fhirinn ſòs
do m' choimhead fein do ghnàth.

12 Oir is do-aireamh iad na h uilc
'ta 'g iadhadh orm gach leith,
Do ghlac mo pheacaidh mi coimh-theann,
's nach feall mi ſuas gu ſeth.
O's lion-mhoir' iad no fòlt mo chinn,
do threig mo chroidhe me.

13 Dhia, gu ma toil leat furtachd orm,
grad-chuidigh leam, a Dhe.

14 Biodh nàir' is amhluadh dhoibh faraon
do m'anam dh'iarras claoidh:
Ruaig orr' air ais, is ruidheadh gruaidh,
le'r b'àill mo chur gu dith.

15 Gun àird gun àireach' gu raibh ſiad,
mar thuaraſdal d'a' nàir',
A dubhairt rium gu fanoideach,
aha, aha, a' gàir'.

16 Aoibhneas is aidheir do gach neach,
gad' iarraidh fein a'ta:
[s abradh ſiad le'r toigh do ſhlàint',
Dia gu ma mòr do ghnà'.

17 Ach mis' ge h ainnis bochd ataim,
do ſmuaintigh' orm an Triath:

M'fhear-cuid'idh thu, 's mo ſhlànuigheoir;
mailleas na dean, a Dhia.

## SALM XLI.

'S. Beannuight' an duine bheir gu glic
fainear an duine bochd,
Ann uair a thriobloid is a theinn
bheir Dia e ſaor o'n olc.

2 Ni Dia a dhion, 's a chunbhail beo,
is beannuight' e ſan tir:
Gu toil a naimhde mio-runach
na tabhair e gu fior.

3 Air leab' a thinneis iarganaigh
bheir Dia dh'a neart is treòir:
A leaba ni tu dh'a air fad
re ham a thinneis mhòir.

4 A dubhras, deanſa tròcair orm,
a Thighearn' is a Dhe:
Is leighis m'anam ea-ſlan bochd,
oir t aghaidh pheacuigh me.

5 'Ta'n dream ſin a's fior-naimhde dhamh
ag labhairt orm le beim:
Cia uair a ſgriosfar ainmſin as,
's a rachas e do'n eug.

6 Ma thig ſe m'amharc, labhraidh ſe
caint dhiomhaoineach gun cheill:
'Ta chroidh' ag torradh nimh' a ſtigh,
's a muigh do ni air ſgeul.

7 Sior-chogarſaigh ann cluais a cheil',
luchd m'fhuath ataid air fad:

Ag ſmuaineadh agus cumadh lochd
a'm' aghaidh fein gun ſtad,
Droch thinneas (deir ſiad) 'ta gu dlùth
ag leanmhuin ris r'a bheo:
Nois air bhith dh'a 'na luidh' gu tinn,
cho'n eirigh e ni 's mò.

Am fear bu charaid dileas damh,
re 'n earbuinn gach ni b'àill,
S a chealaigh m'aran air mo bhòrd,
a'm' aghaidh thog ſe ſhàil.

o Ach thus', a Dhe, dean tròcair orm,
is tog mi 'rìs ann àird',
Gu tugainn comh-dhail chuimſeach dhoibh,
is comain chèart gun chàird'.

1 Trid ſo is fioſrach mi gu beachd
gur ionmhuin leatſa mi:
ar-ſon nach d'thug mo naimhde buaidh,
's nach d'rinneadh leo mo chlaoi'.

2 Ach miſe chean', a'm' ionracas
's tu ſheaſmhas mi do ghnàth:
Am fiadhnais fòs do ghnùis, a Dhe,
ga m' ſhocrughadh gu bràth.

3 Jehobhah Dia cloinn Iſraeil,
beannuight' gu raibh ſe fein,
O aois gu haois gu ſuthain ſior,
Amen agus Amen.

## SALM XLII.

MAr thogras fiadh na ſruthain uiſg'
le bùireadh àrd gu geur,

Mar ſin 'ta m'anam ploſcartaigh
ag eigheach riuts', a Dhe.
2 'Ta tart air m'anam 'n geall air Dia,
's ann air an Dia 'ta beo:
Cia uair 'n a fhiadhnais thiuefas mi
is nochdfar miſe dh'a?
3 Gach la is oidhch' is iad mo dheòir
is cuibhrionn damh 's is biadh:
An uair a deir ſiad rium do ghnàth,
ca bhuil anois do Dhia?
4 'Ta m'anam air a dhòrtadh 'mach
sùd chean' trà' chuimhneas mi;
Oir chuaidh mi leis a' chuideachd mhòir,
dol leo gu teampull De;
Do chuaidheas leo le gàirdeachas
is moladh fòs le cheil',
Is leis a' chuideachd ſin do bhi
ag coimhead làithe feil'.
5 O m'anam! creud far leagadh thu
le diobhail miſnigh ſios?
Is creud fa'm bhuil tu 'n taobh ſtigh dhiom
fa thriobloid is fa ſgios?
Cuir dòchas daingean ann an Dia,
oir fòs do mholam e
Ar-ſon na furtachd is na ſlàint'
thig dhamh o eadan reidh.
6 Thuit m'anam ionnam ſios, a Dhe,
mar ſin do chuimhnim ort
O thalamh Jordain, Hermoin àird,
o Mhiſar fòs an cnoc.

7 Le

7 Le fuaimneach t fheadain uiſg', a Dhe,
'ta doimhn' air dhoimhne gairm:
Do ſhùmainneadh, 's do thonnan àrd
dol tharam 'taid le toirm.

8 Orduighidh Dia d'a ghràſaibh dhamh
a chaoimhneas ann ſan lo:
San oidhch' do ni mi guidh' is ceòl
re Dia do chum mi beo.

9 Mo charraig, creud far threigeas mi?
re Dia a deiream fein:
Creud as fa'm bhuileam triall fa bhròn,
bhrigh fòirneart m'eaſ-cair' threin?

10 Mar lann a'm' chnàmhaibh, m'eaſ-cairde
toirt toibheim dhamh ata:
Tràth deir ſiad rium gu fanoideach,
ca bhuil do Dhia? gach la.

11 O m'anam creud far leagadh thu,
le diobhail miſnigh ſios?
Is creud fa'm bhuil tu 'n taobh ſtigh dhiom
fuidh aith-mheal is fuidh ſgios?
Cuir dòchas ann an Dia gu ſeth:
oir molfam e do ghnàth,
O ſe a's ſlàinte do mo ghnùis,
is ſe mo Dhia gu bràth.

## SALM XLIII.

1 CUm comh-throm rium, is tagair fein
mo chùis, o'n fhineach olc,
O'n ea-corach, 's o fhear na ceilg
Dhe ſaorſa mi o'n lochd.

2 Creud as far thilg tu miſe uait?
'ſ gur tu mo Dhia 's mo threòir;
Creud as bhrigh fòirneart m'eaſ-cairde,
far ſhiùbhlam feìn fuidh bhròn?

3 Dhia, tfhirinn is do ſholus glan
leig chugam sùd amach:
Do m' threòrugh' chum do thulaich naomh',
's mo thabhairt chum do theach.

4 'N ſin racham dh'ionnſuidh altair Dhe,
an Dia ſin m' aoibhneis mhòir;
Air clàirſeich bhinn do mholfam thu,
O Dhia, mo Dhia na glòir.

5 O m'anam, creud far leagadh thu
le diobhail miſnigh ſios?
Is creud fa 'm bhuil tu 'n taobh ſligh dhiom,
ſuidh aith-mheal, is fuidh ſgios?
Cuir dòchas ann an Dia gu ſeth,
oir molfam e do ghnàth,
O ſe a's ſlàinte do mo ghnùis,
's gur e mo Dhia gu bràth.

## SALM XLIV.

LE'r cluaſaibh chualamairn', a Dhe,
ar ſinnſir chuir ann ceill
Na gniomhartha do rinneadh leat
nan aimſir, ſad o' chein.

2 Le d' laimh mar thilg tu 'mach na ſlòigh,
is chuir tu sùd nan àit':
Mar rinnis air a' phobull claoidh,
'gan tilgeadh fada uait.

3 Oir

Oir ſealbh ſan tir ni fhuaradar
le'n cloidheamh no le'n loinn,
Ji mò do rinn an gàirden fein
an teaſairgin nan teinn:
ıch do làmh dheas thug dhoibhſin buaidh,
do ghàirden neart-mhor treun,
s ſolus glan do ghnùis ar-ſon
gu d'thug tu toil dhoibh fein.

O 's tuſa fein a Dhia nam feart,
mo Thighearn' is mo Righ:
Furtachd do Jacob orduigh uait,
is fuaſgail air gun dith.
'S ann trid do neartſa leagar ſios
na h uile 's naimhde dhùinn:
Trid t ainmſe ſaltraidh ſinn gu làr
an drong do dh'eirghios ruinn.

Oir as mo bhogh' cho dean mi bun,
ni 'm furtachd dhamh mo lann.
Ach 's tuſa nàirigh luchd ar fuath,
o'r naimhdibh chuidigh leinn.
Air feadh an laoi 's ann ann an Dia
do ni ſinn uaill is glòir:
s t ainmſe fòs air feadh gach linn
àrd-mholuidh ſinn gu mòr.

Ach rinn tu 'nois ar tilgeadh dhiot,
is nàirigh thuſa ſinn:
S amach le'r n armailtibh 's ar feachd
ni bhuilis dol far leinn.
Gu teicheadh chuir tu ſinn air ais
o'n nàmhaid gheur ſa' chath:

Is luch air mio-ruin 'taid dhoibh fein
ag deanamh creich' is ſgath'.

11 Mar chaoirigh thug tu ſinn d'ar n ith'
meaſg fineach ſgaoileadh ſinn.
12 Reic tu do phobull fein gun fhiach,
's nior mheaduigh maoin d'an ceann.
13 Do rinn tu toibheim dhinn gu truagh:
d'ar coimhearſnaibh gu leir;
Ball-ſpòrſa do na bhuil m'an cuairt,
's ball-magaidh mar an ceadn'.

14 A' meaſg nan Geintileach air fad
gnà'-fhocal rinn tu dhinn:
'S a' meaſg a' phobuill anns gach àit'
'n ar n àdhbhar crathaidh cinn.
15 'Ta m' amhluadh is mo mhaſladh geur
a'm' fhiadhnais fein do ghnà',
Rinn nàir' is ruidheadh fòs mo ghruaidh
m'fholach gu truagh gach la.
16 'S e ſin mo chor thaoibh guth an fhir
a chàineas mi gu h olc,
'S a ſpreigeas mi: is thaoibh an nàmh,
's an dioghaltaigh gu lochd.
17 Sùd uile ge gu d'thainig oirn';
nior dhearmaid ſinne thu,
Nior rinn ſinn breug no briſeadh claon
'n aghaidh do chunnraidh dhlù'.
18 Nior aom ar n aigneadh uaitſe riamh,
nior chuaidh ar croidh' air cùl:
O d' ſhlighe fòs nior chlaon ar cos,
's nior chuaidh air ſeachran iuil.

19 I

19 Is ge do phronn tu ſinn gu mion
ann ionad dhragun ſios,
Is ge gu d'fholuigh thuſa ſinn
le ſgàil' is dùbhar bàis.

20 Ma 's e gur leig ſinn as ar cuimhn'
ainm uaſal àrd ar Dia,
No'r làmha gu Dia coimheach breig'
ma ſhineadh leinne riamh:

21 Nach rannſuigh Dia ſo fein amach?
oir aig' ata làin-fhios
Air diomhaireachd a' chroidhe ſtigh,
gach car at'ann is cleas.

22 Oir, air do ſhonſa mharbhadh ſinn
air feadh an la gu leir,
'S mar chaoirigh 'ta ſinn air ar meas
do chaſgaireadh gu geur.

23 Moſgail, creud as fa'n codlann tu,
Dhia airigh as do ſhuain,
Gu bràth na tilgſe ſinn amach,
na triallſa fada uainn.

24 Creud as fa 'm foluigh thu do ghnùis?
creud as far dhearmaid thu
Ar n amhghar, is ar n eigin mhòr
air iadhadh oirn' gu dlù'?

25 Oir chrom ar n anam ſios do'n ùir,
ar brù re talamh theann.

26 A'd' thròcair eirigh, cuidigh leinn,
is furtaigh oirn' ſan am.

DEagh-àdhbhar orain naomh' is ciuil
ag deachdadh 'ta mo chroidh':
Is làbhram air na nithibh sin
do rinneas fein m'an Righ:
Mar pheann ann laimh deagh chleirigh-sgriobh'
do chuireas sios gu luath,
Is amhluidh sin, mo theanga 'ta
air t onoir àird ag luadh.

2 Is maisigh thu na clann nan daoin':
gràs dhoirteadh ann do bheul:
Is air an àdhbhar sin rinn Dia
do bheannachadh gach ial.
3 Deasuigh do chloidheamh air do leis,
o thus' a ghaisgeich mhòir:
Le d' chumhachd is do mhòrdhalachd,
le greadhnachas is glòir.

4 Bhrigh firinn, suairceis, agus ceirt,
marcuigh gu buadhach àrd,
Is nithe uath-mhor teagaisgidh
do dheas-lamh dhuit 's gach àit'.
5 Rachadh do shaighde geur gu croidh'
gach eas-caraid an Righ:
Trid sin am pobull tuitfid fùd,
is nithear leat an claoidh.

6 Gu suthain is gu siorruidh 'ta
do chathair àrd a Dhe:
Slat-suaitheantais do Rioghachd mhòir
is slat ro chomh-throm i.
7 O's ionmhuin leatsa còir is ceart,
is thug tu fuath do'n olc,

Ois-

Ois-cionn do chompanach chuir Dia,
do Dhias' òl' aoibhneis ort.

8 Do'n Alos, Mhirr, is Chaſſia
o t eadach boladh theid:
Leo sùd do chuir ſiad aoibhneas ort,
o d' lùchairt geal mar dheud.

9 A' meaſg do bhantrachd onorach
'ta Ingheana nan Righ:
'S ann òr na h Ophir air do dheis
do bhain-rioghs' ſeaſaidh ſi.

10 A Inghean eiſd is amhairc fòs,
is cromſa ſios do chluas:
Tigh t athar, is do mhuintir fein
na cuimhnigh as ſo ſuas.

11 Gabhaidh mar ſin an Righ làn-toil
do d' àille thlachd-mhoir fein:
O 's e do Thighearn' is do Thriath,
toir urram dh'a is geill.

12 Thig Inghean Thiruis ort gu tric
le tiodhlacadh is gift,
'S na daoine ſaidhbhir 'ta nam meaſg
ag aſlugh' gràis is iochd.

13 Inghean an Righ gu dearbh a ſtigh
'ta uile làn do ghlòir:
'Ta culaidh eadaich uimpe fòs
air oibreachadh le h òr.

14 Am brot do obair ghreis le ſnàith'd
bheirthear i gus an Righ:
Thig chugad luchd a coimheadachd,
's a maighdeana 'n a deigh.

15 Rach-

15 Rachaid gu cùirt an Righ a ſteach,
ait, aoibhneach bheirthear iad.
16 Ar-ſon do ſhinnſir biaidh do chlann,
mar phrionnſuidh anns gach àit'.
17 Tainm glòr-mhor do gach linn a thig,
air chuimhne cuiridh me:
Mar ſin do bheir am pobull duit
àrd-mholadh feadh gach re.

## SALM XLVI.

SE Dia is tearmunn dùinn gu beachd,
ar ſpionnadh e 's ar treis':
Ann aimſir carroid agus teinn
ar cabhair e roi-dheas.
2 Mar ſin d'an gluaiſt' an talamh trom,
ni h àdhbhar eagail leinn:
D'an tilgteadh fòs na ſleibhte mòr
am builſgein fairg' is tuinn'.
3 Na h uiſgeacha le beacaidh bhuirb,
d'an rachaid thar a cheil':
Le'n ataireachd d'am biodh air chrith
na beanntaidh àrd gu leir.
4 'Ta amhann ann, ni cathair Dhia,
le ſruthaibh ſeimh, ro-ait:
Fior-àite naomh' an ti a's àird'
am bhuil ſior-chomhuidh aig'.
5 'Ta Dia 'n a meadhon innt' a ſtigh:
mar ſin ni ghluaisfear i;
Oir cuideachadh is congnamh lè,
's e Dia gu moch do ni.

6 Do

6 Do ghabh na Geintligh boil', is ghluais
na Rioghachda gu cas:
Air cur do Dhia a ghuth amach,
do leagh an talamh as.

7 'Ta Dia nan fluagh, far leinn do ghnàth:
Dia Jacob 's tearmunn dùinn.
8 Thigibh, is feuchaibh oibridh De,
gach fgrios air talamh rinn.
9 Gu h iomall fòs an domhain mhòir
an cogadh ni fe chofg:
Am bogh' do bhris, an fleagh do ghearr,
an carbad cogaidh loifg.

10 Bibh sàmhach, 's tuigibh gur mi Dia:
àrduighear mi gu fior
A' meafg nan fluagh, bïom onorach
air feadh gach uile thir'.
11 'Ta Dia nan fluagh re congnamh leinn,
's ann comhnuidh air ar crann:
Se Dia ùd Jacob 's tearmunn dùinn,
d'ar furtachd anns gach am.

## SALM XLVII.

A Phobuill is a fhlùaigh gu leir,
ar bafa buail gun chàird':
Le guth 's le gàirdeachas do Dhia
fuas togaibh iolach àrd:
2 Oir Dia ro-àrd is ùamhunn e;
Righ mòr oif-cionn gach tir'.
3 Am pobull cuirfidh fe fa'r fmachd,
fa'r cois na flòigh gu leir.

4 Mòr-

4 Mòrdhachd Jacob d'an d'thug se gradh,
mar oighreachd dhùinn do thagh.
5 Chuaidh Dia le gàrthaibh buadh ann àird',
le trompait is mòr-bhladh.
6 Seinnibh do Dhia, seinn moladh: seinn
d'ar Righ, seinn moladh binn.
7 O's Righ Dia mòr oif-cionn gach tir',
seinn d'a gu h eòlach grinn.
8 'Ta Dia 'na shuidh' 'na chathair naomh':
se 's Righ air sinibh ann.
9 Prionnsuidh nan sluagh do chruinnigh siad
pobull De Abraham;
Ar-son gur le Jehobhah 'mhàin
sgiath dhidean do gach tir:
Se fein is àird' 's is urramaigh,
's d'a dhlighear moladh fior.

## SALM XLVIII.

IS mòr Jehobhah Dia nam feart,
ann cathair àird ar Dia
Is air sliabh àrd a naomhthachd fein,
ion-mholta chaoidhch' an Triath.
2 Beinn Shioin 's breagh' a suidheachadh,
aoibhneas gach talmhain i,
Is ann a còir an taobh mu thuath,
'ta cathair an Aird-Righ.
3 So-aithnigh Dia 'na luchairtibh,
mar thearmunn dhoibh ann airc.
4 Oir feuch, trà' bhi na Righridh cruinn,
le cheile ghabh siad thart'.

5 Mar

5 Mar chunnairc sùd, ghabh iongnadh iad,
le cabhaig dheifrid as.
6 Ghlac eagal iad ann sin, is pian,
mar mhnaoi re saoth'r, gu cas.
7 Cabhlach Tharsais le gaoith an ear,
min-bhrisear leat gu luath.
8 Mar chual', is amhluidh chunnairc sinn
am baile Righ nan sluagh,
Am bail' ar Dia: 's e Dia gu bràth
ni daingion e le neart.
9 A'd' theampull, air do chaoimhneas caomh,
Dhia smuaintigh sinn gu ceart.
10 Mar t ainm, is amhluidh sin do chliu,
gu crich na talmhain ti:
Do dheas-lamh làn do fhireantachd
Dhia anns gach beart do ni.
11 Beinn Shioin gu ma h aoibhin i,
is Inghean Juda ait,
Ar-son do bhreitheamhnais, a Dhe,
làn-chomh-throm agus ceart.
12 Siùbhlaibh mu thimchioll Shioin naomh',
is cuartaibh i maraon:
Airibh a baideala gu dlùth
's a turaite gach aon.
13 Thugaibh fainear a bàbhuin bhreagh',
's a caisteil àrd le beachd;
Chum sin gu cuirfeadh sibh ann ceill
do'n àl a'ta re teachd.
14 Oir 's e an Dia so fein ar Dia
gu siorruidh is gu bràth:

'S e

'S e chean' a threòruigh's ſinn gu ceart
gu h uair is am ar bàis.

## SALM XLIX.

EIſdibh a phobuill uile ſo,
na bhuil ſa' chruinne-che:
2 Is cluinnibh eadar mhòr is bheag,
ma 's bochd no beartach e.
3 Smuaintigh' mo chroidh' air tuigſe ghloin,
air ghliocas thig mo bheul.
4 Aomam mo chluas gu pàrablaibh:
nochdſam caint dhorch' air teud.
5 Creud dhamh fa'n eagal làithean olc
gu cuirfinn iad ann ſuim,
Mòr-aingidheachd is lochd mo ſhàl
trà' dh'iadh ſiad orm gu cruinn?
6 Na daoine ſin nan ſaidhbhreas mòr
'ta deanamh dòigh is treis',
Agus ann lion-mhoireachd an ſtòir
a'ta ro-bhòſtail leis.
7 A bhràth'r ni fhuaſgail neach dhiubh sùd
a gàbhadh no a pein,
A thabhairt eiric as do Dhia
ni fheadar leis 'na fheim:
8 Oir ſaoradh 'n anma 's priſeil e,
ſguiridh ſe 'm feaſd' gu beachd:
9 Gu mairfeadh ſe gu ſiorruidh beo,
's nach faiceadh truaillidheachd.
10 Oir chi ſe chean' na daoine glic,
's na h amadain gun cheill,

'S na

'S na hùmaidh', fàgail toic do chàch,
is faghail bhàis iad fein.
11 'S e 'n fmuaintiughadh gu mair an tigh,
's an comhnuidh feadh gach re,
Ag tabhairt air am fearann ainm
do reir an ainme fein.
12 Gidheadh, an duin' ann onoir mhòir,
ni mair fe ann gu buan:
Ach amhluidh mar an tainmhidh truagh,
chum bàis a fhiùbhlas uainn'.
13 An flighe sùd ge gòrach i,
taitnidh an caint r'an fliochd.
14 Mar chaoirigh dol fan uaigh ataid,
nam biadh do'n bhàs gun iochd:
Glacfaidh na firein os an ceann
àrd-uachdranachd gu moch,
'S o'n àite comhnuidh feargaidh as,
fan uaigh an àill' fan dreach.
15 Bheir Dia do m'anam fuafgladh faor
o chumhachd bàis is uaigh,
Oir gabhaidh fe mi chuige fein
ga m' theafairgin le buaidh.
16 An uair do nithear faidhbhir neach
na glacadh faitchios thu,
'S an tam a chinneas gloir a theach
na cuireadh ortfa tnù'.
17 Oir 'n uair a rachas e do'n eug
ni'm beir fe dadum leis:
'S an uair do theid fe fios do'n uaigh,
a ghlòir ni leanann ris.

18 Is ge do bheannuigh anam fein,
air marthuinn trà' bhi se:
Ni daoine moladh ort gu mòr
trà' ni tu maith dhuit fein.
19 Gu hàl a shinnsir rachaidh se,
solus ni fhaic gu bràth.
20 An duin' ann onoir, 's e gun cheill,
mar ainmhidh e gheibh bàs.

## SALM L.

DO labhair Dia Jehobhah treun,
an talamh ghairm gu leir,
O'n àird' an ear gu hàird' an iar,
o eirghe gu luidh' grein.
2 As Sion àrd, a's foirfe mais',
do dhealruigh Dia nam feart.
3 Tiucfuidh ar Dia, 's ni 'm bi 'na thosd,
ach labhruidh se le neart:
Theid teine roimhe millteach mòr,
ag lasadh suas gu garg,
M'a thimchioll-san gu doinionnach,
ag dol 'na chaoiribh dearg'.
4 Air talamh, is air neamh nan neul,
do ghairmeann se gu hàrd,
Gu tugadh air a phobull fein
ceirt-bhreitheamhnas gun chàird'.
5 Do m' ionnsuidh cruinnighibh mo naoimh:
is tionalaibh an dream
A rinn gu dileas is gu dlùth
le h iobairt, cùmhnant leam.

6 A cheart-ſan, do ni neamh nan neul
a chur ann ceill 'na am :
Oir ſe Jehobhah fein gu beachd
is aon àird-bhreitheamh ann.

7 Mo phobull Iſra'l, eiſdibh rium,
is labhraidh mi gu ceart :
A' taghaidh togbham fiadhnais fhior,
's mi Dia, do Dhia gu beachd.

8 Mu tofrailibh ni agram thu,
no fòs mu tiobairt' loiſgt',
Ar-ſon nach d'thug tu iad do ghnàth
's nach d'fhuaras iad gach toiſg'.

9 Oir as do thigh cho ghabhuinn uait
mar iobairt biorach bò,
'S cho ghabhuinn gabhar fhirionn fòs,
mar ofrail as do chrò.

10 Gach ainmhidh beo a bhuil ann coill'
is leamſa ſin gu leir,
Gach caor'achd fòs air mhile cnoc,
'ta 'g inealtradh air feur.

11 An eunlaith 's aithne dhamh air fad
'ta 'g itealaigh feadh bheann :
'S leam gach fiadh bheathach uile fòs
feadh gharbhluigh agus ghleann.

12 Geur-ocras d'am biodh orm no gort,
cho chuirinn duits' ann ceill,
O's leam an domhan m'an iadh grian,
is na bhuil ann gu leir.

13 Fuil ghabhar 'ne gu 'n òlfuinn uait,
feòil tarbh an ithinn i?

14 Ioc iobairt buidheachais do Dhia,
'ſ do mhòidean do'n Aird-Righ.
15 Ann la do thriobloid is do theinn,
gair orm ann ſin gu ceart:
Ort fuaſglam, agus bheir tu glòir
do m' ainmſ' a chuidigh leat.
16 Ach ris an droch-dhuin' labhruidh Dia,
mo ſtatuin chur ann ceill
Ca buineadh dhuit, no ghabhail fòs
mo chùmhnaint ann do bheul?
17 Do m' achmhaſans' o thug tu fuath,
'ſ ann ſpeis riamh e nior chuir;
Ach thilg mo bhriathra air do chùl,
'g an diùltadh uam gu tur.
18 Trà' chunnairc thu an gadaidh' dàn',
dh'aontuigh tu leis 'n a olc,
'S le luchd-adhaltranais a rìs
b'fhear-comuinn thu nan lochd.
19 Do theanga thug tu chumadh breig,
chum uilc do thug do bheul.
20 Do d' bhràthair, ſhuidh tu thabhairt guth,
'ſ do mhac do mhàthar beim.
21 Na nithe ſ' uile rinneadh leat,
is dh'fhanas dhiot a'm' thoſd:
Is ſhaoilis mar ata tu fein
gur b' amhluidh mi gach achd:
Ach cronuigheam do pheacaidh dhuit,
a' t amharc cuiream iad;
Do chum gu faiceadh do dha ſhùil
nach folchar ormſa beud.

22 O sibhs' a dhaoin' nach cuimhnigh Dia,
'nois tuigibh so 'na am;
M'an deanam liodairt oirbh gu cas,
gun neach d'ar furtachd ann.
23 An ti bheir iobairt molaidh uaidh',
se bheireas dhamhsa glòir:
Oir nochdfam slàinte De, do'n fhear
sheòlas a shligh' air chòir.

## SALM LI.

DEan tròcair orm, a Dhia nan gràs,
gu hiochd-mhor saorsa mis',
Reir lion-mhoireachd do thròcair chaoimh
glan as m'uil' easaontas.
2 Gu hiomlan ionnuil mi o m' lochd,
glan mi o m' chiont' a'd' ghradh.
3 Oir 'ta mi 'g aidmheil m'easaontais,
's leir dhamh mo lochd do ghnàth.
4 A' taghaidh taghaidh fein amhàin
do pheacuigh mi gu trom,
Is ann a tfhiadhnais fein, a Dhe,
an tolcsa rinneadh liom:
Do chum air labhairt duit amach
gu biodh tù comh-thromach
'S gu biodh tu glan 'n trà' bheir tu breith,
is ceart neimh ea-coireach.
5 Am peacadh, feuch, do dhealbhadh mi,
agus ann cionta fòs
Do ghabh mo mhàthair mi 'na broinn,
'n trà' ghineadh mi o thùs.

6 An

6 An taobh a ſtigh do'n chroidhe, feuch,
an fhirinn 's ionmhuin leat:
'S ann ionad fholuight' bheir tu orm
gu tuig mi gliocas ceart.

7 Le hiſoip deunſa miſe glan,
is bitheam glan gu beachd.
Dean m'ionnlad fòs, mar ſin do bhiom
ni 's gile dhuit na ſneachd'.

8 Guth ſubhachais toir orm gu cluinn
is fonn an aoibhneis ait,
Mar ſin nid gàirdeachas gu mòr
na cnàmha bhrisfeadh leat.

9 O m' pheacadh is o m' eaſaontas
foluigh do ghnùis, a Dhe;
Mo ſheachrain is m'uil' ea-coir fòs,
glan thuſa uam gu reidh.

10 Dhia cruthaigh ionnam croidhe glan;
ath-nùadhaigh ſpiorad ceart.

11 Na tilg o d' ſhealladh mi; 's na buin
do ſpiorad naomhtha leat.

12 Is aiſig dhamh ùr-ghàirdeachas
do ſhlàinte chàirdeil fein:
Is deanſa fòs mo chunbhail ſuas,
le d' ſpiorad ſaor gu treun.

13 'N ſin teagaiſgeam do ſhligh', a Dhe,
do'n droing a bhris do reachd,
Mar ſin le h aithrigh' pillfear riut
na peacaigh thruagh gu beachd.

14 O chionta fola ſaorſa mi,
O Dhia, a Dhe mo ſhlàint':

einnidh gu hàrd air t fhireantachd
mo theanga anns gach àit'.
5 Mo bhilidh 'ta air druideadh ſuas,
foſgail, a Dhe, gun chàird';
nn ſin do mholadh le mo bheul
cuirfear ann ceill gu hàrd.
6 Oir iobairteadh ni h iarunn tu,
sùd bheirinn duit gach re:
nn ofrail loiſgte fòs air bith
ni bhuil do thlachd a Dhe.
7 An ſpiorad briſte tuirſeach trom,
sùd iobairt Dhe nan dùl:
n croidhe briſte brùit', a Dhe,
le gràin ni 'n cuir air cùl.
8 A'd' dheagh ghean deanſa maith a Dhia
air Sion do chnoc fein:
allaidh Jeruſaleim gu luath,
tog ſuas le d' laimh gu treun.
9 'N ſin taitnidh iobairt cheartais leat,
ofrail, 's làn ofrail loiſgt':
N ſin bheirthear colpaich dhuitſe ſuas,
air t altoir naomh' gach toiſg'.

## SALM LII.

GRreud as fa'n dean tu ghaiſgeich threin,
uaill as an olc gu mòr?
Iairfidh am feaſd' gun cheann gun chrioch,
deagh-mhaitheas Righ na glòir'.
Do theang' a' dealbh an aimh-leis chlaoin;
chum ceilg' mar ealtuin gheir.

3 Is annſa leat an tolc na maith,
is breug na briathra fior.

4 A theanga chealgach, 's ionmhuin leat
gach briathar millteach olc.
5 Ni Dia gu ſiorruidh mar an ceadn'
làin-ſgrios do tharruing ort,
Glan-ſgathar thu, is as do theach
grad ſpionthar thu gu tur,
A talamh is a tir nam beo
buainthear do fhreamh a bun.

6 Do chi am firean, gabhaidh fiamh,
is ni ſe gàire fò,
7 Feuch, ſo am fear nach d'earb a Dia
mar dhaingneach is mar threòir;
Ach ann an lion-mhoireachd a ſtòir
a dhòchas chuir gu treun,
'Na ſhaidhbhreas is 'na olc gu beachd
do neartuigh ſe e fein.

8 Ach mis' mar ùr-chrann òla biom
ann àros De do ghnà':
Ag cur mo dhòchais ann a ghràs,
re fad mo re 's mo la.
9 Gu ſiorruidh ſuthain molfam thu,
bhrigh sùd gu d'rinneadh leat:
Feitheam air t ainms', oir 'ta ſe maith
ann làth'r do naomh gu beachd.

## SALM LIII.

'NA chroidhe deir an tamadan,
ni bhuil ann Dia air bith:

'Tai

'Taid truaillidh, 's gràineil fòs an lochd:
ni bhuil ann neach ni maith.
2 An Tighearn' dh'amhairc se o neamh
air chloinn nan daoin' anuas,
Do fheuchain an raibh tuigs' ag neach,
a dh'iarradh Dia nan gràs.
3 Do phill siad air an ais air fad,
ro-shalach iad gu leir:
Ni bhuil aon neach re deanamh maith,
ni bhuil fiu aoin fuidh speur'.
4 Nach tuigionn luchd na h ea-corach?
'ta 'g ith' air fad 's air lead
Mar aran blast' mo phobuill suas:
air Dia ni ghairionn siad.
5 Ann sin do ghabh siad eagal mòr,
gun àdhbhar eagail ann:
Sgaoil Dia a chnàmha-san o cheil'
chuir seisdeadh ort gu teann,
Is mar an ceadn' do chuir tu iad
gu ruidheadh gruaidh is nàir',
Do bhrigh gu dearnadh orra Dia
trom-tharcuisn' agus tàir.
6 O sùd mo ghuidh' is m'ath-chuinge
gu d'thugadh Dia nam feart
Tabhair d'a phobull Israel
as Sion fein le neart!
N trà' bheireas Dia air ais o bhruid
a phobull fein le cheil',
Air Jacob bithidh aoibhneas mòr,
's aiteas air Israel.

TRid tainmſe, teaſairg mis', a Dhe,
cum comh-throm rium le d'neart.
2 Eiſd m'ùrnaigh, toir fainear, a Dhe,
briathra mo bheil gu ceart.
3 Oir dh'eirigh coigrigh 'm aghaidh ſuas,
luchd-fòirneart 'ta gu geur
Ag iarraidh m'anma: riamh nior chuir
ſiad Dia fa'n comhair fein.
4 Is feuch, ſe Dia 's fear-cuid'idh leam,
do m'ſheaſamh anns gach càs:
Bithidh Jehobhah leis an droing
do chunbhàs m'anam ſuas.
5 Olc do mo naimhdibh dioghlaidh Dia:
a' tfhirinn dean an ſgath'.
6 Gu toileach bheiream iobairt dhuit:
Dhe molfam tainm, 'ta maith.
7 Oir rinn ſe ſaoirs' is fuaſgladh dhamh
o m'uile theinn gu treun:
Ionnas gu fac' mo ſhùil a miann,
air m'eaſ-cairdibh gu leir.

## SALM LV.

RE m'ùrnaigh eiſd: 's om' ghuidh', a Dhe
na foluigh thus' thu fein.
2 Toir air', is freagradh dhamh, 'ta caoidh'
le bròn 's le bùireadh geur.
3 Ar-ſon guth m'eaſ-cairde gu leir,
is fòirneart fòs nan daoi:
Oir olc do thilg ſiad orm, am feirg
dhamh thug ſiad fuath gun di'.

4 Mo chroidh' a'm' chom 'ta cràiteach goirt:
thuit ùamhunn orm a' bhàis.
5 Crith, oillt, is ùamhunn thainig orm
gam' shlugadh is mi 'n sàs.
6 Sgiath coluim o gun agam fein!
ann sin a dubhairt mis',
Do theichinn as ag itealaigh,
is gheibhinn tàmh is fois.

7 Feuch, rachainn fòs air ànradh fad,
chum tàimh am fàsach cruaidh.
8 Is dheanainn deifir rè dol as
o dhoinionn ghairbh na gaoith.
9 Dhia, sgrios an teang', is sgaoil: oir chim
fòirneart sa' bhail' is strìbh.
10 Taid dol m'a bhallaibh oidhch' is la:
'ta aimh-leas ann is caoidh'.

11 Aing'eachd ro-mhòr is olc ata
'na mheadhon sùd gun cheilt:
Feall re na shràidibh agus cealg,
ni dhealuighionn am feasd'.
12 Cho b'e mo nàmh thug masladh dhamh,
oir dh'fhuilginn sùd gu reidh:
Ni 'm b'e fear m'fhuath do dh'eirigh rium,
oir uaidh' do dhionainn me.

13 Ach thusa, fear, bu choimpir dhamh,
fear m'eòlais, is fear m'iuil.
14 Bu bhlast' ar comhairl', dol le càch
gu hàros Dhia nan dùl.
15 Sealbh gabhadh orr'am bàs gu grad,
's gu h ifrionn rachaid beo:

Oir aingidheachd nan tigh do ghnàth,
's nam builſgean 'ta gach lo.
16 Ach miſe, glaodham ſuas re Dia,
ſaoruidh Jehobhah mi.
17 Glaodh àrd, is ùrnaigh deanam ris,
moch, feaſgar, 's meadhon-laoi:
Do bheir ſe cìſdeachd do mo ghlaodh.
18 m'anam do ſhaor ann ſith,
O'n chath 's o'n chomhrug dh'eirigh rium:
oir mòran leam do bhi.
19 Cluinnſidh an Dia 'ta laidir beo
is dòghrainn orra ni,
Seadh fòs an Dia air marthuinn 'ta,
's o chian nan cian do bhi:
Is air an àdhbhar fòs nach bhuil
caochladh air bith nan ſlaid,
Eagal an Tighearn' uime ſin
do thilg ſiad dhiubh air fad.
20 A làmh do ſhin nan aghaidh sùd,
do bhi ann ſioth-chaint leis:
A chùmhnant is a naſgadh dlùth,
gu fealltach orra bhris.
21 Bu ſhleamhna briathra bheil na 'n tim,
ach cogadh cruaidh 'na chroidh':
Bu bhuig' a chaint na òla thlà',
's mar chloidheamh ruiſgt' do bhi.
22 Ach tilgſe t uallach trom air Dia,
ſe ni do chunbhail ſuas:
Cho leig ſe 'm feaſd' do'n fhirean chòir,
o ſhocair fein gu gluais.

23 Ach

23 Ach thuſa chean', a Dhia nam feart,
a'd' chorruigh cheirt gu geur,
Ann ſlochd d'am milleadh tilgfidh tu
an aitim ùd gu leir:
Na daoine ſligheach fuileachdach
ni mair ſiad leith an làith':
Ach ionnad cuirfidh mis', a Dhe,
mo dhòchas fein 's mo dhòigh.

## SALM LVI.

DEan iochd orm, oir le duine b'àill
mo ſhlugadh ſuas, a Dhe:
Is e gun tàmh gam' fhoirceigneadh
ag cogadh rium, gach re.
2 Is b'àill le m'eaſ-cairdibh gach la,
mo ſhlugadh ſios gun chàird':
'S roi-lion-mhor iad 'ta cogadh rium,
o thus' a Righ a's àird'.
3 Ann làithibh m'eagail, earbam riut.
4 Ann Dia àrd-mholfaidh mi
A bhriathar fein, is ann an Dia
mo dhòchas treun do bhi,
Ni 'n gabham gealtachd uime ſin,
's am feaſd' ni h eagal leam
Na dh'fheadas feòil do dheanamh orm
do lochd le iomairt theann.
5 Mo bhriathra 'taid a' fiaradh fòs
gach la mar 's toileach leo:
Chum doilgheis agus dochair dhamh,
'ta 'n ſmuin'tidh-ſin gach lo.

6 Ataid le cheil' a' cruinneachadh,
is iad 'gam folach fein,
A' feitheamh m'anma, air bhith dhoibh
ag furachras mo cheim.

7 Gu faor an rachaid as mar sin
le 'n ea-coir mhòir gun tàmh?
A' tfheirgse leag am pobull sios,
a Thighearna le d' laimh.

8 Mo sheachrain air an aireamh leat,
a'd' bhuideal taisg mo dheòir:
Nach bhuil siad ann do leabhar shios,
air chuimhne sgriobht' gach uair?

9 Mo naimhde rachaid air an ais,
'n trà' ghairéam ort gu teann:
Is aithne dhamhsa so gu beachd,
oir Dia ata se leam.

10 Ann Dia a bhriathar molfaidh mi:
molfam ann Dia a reachd.

11 Ann Dia do chuirfeadh leam gu treun
mo dhòchas fein gu beachd,
Is air an àdhbhar ùd, a Dhe,
ni h eagal idir leam
Na dh'fheadas duin' a dheanamh orm,
nach bhuil dh'e fein ach fann.

12 Do mhòide 'ta siad orms', a Dhe:
is iocfam dhuitse cliu.

13 Oir m'anam bochd gu saor o'n bhàs,
gu gràs-mhor dh'fhuasgail thu:
Nach fuasgail thu mo chosa fòs
gun tuisleadh dhoibh ni's mò?

Gu

Gu gluaisinn ann am fiadhnais De
ann solus dhaoine beo.

## SALM LVII.

DEean tròcair orm, a Dhia nan gràs,
dean tròcair orm gach re,
Oir ionnadsa 'ta m'anam truagh
ag cur a dhòigh gu leir:
Is gabhaidh mi fuidh sgàil' do sge'
mo thearmunn is mo neart,
Gu nuig an uair ann rachadar
na huilc ùd uile thart'.

2 Eighfidh mi ris an Dia a's àird':
re Dia 'ta laidir treun,
A chuirfeas leam gach cùis gu crich,
mar chi se ormsa feim.

3 Cuirfidh se neart o neamh, do m' dhion
o bheim an fhir le'r b'àill
Mo shlugadh: cuirfidh Dia amach
fhirinn 's a ghràs gun dàil.

4 'Ta m'anam bochd ann comhnuidh fòs
am builsgean leòmhan garg,
A' measg na droing' a'm' luidh' ataim
air lasadh 'ta le feirg':
Daoine, 'g am bhuil am fiacla fòs
mar shleagh 's mar shaighde geur,
Mar chloidheamh guineach, 's amhluidh sin
an teanga-san gu leir.

5 Oif-cionn nan neamh, Dhia tog thu fein:
oif-cionn gach tir do ghlòir.

6 Do m' cheimeanaibh do ghleus ſiad lion,
chrom m'anam ſios gu làr:
Slochd romham thochail ſiad, is thuit
iad fein ſan tſlochd do rinn.
7 'S gleuſta mo chroidhe, 's gleuſt', a Dhe,
dhuit canfam moladh binn.
8 Moſgail mo ghlòir, 's a ſhaltair fòs
a chlàirſeach dùiſg gun chàird':
Air maidin moſglam fein gu moch,
is ſeinneam ceòl gu hàrd.
9 Dhia, meaſg a' phobuill, molſam thu:
dhuit ſeinneam meaſg an tſluaigh.
10 Oir tfhirinn is do thròcair mhòr,
gu neamh nan neul do chuaidh.
11 Air tàrdugh' bios, a Dhia nam feart,
oiſ-cionn àird-neamh nan ſpeur:
Is togbhar ſuas do ghlòir gu hàrd,
oiſ-cionn gach tir gu leir.

## SALM LVIII.

AN labhair ſibhs' a choimh-thionail,
do rireadh ceart neamh-chlaon?
'S an tabhair ſibhs' gu comh-thromach,
breith cheart a chlann nan daoin'?
2 Is ann bhur croidhe 'ta ſibh dealbh'
mor aingidheachd gun tàmh:
'S air talamh 'ta ſibh tomhas fòs
foircigin chruaidh bhur làmh.
3 Luchd-uilc o thiucfaid as a' bhroinn
nan coigrigh mhòir ata;

'N trà'

'N trà' bheirthear iad, air seachran theid,
a' labhairt bhreug gach la.
4 A' nimh mar nimh na nathrach 'ta:
mar nathair dhruid a cluas.
5 Re guth nan draoi 'ta eagnaidh seòlt',
nach eisd is fòs nach gluais.
6 Am fiacla bris, a Dhe nam beul:
a Thighearn' laidir threin,
Pronn fiacla agus tuisg ro-mhòr
nan leòmhan òg gu leir.
7 Gu leaghadh siad ag sileadh sios
mar uisge ruidh le gleann:
'S a shaighde bris, 'n trà' chuireas e
a bhogh' air lagh gu teann.
8 Mar sheil'cheig bhios a' leaghadh as
gu rachaid thart' le claoidh':
Mar thoirrchios an-abuidh nam ban,
nior fhaicfid grian a choidhch'.
9 Sol mhothuigheas bhur potaidh' teas
teachd orr'-o dhroighnibh crion,
Ni Dia, 's iad beo, 'na chorruigh mhòir
'n dùibh-sgrios le hoisaig dhein.
10 Biaidh aoibhneas air an fhirean chòir,
'n tràth chi se 'n dioghaltas:
Is ann am fuil luchd-aingidheachd,
nithfidh se fòs a chos.
11 Deir duin' ann sin, gu bhuil gun cheist
deagh-dhuais ag daoine còir:
'S gu bhuil air talmhain fòs, gu beachd,
'na bhreitheamh ceart Dia mòr.

1 TEasairg, is saor mi, o mo Dhia,
o m' naimhdibh dh'eirghios rium.
2 O luchd an uilc 'ta fuileachdach,
dion mis', is cuidigh liom.
3 Feuch, 'n aghaidh m'anma luidh am plaid,
is chruinnigh daoine treun:
Ni hann, a Dhia, ar-son mo lochd,
no croin do dhearnas fein.
4 Ag ruidh ataid gun chron a'm' thaoibhs',
's gu hullamh dol air ghleus:
Chum teachd do m' fhurtachd mosgail tràth,
is toir fainear am beus.
5 O Dhe nan sluagh, Dhe Israeil,
mosgail 's gu siosruight' leat
Na Geintligh: 's na dean iochd air neach
gu haingidh bhris do reachd.
6 Air teachd do'n fheasgar pillidh siad:
ag donnalaigh gu hàrd
Mar choin, m'an bhail' a' cuartaghadh,
is amhluidh sin ataid.
7 Feuch, brùchdaidh siad amach le 'm beul:
nam bilibh cloidheamh geur:
Cia chean' do chluinn, no bheir fainear,
se sùd is caint dhoibh fein.
8 Ach thusa, Dhia Jehobhah mhòir,
do ni tu gàire fò:
Is dhuit mar àdhbhar fanoid fòs
biaidh Geintiligh gach lo.
9 Ar-son gur mòr a lùth 's a neart
sir-fheitheam orts' a ghnàth,

Do

Do bhrigh gu bhuil dhamh Dia nan dùl,
'na dhidean dlù' gu bràth.
10 Biaidh Dia o 'n d'thig mo thròcair chaomh,
dol romham air gach ceim:
'S e Dia bheir dhamh air m' eaſ-cairdibh
mo rùn gu faiceam fein.
11 M'am bi mo phobull dio-chuimhneach,
na marbh an aitim ùd:
O Dhia ar ſgiath, ſgaoil iad le d' neart,
is leag gu hiſiol fùd.
12 Fa lochd an teang', is caint am beil,
nan àrdan glacfar iad:
Fa chùis nam mallachd, is nam breug
do labhradar os àird'.
13 Sgrios iad a' tfeirg, ſgrios iad gu tur,
chum iad a dhol air dhi':
Tuigfid gur Righ ann Jacob Dia,
gu hiomall crich gach tir'.
14 'S air teachd do'n fheaſgar pillfeadh iad,
ag donnalaigh gu hàrd
Mar choin, m'an bhail' a' cuartughadh,
is amhluidh bitheadh ſiad.
15 Ag iarraidh beath' gu feachranach
's gu luaimneach ann nan teinn;
Ag deanamh gearain ann ſan oidhch',
mun' bi an sàith nam broinn.
16 Ach miſe molfar leam do neart;
gu moch ag ſeinn do ghràis,
Ar-ſon gur tu mo thearmunn treun,
's mo dhaingneach fein ſgach càs.

17 'S tu

17 'S tu fein mo neart, dhuit canam fonn,
's e Dia mo dhidean treun:
'S e 'n Dia ſin fein rinn tròcair orm,
's a chuidigh leam a'm' fheim.

## SALM LX.

DO thilg tu ſinne uait, a Dhia,
do ſgaoil tu ſinn air fad,
Do bhi tu ruinn ann corruigh gheir,
pill ruinn thu fein gu grad.
2 Chuir thus' an talamh trom air chrith;
is fòs do bhriſeas e:
Slànuigh a bhriſeadh, oir gu beachd
air creanachadh 'ta ſe.

3 Do thaisbein thuſa nithe cruaidh
do'n t-ſluagh a's leat le còir:
Fion buaireaſach chuir ùamhunn oirn'
thug thuſa dhùinn r'a òl.
4 Do thug tu bratach àrd a Dhe
do'n droing d'an eagal tu:
Do chum gu ſgaoilteadh sùd amach,
bhrigh firinn duit le cliu.

5 O dhaoirſe chum gu ſaorthar leat
do phobull ionmhuin fein:
Eiſd rium, is ſlànuigh mi gu grad
le d' dheas-laimh laidir threin.
6 Do labhair Dia 'n a naomhthachd fein,
biaidh aoibhneas orm nach gann:
Air Sechem ni mi roinn gu ceart,
gleann Sucot toimhſear leam.

7 'S leam

7 'S leam Gilead le dlighe cheirt,
Manaſſeh 's leam gu beachd,
'S i treabh Ephràim neart mo chinn,
bheir Judah 'mach mo reachd.
8 'Ta Moab 'na pot' ionnlaid dhamh,
tilgfeam thar Edom ruaidh
Mo bhròg: is dearnam caith-reim binn,
thar Phaleſtin le buaidh.
9 Cia bheir do n' chathair dhaingein mi?
's gu Edom bheir gu ceart?
10 Nach tus', a Dhia, le'r threigeadh ſinn?
's nach deachaidh 'mach le'r feachd?
11 O thriobloid tabhair congnamh dhùinn:
oir 's diomhaoin furtachd dhaoin'.
12 Trid Dhia do ni ſinn treabhantas:
's e ſhaltras naimhde fuidhn'.

## SALM LXI.

RE glaodh mo ghearain eiſd, a Dhe:
is m'ùrnaigh toir fainear.
2 O iomall talmhain eighfeam riut,
's mo chroìdhe trom fuidh ſmal:
Dhia, treòruigh chum na cairge mi
a's àirde na mi fhein.
3 Bu tearmunn thu, 's bu chaiſteal damh
o m' eaſ-cairdibh gu leir.
4 A'd' phubull naomhtha ni mi tàmh
gach aimſir is gach tràth:
Mo dhòigh fuidh dhùbhar ſgàil' do ſge'
cuirfidh mi fhein gu blàth.

5 Oir

5 Oir chuala tus', mo mhòide fòs,
's an gealladh do rinn me:
Oighreachd na muintir thug tu dhamh
d'an eagal tainms' a Dhe.

6 Buan-shaoghal agus aimsir chian
bheir thus' a Dhia do'n Righ:
Mar iomad ginealach is linn,
a bhliadhnaidh-sin do ni.

7 Mairfidh se buan am fiadhnais De
gu bunaiteach 's gu bràth:
Tròcair is firinn deasaigh dh'a,
d'a choimheadsan gach tràth.

8 Mar sin gu siorruidh seinneam cliu
do tainm 'ta urasal àrd,
Mo mhòide naomh' gu diolfam riut,
o la gu la gun chàird'.

## SALM LXII.

LE foighidin 'ta m'anam bochd
feitheamh air Dia gu beachd:
'S ann uaidh' 'ta furtachd agus fòir
orm air gach taoibh ag teachd.

2 Se 'mhàin is carraig dhidein damh
is m'fhurtachd e roi-dheas:
Mo thearmunn dileas e faraon,
gu mòr ni 'n gluaisfear mis'.

3 C' fhad' dhealbhar aimh-leas leibh do neach?
làn-mharbhar sibh gu beachd,
Mar bhall' air chrith, 's mar ghàradh dh'aom
'ta leagadh oirbh ag teachd.

4 O onoir àird d'a thilgionn sios
'ta 'n combairl' 'mhàin a' ruidh,
Si 's miann leo breug: beannachd nam beul,
ach mallachd ann taobh 'stigh.

5 O m'anam feith gu foighidneach
re Dia amhàin mar chleachd:
Oir annsan 'ta mo mhuinghin threun,
's mo dhòchas fein gu beachd.

6 Se 'mhàin is carraig dhileas dhamh,
's e 'mhàin mo shlàinte dheas:
Mo thearmunn daingean e faraon,
mar sin ni 'n gluaisfear mis':

7 Mo shlàinte 'ta 's mo glòir ann Dia,
ris earbsam fein do ghnàth:
Carraig mo neart, 's mo thearmunn treun
's e Dia, gu buan 's gu bràth.

8 O phobuill, cuiribh ann an Dia
bhur dòchas anns gach am,
'N a fhiadhnais doirtibh 'mach bhur croidh':
's e Dia ar tearmunn ann.

9 'S ni diomhaoin daoine beag gu fior,
'ta daoine mòr nam breig:
Air meidh re'n tomhas, 's ea-truim' iad
na diomhaoineas fa cheud.

10 Na hearb a fòirneart, 's na dean uaill
a reabuinn no droich-bheart,
Na socruigh fòs do chroidh' air stòr,
'n trà' chinneas saidhbhreas leat.

11 Do labhair Dia aon uair amach:
sùd chualas uair no dha,

Gur

Gur leis an Dia 'ta cumhachdach
treis' agus neart gach la.
12 Tròcair, a Thighearn', beanuidh dhuit
is gràsa mòr faraon:
Oir bheir tu reir an gniomhthara,
a luigheachd do gach aon.

## SALM LXIII.

O Dhia, is tu mo Dhia, gu moch
do iarram thu gach la:
Ro-thart-mhor ata m'anam bochd,
ann geall ort fein do ghnà';
'Ta miann, is ciocras mòr air m' fheòil
ann geall ort fein gach am,
Ann tir ro thirim thart mhoir theith,
gun uisg air bith bhith ann.
2 Do chumhachd chum gu faiceadh mi
's do ghlòir a'ta ro-chaomh;
A reir mar chunncas roimhe thu,
le cliu a' tàros naomh'.
3 Ar-son gur fearr na beatha fòs
do chaoimhneas gradhach caoin:
Ard-mholadh dhuit le hiomdha cliu
mo bhilidh bheir faraon.
4 Mar sin an cian do bhitheam beo
beannuigheam thu do ghnàth:
Is ann do naomh-ainms' togbham suas
mo làmhan riut gach tràth.
5 Sàsuighear m'anam mar le smior
's le saill roi-reamhar reidh:

Is

Is bheir mo bheul 's mo bhilidh dhuit
àrd-mholadh ait, a Dhe.

6 'N tràth ni mi air mo leabaidh fòs
do chuimhneachadh le tlachd,
'S ann am na faire ſmuainim ort,
ag dol do'n oidhche thart'.
7 Ar-ſon gur tu b'fhear-cuid'idh leam,
a Thighearn' is a Dhe:
Biaidh aoibhneas agus aiteas orm,
fuidh dhùbhar ſgàil' do ſge'.

8 'Ta m'anam leantainn ort gu dlùth:
do dheas-lamh chum mi ſuas.
9 Luchd iarraidh m'anma bochd d'a ſgrios,
do rachaid ſios do'n uaigh.
10 Le faobhar cloidheimh agus arm
ſios tuitfidh ſiad gu làr:
Mar chuibhrinn do na ſionnachaibh
do nithear iad le tàir.

11 Ach aoibhneach biaidh an Righ ann Dia,
na lughas e gun bheud
Do ni ſiad uaill: ach druidfear beul
gach ti do labhras breug.

## SALM LXIV.

'NTràth dheanam ùrnaigh riuts, a Dhe,
eiſd re mo ghuth gu luath:
O eagal nàmhaid coimhid fòs
gu tearuint' m'anam truagh.
2 O chomhairl' dhiomhair dhaoine daoi,
o ionnſaidh ghairbh faraon

Luchd

Luchd deant' an uilc is aingidheachd,
cuir folach orm gu caoin.

3 An teanga fein do gheuraigh siad
mar chloidheamh guineach geur;
'Ta 'm bogh', air lagh, 's an saighde deas,
siad briathra searbh am beil.

4 Gu caitheadh siad ann diomhaireachd
an neach sin foirfe 'ta:
Gu hobann 'taid 'ga chaitheamh fòs,
eagal nior ghabh no sgà'.

5 Ag gabhail misneich 'taid san olc,
gu h uaigneach caint le cheil'
M'a leagadh lion: is iad ag ràdh,
cia chi, no cia d'an leir?

6 Na h uile do rannsuigh siad amach,
do choimh-lion sgrùdadh mion,
An rùn a sligh 's ro-dhomhain e,
's an croidhe 'ta mar sin,

7 Ach saighead caithfidh orra Dia,
bhios guineach agus geur,
Grad-bhuailthear agus lotar iad,
'g an gortughadh gu leir.

8 Mar sin do bheirid orra fein
toradh an teang' gu grad:
Gach uile neach d'an leir an dòigh,
teicheadar uath' am fad.

9 Mòir-eagal bithidh air gach neach,
is nochdfuid obair Dhe:
Oir bheireann siad gu glic fainear
an gniomh ùd do rinn se.

10 Ni

10 Ni 'm firean aoibhneas mòr ann Dia,
ag cur a dhòchais ann:
'S gach neach 'gam bhuil an croidhe ceart
nid gàirdeachas nach gann.

## SALM LXV.

'TA ann an Sion feitheamh ort
moladh, a Dhe, gun dì':
'S ann duit a dhiolfar fòs gu pailt'
a' mhòid mar ghealfar i.
2 O thus' a dh'eisdeas ùrnaigh ghlan,
's ann chugad thig gach aon.
3 Mo sheachrain 'taid ann uachdar orm:
glan thus' ar peacaidh uainn'.
4 'S beannuight' an duine sin a choidhch'
do thaghar leatsa Dhe,
'S a bheir tu fòs am fogus dhuit,
a'd' chùirt gu 'n comhnuigh'nn se:
Sàsuighear sinn le maitheas mòr
do theach, 's do theampuill naomh'.
5 Le nithibh ùathbhasach, bheir dhùinn
a'd' cheartas freagradh caomh,
A Dhia ar slàinte, 's tu gu dearbh
làn-dòchas crich gach tìr',
'S na bhuil san fhairge fada uainn',
an dòchas 's tu do shior.
6 Le neart-san shocruigh sleibhte mòr,
e crioslruight' fòs le treis'.
7 Do choisgfear fuaimneach mar', is tuinn,
is bruidheann dhaoine leis.

8 Na

8 Na daoine 'ta ann comhnuidh thall,
's na tiorthaibh fad' amach,
'Na ùamhunn orra 'ta gu mòr
do chomhar' mhiorbhuileach:
Do bheireann tu air dol amach
na maidin gach aon la,
'S air dol an fheasgair mar an ceadn'
bhi aoibhin ait do ghnà'.

9 An talamh 'ta tu fiosrachadh,
's 'ga uisgeachadh gu reidh:
Le amhainn De 'ta làn do'n uisg',
trom beartach ni tu e:
Dhoibh arbhar 'ta tu deasughadh,
ag freasdal d'a mar sin.
10 'S ag uisgeachadh le pailteas mòr
na hiomairean gu mion:
A sgrioban leagsaidh tusa sios,
le frois 'ga dheanamh tais,
A chinneas agus fhochann fòs
'gam beannachadh le mais'.
11 M'an bhliadhnaidh coroin 'ta tu cur
le d' mhaitheas fein a Dhe,
'Ta saill ag sileadh anns gach àit'
o d' cheimeanaibh gu reidh.
12 Air cluanaibh glas an fhàsuigh luim
do shilsean siad gu mion;
Na tulaich bheag', gach taobh ataid
làn aoibhneis agus gean.
13 Na cluana air an sgedughadh
le treudaibh: ta na glinn

Le

Le harbhar air am folach fòs:
gàir' aoibhneis ac' 'ga fheinn.

## SALM LXVI.

TOgaibh gach uile thir gu hàrd,
iolach do Dhia nan dùl.
2 D'a ainm ro-uafal feinnibh glòir:
ag tabhairt dhofan cliu.
3 Abruibh re Dia, cia hùathbhafach
gach beart do nithear leat?
Oir geillfidh dhuit do naimhde borb,
ar-fon gur mòr do neart.
4 Sleachdaidh gach uile thalamh dhuit,
ag iomradh ort gu binn:
Do tainm ro-uafal iongantach
nid moladh mòr do fheinn.
5 Thigibh ann fo is amhaircibh
air oibribh De gu geur:
'Ta ùathbhafach 'na ghniomharthaibh
air chloinn nan daoin' gu leir.
6 Mar thalamh tirim rinn fe 'n cuan:
is trid nan fruth bu luath
Chuaidh daoin' ann cois, ann fin do bhi
finn annfan ait le buaidh.
7 Le threin-neart riaghluidh fe a choidhch',
d'a fhùilibh-fin is leir
Na Geintiligh; 's na hàrduighid
luchd eafaontais iad fein.
8 O dhaoine, beannuighibh ar Dia,
àrd-mholaibhs' e gun chlos.

9 Se

9 Se chum ar n anam beo, ſe bheir
nach corruighear ar cos.
10 Mar airgiod leaghta ghlan tu ſinn:
's tu dh'fhidir ſinn a Dhe.
11 Chuir umainn lion: ar leaſraigh chuir
fuidh dhòghrainn is fuidh phein.
12 Thug tu air dhaoinibh marcachd oirn',
trid tein', is uiſg' do chuaïdh,
A rìs gu hionad ſaidhbhir reidh
do thug tu ſinn le buaidh.
13 Racham do d' thigh le ofrail loiſgt':
dhuit coimh-lionam mo mhòid,
14 Do ghealladh leam le foſgladh beil,
'n tràth bhi mi 'n eigin mhòir.
15 Do'n eallach reamhar iobairt loiſgt'
le tùis is ſaill nan reith';
Ofrail nam bò, 's nan gabhar fòs
do bheiream dhuit fa leith.
16 Thigibh, is eiſdibh ſo, gach neach
air am bhuil eagal De,
Gach maith do rinn air m'anam bochd
sùd airiſeam gu reidh.
17 Do ghlaodhas ris gu hàrd le m' bheul:
le m' theangaidh dh'àrduigh' e.
18 A'm' chroidh' d'an tiubhrainn ſpeis do'n
cho 'n eiſd an Tighearn' mi. [olc,
19 Gu dearbh dh'eiſd Dhia rium: thug fainear
guth m'ùrnaigh Righ nan dùl.
20 Moladh do Dhia, nar cheil a ghràs,
's mo ghuidh' nior chuir air cùl.

SALM

GU deanadh Dia mòr-thròcair oirn',
's ar beannachadh do ghnàth:
Is togbhadh se gu gràs-mhor oirn'
dealradh a ghnùis gu bràth.
Chum fios do shlighe bhi gu fior
air fad gach tir' gu seth;
Is iomradh air do chabhair chaoimh
'measg fineacha fa leith.

Moladh am pobull thus', a Dhe:
moladh gach pobull thu.
Biodh gàirdeachas air fineachaibh,
gu hait ag seinn do chliu:
Dir ceirt-bhreith bheir tu air an tsluagh,
riaghlaigh's air talamh iad.
Moladh gach pobull thus', a Dhe:
moladh iad thu 's gach àit'.

'N sin bheir gach talamh is gach fonn
deagh-thoradh trom gu pailt':
s cuirfidh Dia ar Tighearn' oirn'
a bheannachadh gun airc.
Ni Dia ar beannachadh gun cheist,
's biaidh eagal-san gu fior
ir gach aon neach a dh'àitigheas
fad iomaill crich gach tir'.

## SALM LXVIII.

FIrgheadh ar Dia, is sgaoilfear leis
an drong a's naimhde dh'a,
an aitim sin thug dhosan fuath,
teichfid o ghnùis gach la.

2 Mar dh'fhuaduigh'r deatach, fuaduigh iad
mar leaghas teine ceir,
Mar ſin gu ſgriosfar droch-dhaoin' as
a fiadhnais De gu leir.

3 Ach gàirdeachas air dhaoinibh còir:
is aoibhneas gu raibh ac'
Am fiadhnais Dhe, le luathghair mhòir
bid ſuilbhir agus ait.

4 Seinnibh do Dhia, ſior-mholaibh ainm:
àrduighibh Dia a'ta
Marc'achd air neamh, trid ainm-ſin JAH,
biobh ait 'na làth'r a ghnà'.

5 Do dhilleachdaibh is athair Dia,
do bhain-trea'chaibh gun neart
'Ta ſe ann tigh a naomhthachd fein
'na bhreitheamh comh-throm ceart.

6 Is cuirfidh ſe ann teaghlaichibh
an dream 'ta uaigneach truagh:
Is ſaoruidh ſe gu tròcaireach
na bhuil fuidh chuibreich chruaidh;

Ach drong a bhios gu h ea-corach
re ceannairc is re lochd,
Do ni ſiad comhnuidh bhunaiteach
am fearann tirim bochd.

7 Air dol duit roimh do dhaoin', a Dhe:
ag ſiùbhal fàſaich chruaidh,

8 Chriothnuigh an talamh, ſhil na ſpeir
ann lathair Dhe nan ſluagh:

Sliabh Sinai fein 'ta daingean àrd,
do chriothnuigh ſe gu mòr

An

Ann làthair Dhia, Dia Iſraeil
'ta urramach ann glòir.
9 Do ſhil tu, Thighearna, gu pailt'
fearthuin anuas gun dith;
Le'r ſhocruigh is le'r dh'fhurtuigh tu
air toighreachd, is i ſgith.
10 Do bhi do choimh-thional 's do ſhluagh
nan comhnuidh innt': a Dhe,
Do d' mhaitheas rinn tu deaſughadh
do d' dhaoinibh bochda fein.
11 An Tighearna 'ta laidir treun
do leig ſe guth amach,
S a chuideachd ùd do dh'fhoillſigh e
bhid lion-mhor iomarcach.
12 Righridh nan armailteadh 's nam feachd
ann ſin gu grad do theich:
S am bantrachd ag a' bhaile dh'fhan
do bhid a' roinn na creich.
13 'Meaſg phota luidh ſibh, ach biaidh ſibh
mar ſgiath' nan colman luath,
Foluight' le h airgiod, is an cleit'
le h òr a's deirge ſnuadh.
14 'N tràth ſgaoil Dia uilea-chumhachdach
na Righridh innt' a ſteach,
Do bhi ſi geal mar Shalmon àrd,
's i uile làn do ſhneachd.
15 An ſliabh ùd De is coſmhuil e
re Bàſan 'meaſg nam beann,
Mar Bhàſan mòr is amhluidh e,
gu h àrd do thog a cheann.

16 Creud as far leim fibh, bheanntaidh àrd?
'S e ſo àrd-thulach De
A' miann leis tàmh, is bithidh ſe
'na chomhnuidh ann gach rè.
17 'Taid carbaid Dhe nam fichid mil',
milte do ainglibh treun:
'Na theampull naomh' 'ta Dia nam meaſg
ionann 's 'na Shinai fein.
18 Is chuaidh tu ſuas air ionad àrd,
thug bruid am braighdeanas,
Do dhaoinibh fhuair tu tiodhlaicthe
le'n dean tu toirbheartas:
'S ann cheana fòs do'n mhuintir ùd
roi-cheannairceach a'ta,
Do chum gu 'm biodh Jehobhah Dia
ann comhnuidh ac' do ghnà'.
19 Dia gu ma beannuight' gu raibh e,
'ta dòrtadh oirn' gach lo
A thiodhlaicthe, 's e Dia ar ſlàint',
an Dia do chum ſinn beo.
20 Is leinn an Dia 'ta laidir treun,
ni cabhair anns gach càs:
Do Dhia Jehobhah beanaidh fòs
làin-teaſairgin o'n bhàs.
21 Ach ceann a naimhde brisfidh Dia:
is claigeann greannach cruaidh
An ti do imthigheas gu dàn'
'na chionta fein gach uair.
22 Deir Dia, do bheiream air an ais
mo ſhluagh o Bhàſan àrd,

'S

'S a rìs o dhoimhneachd fairge fòs
do bheiream iad gun chàird.'

23 Chum ann am fuil do naimhde dian
do chos gu deanta dearg,
'S gu tumta fòs nam fuil-sin fein
teanga do mhadradh garg.

24 Do thriall-sa chunnairc iad, a Dhe,
a Thighearna ro-chaoimh,
S e triall mo Thighearn', is mo Righ,
's ann ann san àros naomh'.

25 Luchd-orain d'imthigh siad air thùs,
luchd inneil ciuil a rìs;
Nam measg ag bualadh tàbuir fòs
na maighdeana do bhid.

26 Deanuibhse Dia a bheannachadh
'n ar coimh-thional le cheil',
Eadhon Jehobhah Dia nam feart,
o thobar Israeil.

27 Benjamin beag le'n triath ann sùd,
bhi prionnsuidh Judah ann,
Le'n comhairl', prionnsuidh Naphtali,
is prionnsuidh Sebuluin.

28 Do Dhia se dh'àithn is dh'orduigh dhuit
do neart agus do threòir:
An gniomh do rinn tu air ar son,
neartuigh, a Dhe na glòir'.

29 Ar-son do theampuill naomh', a Dhe,
bhi ag Jerusalem,
Do bheir na Righridh 'ta fa'n cuairt
deagh thiodhlaicthe dhuit fein.

30 Toir achmhasan do luchd nan sleagh,
's do chuideachd mhòir nan tarbh,
Do laoghaibh fòs a' phobuill ùd,
toir achmhasan gu garbh,
Gu nuig le piosaibh airgid duit
gu geillfeadh siad fuidh d' smàchd:
Sgaoil thus' am pobull ùd, a Dhe,
do ghabh do'n chogadh tlachd.
31 Thig prionnsuidh mhòr' o'n Eghipht 'mach,
's ni Ethiopia
A làmh do shineadh 'mach gu luath
suas ris an Righ ar Dia.
32 O Rioghachda na cruinne-ce,
seinnibh do Dhia gu grinn:
Do'n Dia a's Righ 's is Tighearn' ann,
dh'a seinnibh moladh binn.
33 Do'n mhareach àrd air neamh nan neamh
bhi ann o'n aimsir chein:
Feuch, 'ta se cur amach a ghuth,
a ghuth 'ta làidir treun.
34 Sior-thugaibh neart do Dhia: oir 'ta
a ghlòir thar Israel,
'S a threis' ata sna neamhaibh àrd,
's ann neulaibh tiugh nan speur.
35 O d' naoimh-theach 's uamhunn thus' a Dhe:
Dia Israeil gu beachd
D'a phobull bheir se neart is treòir:
's beannuighte Dia nam feart.

SALM

O Teasairg mis', a Dhe mo neart,
oir dhoirt na tuilte orm,
Is thainig fès air m'anam bochd
na h uisgeacha le toirm.
2 Ann làthaich dhombain 'ta mi 'n sàs,
gun àit' ann seasfainn ann,
Le h uisgibh domhain ghlacadh mi,
is sruth dol thar mo cheann.
3 'Taim sgith le m' ghlaodhaich; agus 'ta
mo scornach loisgt' le tart:
Mo shùile 'ta air fàillneachadh,
feitheamh air Dia nam feart.
4 'Slion-mhoir' na folt mo chinn, luchd m'fhuath
gun chùis; le'r b'àill mo chlaoidh'
Air bhith dhoibh dhamh gu h ea-corach
nan naimhdibh, treun gach laoi:
Ann sin an ni nach d'thug mi leam
dh'aisig mi uam gu beachd.
5 Dhia, 's fiosrach thu air m'amaideachd,
ni 'm foluight' ort mo lochd.
6 Nàir' air mo sgàths', a Dhe na leig,
o Thighearna nan slògh,
Air neach air bith do'n aitim ùd
'ta feitheamh ort gach lo:
An drong ùd, o Dhia Israeil,
do iarras thu gu seth
Na leigse orra nair' a choidhch'
no masladh as mo leith.
7 Oir dh'fhuilngeas masladh air do sgàth:
lionadh mo ghnùis le nàir'.

8 Do m' bhràthraibh is fear coigreach mi,
coimheach ag cloinn mo mhàth'r.
9 Le eud do theachs' do fhluigeadh mi:
mead 's a bheir masladh dhuit,
'S ann orms' an spreigeadh sùd gu leir
gu leath-tromach do thuit.
10 'N trà' rinn mi gul, m'anam do throisg,
do mhasluigh iad mo ghniomh.
11 'N trà' chuir mi umam eadach saic,
ball-magaidh rinneadh dhiom.
12 An drong do shuidheas ann sa' gheat',
's cùis chomraidh dhoibhsin mi:
Is ag luchd misg' re am am pòit'
a'm' oran dhoibh do bhi.
13 Ach mis', 'ta m' ùrnaigh riuts, a Dhe,
an uair a's taitneach leat;
Eisd rium, a Dhe, tre mead do ghràis,
le d' chabhair fhior gu ceart.
14 O'n làthaich saorsa mis', a Dhe,
chum fuidh nach rachuinn sios:
O luchd mo mhio-ruin teasairg mi,
's o dhoimhneachd uisg' ainios.
15 Na rachadh tharam tuilteach uisg',
na fluigeadh doimhneachd mi,
An slochd na druideadh orms' a bheul
gu h iomlan chum mo chlaoidh'.
16 Eisd rium, o Dhia, oir 's maith do ghràs:
pill rium a'd' thròcair phailt'.
17 Do ghnùis na ceil air tòglach fein,
eisd rium gu luath: 's mi 'n airc.

18 Re

18 Re m'anam druid, is fuasgail e:
bhrigh m'easc-caird', dean mo dhion.
19 Mo mhasladh, m' easonoir, 's mo nàir',
's mo naimhde 's leir dhuit fein.
20 Le toibheim 'ta mo chroidhe brist':
is mi gu h iarganach:
Dh'iarr mi luchd-truais, is comh-fhurtachd,
is diubh ni 'm fuaras neach.
21 Mar bhiadh do thug siad dom-blas damh,
chosg m'iotaidh thug fion geur.
22 Mar ghaoist' gu raibh am bòrd: 's mar rib,
an soirbheas sùd gu leir.
23 Gun leirsinn fàg an sùil': do ghnàth
an leasrach' cuir air chrith.
24 Doirt tfhearg amach, 's le d' chorruigh
glac iad gach uair sam bith. [gheir
25 Mar fhàsach biodh gun àiteach' ann
an ionad tàimh 's an teach,
Is ann nam pàilliunaibh faraon
na dearnadh comhnuidh neach.
26 Oir leanadar le foireigneadh
an ti do bhuaileadh leat;
Is labhradar chum doilgheis mhòir
do'n droing a rinn tu lot.
27 Cuir ciont' re'n aingidheachd, 's na leig
a'd' cheartas iad a steach.
28 As leabhar fòs nam beo gu tur
sgriostar iad sùd amach,
Is maille ris na fireanaibh
a bheanas duit gun cheist,

Is ann an aireamh dhaoine còir
nar sgriobhthar iad am seasd'.
29 Ach mise 'taim gu h ainnis bochd
is làn do bhròn faraon:
Togadh do shlàintse mis' ann àird'
a Dhe gu gràs-mhor caoin.
30 Le horan binn sior-mholaidh mi
deagh-ainm mo Dhe gun chàird',
'S a chliusan fein sior-thogbhar leam
le buidheachas gu hàrd.
31 'S fearr leis an Tighearn' sùd gu mòr
na damh 'ta adharcach,
No iobairt fòs do bheireadh neach
do bhiorach crobhanach.
32 Na daoine seimh do chi siad so,
's bid aoibhneach ait gu leòr:
Is biaidh bhur croidhse beo gu bràth
'ta 'g iarraidh Dhia na glòir'.
33 Re bochdaibh eisdidh Dia, 's cho dean
tàir air a phriosunaich.
34 Neamh, muir, is tir, gu molfaid e,
's gach ni 'ta gluasachdach.
35 Oir bailte Judah togbhaidh Dia,
is saorthar Sion leis,
Do chum gu mealfaid i gu buan,
'g a h àiteachadh am seasd'.
36 Do shliochd a sheirbhiseach gu sior,
sealbh dhileas dhoibhsin i:
'S an dream do thug d'a ainmsin gradh,
sior-chomhnuidh innt' do ni.

JEhobhah Dhia, do m' theasairgin,
's do m' chongnamh, deifrigh ort.
2 Biodh nair' is amhluadh air an dream
'ta 'g iarraidh m'anam' bochd:
Pillthear an dream ùd air an ais,
mo lochd 'ta 'g iarraidh ghnà',
Mòr-amhluadh gu raibh orra sùd,
is ruidheadh gruaidh gach la.
3 Gu pillthear iadsan air an ais
mar thuarasdal d'an nàir',
An dream a deir gu fanoideach,
aha, aha le tàir.
4 Aoibhneas is aidheir, do gach neach
ga d'iarraidh fein a'ta:
Is abradh siad le'r toigh do shlàint',
Dia gu ma mòr', do ghnà'.
5 Ach mis' ataim gu h ainnis bochd,
do m' ionnsuidh greas, a Dhia:
M'fear-cuid'idh thu, 's mo shlànuigheoir,
moille na dean, mo Thriath.

## SALM LXXI.

'SAnn riut ataim ag earbs', a Dhe,
nair' orm am feasd' na biodh.
2 A'd' cheartas fòir; toir orm dol as:
aom rium do chluas, saor mi.
3 A'd' charruig comhnuidh biosa dhamh,
d'an tathuigheam do shior:
Mo chaisteal, is mo dhaingneach thu,
thug àithne chum mo dhion.

4 As laimh nan aingidh, o mo Dhia,
dean fuasgladh dhamh a'm' chruas,
As laimh na muintir ea-coraich
'ta ain-iochd-mhor gun truas.
5 Ar-son gur tus', a Thighearn' Dhia,
mo dhòchas ann am fheim:
O aois is aimsir m'òige 'nuas,
mo mhuinghin thu roi-threun.
6 'S ann leatsa chumadh mise suas
o thain'geas as a' bhroinn:
As bolg mo mhàthar bhuin tu mi,
sior-mholam thu gu binn.
7 Mar àdhbhar iongantais, a Dhe,
ag mòran do bhith mi;
Ach 's tus' a's tearmunn dileas damh,
's mo spionnadh mòr gun di'.
8 Gu lionthar le do chliu mo bheul,
's le tonoir fein gach lo.
9 Na tilg mi dhiot a'm' aois: 's na treig
'n trà' dh'fhàillnigheas mo threòir.
10 Oir m'aghaidh mead 's is naimhde dhamh
labhruid gu sgaiteach geur:
'S an dream 'ta brath air m'anam bochd,
ghabh comhairle le cheil'.
11 Ag ràdh, do threigeadh e le Dia:
leanaibh e 'nois gu teann
Is glacaibh, oir d'a theasairgin
ni bhuil neach idir ann.
12 A Dhe, na biosa fada uam:
fòir orm, mo Dhia, gu luath.

13 Biodh

13 Biodh nàir', is claoidh', air m'eaſ-cairdibh
'gam bhuil air m'anam fuath:
Maſladh is nàir' d'am folach sùd,
'ta 'g iarraidh m'uilc gach lo.
14 Sir-earbam riut, is ſeinnidh mi
do chliu ni 's mò 's ni 's mò.
15 Labhraidh mo bheul air tfhireantachd,
's do ſhlàint' gach la gun ſgios,
An aireamh sùd ag lion-mhoireachd
ni fheadar leam chur ſios.
16 Trid neart an Tighearna mo Dhia
fòs gluaiſſidh mi do ghnàth:
Is ni mi ſgeul air tfhireantachd,
tfhireantachd fein amhàin.
17 O m' òige rinn tu teagaſg dhamh,
a Thighearn' is a Dhe:
Is chuir mi toibridh iongantach
gu nuige ſo ann ceill.
18 Air bhith dhamh 'nois gu aoſ-mhor liath,
na treig mi, Dhia nam feart:
Gu taisbeanainn do neart 's do threis',
do'n àl a't'ann, 's re teachd.
19 'S ro-àrd do cheartas fein, a Dhia,
do rinn tu bearta mòr:
O Dhia, cia e a's coſmhuil riut
no choi'-meas leat is còir?
20 Triobloid ro-mhòr is an-ſhocair
's tu thaisbein dhamh a Dhe;
Aith-bheodhaichidh, is bheir tu 'rìs
ò dhoimhneachd talmhain mi.

21 Mo

21 Mo mhòrdhachd cuirfidh tus' a' mead,
's bheir fòlas air gach leith.
22 Air ſaltair molfam thu, mo Dhia,
ſeadh t fhirinn fein gu ſeth:
Is ſeinneam dhuit air chlàirſeich bhinn,
Dhia naomh' ùd Iſraeil.
23 Mo bhilidh ni mòr-ghàirdeachas
'n trà' ſheinneam dhuit le m' bheul:
Biaidh ſubhachas is aoibhneas mòr
air m'anam fein, a Dhe,
Do ſhaoradh leat gu tròcaireach
o thriobloidibh gu leir.
24 Is biaidh mo theang' air t fhireantachd
ag iomradh feadh an la:
Oir nàir', is amhluadh fhuair an dream
'g iarraidh mo lochd a'ta.

## SALM LXXII.

DHia, toir do bhreitheamhnas do'n Righ,
is t fhireantachd d'a mhac.
2 Do bheir ſe ceirt-bhreith air do ſhluagh,
's do d' bhochdaibh còir nan àirc.
3 Na ſleibhte àrd do bheir amach
ſioth-chaint do'n t ſluagh fa leith:
'S na tulaich bheaga, bheirid ſith
le fireantachd gu ſeth.
4 Air dhaoinibh bochd a' phobuill fòs
do bheir ſe breith gu ceart,
Is clann nan ainnis ſaoruidh ſe,
min-bhrisfidh luchd fòirneart.

5 Am

5 Am feadh bhios grian is gealach ann
freaſdal do'n la 's do'n oidhch',
Biaidh teagal orraſan gu mòr,
o linn gu linn a choidhch'.

6 Mar fhearthuin air an fheur bhios buaint',
's amhluidh do thig ſe 'nuas:
Mar fhraſachd dh'uiſgicheas am fonn,
is amhluidh ſin a ghràs.

7 R'a linn-ſin biaidh na fireanaidh
gu hùr a' fàs le blàth:
'S am feadh a bhios a' ghealach ann,
biaidh ſioth-chaint pailt', do ghnàth.

8 Biaidh uachdranachd aig' mar an ceadn'
o thuinn gu tuinn gu ſior,
Is ruigidh sùd o'n amhainn mhòir
gu hiomall crich gach tir'.

9 Luchd-comhnuidh fòs an fhàſaich chruaidh
'n a fhiadhnais ſleachdfaid dh'a:
A naimhde bithidh mar an ceadn'
ag imligh ùir gach la.

10 Righridh Tharſis, 's nan oilean fòs,
tiodhlaicthe bheir ſiad uath',
Bheir Righridh Sheba, Seba fòs
tabhartais dh'a gu luath,

11 Seadh, fòs 'n a fhiadhnais ſleachdaidh ſios
gach Righ air talamh 'ta:
'S gach ginealach air feadh gach tir',
dh'a ſeirbhis nid do ghnà'.

12 An tainnis bochd gun chuideachadh,
ſaoruidh trà' eigheas ris.

13 'S ni

13 'S ni acarachd re truaghan bochd,
is dionthar anam leis.
14 'S e theasairgeas an anam fòs
air feill 's air foirneart geur:
Is ann a shùilibh-sin gun cheist
's prisеil am fuil gu leir.
15 Bithidh se beo gu marthanach,
òr Sheba bheirear dh'a:
Gnà'-urnaigh nithear air a shon,
is molfar e gach la.
16 San talamh cuirthear dorlach sìl
air bharr nan sliabh 's nam beann;
'S bithidh a thoradh trom air chrith
mar Lebanon nan crann;
'S an dream a'ta sa' chathair mhòir
biaidh toradh orr' is blà',
Gu lion-mhor mar is dual do'n fheur
air talamh fàs a'ta.
17 Biaidh ainm-sin buan gu suthain sior:
comh-mhairiont' ris a' ghrein;
Is ann-san beannuighear gach slòghi:
's beannuighear leo e fein.
18 Beannuight' gu raibh an Tighearn' Dia,
Dia Israeil do ghnàth,
An ti amhàin ni miorbhuile
le treis' is neart a laimh.
19 Beannuight' gu raibh gu siorruidh buan
ainm glòr-mhor uasal fein;
Lionadh a ghlòir gach uile thir,
Amen, agus Amen.

SALM

GU firinneach 'ta Dia ro-mhaith
do phobull Iſraeil,
Do'n dream 'gam bhuil an croidhe glan,
'ta Dia dhoibh maith d'a reir.
2 Ach miſe chean', is beag nach d'aom
mo choſa uam gu grad:
Cho mhòr nach d'rinn mo cheimne fòs
ſleamhnachadh uam air fad.
3 Re hamadanaibh ghabh mi tnùth,
re faicſin ſoirbheis daoi.
4 Oir ni bhuil cuibhreach ann nam bàs:
neart laidir ac' do bhi.
5 Mar dhaoine eile ni bhuil ſiad
fuidh thriobloid no fuidh leòn:
'S ni bhuilid air am plàigheadh fòs
mar chàch le piantaibh mòr.
6 Ardan mar ſhlabhraidh uime ſin
'g an cuartachadh ata:
Am fòirneart fein 'g am folach sùd
mar eadach thart' do ghnà'.
7 An sùile ſult-mhor 'ta le ſaill:
an toic chuaidh thar a' miann.
8 'Taid truaillidh, is air fòirneart geur
labhraid gu h aingidh, dian.
9 Ann aghaidh neamh agus nan ſpeur
am beul 'taid togbhail ſuas,
Air feadh na talmhain is na tir'
an teanga-ſan do ghluais.
10 Fa'n àdhbhar ùd gu nuige ſo
a ſhluagh-ſan pillfidh ſiad;

Is

Is fàisgthear dhoibh do'n uisg' amach
làn cupain a's leòr mead.
11 Is deir siad, cia mar 's leir do Dhia?
'm bhùil tuigs' san ti a's àird'?
12 Feuch, sùd na daoi, 'ta soirbheachadh,
ag fàs nan stòr gun chàird'.
13 Mo chroidh' gu dearbh ghlan mi gun stà,
's ann neimh-chiont' nigh mo làmh.
14 Oir buailt' is smachduight' do bhi mi
gach maidin, 's feadh gach la.
15 Ma deirim, labhraidh mi mar so:
feuch, pheacaighinn gu beachd
Ann aghaidh sliochd is ginealaich
na cloinne 's ionmhuin leat.
16 'N trà' bhreathnuigh mi gu tuiginn so,
bu chruaidh-cheist orm an gniomh.
17 Ach chuaidh mi 'steach do naoimh-theach
ann sin do thuig mi 'n crioch. [De,
18 Gu dimhin chuir tu iad air fad
ann àitibh shleamhain lom:
Is leagadh leats' iad sios d'an sgrios
le dioghaltas gu trom.
19 Feuch cionnas thainig orra claoidh'
a' mionoid bhig na h uair?
Ata siad air an sgrios gu tur
le oillt is eagal mòr.
20 Mar aisling 'n uair a dhùisgeas neach,
mar sin, a Dhia nan sluagh,
Do ni tu tarcuis' air an dealbh,
trà' mhosglas tu as suain.

21 Mar

21 Mar ſin bhi air mo chroidhe cràdh,
's a'm' àirnibh goimh do bhi.
22 Do bhi mi baoth, is ain-eolach:
mar bhrùid a'd' làthair mi.

23 Gidheadh, 'ta miſe maille riut
o Thighearna do ghnà';
Is air mo dheaſ-laimh ghlac tu mi
ga m' chunbhail ſuas gach la.
24 Do nithear leat mo ſtiuireadh fòs
le d' chomhairle a'm' fheim,
Is gabhaidh tu mi 'ſteach fai-dheoidh
a' tàros ghlòr-mhor fein.

25 Cia agam anns na neamhaibh ſhuas
ach thus' a Dhia nan dùl?
Is ni bhuil neach air talamh fòs
ach thus' a'm bhuil mo dhùil.
26 Mo chroidh' is m'fheòil faraon ataid
air fàillneachadh gun cheiſt:
Gidheadh 's e neart mo chroidhe Dia,
's mo chuibhrionn bhuan am feaſd'.

27 Oir feuch, an drong 'ta fada uait,
ſgriosfar is theid dhoibh as:
Do chlaoidheadh leat gach uile neach
chuaidh uait le ſtriopachas.
28 Ach dhamhſa 's maith teachd dlù' do Dhia:
dh'earb mi a Dia mo neart,
Do chum gu foillſighinn gu ſior
gach gniomh a rinneadh leat.

SALM

CReud as far thilgis ſinne uait
an ann gu bràth, a Dhe?
Is creud re caoiribh tinealtraidh
far las do chorruigh gheur?
2 Cuimhnigh, a Dhe, do choimh-thional
do chofnadh leat o chein;
Slat toighreachd, ſhaor tu, cnoc Shioin,
ann raibh do chomhnuidh fein.
3 Is chum nam fàſach fada buan
do chofa tog gu grad:
Re mead an uilc do rinn do nàmh
a'd' theampull naomh' air fad.
4 Do naimhde rinn ſiad beacadh borb
'meaſg coimh-thionail do ſhluaigh:
Is chuir ſiad ſuas am bratacha
mar chomhar' air am buaidh.
5 Bu chluiteach neach mar dheanta leis
a thuagh do thogbhail ſuas,
Air chrannaibh àrd bhi doſrach tiugh,
do chum an leagadh 'nuas.
6 Ach 'nois an obair ſhnoighte ghrinn,
le hòrd, 's le tuaigh do bhris.
7 'Na laſair dheirg do chuir ſiad ſuas
do theampull naomh' 'ga ſgrios'.
Tigh comhnuidh naomhtha tainmſe, Dhe,
do thruailleadar le tàir,
'G a mhilleadh is 'ga leagadh ſios
coimh-iſiol ris an làr.
8 Nan croidhe labhradar mar ſo,
ſgrioſamaid iad le cheil':

Gach

Gach Sinagog ag Dia ſan tir
do loiſgeadh leo gu leir.

9 Ar comhartha ni fhaiceamar,
Fàidh ni bhuil idir ann,
Ni mò 'ta neach 'n ar meaſg coimh-gheur
d'an leir cia fad' an tam.

10 Cia fhad' do bheir, o Dhia nan dùl,
na naimhde toibheim uath'?
An toir an nàmhad beim am feaſd'
do tainmſe Dhia nan ſluagh?

11 Creud as far phillionn tu do làmh,
do dheaſ-lamh fein air hais?
O buin amach o d' bhrollach i
chum fuaſglaidh oirn' gu cas.

12 Oir Dia na glòir' 'ta neart-mhor àrd
o chian is ſe mo Righ,
Am builſgein talmhain le na neart,
ag oibriugh' ſlàint' is ſith.

13 An fhairge ſgoilteadh leat le d' neart,
is cinn ro-laidir chruaidh
Nan dragon bhriſeadh leat ſan uiſg',
ag tabhairt orra buaidh.

14 Cinn Lebhiàtain àdhbhail mhòir
's tu fein do bhris is phronn,
Is thug tu e mar bhiadh do'n tſluagh
do bhi ſan fhàſach lom.

15 'S tu ſgoilt na tiobairt is an tuil:
's tu thiormuigh aimhne mòr.

16 'S tu dheaſuigh ſolus agus grian,
is leat an oidhch', 's an lo.

17 Criocha

17 Criocha na talmhain shocruigh tu:
do rinn tu 'n samhradh teith,
'S an geimhreadh fòs do rinneadh leat,
nan aimsiribh fa leith.

18 Gu d' thug na naimhde toibheim uath',
cuir sùd air chuimhn', a Dhè,
'S gu d' thug am pobull amaideach
do tainm ro-uasal beim.

19 Anam do choluim na toir suas
do chuideachd mhòir nan daoi:
Is coimh-thional do dheòraidh' bochd
na dearmaid iad a choidhch'.

20 Do chùmhnant toir fainear, a Dhe:
oir àite dorch' na tir'
Ata siad air làn-àiteachadh
le luchd an fhòirneirt gheir.

21 Na pillthear air an ais le nàir'
na dh'fhuiling fòirneart goirt:
An drong 'ta ainnis aim-beartach
dearnadh siad moladh ort.

22 Tog ort is eirigh suas, a Dhe,
tagair do chùis gu treun:
Cuimhnigh mar 'ta an tamadan
gach la toirt dhuitse beim.

23 Na dearmaid guth na muintir sin
nan naimhdibh dhuit a'ta:
'Ta bruidhean dhaoin' a dh'eirigh riut,
sior-dhol a' mead do ghnà'.

SALM

DHuit, bheirmid buidheachas, a Dhe:
dhuit buidheachas do ghnà':
Oir foillsighid do mhiorbhuile,
gur fogasg tainm gach la.
2 'N trà' gheibh mi is a ghlacar leam
coimh-thional mòr na tir',
Do ni mi dhoibh deagh bhreitheamhnas
gu comh-thromach 's gu fior.
3 'Ta 'n tir air sgaoileadh is gach drong
'ga hàiteachadh ata:
Ach mis' an ti 'ta cunbhail suas
posta na tir' do ghnà'.
4 A dubhras ris gach amadan;
na gluais gu hamaideach:
'S re luchd an uilc, na togaibh suas
bhur n adharc àrdanach.
5 Bhur n adharc fòs na togaibh suas:
ag caint le muineal cruaidh.
6 Ni h ann o'n ear, no 'n iar, no deas
thig onoir mhòr no buaidh.
7 Ach 's breitheamh Dia: do leagas aon,
's a thogbhas aon fa seach.
8 Oir cup ann laimh an Tighearn' 'ta,
do'n fhion a's deirge dreach:
Làn coi'-meisg 'ta se, doirtidh Dia
cuid as amach gu grad:
A dheasgaidh faisgidh daoine daoi,
is òlfaid iad air fad.
9 Ach cuirfidh mise fòs ann ceill
gu suthain is gu fior,

Do

Do Dhia ùd Jacob canfar leam
àrd-mholadh binn gu fior.
10 Uil' adharca nan daoine daoi
fgathaidh mi fios gun chàird';
Ach adharca nan faoi air fad
togbhar gu grad ann àird'.

## SALM LXXVI.

'N Judah aithnighear Dia nam feart:
's mòr ainm ann Ifra'l naomh'.
2 Ann Sàlem 'ta a phàilliun fòs,
's a thàmh ann Sion caomh.
3 Saighde a' bhogha bhris e 'n fin,
an fgiath, 's an cloidheamh geur,
An comhrag is an cath faraon,
do bhrifeadh leis gu treun.
4 Is mò do mhòrdhalachd, a Dhe,
is mò gu mòr do ghlòir
Na beanntaidh thog an cinn gu hàrd
le cabhartach ro-mhòr.
5 Do chreachadh luchd a' chroidhe chalm,
do choidil iad le fuain,
Na fir do bhi nan curaidh' mhòr
an làmha fòs ni 'n d'fhuair.
6 O thus' a's Dia do Jacob ann,
le d' achmhafan 's le d' neart,
An carbad-cogaidh is an teach
nan fuain do chuireadh leat.
7 'S cùis eagail thu, thu fein a Dhe:
cia neach a chafas riut.

No

No ann do ſhealladh ſheasfas ſuas
an uair bhios corruigh ort?
8 Do thug thu air do bhreitheamhnas
o neamh gur chualadh e:
Bhi air an talamh eagal mòr
's 'na thàmh do bhitheann ſe.
9 'N Trà' dh'eirigh Dia chum breitheamhnais,
do theaſairgin ſan am
Gach uile dhuine ciuin is ſeimh
air talamh do bhi ann.
10 Bheir fearg is corruigh dhaoin' ann ſin
àrd-mholadh dhuit gu beachd:
Is fuigheall fòs na feirge mòir
làn-choiſgidh tu le d' neart.
11 Geallaibh bhur mòid gu togarach
d'ar Dia Jehobhah àrd;
Is coimh-lionaibh gu fìrinneach
na gheallar leibh gun chàird':
Gach neach a'ta m'a thimchioll-ſan
tugadh ſiad dh'a 'na am,
Deagh-thabhartais is tiodhlaicthe
do'n ti 's cùis eagail ann.
12 Do ni ſe ſpiorad phrionnſadh mor
ghlan-ſgathadh aſt' le neart:
Do Righribh fòs na talmhain ti
's cùis eagail Righ nam feart.

## SALM LXXVII.

LE m' ghuth do eigheas fein re Dia:
's ann le mo ghuth gu h àrd

Re Dia do ghlaodh mi, agus thug
sàir-eiſdeachd dhamh gun chàird'.
2 Ann la mo thriobloid dh'iarr mi Dia:
do ſhruth mo leòn gun ſgur,
Re fad na h oidhch': is m'anam truagh
sòlas do dhiùlt gu tur.
3 Do chuimhnigh mi air Dia ann ſin,
is bhiom ann triobloid gheir:
Do rinn mi gearan trom gun tàmh,
chlaoidheadh mo ſpiorad fein.
4 Chum tu mo ſhùil 'n a faireachadh:
'ta mi coimh-iarganach
Nach fead mi focal caint no ſgeil
labhairt le m' bheul amach.
5 Ann ſin air làithibh fad o ſhoin
do bhi mo ſmuainteagh' teachd,
Air bliadhnaibh fòs na h aimſir chein
do ſmuaintigh mi le beachd.
6 Do chuimhnigh mi mo cheòl ſan oidhch':
'taim caint re m' chroidhe fein,
Do rinn mo ſpiorad fòs gun tàmh
le dicheall ſgrùdadh geur.
7 An tilg an Tighearn' uaidh' gu bràth,
nach nochd ſe ghradh ni 's mò?
8 'N do ſguir gu tur a ghràs am feaſd'?
's a ghealladh fad gach lo?
9 'N do dhearmaid Dia gu firinneach
bhi gràſ-mhor caoin gu bràth?
'N do dhruid ſe ſuas 'n a chorruigh mhòir
a thròcair chaomh do ghnàth?

10 Ann

10 Ann sin a dubhairt mi gu dearbh,
gur b'i sùd m'anmhuinn mhòr;
Ach bliadhnaidh deas-laimh cuimhnigheam
an ti a's àirde glòir.
11 Gniomhartha De sir-mheòraigheam
mar rinneadh leis gach beart,
Is tiongantais o'n aimsir chein
sior-chùimhnigheam gu beachd.
12 Air toibribhs' uile mar an ceadn'
smuaintighidh mi gu tric,
Is air gach gniomh do rinneadh leat
sior-labhraidh mi gu glic.
13 Do shlighe, 'ta san ionad naomh',
O Thighearn' is a Dhe:
Cia 's coi'-meas ann a' mead re Dia
a'ta 'na Dhia dhùinn fein?
14 'S tu 'n ti 'ta deanamh iongantais
a Thighearna nam feart,
Agus a' measg a' phobuill fòs
do thaisbein tu do neart.
15 Do shaoradh leat d'an teasairgin
do phobull dileas fein,
Clann Jacob agus Joseph fòs,
le d' ghairden neart-mhor treun.
16 Chunnaire na h uisgidh thus', a Dhe,
chunncadar thu gu beachd:
Do ghabh siad geilt; air doimhneachd fòs
bhi mòran ogluigheachd.
17 Do dhoirt na neulltaidh uisg' anuas,
bu ro-mhòr toirm nan speur;

Do chuaidh do ſhaighde corranach
amach gu ſgaiteach geur.
18 S na ſpeuraibh guth do thairneanaich:
's na dealanaich gu tric.
Do'n t ſaoghal rinn ſiad ſolus glan,
an talamh ghluais is chlifc.
19 Do chaſan 'ta ſna h uiſgibh mòr',
do ſhlighe 'ta ſa' chuan:
Is lorg do chois cho'n aithnigh ſinn
'ta sùd am folach uainn.
20 Is amhluidh mar gu bitheann treud,
do phobull ſtiuireadh leat,
Le deagh-laimh Mhaois is Aroin fòs,
'g an threòrughadh gu ceart.

## SALM LXXVIII.

MO phobull, eiſdibh, re mo reachd:
is cluinnibh guth mo bheil.
2 Labhram am pàrablaibh; ag cur
ſean-fhocla dorch' ann ceill:
3 Do chualamar is b'fhioſrach ſinn,
ar 'n aithreach dh'airis dhùinn.
4 Cho cheil ſinn air an cloinn-ſin iad,
is dhiubh cho dean ſinn rùn:
Ag foillſrughadh mòr-mholaidh De
do'n àl a'ta re teachd:
'S na miorbhuile do rinneadh leis,
a chumhachda 's a neart.
5 Ann Jacob teiſtas dhaingnigh ſe,
is reachd ann Iſrael,

A dh'or

A dh'orduigh se d'ar 'n aithreachaibh;
d'an cloinn an cur ann ceill.
6 Chum fios bhith ag an àl re teachd,
a' chlann a'ta gun bhreith:
Air eirghe dhoibh gu 'n innsid sùd
d'an gineil fein fa leith:
7 Ann Dia gu cuirfeadh siad an dòigh,
's nach dio-chuimhnighid fòs
Oibreacha De, 's gu coimhdeadh iad
uil' aitheant' mar is còir:
8 'S nach biodh iad mar an sinnsireachd,
làn ceannairc is droich-bheart,
Gun spiorad tairis ionnt' do Dhia,
's an croidhe gun bhith ceart.
9 Clann Ephraim le armaibh gleust',
air bogh' bu chuimseach beachd,
Le geilt do phill siad air an ais
ann làithibh cath' is feachd.
10 Choimh-cheangal Dhe nior choimhid siad;
dhiùlt gluasachd ann a lagh:
11 'S nior chuimhnid oibridh iongantach,
do thaisbein air am feadh.
12 Ann sealladh sùl an sinnsireachd,
's ann tir nan Egipteach,
Air machair Sòan rinn faraon
bearta roi-mhiorbhuileach.
13 Do sgoilt se 'n fhairg', 's thug iadsan trid
an cuan mar thorr do sheas.
14 S an lo le neul do stiuir: san oidhch'
le solus tein' is teas.

15 Sgoilt creag ſan fhàſach, aiſte deoch
thug, mar as doimhneachd mhòir.
16 Bhuin ſruth' a creagaibh, thug air uiſg'
ruidh ſios mar thuil gu leòr.
17 San di-threabh pheacuigh ſiad ni 's mò;
do bhroſnuid an t Aird-righ.
18 Nan croidhe chuir ſiad cathadh air:
d'a' miann ag iarraidh bidh.
19 Labhair ſiad fòs ann aghaidh Dhe:
a dubhairt ſiad gu dian,
Am fead Dia ann ſan fhàſach mhòr
bòrd dheaſughadh d'ar miann?
20 Feuch, bhuail ſe chreag, bhrùchd uiſg'
dh'eirigh an tuil gu luath: [amach,
Am fead ſe aran thabhairt fòs?
an deaſuigh feòil d'a ſhluagh?
21 Air cluinntin ſo, ghabh corruigh Dia;
re Jacob teine las,
Is dh'eirigh fearg ro-dhoinionnach
re Iſrael gu cas:
22 Ar-ſon nar chreidiodar ann Dia,
's nior chuir 'na ſhlàint' an dòigh:
23 Ge d'fhoſgail doirſe neamha fòs,
's o'n aird' gu d'àithn na neòil:
24 Dhoirt Manna orra 'nuas r'a ith':
thug dhoibhſin coirc nan ſpeur.
25 Biadh aingeal dh'ith ſiad: thug ſe dhoibh
do lòn an ſàith gu leir.
26 'S na ſpeuraibh thug air gaoith an ear
gu d'imthigh ſi gu treun:

Is

Is le na neart do thug se 'steach
a ghaoth dheas mar an ceadn'.
27 Do dhoirt se orra 'nuas mar dhùs
le pailteas feòil r'a hith':
Eoin iteagach coimh-lion-mhor fòs
re gaineamh fairg' air bith.
28 Do leig se sùd nan camp anuas
m'an cuairt nan àite tàimh.
29 Do ith siad uil', is shàsuigheadh:
oir thug se dhoibh an sàimh.
30 Ni 'n raibh siad air an sgarachduin
o mhiann an croidhe fein:
Ach air bhith acasan am biadh
'ga chagnadh ann nam beul,
31 An drong bu shult-mhoir dhiubh 's bu trein',
ghlac Dia 'n a fheirg is mharbh:
'S an òigridh thagh' ann Israel
do bhuail se iad gu garbh.
32 Gidheadh taireis gach gniomh dhiubh sùd
do pheacuigh siad gu mòr:
Is ge do rinn se miorbhuile
nior chreid siad mar bu chòir.
33 Air 'n adhbhar ùd do chaith se 'n làith'
ann diomhaoineas air fad,
Is bliadhnaidh fòs an aois gu leir
le carroid gheir chuaidh thart'.
34 An uair do mharbhadh leisin iad,
ann sin do iarr siad e,
Do phill siad, agus fòs do bhid
gu moch ag iarraidh Dhe.

35 Is chuimhnigh iadſan gur b'e Dia
an carraig threun do ghnà':
Is gur b'e fòs an Dia a's àird'
b' fhear-ſaoruidh dhoibh gach la.
36 Ach, rinn ſiad miodal ris le 'm beul,
le 'n teangaidh breug is gò.
37 Ni 'n raibh an croidhe ceart: 's ni 'n
'na chùmhnant dileas d'a. [raibh
38 Ach Dia, roi-iochd-mhor mhaith ſe 'n lochd,
's nior ſgrios ſe iad gu geur;
Bu tric do phill ſe chorruigh uath',
nior dhùiſg ſe fhearg gu leir.
39 Oir chuimhnigh nach raibh ionnta sùd
ach feòil a ſheargas as,
Is oſag ghaoith a ſhiùbhlas thart',
's nach d'thig a rìs air hais.
40 Cia tric do chuir ſiad cathadh air
ſan fhàſach thart-mhor chruaidh,
'S an di-threabh chuireadh corruigh air
le eaſ-aontas an t ſluaigh?
41 Agus do phill ſiad air an ais,
ghreanaigh ſiad Dia le cheil':
Chuir laithilt agus tomhas fòs
air ti naomh' Iſraeil.
42 Nior chuimhnigh ſiad 's nior thug ſainear
a ghairden treun 's a làmh:
No 'n la ann d'thug ſe furtachd dhoibh
is fuaſgladh fòs o'n nàmh:
43 No fòs mar rinneadh ann ſan Eipht
comhartha Dhe nam feart:

Air

Air machair Sòan mar an ceadn'
a mhiorbhuile le neart:
44 An frutha chaochail se gu fuil:
's na h ùillt nach feadfuidh 'n òl.
45 Chuir loſgainn chuc', is cuileogan;
le'r chlaoidheadh iad gu mòr.
46 Do thug se 'n toradh is am barr
do'n chaterpilar bheag:
Is ſaothair fòs an làmh air fad
fuidh ailghios locuſt leig.
47 Do bhris se fòs am fineamhuin
le cloich-ſhneachd chruaidh gun chàird';
Mhill se mar ſin le reodhadh teann
'n croinn fhìgis fhiadhaich àrd.
48 Do thug se fòs an eallach-ſan
thairis do'n chloich-ſhneachd gheir:
Le ſaighdibh teine-dealanaich
do chuir se as d'an treud'.
49 Teas feirge, triobloid, 's corruigh mhòr,
orra do thilg gu grad:
Le ainglibh olc do chuir nam meaſg
le'r chlaoidheadh iad air fad.
50 D'a chorruigh rinn se bealach reidh:
'n anam nior ghleidh o'n bhàs,
Am beatha thruagh thug thairis fòs
do ghalar-plàigh 's do'n chàs.
51 Do bhuaileadh leiſin ann ſan Eipht
gach ceid-ghin do bhi ann:
Toiſeach an neart am pàilliunaibh
bhuineadh do ghineil Ham.

52 Ach thug se 'mach a phobull caomh
mar chaoiribh as an tir:
Is rinn mar threud san fhasach mhor
an treorughadh gu fior.

53 Do stiuireadh leis gu tearuint' iad,
gun eagal is gun sgath:
Ach air an naimhdibh dh'aom an cuan,
's gu h obann iad do bhath.

54 Gu criochaibh ionaid naomhtha fein
do thug se phobull leis:
Gu nuig an cnoc so choisin se
's a bhuadhuigh a lamh dheas.

55 Thilg se na Geintligh romp' amach,
's an oighreachd roinn le crann:
Do Isra'l thug se 'n aite sud
chum comhnuidh ghabhail ann.

56 Ach bhrosnuigh agus ghreanaigh iad
an Dia a's airde gloir,
Agus nior chum 's nior choimhid iad
a theist' no reachd air chor:

57 Ach phill air nos an sinnsir fein
's gu fealltach ghluais air fad:
Mar bhogha fiar do chlaonadar
is chuaidh a thaoibh gu grad.

58 Le'n dealbhaibh, is le'n aitibh ard
chuir corruigh air is eud.

59 'N tra' chuala Dia, ghabh grain, is fearg
ro-gharg re Israel.

60 Ionnas gur threig se phobull fein
ann Siloh bhi ann tamh:

'S am

'S am pàilliun fòs dò fhocruigh se
measg dhaoine le na laimh:
61 Am bruid thug suas a neart, 's a ghlòir
ann laimh nan naimhde garg.
62 Do n' chloidheamh thug se suas a shluagh:
re oighreachd ghabh se fearg.
63 Loisgeadh le tein' an òigridh ghleust':
pòsadh cho d'fhuair na hòigh'.
64 An sagairt thuit le cloidheamh geur:
's nior dhearn' am baintrea'ch bròn.
65 Ann sin do mhosgail Dia mar neach
'ta 'g eirghe as a shuain:
Mar churaidh leigeas àrd-ghlaodh as
taireis bhi pòit air fion.
66 Is ann nan deireadh bhuail gu geur
a naimhde fein le tàir:
Is chuir se iad o sin amach
gu masladh buan is nàir'.
67 Is pàilliun Joseph dhiùltadh leis:
nior thagh treabh Ephraim fòs;
68 Ach thagh se Judah: cnoc Sion
d'an d'thug se gradh gu mòr.
69 Is thog se fhàrdoch naomh' ann sùd
mar lùchairt àird roi-dheas:
Is mar an talamh fòs faraon
do dhaingnigh se am feasd'.
70 A shearbhant Daibhidh thagh, is thug
o chrò nan caorach e:
71 'S o leantuinn fòs nan òisge trom
bhi torrach air an spreidh,

Is chuir se e do bheathachadh
Jacob a phobull naomh',
Is fòs do ghineil Israeil
a b' oighreachd dh'a ro-chaomh.
72 Reir ionracais a chroidhe fein
bheathaich se iad gu beachd:
'S do reir deagh sheòltuigheachd a làmh
do stiuir se iad gu ceart.

## SALM LXXIX.

O Dhe, do thainig Geintiligh
a steach a'd' oighreachd fein,
Thruaill iad do theampull naomh', is dh'fhag
'na torr Jerusalem.
2 Is thug siad cuirp do shearbhantadh
do eunlaith neamh' mar bhiadh:
Is feòil do chaomh-luchd-muintir naomh',
do bheathachaibh an t sleibh.
3 Mu thimchioll fòs Jerusalem
dhoirt siad am fuil mar uisg':
Is ni raibh neach d'an àdhlacadh
's d'an cur san uaigh ann taisg'.
4 Ball-fanoid agus maslaidh sinn
d'ar coimhearsnachaibh fein:
Cùis spòrs' is mhagaidh do gach neach
a'ta m'ar cuairt gu leir.
5 Cia fhada, bhitheas corruigh ort,
a Dhe, am bi gu bràth?
'M bi teud ag losgadh ruinn gu mòr
mar lasair theith do ghnàth?

6 Do

6 Do chorruigh air na Geintlibh doirt
ag nach bhuil còlas ort,
Is air na Rioghachdaibh nach gairm
air tainms' a Dhia nam feart.

7 Oir mhill fiad Jacob, fhàrdoch fòs
'na fàsach chuir fiad fios.

8 Na peacaidh fòs do rinneamar
na cuimhnigh dhùinn a rìs;
Tioncadh gu luath do thrùacantas
ruigeadh fe oirn' mu thrà':
Oir 's diblidh bochd anois ar ftaid
ag taiteam fios gach la.

9 Dean congnamh leinn, o Dhe ar flàint';
air fgà' glòir tainme fein;
Sgà' tainmfe faor finn, agus glan
ar peacaidh uainn gu leir.

10 Creud as fa 'n abradh Geintiligh,
ca 'm bhuil anois an Dia?
Measg fineach ann ar fealladh fein
gu 'n aithnigh iad an Triath,

Le deanamh orra dioghaltais,
oir dhoirteadh leo amach
Fuil neimh-chiontach do fhearbhantadh
gu lion-mhor iomarcach.

11 Ofnaidh a' phriofunaigh gu d'thig
a' tfhiadhnais Dhe nam feart;
'S an dream do dh'orduigheadh chum bàis
faorfa, reir mead do neart.

12 Do'n droing 'ta dhùinn nan coimhear-
nam brollach diol fa feach, [fnaibh

Gach

Gach masladh le'n do spreig siad thu,
pill orra fein sa sheachd.
13 Treud tinealtraidh, 's do phobull sinn,
molsaidh sinn thu do ghnath:
Is cuirfidh sinn os-aird' do chliu
o linn gu linn gu brath.

## SALM LXXX.

EIsd, aodhair' Israeil, a'ta
measg Cherubim a'd' thamh,
Le'r sluirear Joseph caomh mar threud,
dealruighs' amach mu thra'.
2 Ann làthair Ephraim, 's Bhenjamin,
agus Mhanasseh fòs,
Dùisgse do chumhachd: agus thig
d'ar saoradh mar is nòs.
3 Pill sinn a rìs, a Dhe nam feart:
tog oirne suas gu hàrd
Deagh dhealradh glan do ghnùis anois,
is saorthar sinn gun chàird'.
4 Cia fhad', a Thighearna nan sluagh,
a leanas corruigh riut
Re guidhe gheir na muintir sin
a's pobull dileas duit?
5 Do bheathaich thu do phobull fein
le aran deur is bròin:
Is tomhas pailt' do thug tu dhoibh
do dheuraibh goirt r'an òl.
6 Do rinn tu sinn mar àdhbhar stribh
d'ar coimhearsnachaibh fein:

'N ar

'Nar n àdhbhar spòrs' is abhacais
d'ar n easgaidh gu leir.

7 Pill sinn a rìs, o Dhe nan slòigh,
tog oirne suas gu hàrd
Deagh dhealradh glan do ghnùis anois,
is saorthar sinn gun chàird'.

8 Do thug tu fineamh'n as an Eipht:
na Geintligh thilg thu 'mach,
'S do shuidhigh thus' an fhineamh'n ùd
nan ionad sùd fa seach.

9 Reitigh thu àite dh'i: is thug
gur ghabh si freamh gu teann,
Le d' bheannachadh, is lionadh lè
an tir o cheann gu ceann.

10 Na cnoic ro-àrd do fholuigh si
le sgail' 's le dùbhar fein:
A geuga do bhi cinneachdain
mar shedair bhreagha reidh.

11 An dara taobh gu nuig an cuan
do chuir si 'mach a meòir,
An taobh ud eil' a geugan shin
gu nuig an amhann mhòr.

12 A garadh creud far bhriseadh leat:
ionnus gu bhuil gach neach
'Ga spionadh air a' bhealach mhòr
ag gabhail thart' fa seach?

13 'Ta 'n torc a thig o'n choill' amach
'g a fasachadh gu leir,
'Ta beathaich àllt' na machrach fès
'g a slugadh suas le cheil'.

14 Pill,

14 Pill, guidhmid ort, o Dhia nan ſluagh:
is ſeall o neamh anuas,
Feuch, agus fioſruigh fein anois
an fhineamh'n ſo le truas:

15 An gàradh fion' do phlanntuigh thu
le neart do laimhe deis':
'S am meanglan ùd do neartuigh thu
dhuit fein le lùth is treis'.

16 Le laſair theine loiſgeadh i,
is ghearradh i anuas:
Do mhilleadh agus ſgrioſadh iad
le achmhaſan do ghnùis.

17 Air fear do dheaſ-laimh fein, a Dhe,
gu raibh do lamh gu treun:
Air mac an duin' a rinneadh leat
a neartughadh dhuit fein.

18 Mar ſin cho phill ſinn uait a rìs:
aith-bheodhuigh ſinn gach lo,
Is gairfidh ſinn air tainms' ann ſin
ann cian a bhios ſinn beo.

19 Pill ſinn, o Thighearn' Dhia nan ſlògh,
is foillſigh fein gu hàrd
Deagh dhealradh glan do ghnùis anois,
is ſaorthar ſinn gun chàird'.

## SALM LXXXI.

SEinnibh gu hait do Dhia bhur neart:
do Dhia Jacob gu binn,
2 Is glacaibh Salm, is tiompan fòs:
ſaltair is clàirſeach ghrinn.

3 An trompait ſeidibh ſan Rè nuadh:
air làithibh orduight' feil'.
4 Bu lagh sùd ag Dia Jacob fòs:
's bu ſtatuin d' Iſrael.

5 Do Joſeph dh'orduigh sùd mar theiſt,
air dol d'a trid na h Eipht':
Do chualas caint is uirghioll ann
nach tuiginn as am beul.
6 O'n uallach ſhaor mi ghuala-ſan:
o photaibh fòs a làmh.
7 Do ghair tu ann do thriobloid orm,
's d'fhuaſgail mi ort gun tàmh;
Ann ionad diomhair tairneanaich
do fhreagair mi do ghlaodh:
Ag uiſgibh coimh-ſtribh Meribah
do dhearbh mi thu faraon.
8 Eiſd, o mo phobull, agus dhuit
do dhearnam fiadhnais cheart:
Ma dh'eiſdeas tu re guth mo bheil,
o Iſrael gu beachd.

9 Ionnad na biodh aon-uair air bith
Dia eile coigreach breig',
Is do Dhia coimheach fòs air bith
na cromſa ſios 's na geill.
10 'S miſe do Dhia Jehobhah treun,
thug thus' o'n Eipht' le neart,
Gu fairſing foſgail rium do bheul,
is lionfam e gu pailt'.
11 Gidheadh eho d' thug mo phobull fein
eiſdeachd do ghuth mo bheil,

'S cho

'S cho b'àill leo mis', an aitim ùd
do ghin' o Iſrael.
12 Mar ſin do mhiann an croidhe fein
do thug mi thairis doibh:
Is ann nan comhairle gun cheill
do ghluais iad fein fai-dheoidh.
13 O b'fhearr gu biodh mo phobull fein
toirt eiſdeachd do mo reachd:
Is fòs gu gluaiſeadh Iſrael
a'm' ſhlighthibh fein gu ceart!
14 An naimhde ſmachduighinn gu luath
le buaidh 'g an leagadh ſios.
Is phillfinn air an eaſ-cairdibh
mo làmh, d'an cur fuidh chios.
15 Luchd-fuath an Tighearna mar ſin
do dheanaid ùmhlachd dh'a:
Ach bhiodh an aimſir-ſin ro-bhuan
is marthanach gach la.
16 Is bheireadh ſe d'am beathachadh
ſmior cruineachd fòs d'a ſhluagh:
Do làin-diol bheirinn duit faraon
do'n mhil o'n charraig chruaidh.

## SALM LXXXII.

ANn coimh-thional nan treun do bhi
'na ſheaſamh Dia nam feart:
A' meaſg nan Dè do bheir ſe breith
le comh-throm is le ceart.
2 Cia fhad' do bheir ſibh breitheamhnas
gu hea-corach air chùis:

Toirt

Toirt leith-bhreith leis na daoinibh daoi
'ga' meas a reir an gnùis?
3 Do dhaoinibh bochd 's do dhilleachdaibh
deanuibhſe dion le ceart:
Is cumaibh còir riu sùd do ghnàth
'ta cràiteach bochd gun neart.
4 An tainnis lag 's an deòraidh' truagh
ſir-theaſairgibh nam feim,
Deanuibh o laimh nan aingidh fòs
deagh-fhuaſgladh dhoibh gu treun.
5 Gun eòlas, is gun tuigſe 'taid,
'taid triall ſan dorch' air fad:
'Ta bunaite na talmhain ti
air gluaſachd as an ſtaid.
6 Dubhram, gur Dè ſibh: is gur mic
do'n ti a's àird' a't'ann:
7 Ach tuitfidh, 's gheibh ſibh bàs mar dhaoin',
's mar aon do phrionnſaibh fann.
6 Dhia, eirigh, air an talamh dean
deagh bhreitheamhnas gu grad:
Oir gabhaidh tu mar oighreachd dhuit
na fineachan air fad.

## SALM LXXXIII.

NA bios a'd' thoſd anois, na bi
a'd' thàmh, o Dhia ar neart,
Na bios a'd' chomhnuidh 'nois 'n ar feim,
Dhia chumhachdaich nam feart.
2 Oir feuch, ata do naimhde treun
re ſtribh is bruidhean àird;

'S an

'S an dream ùd leis am fuathach thu
an cinn do thog ann àird'.

3 Do ghabh fiad comhairl' innleachdach
'n aghaidh do mhuintir fein,
'N aghaidh do phobuill dhiomhair chaoimh
do dhealbhadar droich-theum.

4 A deir fiad, thigibh leinn, d'an sgrios
o bhith ni 's mò nan fluagh:
Do chum nach biodh air Israel
iomradh gu bràth no luadh:

5 Oir ghabh fiad comhairle le cheil':
a' taghaidh ceangal rinn.

6 Pàilliun Edom, 's Ishmaelit,
Moab is Hagaren.

7 Gebal, Ammon, is Amalec:
Palestin, 's muintir Thior.

8 Dhruid Assur leo: 's bu chongnamh iad
do ghineil Lot gu fior.

9 Mar rinneadh leat air Midian,
's air Sisera le cheil';
Air Iabin ag sruth Chisoin cas,
dean orra sùd d'a reir:

10 'N trà' bhid ag Endor air an claoidh':
mar aoileach air an làr.

11 Mar rinn air Oreb, is air Seeb,
dean air an uaislibh tàir:
Mar Seba fòs, is Salmunna,
am prionnsaidh dean gu leir:

12 A dubhairt, glacamaid dhùinn fein
mar oighreachd àrois De.

13 Dean

13 Dean iad mar roithlean, o mo Dhia;
mar mholl roimh ghaoith nan gleann.
14 Mar chlaoidheas teine coillteach chrion:
's mar loisgeas lasair beann:
15 'S amhluidh le d' dhoininn orra sùd
dean tòiridheachd gu dian:
Le tiom-ghaoith, is le d' stoirm ro-mhòir
cuir eagal orr' is fiamh.
16 An eadan lion le masladh mòr,
's le ruidheadh-gruaidh gach rè,
Gu nuig an uair ann iarrthar leo
tainm glòr-mhor fein, a Dhe.
17 Biodh amhluadh orra mar an ceadn',
is triobloid mhòr a choidhch':
Is glacadh nàire mhaslach iad,
d'am milleadh is d'an claoidh'.
18 Gu 'n aithn'gheadh iad, gur tus' amhàin
d'an ainm Jehobhah treun,
'Ta tuachdaran oisc-ionn gach tir'
san domhan 'ta gu leir.

## SALM LXXXIV.

CIa mead is airi' ghràidh do theach,
Jehobhah mhòir nan sluagh!
Cia taitneach dhamhsa tàros naomh',
o Thighearna nam buadh!
2 'Ta m'anam meat, ag mead a mhiann
air cùirtibh Dhe gach lo:
Mo chroidh' is m' fheòil re scairteachd chru-
'n geall air an Dia 'ta beo. [aidh
3 Feuch,

3 Feuch, fòs do fhuair an gealbhonn beag
tigh comhnuidh maith 'n a fheim,
'S an gòlan-gaoithe mar an ceadn'
do sholair nead dh'i fein,
Far chuireadh si ann taisg' a heoin
's a hàlach beag gun chli:
Ag taitair fein, o Dhia nan sluagh,
mo Thighearn', is mo Righ.

4 'S beannuight' an drong ann comhnuidh 'ta
a' tàros naomh', a Dhe:
Oir bheir siad (mar is cubhaidh dhoibh)
mòr-mholadh dhuit gach rè.

5 'S beannuight' an duine sin 'gam bhuil
ionnads' a neart gach la:
An drong 'gam bhuil nan croidhe 'stigh
do shlighe fein do ghnà':

6 An drong sin trid ghlinn Baca theid
nid tobair ann, nam feim:
Is lionuidh fearthuin thig anuas
na sluic gu nuig am beil.

7 Sior-ghluaisidh iad mar sin gun sgios
ag dol o neart gu neart:
Ann Sion nochdfar iad fai-dheoidh
ann làthair Dhia nam feart.

8 O Dhia nan sluagh, cluinn m' ùrnaigh fein
Dhe Jacob, eisd gu grad.

9 O Dhia ar sgia', feuch: 's amhairc air
gnùis tungthaidh fein gun stad.

10 'S fearr la a'd' chùirt na mile la:
b'fhearr leam bhith doirseoireachd

Ann

Ann àros De, na m' chomhnuidh fòs
am pàilliun aingidheachd.

11 Oir 's grian, 's is sgiath Jehobhah Dia:
do bheir se gràs is glòir:
'S cho chum se maith air bith o'n droing
ghluaisfeas gu direach còir.

12 O Thighearn' is a Dhia nan sluagh,
is beannuight' e gun cheist
An duine sin gu muinghineach
d'an dòchas thu am feasd'.

## SALM LXXXV.

DO bhi tu gràs-mhor fabharach,
a Dhe, do d' dùthaigh fein:
Bruid Jacob thugadh leat a rìs
air hais le d' ghairden treun.

2 Do mhaith tu cionta do phobuill chaoimh:
d'fholuigh thu 'n uile lochd.

3 Choisg thu do chorruigh uil'; is phill
o'n lasan do bhi ort.

4 Pill sinn a rìs, a Dhia ar slàint',
is tog do lasan dhinn.

5 Am bi do chorruigh ruinn gu bràth?
's an sinthear t'fhearg gach linn?

6 Nach deanthar leatsa Dhia nan gràs
a rìs ar tabhairt beo:
Gu deanadh ionnad gàirdeachas
do phobull fein gach lo?

7 Taisbein do thròcair dhùinn anois,
a Thighearn' is a Dhe:

Is

Is deonuigh dhùinne t'fhurtachd fòs,
's do shlàinte fein gach rè.
8 'Nois eisdeam ris an ni deir Dia:
labhraidh se sith gu beachd
R'a phobull naomh'; 's na pilleadh siad
a'ris re hamaideachd.
9 Gu dearbh 'ta chabhair dlùth do'n droing
d'an eagal e gu fior,
Chum glòir do bhi 'n a comhnuidh fòs
gu bunaiteach 'n ar tir.
10 'Ta tròcair agus firinn ghlan
air comhlachadh a cheil':
'Ta ceartas agus sìoth-chaint mhaith
ag pògadh beul re beul.
11 Is fàsaidh as an talamh fòs
firinn ainios gu pailt':
Is seallaidh ceart is fireantachd
o neamh anuas gun airc.
12 Faraon, do bheir Jehobhah dhùinn
ni maith gu toirbheartach,
Is bheir ar fearann is ar fonn
deagh-thoradh trom amach.
13 Sior-ghluaisfidh ceart is fireantachd
n'a fhiadhnais-sin gu reidh:
Is sinn air sligh' a cheimeana
gu direach stiuiridh se.

## SALM LXXXVI.

A Omsa do chluas, cluinn mis', a Dhia:
o's bochd ataim a'm' fheim.

2 Dean

2 Dean thus', ar-son gu bhuil mi naomh',
m'anam a dhion gu treun:
O's tu mo Dhia, saor tòglach fein
'ta 'g earbsa riut do ghnà'.
3 Dean trocair orm, a Dhia, le iochd:
oir gairéam ort gach la.
4 Dean anam tòglaich dhileis fein
fior-aoibhin agus ait:
Ar-son gu togbham riut a Dhe
m'anam gu leir a'm' airc.
5 Oir 'ta tu fein ro-mhaith, a Dhe,
lan iochd is acarthachd:
Is 'ta tu do na ghairmeas ort
pailt' ann an trocaireachd.
6 Eisd m'urnaigh, Dhia: is toir fainear
guth gearanach mo chaoi'.
7 Ann la mo thriobloid gairéam ort:
oir freagraidh thusa mi.
8 A' measg nan Dè ni bhuil, a Dhia,
aon neach a's cosmhuil riut:
No gniomh air bith a's cosmhuil ris
gach gniomh a rinneadh leat.
9 Tiucfaid gach fine rinneadh leat,
is sleachdfuid dhuit, a Dhe,
Is bheirid glòir is moladh àrd
do tainmse feadh gach rè.
10 Ar-son a Dhe, gu bhuil tu mòr,
's gu deantar oibridh leat
'Ta miorbhuileach: 's tu fein amhàin
Dia cumhachdach nam feart.

11 Do shlighe teagaisg dhamh, a Dhia,
ann tfhirinn gluaisfidh me:
Chum eagal t ainmse do bhith orm
mo chroidhe druid riut fein.
12 Le 'm uile chroidh' ard-mholfam thu,
o Thighearna mo Dhia:
Do tainm ro-uasal bheiream sos
ard-ghlòir air feadh gach ial.
13 Oir 's mòr do thròcair dhamhs' a Dhe:
is fòs o ifrionn shios
Do fhuasgail tu air m'anam bochd
is thog tu e ainios.
14 Luchd-àrdain dh'eirigh rium, a Dhe,
is cuideachd làidir dhian
Ag iarraidh m'anm', ach thusa Dhe
nior chuir siad rompa riamh.
15 Ach 'ta thu, Dhe, mòr-thròcaireach,
roi-iochd mhor anns gach cas;
Chum feirge mall, ach saidhbhir pailt'
am firinn is ann gras.
16 O pill rium, is dean tròcair orm,
toir neart do tòglach fein,
Do mhac do bhan-òglaich faraon
dean fuasgladh ann a fheim.
17 Comhar' air mhaith nochd dhamhs', a Dhia,
luchd m'fhuath gu 'm faicfid e;
'S gu 'n gabhaid nàir', ar-son gur tu
mo neart, 's mo shòlas reidh.

A Bhunàit' 'ta ſna ſleibhtibh naomh'.
2 'S roi-ionmhuineach le Dia
Geataidh Shioin, oiſcionn gach àit'
do bhi ag Jacob riamh.
3 Nithe ro-ghlòr-mhor innſear ort,
a chathair àluin De.
4 Rahab, is Babel cuimhnicheam,
do'n dream d'ar b'aithne me;
Gabh beachd air Tirus mar an ceadn',
is dùthaigh Phaleſtin,
Maille re Ethiopia:
rugadh am fear-ſo 'n ſin.
5 Fa thimchioll Shioin deirear ſo,
am fear-ſo rugadh fòs
'S am fear ùd innt': ſe 'n ti a's àird'
ſhocruigheas i le ghràs.
6 'N trà' ſgriobhas Dia le cuimhne mhaith
na poibleacha fa leith,
'N ſin àirmhidh ſe gur b'ann ann ſùd
bhi 'm fear-ſo air a bhreith.
7 Luchd ſeinn nan oran bid ann ſùd,
luchd innil-ciuil d'an reir:
'S ann ionnad fein a Dhia nan gràs
mo thobair 'ta gu leir.

## SALM LXXXVIII.

JEhobhah Dhia mo Shlànuigheoir,
ort ghair mi d'oidhch' 's do la.
2 A' tſhiadhnais tiucfadh m'ùrnaigh fòs:
is eiſd mo ſcread do ghnà'.

3 Oir m'anam làn do thriobloid 'ta:
's do'n uaigh mo bheatha dlùth.
4 Do mheasadh mi mar neach theid sios
do'n t slochd: is mi gun luth.
5 'Taim saor a' measg na' marbh, is fòs
mar mharbh san uaigh gun deo,
Do sgathadh sios le d' làimh gu beachd:
's nach cuimhnighthear ni 's mò.
6 Chuir tu mi 'n àitibh domhain, dorch',
san t slochd a's isle 't'ann.
7 Is chlaoidh tu mi le d' shùmainnibh:
luidh ormsa t fhearg gu teann.
8 Chuir tu luchd m'eòlais fada uam:
's roi-sgreataidh mise leo:
Mar neach am prioson druidt' ataim,
nach fead mi 'mach ni 's mò.
9 Do bhrigh mo thriobloid 'ta mo shùil
re caoidh' is bròn do ghnà':
Mo làmhan shin mi riut, a Dhe:
is ghairm mi ort gach la.
10 Do mhiorbhuile do'n dream 'ta marbh
a Dhe, an taisbein thu?
An eirigh iad ainios a rìs,
gu molfaid thu le cliu?
11 Do thròcair is do chaoimhneas caomh
am foillsichthear san uaigh?
Air t fhirinn ann an sgrios a' bhais
le neach an tiubhrar luadh?
12 Am bi maoin eòlais ann san dorch'
air t fheartaibh miorbhuileach?

N

No 'm bi ann tir na dio-chuimhn' fios
no beachd air t fhireantachd ?
13 Ach riutsa ghlaodh mi, o mo Dhia :
gu moch theid m'ùrnaigh suas.
14 Dhia creud far thilg tu m'anam uait ?
's fa 'm folchann uam do ghnùis?
15 'Taim air mo chràdh, o m' òige 'nuas :
'taim dlùth do'n bhàs 's do'n uaigh.
Air fulang dhamhsa t ùath-bhais mòir,
ataim ann imcheist chruaidh.
16 Do imthigh tharum t fhearg gu trom :
chlaoidh t ùath-bhas mi do ghnà'.
17 Mar uisge chuaidh siad timchioll orm ;
gam' chuartachadh gach la.
18 Mo charaid chuir tu uam am fad,
's am fear thug dhamhsa gradh :
Luchd m'eòlais mar an ceadn' ataid
ann dorchadas nan tàmh.

## SALM LXXXIX.

AIrd-seinneam tròcair De do shior :
is fòs do ni mi sgeul
O àl gu hàl gu marthanach
air t fhirinn cheirt le m' bheul.
2 Oir dubhairt mi, gu togbhar suas
do thròcair mhòr do shior :
Is t fhirinn cheart sna neamhaibh àrd
socruighear leat gu fior.
3 Coimh-cheangal rinneadh leam gu dearbh
le 'n ti do roghnaigh me :

Is mhionnuigh mi gu firinneach
do Dhaibhidh m' òglach fein.
4 Socruighidh mi gu daingean buan
do ghinealach 's do shiol,
Do chathair rioghail togbham suas
le honoir tre bhi sior.

5 Molfaidh na neamha àrd gu binn
do mhiorbhuilfe, a Dhe:
Is t fhirinn ann an coimh-thional
do chloinne naomhtha fein.
6 Oir cia sna neamhaibh choi'-measar
re Dia Jehobhah mòr?
Cia 'n ti a' measg nan cumhachdach
's cosmhuil re Dia na glòir?

7 Ann coimh-thional nan naomh gu beachd
's cùis eagail Dia gun cheist:
Ard-urram o gach neach m'an cuairt
dh'a 's dleastanach am feasd'.
8 O Thighearn'-is a Dhia nan sluagh,
cia 'n Triath sin ann an neart
Is cosmhuil riut? ann t fhirinn fòs
ga d' chuartughadh gu beachd?

9 Ard-onfhadh cuain is fairge mòir
's tu chuireas iad fuidh reachd:
A sùmainneadh 'n tràth eirgheas suas,
do choisgionn tu le smachd.
10 Mar dhuine buailt' ag dol do'n eug
do phronnadh Rahab leat:
Do naimhde sgaoil tu as a cheil'
le d' ghàirden treun 's le d' neart.

11 Is

11 Is leatsa Dhe na flaitheamhnais,
's an talamh 'ta f'an bonn:
'S tu dhaingnigh fòs an cruinne-ce,
le làn do thoradh trom.
12 An àirde deas is tuath faraon,
do chruthaigheadh iad leat:
Sliabh Tabor agus Hermon àrd
ann tainm bid aoibhneach ait.
13 'Ta agad gàirden cumhachdach:
ata do lamh roi-threun,
A Dhe, ata do dheas-lamh fòs
àrduighte mar an ceadn'.
14 Mar àite tàimh do d' chathair-riogh
'ta comh-throm agus ceart:
Biaidh tròcair agus firinn fòs
dol roimh do ghnùis gu beachd.
15 'S beannuight' an fluagh a thuigeas fòs
an fhuaim 'ta aoibheach ait:
Ann solus glan do ghnùis, a Dhe,
fior-ghluaisidh iad gu ceart.
16 Ann tainms' air feadh an la do bhid
gu haoibhneach mar bu chòir:
Agus ann t'fhireantachd faraon
àrduighthear iad gu mòr.
17 Oir mais' is glòir an spionnaidh sùd
is tus' amhain a Dhe:
Ar n adharc ann do chaoimhneas caomh
àrduighthear leat gu treun.
18 Oir 's e Jehobhah Dia nam feart
ar targaid is ar sgiath:

'S e 'n ti ro-naomh' fin Ifraeil
ar n Aird-Righ is ar Triath.
19 Ann taibhfe ann fan am fin fein
do labhair thu gu ceart
Re d' dhuine naomh', agus mar fo
a dubhrais ris gu beachd,
Do leag is chuir mi cuideaghadh
air ghaifgeach treun nam buadh,
Is dh'arduigh mi gu mor a' neach
do thagh mi as an tfluagh.
20 B'e Daibhidh neach a fhuaradh leam,
mo fheirbhifeach ro-chaomh:
'S e fin a' neach a dhearnadh leam
ungadh le m'ola naomh'.
21 Is focruighthear mo lamh do fhior
gu dileas daingean leis:
Do ni mo ghairden cumhachdach
a neartachadh le treis'.
22 Le mac an uilc nior chlaoidhear e:
a namh cho tog dh'e cios.
23 Luchd-fhuath trom-bhuailtear leam: 's a
'na fhiadhnais leagam fios. [namh
24 Ach biaidh mo throcair maille ris
is m' fhirinn mar an ceadn':
Is adharc-fan a'm' ainmfe fos
biaidh arduighte gu treun.
25 A lamh-fan cuirfeam ann fa' chuan,
's ann fruthaibh a lamh dheas.
26 Carraig mo fhlainte, (deir fe rium)
m' athair, mo Dhia, 's mo threis'.

27 Mo

27 Mo cheid-ghin deanam dh'è faraon:
thar Righridh os gach tir.
28 Mo chùmhnant seasfaidh daingean leis:
dh'a coimhdeam gràs do shior.
29 Is bheiream air a shliochd gu buan
gu mairfeadh se gu bràth:
'S a chathair rioghail uasal àrd
mar làithe neamh' do ghnàth.
30 Ma 's e 's gu treig a chlann mo lagh,
's nach gluais iad ann mo reachd.
31 'S gu truaillthear leo mo statuin naomh',
m' iarrtais nach cum gu ceart:
32 Fiosruighidh mi ann sin gu beachd
le slait an ea-coir chlaon,
Am peacaidh fiosruigheam 's an lochd
le sgiursadh goirt faraon.
33 Gidheadh, gu tur mo chaoimhneas gràidh
cho bhuin mi uaidh' gun cheist:
Cho'n fhuiling mi gu breugnuighthear
mo ghealladh fior am feasd'.
34 Mo choimh-cheangal cho bhrisfear leam
no 'n cunnradh rinn mi ris,
'S am focal do chuaidh as mo bheul
am feasd' cho chaochail mis'.
35 Aon-uair do mhionnuigh mi gu fior
's ann air mo naomhthachd fein,
Do Dhaibhidh neach a's òglach dhamh
am feasd' nach deanam breug.
36 Bithidh a shliochd 's a gheinealach
fior-mharthanach gach ial,

'S a chathair rioghail bithidh sí
a'm' fhiadhnais mar a' ghrian.
37 Is bithidh mar a' ghealach ghlan
gu daingean buan do shior:
'S mar fhiadhnais anns na neamhaibh àrd
bhios tairis agus fior.
38 Ach thilg tu uait is threig gu tur,
is ghabh tu grain anois,
'S an neach air chuir tu tòla naomh'
do ghabh tu corruigh ris.
39 Coimh-cheangal tòglaich dhileis fein
do sgaoil tu e le tàir:
'S a choroin uasal thruailleadh leat,
'ga tilgion air an làr.
40 A ghàradh didein bhriseadh leat:
's a dhaingneach laidir leag.
41 Mar chabhartach e, do luchd-ròid:
d'a choimhearsnaibh mar sgeig.
42 Làmh dheas a nàmhaid thog tu suas:
uil' eas-caird' rinn tu ait.
43 Do phill tu faobhar arm, sa' chath
nior thug tu dhosan neart.
44 Choisg thus' a ghlòir: 's a chathair riogh
do leag tu sios gu làr.
45 Is aimsir òige ghearradh leat:
d' fholuigh tu e le nàir'.
46 Cia fhad', a Dhe, am folchann tu
thu fein, a choidhch' nan cian?
An loisg do chorruigh fòs gu cas
mar theine lasrach dian?

47 Ta

47 Tabhair fainear is cuimhnigh fein
giorrad mo re 's mò lo:
Creud as far rinn tu clann nan daoin'
mar dhiomhaoineas no ceò?
48 Cia e am fear a' meafg nam beo,
am bàs nach faicfear leis?
No anam fein o laimh na huaigh
an teafairg fe le treis'?
49 Ca bhuil do chaoimhneas gràidh, a Dhe,
do thaisbein tu o thùs,
Do mhionnuigh thu air tfhirinn cheirt
do Dhaibhidh chunbhail fuas?
50 Cuimhnigh a Thighearn' toibheim trom
do fhearbhantadh gu leir:
Is mar do ghiulain mis' a'm' uchd
mafladh a' phobuill threin.
51 Le'r thug do naimhde mafladh uath'
gun àdhbhar, Dhia nam feart,
Le'r mhafluigh iadfan ceimeana
an ti do ungadh leat.
52 Mòir-bheannuight' agus cluiteach fòs
gu raibh Jehobhah treun,
Gu fiorruidh futhain fad gach rè.
Amen, agus Amen.

## SALM XC.

1 STu b'ionad comhnuidh dhùinn gach linn,
O Thighearna na glòir.
2 Sol fa 'n do ghineadh fòs na cnuic
's na fleibhte beag no mòr.

Sol dhealbhadh leat an talamh ti
no 'n cruinne-ce le d' neart;
O bhioth-bhuantachd gu bioth-bhuantachd
is tusa Dia gu beachd.

3 Gu neimh-ni pillfear leatsa fòs
an duine truagh d'a sgrios,
A deir tu fòs, O chlann nan daoin'
graid-phillibh air bhur n ais.
4 Oir mile bliadhn' a'd' shealladh fein,
mar an la 'n dè ataid,
'N tràth theid se thart': is amhluidh fòs
mar fhorair' oidhch' do bhid.

5 Do fhuaduigh thus' iad mar le sruth,
mar chodal 'taid no suain:
Sa' mhaidin bithid mar am feur
gu moch a dh' eir'gheas suas.
6 Air maidin brisfidh roimhe blàth,
is fàsaidh se gu hàrd:
Re am an fheasgair gearrthar e,
is seargaidh air an làr.

7 Oir chaitheadh sinn le d' chorruigh gheir;
chlaoidh tfheargsa sinn gu tur.
8 Ar peacaidh dhiomhair, is ar lochd
ann sealladh teadain chuir.
9 Oir ann tfheirg ar n uile làithe
'taid teireachdain fa seach:
Is caithfear leinn ar bliadhnaidh fòs,
mar sgeul a dh' innseadh neach.

10 'S iad làith' ar bliadhna mar an ceadn'
tri fichid bliadhn' 's a deich,

'S ma

'S ma dh'eirigheas tre tuille neart
ceith'r fichid bliadhn' do neach,
Gidheadh ni bhuil nan ſpionnadh sùd
ach cràdh is cùradh geur:
Oir ſgathar ſios gu h'ealamh e,
is ſiùbhlaidh ſinn gu leir.

11 Cia neach 'g am bhuil deagh-thuigs' is ſios
air neart do chorruigh fein?
Is amhluidh fòs mar teagal mòr,
'ta laſair t'fheirg d'a reir.

12 Dean teagaſg dhùinn a Dhe le beachd
mar àirmhear leinn ar làith':
Do chum ar croidh' a ſhocrachadh
air gliocas ceart gach tràth.

13 O Thighearna Jehobhah mhòir,
pill fein a rìs; cia fhad'?
Fa thimchioll ſtaid do ſhearbhantadh
gabh aithreachas gu grad.

14 O dean ar sàſughadh gu moch
le d' thròcair chaoimh, a Dhe,
Do chum gu bithmid aoibhneach ait,
re fad ar la 's ar rè.

15 Dean ſubhach ſinn a reir nan la
'n do chràdh tu ſinn gu goirt:
Do reir nam bliadhna ùd faraon
a'm facamar an tolc.

16 Taisbein do d' ſhearbhantaibh do gniomh:
faiceadh an clann do ghlòir.

17 Is bitheadh mais' ar Tighearn' Dia
ag dealradh oirn' gu mòr.

Na

Na gniomhartha do rinn ar làmh
ſocruigh iad oirn' a Dhe:
Na gniomhartha do rinneadh leinn
dean daingean iad gu leir.

## SALM XCI.

AN neach 'ta 'n tàmh ann uaignidheas
an ti a's àird' a't'ann,
Fuidh ſgàil' an uilea-chumhachdaich
buan-chomhnuidh ni gach am.
2 Deireams' anois fa thimchioll De,
mo thearmunn e, 's mo neart;
Mo dhaingneach: cuirfeam dòchas ann
mo Dhia, 's e Dia nam feart.
3 Gu dearbh o rib an eunadair
do ni ſe fuaſgladh ort,
Is ni do ſhaoradh mar an ceadn'
o'n phlàigh 'ta gràineil goirt.
4 Le iteich ni ſe tfholach fòs,
biaidh t earbſa fuidh a ſge':
Is fhirinn biaidh 'na targaid dhuit,
mar ſge' do d' dhion gach rè.
5 Cho bhi ort ogluidheachd fa chùis
an uath-bhais ann ſan oidhch':
No fòs fa chùis na ſaighde bhios
ag ruidh air feadh an laoi:
6 Cho bhi maoin eagail ort do'n phlàigh
'ta triall ann dorchadas;
No fòs fa chùis an uilc do bhios
mu mheadhon laoi re ſgrios.

7 Biaidh

7 Biaidh mile tuiteam re do thaoibh,
deich mile fòs re d' dheis:
Ach olc dhiubh sùd cho d' thig a'd' chòir,
no 'm fogaſg dhuit am feaſd'.
8 Amhàin le d' ſhùilibh ſeallaidh tu,
is bheir fainear le beachd:
Droich-dhiol is tuaraſdal nan daoi
gun cheiſt do chithear leat.

9 Ar-ſon gur ghabhadh leatſa Dia,
mar chomhnuidh dhuit gach am,
An Dia ùd 'ta 'na thearmunn damh,
's e 'n ti a's àird' a't'ann:
10 Aon olc cho 'n eirigh dhuit: is plàigh
do tfhàrdoich cho d' thig dlù'.
11 Oir bheir ſe àithn' d'a ainglibh, chum
a'd' ròd gu dionfuid thu.

12 Is togbhaidh iadſan thuſa ſuas
gu hàrd air bharr am bos:
D' eagal gu buailteadh leat air cloich
aon-uair air bith do chos.
13 Air leòmhan is air naithir nimh'
gun dòghrainn ſaltrar leat:
Pronnfaidh tu 'n dragon ſios le d' chois,
's an leòmhan òg le d' neart.

14 Do bhrigh gur ionmhuin leiſin mi,
do dheanam fuaſgladh dh'a:
Air m'ainm do bhrigh gur eòlach e,
àrduigheam e gach la.
15 Gairfidh ſe orm, is freagram e:
'na thriobloid bitheam leis,

Onoir

Onoir is urram bheiream dh'a,
is fuaſglam air gu deas.
16 Le ſaoghal fad is marthanach
sàſuigheam e gu leòr:
Mo ſhlàinte dho-ſan mar an ceadn'
foillſighidh mi gu mòr.

## SALM XCII.

BHith tabhairt buidheachais do Dhia
's ni sàr-mhaith maiſeach e,
Bhith tabhairt cliu, o thi a's aird',
do tainmſe feadh gach rè:
2 Do chaoimhneas ann ſa' mhaidin mhoich,
bhith tric 'ga chur ann ceill:
'S air tfhirinn 'ta neimh-mhearachdach,
gach oidhch' bhith deanamh ſgeil.
3 Air inneal ciuil nan teuda deich,
is air an tſaltair ghrinn:
'S air chlàirſeich le guth fonn-mhor àrd
a ſheinneas ceòl gu binn.
4 Oir trid do ghniomharthas', a Dhe,
rinn tu mi aoibhin ait:
Is ann an oibribh fòs do làmh
nim gàirdeachas gu pailt'.
5 Do ſmuainteagh's' 'taid ro-dhomhain fòs,
toibridh cia mòr a Dhe!
6 An tamadan cho tuig e ſo:
's cho'n eòl do'n amh-l'air e.
7 'N trà chinneas luchd na haingidheachd
ainios mar chinneas feur,

'N trà'

'N trà' bhitheas fòs luchd deant' an uilc
ag fàs fuidh bhlàth gu leir.
Se sùd is deireadh dhoibh fai-dheoidh,
gu sgriosthar iad am feasd'.
8 Ach thus', a Dhe, gu siorruidh 'ta
àrd-urramach gun cheist.
9 Oir feuch, do naimhde fein, a Dhe,
oir feuch, do naimhde fein,
Lain-sgriosthar iad: iom-sgaoilthear fòs
luchd-aingidheachd gu leir.
10 Ach m' adharc togbhaidh tusa suas
mar adharc buabhuill aird:
Le hòla ghloin neamh-thruaillidh ùir
ungfuighear mi gun chàird'.
11 Air m' easc-cairdibh do chi mo shùil
mo mhiann, is chluinn mo chluas
Mo lùgh' air luchd na haingidheachd
a'm' aghaidh dh'eir'gheas suas.
12 Biaidh piseach air an fhirean chòir
mar chrann pàilm' ur-mhor glas;
Mar Shedar àrd air Lebanon
ag fàs gu direach bras.
13 An dream 'ta air an suidheachadh
ann tigh 's ann àros De,
Ann cùirtibh greadhnach àrd ar Dia
sior-fhàsaidh siad gach rè.
14 San am a'm bi siad aos-mhor liath
do bheir siad meas amach:
Is biaidh siad sult-mhor le deagh-bhlàth
dhiubh sùd gach uile neach:

15 Do

15 Do chum gu 'n innsid gu bhuil Dia
ro-chomh-thromach is ceart:
Mo charraig e, 's ni bhuil ann fein
aon ea-coir no droich-bheart.

## SALM XCIII.

IS Righ Dia, air a sgeudughadh
le mòrdhalachd gach am:
'Ta air a sgeudughadh le neart,
le'r chriosrui'r e gu teann:
Do shocruigheadh an cruinne-ce,
nach gluaisfear e a choidhch'.
2 Do chathair daingean 'ta o chian:
's tu fein gun cheann gun chrioch.
3 Do thog na srutha suas, a Dhe,
do thog na srutha garg:
An guth: is thog na srutha suas
an tonna mòr is borb.
4 Is treise Dia 'ta 'n comhnuidh shuas
na fuaim nan uisge garbh:
Is treise Dia na sùmainneadh,
is tonna cuain gu dearbh.
5 Ataid do theisteis is do reachd
ro-dhaingean agus fior:
'Ta naomhthachd iom-ch'uidh air do theach,
a Dhe nam feart, gu sior.

## SALM XCIV.

O Dhia d'am buin ceirt-dhioghaltas:
Jehobhah neart-mhoir threin,

D'am

D' am buin amhàin ceirt-dhioghaltas,
gu dealrach nochd thu fein.
2 O bhreitheamh cheirt na talmhain, dean
thu fein a thogbhail suas:
Is ioc re luchd an uaibhreachais
ceart-luaigheachd agus duais.
3 Cia fhad' a ni luchd-aingidheachd;
cia fhad', a Dhia, do ni
Luchd-aingidheachd ùr-ghàirdeachas
le aoibhneas mòr gun dì'?
4 Cia fhad' a bhrùchdar briathra leo,
ag teachd air nithibh cruaidh?
'S a bhitheas luchd na h aingidheachd
re ràiteachas is uaill?
5 Bhris iad dò shluagh gu mion, a Dhe,
is t oighreachd chlaoidhd gu goirt.
6 Bain-treabhach, coig'reach', 's dilleachda,
'ga' marbhadh, is 'ga' mort.
7 Deir siad gidheadh, cho leir do Dhia:
is fòs ni mò do ni
Dia Jacob sùd a thoirt fainear,
's ni 'n cuir am feasd' am prìs.
8 O dhaoine brùideil 'measg an t sluaigh,
'nois tuigibh agaibh fein,
Is amadain, cia fhad' do bhios
sibh gabhail chugaibh ceill'.
9 An neach do chuir air faillin cluas,
'm bi se gun chlaisteachd gheir?
An ti do dhealbh an tsùil faraon,
nach ann d'a fein is leir?

10 'N

10 'N ti ſmachduigheas na fineachan,
an eadh nach cronuigh ſe?
An ti bheir eòlas do gach neach,
an neach gun eòlaſ e?
11 Air ſmuaintibh dhaoin' is fioſrach Dia,
gur diomhaoin iad gu beachd.
12 Dhia, 's beannuight' iad a ſmachdui'r leat,
's theagaiſgear as do reachd.
13 Chum fois gu d' thugann tuſa dhoibh
o làithibh amhghair olc,
Gu nuig an uair ann tochaltar
do dhaoinibh daoi an ſlochd.
14 Oir Dia cho tilg ſe dh'e am feaſd'
a phobull muintireach:
'S ni mò na ſin do threigear leis
chaomh-oighreachd charthanach.
15 Ach pillfidh breitheamhnas a rìs
re fireantachd air ais:
Biaidh luchd a' chroidhe threibh-dhirich
'ga leanmhuin sùd gu cas.
16 Ann aghaidh fòs luchd deant' an uilc
cia dh' eir'gheas leam ann àird'?
Ann aghaidh luchd na haingidheachd
cia ſheaſas air mo phàirt?
17 Mur bitheadh Dia Jehobhah leam
ga m' chuideachadh le buaidh:
'S beag nach raibh m'anam bochd ann tàmh,
gu toſdach ann ſan uaigh.
18 'N trà' dubhairt mi, ata mo chos
air ſleamhnughadh uam ſios:

Do

Do rinn do thròcair chaomh, a Dhe,
ann ſin mo chunbhail ſuas.
19 Air bhith do m' ſmuainteagh' iomarcach,
is lion-mhor ann mo chom,
Do thug do chomh-fhurtachd' ann ſin
sòlas do m'anam trom.
20 Ag cathair rioghail luchd an uilc
am bi comh-chomunn leat,
'Ta dealbh gu ſeòlt' an aimh-leis mhòir
le ſtatuin agus reachd?
21 Ann aghaidh anm' an fhirein chòir
'taid cruinneachadh gu dlù':
Do fhàgail ris fuil neimh-chiontaich
le breitheamhnas nach fiu.
22 Ach Dia mo dhaingneach 's e: mo Dhia
mo charraig-dion gach lo.
23 'S e dhiolfas orra sùd air ais
gach ea-coir rinneadh leo,
An ſgathadh ſios do nithear leis
gu ceart nan aing'eachd fein:
Is ni Jehobhah mòr ar Dia
an ſgathadh ſios gu treun.

## SALM XCV.

O Thigibh, ſeinneamaid do Dhia:
thigeadh gach neach gun chàird'.
Do charraig threin ar ſlàinte fòs
togbhamaid iolach àrd.
2 Is ann a fhiadhnais tiucfamaid
le buidheachas gach la:

To-

Togbhamaid ceòl gu fuilbhireach
ag feinn le falmaibh dh'a.

3 Is Dia ro-mhòr Jehobhah treun:
Righ mòr oif-cionn gach Dia.
4 Doimhneachd na talmhain 'ta 'n a laimh;
's leis neart nan cnoc 's nan fliabh.
5 Se rinn an cuan 'ta fairfing mòr,
'ta còir aig' air is fealbh;
'S an talamh tirim le na laimh
do chruthaigh fe 's do dhealbh.
6 O thigibh agus fleachdamaid,
is deanthar cromadh leinn:
Is air ar gluinibh tuiteamaid
do'n Dia a chruthaigh finn.
7 Oir 's e ar Dia, is finn' a fhluagh
do bheathuigh fe mar threud,
Caoirigh a laimh: ma eifdear leibh
an diugh a ghuth gun bhreug.
8 Na cruaidhighear bhur chroidhe leibh,
mar rinn fa' choimh-ftribh dhian,
Mar rinneadh leibh fan fhàfach chruaidh
ga m' bhuaireadh le bhur miann.
9 'N trà' dh'fhionn 's a dhearbh bhur finnfir
's mo ghniomh do chunnairc fiad. [mi,
10 An t-àl ùd rè da fhichid bliadhn'
chuir campar orm is eùd:
Dubhram, gur pobull iad 'gam bhuil
droch-croidhe feachranach:
Is air mo fhlighthibh riamh nior ghabh
fiad eòlas firinneach.

11 D'an

11 D'an d'thug mi fhein mo mhionnan mòr
a'm' fheirg 's a'm' chorruigh gheir:
Nach rachadh fiad a choidhch' a fteach
a'm' ionad-comhnuidh fein.

## SALM XCVI.

CAnaibh do'n Tighearn' oran nuadh,
gach aon tir, canaibh dh'a.
2 Seinnibh do Dhia: ainm beannuighibh:
nochdaibh a fhlàint' gach la.
3 A' meafg nam fineach Geintileach
fior-thaisbeinibh a ghlòir:
A' meafg nam poibleach inniſibh
a mhiorbhuile ro-mhòr.
4 Oir 's mòr Jehobhah Dia nam feart,
's ion-mholta feadh gach rè:
Is àdhbhar eagail e faraon
oif-cionn nan uile Dhè.
5 Oir 'ta fiad, Dè nan Geintileach,
nan iodholaibh gu leir:
Ach 's e Jehobhah cruthaigheoir
nam flaitheas is nan fpeur.
6 Ard-onoir agus mòrdhalachd
'na fhiadhnais-fin ata:
Trein-fpionnadh agus maiſealachd
'na theampull naomh' do ghnà'.
7 O fhineacha nam poibleach mòr,
thugaibh do Dhia nam feart,
Thugaibh do'n Tighearn' ùd faraon
glòir urram agus neart.

8 A'

8 A' ghlòir a's cubhaidh fòs d'a ainm
do'n Tighearn' thugaibh uaibh:
Thigibh g'a chùirtibh naomh' a fteach,
is thugaibh ofrail leibh.
9 Do Dhia Jehobhah fleachdaibh fios
a' mais' a naomhthachd fein:
Biodh eagal oirbh, gach uile thir,
'na fhiadhnais-fin gu leir.
10 Abraibh 'meag fineach, gu bhuil Dia
riaghladh mar Righ gu beachd:
Buan-dhaingnichear an domhan leis:
air daoinibh bheir breith cheart.
11 Biodh aoibhneas air na neamhaibh àrd,
is biodh an talamh ait:
Beacadh an cuan gu farumach,
's gach làn a't'ann gu pailt'.
12 Biodh aoibhneas air a' mhachair fòs,
is air gach ni a't'ann:
Ann fin biaidh aiteas air gach coill',
is air gach craoibh is crann.
13 Ann làthair Dhe; oir 'ta fe teachd,
oir 'ta fe teachd gu feth
Air talamh chum gu deanta leis
ceirt-bhreitheamhnas fa leith:
Le ceartas maith do bheir fe 'mach
breith air a' chruinne-che,
Bheir air a' phobull bhreitheamhnas
le firinn fhior-ghlan reidh.

JEhobhah mòr 's e 'ta 'na Righ,
biodh aiteas air gach tir:
'S air oileanaibh 'ta lion-mhor ann
biodh gàirdeachas gu leir.
2 'Ta neula tiugh is dorchadas
fa thimchioll air gach leith:
Se 's comhnuidh fòs d'a chathair-riogh
deagh-chomh-throm is ceirt-bhreith.
3 'Ta teine roimhe millteach mòr
ag imtheachd air gach àird',
Le'r loisgfear suas gu lasarach
a naimhde-sin fa'n cuairt.
4 Le solus glan a dhealanaich
dhealruigh an cruinne-ce:
Chunnairc an talamh sùd gu dearbh,
do chlisg is chriothnuigh se.
5 Na cnuic, ann làthair Dhia nan dùl,
do leagh siad as mar cheir:
Roimh ghnùis Aird-Righ na talmhain ti,
do leagh siad as gu leir.
6 Cuirfidh na neamh' a cheart ann ceill:
is chi gach sluagh a ghlòir.
7 Do iomh'aibh snoighte mead 's a chrom
gu raibh dhoibh amhluadh mòr,
'Ta deanamh bòst isràiteachais
as iodholaibh nach fiu;
Gach uile Dhè a'ta sibh ann,
sleachdaibh do Dhia nan dùl.
8 Do bhi ar Sion aoibhneas mòr
an uair a chual si e,

Rinn inghean' Judah gàirdeachas:
fa d' bhreitheamhnais a Dhe.

9 Oir 'ta tu, Dhia Jehobhah, àrd
oifcionn gach uile thir':
'Ta tu air tàrdughadh gu mòr,
oifcionn gach Dia gu leir.

10 Sibhfe le'r n ionmhuin Dia gu caomh,
fuathuighibh olc a choidhch';
Anam a naomh fior-choimhdidh fe:
faoruidh o laimh nan daoi.

11 Cuirfear mar phòr gu frafach pailt'
folus do'n fhireanach:
Is aoibhneas fòs, do'n droing a'ta
nan croidhe treibh-dhireach.

12 Biodh aiteas oirbh ann Dia na glòir',
O fhireana gu leir:
Is thugaibh buidheachas do Dhia,
re cuimhn' a naomhthachd fein.

## SALM XCVIII.

O Seinnibh oran nuadh do Dhia
rinn bearta miorbhuileach:
'S i dheas-làmh fein 's a gàirden naomh',
thug dhofan buaidh amach.

2 Do thaisbein Dia gu follafach
fhurtachd 's a fhlàinte mhòr:
Am fiadhnais Gheintleach d' fhoillfigh fe
fhireantachd fein gu leòr.

3 Chuimhnigh fe fhirinn is a ghràs
do theaghlach Ifraeil:

Is

Is ſlàint' ar Dia do chuncadar
gach iomall tir' gu leir.
4 Do Dhia Jehobhah togaibh ſuas
àird-iolach ait, gach tir:
Togaibh bhur guth: biobh ſubhach fòs,
is ſeinnibh moladh fior.
5 Do Dhia Jehobhah mòr nam feart
ſeinnibh air chlàirſigh ghrinn:
Le clàirſigh (deirim) ſeinnibh dh'a,
le guth na ſailm gu binn.
6 Le fuaim an tormain ſeinnibh dh'a,
's le guth na trompait àird:
Do Dhia an t Aird-Righ ſeinnibh fòs,
le iolaich ait gun chàird'.
7 Beacadh an fhairge mhòr gu borb,
's an làn a't'ann le cheil'.
An domhan, is gach dùil a'ta
ann comhnuidh ann gu leir.
8 Buaileadh na tuilte mòr' am bos';
's na ſleibhte biodh ſiad ait.
9 Ann làthair Dhe, oir 'ta ſe teachd
air talamh thabhairt ceirt:
Le ceartas maith do bheir ſe 'mach
breith air a' chruinne-che,
Bheir air a' phobull breitheamhnas
le comh-throm fior-ghlan reidh.

## SALM XCIX.

'TA Dia 'na Righ, is criothnuigheadh
gach uile ſluadh air bith:

'S e fhuidheas eadar Cherubim,
biodh air an talamh crith.
2 Ann Sion 'ta Jehobhah mòr,
is àrd oifcionn gach fluaigh.
3 Tainm mòr ro-uath-mhor molfar leo:
oir 'ta fe naomh' r'a luadh.
4 Is toigh le neart an Righ ceirt-bhreith:
's tu fhocruigheas a' cheart:
Ann Jacob breitheamhnas is còir
cuirfidh tu 'n gniomh gu beachd.
5 Ar Dia Jehobhah àrduighibh:
is fleachdaibh dh'a gu caomh
Ag ftòl a chos gu h urramach:
oir 'ta fe fein ro-naomh'.
6 A' meafg a fhagart Aron 's Maois,
bhi Samuel ann fan dream
Do ghair air ainm: do iarr fiad Dia,
fhreagair fe iad fan am.
7 Am pileir neòil gu gràs-mhor caoin
do labhair eifin reo;
Na ftatuin naomh' do thug fe dhoibh,
's a theifteas choimhdeadh leo.
8 Jehobhah Dhia, do fhreagrais iad:
's tu 'n Dia do mhaith an lochd,
Ge d' dhearnas orra dioghaltas
air fon an aifinnleachd.
9 Ar Dia Jehobhah àrduighibh,
is fleachdaibh dh'a do ghnàth
'S ann ag a thulaich naomhtha fein:
oir 's naomh' ar Dia gu bràth.

SALM

TOgadh gach tir àird-iolach ghlaoidh,
do Dhia Jehobhah mòr.
2 Thigibh, is deanaibh feirbhis ait,
'na làthair-sin le ceòl.
3 Biodh agaibh fios gur eisin Dia,
se rinn sinn, 's cho sinn fein:
A phobull sinn, 's a chaoirigh fòs
dh' inealtradh leis gu leir.
4 Thigibh anois le buidheachas
'na gheataibh-sin a steach,
Is thigibh fòs le moladh mòr
ann cùirtibh naomh' a theach:
Is thugaibh dh'a mòr-bhuidheachas,
ainm beannuighibh gu binn.
5 Oir Dia 'ta maith, 'ta thròcair buan;
is fhirinn feadh gach linn.

## SALM CI.

BReith cheart is tròcair canfar leam:
Dhe, feinneam dhuit le ceòl.
2 Is iomcharam mi fhein gu glic
air sligh fhoirfe chòir,
Cia uair do m' ionnsuidh thiucfas tu,
o Thighearna nam feart?
A steach a'm' fhàrdoich gluaisidh mi
le croidhe fior-ghlan ceart.
3 Fa chomhair fòs mo shùile fein
ni 'n cuirfeam olc am feasd':
Obair luchd-faobhaidh 's fuathach leam,
's ni 'n leanann rium gun cheist.

4 An croidh' 'ta iargolt' ain-meineach
uam triallaidh se ann cein:
Eòlas no furan air an daoi
a choidhch' ni 'n cuirfeam fein.

5 'N ti cuil-bheim bheir d'a choimhearsnach,
lom sgriosfam e gun chàird';
An croidhe borb, nior fhuil'geam e
no neach a sheallas àrd.

6 Biaidh m' air' air fireana na tir',
gu gabhaid comhnuidh leam:
An ti bhios foirfe glan 'na bheus,
se 's òglach dhamh gach am.

7 Fear deanta ceilg is mealltaireachd,
a'm' theach ni 'n comhnuigh'nn se:
A'm' làthair, neach a labhras breug
gu buan cho'n fhuirigh e.

8 Lom sgriosfaidh mise fòs gu moch
gach droch-dhuin' as an tir,
Chum luchd an uilc a sgathadh as
o chathair Dhe gu leir.

## SALM CII.

RE m' ùrnaigh eisd, Jehobhah Righ;
is righeadh ort mo ghlaodh.

2 Na foluigh uam do ghnùis san la
thig triobloid orm gach taobh,
San la ann gairmeam ort gu geur,
crom chugam fein do chluas;
Is freagair mi gu deifireach,
ag furtachd air mo chruas.

3 Do

3 Do bhrigh gu bhuil mo làith' mar cheo
ag teireachdain do ghnà':
Mar lic an tinntein 's amhluidh ſin,
mo chnàmhan loiſgt' ata.
4 Trom-bhuailte 'ta mo chroidhe bochd,
is ſhearg ſe mar am feur;
Ionnus gur dhearmaid mi gu beachd
greim arain chur a'm' bheul.
5 Fa ghuth mo chaoi', mo chnàmhan lean
re m' chraicionn fein gu teann.
6 Mar pheliocan ſan fhàſach mi;
's mar choileach-oidhch' nam beann.
7 Re faire 'taim gu furachair,
is coſmhuil mi do ghnà'
Re gealbhonn beag 'na aonar fòs
air mullach tigh' a'ta.
8 Re fad an la mo naimhde garg
ga m' mhaſlughadh ataid:
San dream a'ta air boile rium
a'm' aghaidh mhionnaigh ſiad.
9 Le m' dheuraibh choi'-meiſg mi mo dheoch:
mar aran dh'ith mi luath'.
10 Tre laſan t fheirg'; oir thog tu mi
is leag tu 'rìs gu truagh.
11 Mar ſgàil', do chlaon mo làithe ſios:
is ſhearg mi fhein mar fheur.
12 Ach mairfidh tus', am feaſd', a Dhe:
's do chuimhne fein gu ſior.
13 'Nois eir'ghionn tu do dheanamh gràis
air Sion fein gu dlù':

Oir am a cabhair 'ta air teachd,
ſe 'n tam a dh'orduigh thu.
14 Oir tòglaich 'taid ag gabhail tlachd
d'a clochaibh sùd gach uair,
'Ta deagh-thoil ag do ſhearbhantadh
d'a luaithre is d'a h ùir.
15 Mar ſin biaidh air na fineachaibh
eagal roimh ainm an Triath:
Is air gach Righ air talamh 'ta
biaidh roimh do ghlòir-ſe fiamh.
16 'N trà' thogbhar Sion ſuas le Dia,
taisbeanar e 'na ghlòir.
17 Urnaigh nam bochd bheir ſe fainear,
's cho diùlt ſe iad le tàir.
18 Do'n ál a'ta re teachd 'n ar deigh,
sùd ſgriobhthar dhoibh gu beachd:
'S an drong do ghinear o ſo ſuas,
molfaidh ſiad Dia nam feart.
19 Oir dh'amhairc ſe anuas gu beachd
o àird' a naomhthachd fein:
Is air an talamh dh'amhairc Dia,
anuas o neamh nan ſpeur.
20 Gu cluinnſeadh oſnaidh ghearanach
a' phrioſunaigh 'ta 'n sàs:
Chum fuaſgladh air an droing a'ta
air 'n ordughadh chum bàis.
21 Ann Sion chum gu cuirfidh 'n ceill
ainm uaſal àrd ar Dia,
'S gu 'n innſid ann Jeruſalem
moladh is cliu an Triath.

22 An

22 An tam a bhios na poibleacha
air cruinneachadh le cheil':
'S gu feirbhis De 'n trà' thionalar
na Rioghachda gu leir.

23 San t flighe agus ann san ròd
mo threòir do lagadh leis:
Mo làith' do chuir an giorrad fòs.
24 'S mar so do labhair mis',
Mo Dhia, na glacar mi le bàs
fa thimchioll leith mo la:
O aois gu h aois gu marthanach,
do bhliadhnaidhs' buan ata.

25 Deagh-bhunaite na talmhain ti
o chian do leagadh leat:
Is fiad na neamha fior-ghlan àrd
oibridh do làmh gu beachd.
26 Biaidh tufa buan is marthanach,
theid iadfan thart' le cheil',
Biaidh iadfan fòs air teireachdain
mar ghiobal fean gu leir:
Feuch caochluigh' tu mar thrufcan iad,
is caochluigh'r iad gun cheift.
27 'Ta thus' amhàin gun chaochladh ort,
's do bhliadhnaidh buan am feafd'.
28 Biaidh clann do fheirbhifeach a Dhe
marthanach buan do ghnàth:
Agus ann t fhiadhnais focruighear
an gineal-fan gu bràth.

O M'anam, beannuigh thus' anois
an Dia Jehobhah mòr:
Molfadh gach ni 'ta 'n taobh ſtigh dhiom,
ainm naomhtha mar is còir.
2 O m'anam, beannuigh fein anois
Jehobhah mòr do Dhia:
Na dio-chuimhnigh gach tiodhlaicthe
do dheonuigh dhuit an Triath.
3 'S e mhaitheas dhuit gu gràs-mhor caoin
gach peacadh ionnad fein:
'S e bheir dhuit ſlàint', is furtachd fòs
o tea-ſlaintibh gu leir.
4 Do bheatha fòs o ſgrios a' bhàis
's e dh'fhuaſglas dhuit gu pailt';
'S e chrùnas tu le coroin gràidh,
's le tròcair chaoimh gun airc.
5 Le mhaitheas is le thiodhlaicthibh
sàir-lionaidh ſe do bheul:
As gu bhuil tòig' air nuadhachadh
mar iolair luath nan ſpeur.
6 Air ſgà' na muintir ùd, a'ta
le fòirneart air an claoidh',
Ceartas is breitheamhnas faraon
's e Dia dhoibh sùd do ni.
7 Do Mhaois an neach bu ſhearbhant dh'a,
a ſhlighe chuir ſe 'n ceill:
Is mar an ceadn' a ghniomhartha
do chlannaibh Iſraeil.
8 'Ta 'n Tighearn' iochd-mhor, tròcaireach,
's mall fhearg, 's is pailt' a ghràs.

9 Cho

9 Cho bhi ſe tagradh ruinn do ſhior:
's ni 'n gleidh ſe fhearg gu bràth.
10 Do reir ar peacaidh iomarcaich
nior rinn ſe dioghaltas:
'S cho d'thug ſe luigheachd dhùinn, a reir
ar cionta' is eaſ-aontais.
11 Oir mar oiſ-cionn na talmhain 'ta
na ſpeuran àrd gach rè:
Is amhluidh ſin 'ta thròcair mòr
do'n droing d'an eagal e.
12 Mar 'ta an àird' an ear 's an iar
ag gabhail fad o cheil':
'S comh-fhad a chuireas Dia nan gràs
ar peacaidh uainn gu leir.
13 Amhluidh mar ghabhas athair dàimh
is truas d'a leanbaibh maoth:
Mar ſin d'a fhior-luchd eagail fein,
Dia gabhaidh truas gu caomh.
14 Oir 's aithne agus 's leir do Dhia
ar cruth 's ar dealbh gu ceart:
Gur duſlach talmhain ſinn air fad,
is cuimhne leis gu beachd.
15 An duine truagh, ataid a làith'
amhluidh mar fheur a ghnàth:
Mar bharr na luibh' air mhachair fòs,
ata ſe fàs fuidh bhlàth.
16 Oir gabhaidh thairis oſag ghaoith,
's cho bhi ſe idir ann:
'S ni fhaicear e ſan ionad ùd
anns raibh ſe fàs gu teann.

17 Ach mairfidh tròcair Dhe gu ſior
do'n droing d'an eagal e,
Is fòs do chloinn an cloinne-ſin
biaidh fhireantachd gach rè:
18 Do'n aitim ùd a chumas ris
an cùmhnant rinn ſe reo:
'S do'n droing a chuimhn'ghèas aitheanta
do chum gu deant' iad leo.
19 Do ſhocruigh Dia ſna neamhaibh àrd
a chathair fein gu treun:
'Ta Rioghachd-ſan ann uachdar fòs
oifcionn gach ni fuidh 'n ghrein.
20 Sir-bheannuighibh Jehobhah mòr,
o aingle treun ann neart,
'Ta deanamh iarrtais mar is còir:
ag eiſdeachd re na reachd.
21 Gach uile ſhluagh a bhuineas d'a,
beannuighibh Dia anois:
A ſhearbhanta le'r coimh-lionthar
gach ni a's toileach leis.
22 Uil' oibridh, feadh a thighearnais,
a rinneadh leis an Triath,
An Righ Jehobhah beannuighibh:
o m'anam, beannuigh Dia.

## SALM CIV.

O M'anam, beannuigh thuſa Dia;
mo Dhia, 's tu 'n Triath ro-mhòr:
Ara tu air do ſgeudughadh
le honoir is le glòir.

2 Do

2 Do chuir tu ſolus dealrach glan,
mar thruſcan umad fein:
Do ſhìn tu 'mach 's do ſgaoileadh leat,
mar chùirtin neamh nan ſpeur.

3 Sailthein a ſheòmra leagadh leis
air uiſgibh do bhi fuidh;
Mar charbad rinn na neula tiugh,
's e ruidh air ſgiathaibh gaoith.

4 'S e fein a rinn na h aingil fòs
nan ſpioraid laidir threun:
'S e rinn nan teine laſardha
a mhiniſtridh d'a reir.

5 Is bunàite na talmhain leis
air ſocrughadh ata:
Do chum nach gluaiſt' as ionad e
a chaoidhch' nan cian gu bràth.

6 Do fholuigh tu le doimhneachd e,
amhluidh 's gu b'ann le brat:
Oiſ-cionn nam beann 's nan ſleibhte àrd
na h uiſgeacha do ſtad.

7 Air cluinntin doibh guth tachmhaſain
do imthigh iad gu cas:
Is fòs re guth do thairneanaich
le deifir theich ſiad as.

8 Re taoibh nam beann do chuaidh ſiad ſuas:
's chuaidh ſios air feadh nan gleann,
Gu nuig an tàit' a dh'orduigh tu
's do ſhocruigh dhoibh gu teann.

9 Do chuir tu rompa criocha buan
nach rachaid thart' a nunn:

D'eagal

D'eagal gu pilleadh ſiad a rìs
dh'fholach na tir' le tuinn.
10 Cuirfidh ſe 'mach na toibreacha
air feadh nan glac 's nan gleann,
A'ta gun tàmh le 'n ſruthaibh bras
ag ruidh air feadh nam beann.
11 Do bheathachaibh na machair fòs
deoch bheirid dhoibh r'a hòl:
'S na h aſsail fhiadhaigh coiſgfidh ſiad
an tart 's an iotadh mòr.
12 Am fogaſg dhoibh ni eoin nan ſpeur,
tigh clù'-mhor tàimh dhoibh fein:
Is eadar gheugaibh cuirfear leo
an ceileir binn ann ceill.
13 Uiſgichidh ſe o ſheòmraibh àrd
na beanntaidh mhòr gun tàmh:
Bithidh an talamh air a dhiol
le toradh gniomh do làmh.
14 Bheir ſe air feur bhith fàs do'n ſpreidh,
's air luibh bhith fàs gun ſgios
Do dhaoinibh, chum gu d'thugadh ſiad
o'n talamh biadh ainios:
15 Is fion a chuireas croidhe dhaoin'
air ghean 's air ſhubhachas,
Is òla fòs do ni an gnùis
gu dealrach glan le mais':
'S e bheir doibh aran mar an ceadn'
fhreaſdal am feim gu leòr,
Ann croidhe dhaoin' a chuirfeas neart
le miſnigh mhaith is treòir.

16 'Ta

16 'Ta craobhan De ro-làn do bhrigh:
siad Sedair Lebanoin,
Na craobhan ùd do phlantuigh se,
's do shuidhigh air am bonn:
17 Is bithidh neid san ionad ùd
ag eunlaith luath nan speur:
Na craobhan giumhais, ag an storc
mar ionad tàimh dh'i fein.

18 Na fiadh-ghabhair, am beanntaibh àrd
an tearmunn fein do leag;
Biaidh coinin bheaga mar an ceadn'
ann còasaibh blàth nan creag.
19 Do orduigh se a' ghealach fòs
gu sgarachduin nan trà':
'Ta eòlas ro-mhaith ag a' ghrein
mar luidheas i gach la.

20 Do nithear leatsa dorchadas,
is thig an oidhch' gu grad:
Ann sin biaidh beathuigh allt' na coill'
ag dol a mach air fad.
21 Re beacadh biaidh na leòmhain òg
ag iarraidh cabhartaich,
Is bithidh siad ag iarraidh bidh
air Dhia ro-chumhachdach.

22 Ann sin 'n trà' dh'eirigheas a' ghrian,
nid cruinneachadh le cheil',
Gu h uaigneach luidhidh siad a stigh
nan garadh didean fein.
23 Is theid an duine 'mach ann sin
g'a obair mar is còir,

Is

Is leanaidh ſe gu dicheallach
a ſhaothair gu tràth-nòn'.

24 Cia lion-mhor t oibridh mòr, a Dhe!
ann gliocas rinn tu iad:
An talamh le do ſhaidhbhreas mòr
'ta làn air fad 's air lead.

25 'S an cuan 'ta fairſing mòr, ann bhuil
gach ni a ſhnàigheas ann,
'S na beathuigh eadar bheag is mhòr,
gun orra cuntas ceann.

26 'Ta loingeas ſiùbhal ann gu tiugh;
's an Lebhiatan mòr,
A' bheiſt do dhealbhadh adhbhal leat
re sùgradh ann le treòir.

27 Na ſlòigh ùd uile 'taid, a Dhe,
ag feitheamh ort do ghnàth:
Do chum gu d'thugadh tu dhoibh biadh
d'an cunbhail beo gach tràth.

28 Na bheir tu dhoibh a'd' thoir-bheartas
'ga thional sùd ataid:
'N trà' dh'fhoſglas tu do làmh gu pailt',
le maith sàir-lionfar iad.

29 Air folach dhuit do ghnùis a rìs,
thig cabhag orr' air fad;
Eugſuid, trà' bheir tu aſt' an deo,
pillfid re 'n ùir gu grad.

30 Do ſpiorad fein d'an cruthachadh,
'rìs cuirfear leat amach:
Is aghaidh fòs na talmhain ti
nuadhuighidh tu le dreach.

31 Biaidh glòir an Triath ro-mharthanach
air feadh gach linn am feasd':
Is ni Jehobhah gàirdeachas
'na ghniomharthaibh gun cheist.

32 Air sealltuin air an talamh dh'a,
criothnuighidh se gu grad:
'N trà' bheanas e re sleibhtibh àrd,
biaidh deatach dhiubh air fad.

33 Do Dhia Jehobhah seinneam ceòl
an cian a bhios mi beo:
Is bheiream moladh mòr do m' Dhia
re fad mo rè 's mo lo.

34 'S roi-mhilis blast' mo smuainteagh's' air,
biom ait ann Dia do ghnàth.

35 Gu d'thigeadh sgrios air peacachaibh
'mach as an tir gu bràth,
'S nior raibh na h aingidh ann ni 's mò:
o m'anam, moladh seinn
Do Dhia Jehobhah; molaibh Dia
le hallelujah bhinn.

## SALM CV.

O Thugaibh buidheachas do Dhia,
air ainm-sin gairibh fein:
Is cuiribh fòs a ghniomhartha
a' measg nan sluagh an ceill.

2 Seinnibh do Dhia Jehobhah mòr,
sailm seinnibh dh'a gu binn,
Is aithrisibh gu h iomlan fòs
na miorbhuile do rinn.

3 As

3 As ainm ro-naomhtha-ſan faraon
deanaibh deagh-uaill is glòir;
Biodh gàirdeachas air croidh' na droing
dh'iarras Jehobhah mòr.
4 Iarraibh Jehobhah mòr nam feart,
iarraibh a neart do ghnàth:
A ghnùis 'ta gràs-mhor fabharach,
ſir-iarraibh i gu bràth.
5 Cuimhnighibh fòs na miorbhuile,
do rinneadh leis gu treun;
A ghniomhartha roi-iongantach,
is breitheamhnais a bheil.
6 O ſibhs' a ghineil Abraham
deagh-òglaich dhileis De:
Sibhſe chlann Jacob mar an ceadn',
do roghnuigh ſe dh'a fein.
7 'S eiſin ar Tighearn' is ar Dia,
Jehobhah mòr gu fior:
'Ta bhreitheamhnais ro-chomh-thromach
air ſgaoileadh feadh gach tir'.
8 Do chuimhnigh ſe gu ſiorruidh buan
a choimh-cheangal gu beachd:
'S am focal fòs a dh'òrduigh ſe
do mhiltibh àl re teachd.
9 An coimh-cheangal do rinn ſe fein
re Abraham gu caoin,
'S a mhionna thug ſe le na bheul
do Iſaac caomh faraon;
10 Is amhluidh ſin do Jacob fòs,
dhaingnigh ſe e mar reachd;

Mar

Mar choimh-cheangal bhi ſiorruidh buan
do Iſrael gu beachd;
11 Ag ràdh, tir Chanaan bheiream dhuit,
mar chrann bhur n oighreachd fein:
12 Air bhith dhoibh tearc, 's nam buidheinn
's nan coigrigh innt' gu leir. [bhig,
13 Is air bhith dhoibh ag imtheachd fòs
o thir gu tir gun tàmh;
Ag triall feadh ſluaigh is Rioghachda
nach fac' iad roimhe riamh:
14 Nior leig do dhuin' an gortachadh,
ach, ſmachduigh as an leith
Mòir-Righridh neart-mhòr cumhachdach;
ag ràdh mar ſo gu ſeth,
15 Feuchaibh nach bean ſibh ris an dream
do ungadh leam gu caomh:
Is fòs na deanaibh cron air bith
no lochd air m' Fhàidhibh naomh'.
16 Do ghairm ſe gort' a ſteach do'n tir:
is lorg an arain bhris.
17 Ach chuir ſe Joſeph rompa ſios,
reiceadh mar thràill gun fhios.
18 Le geimhlibh dhochuinn ſiad a chos',
luidh ſe ann iarann teann.
19 Gu nuig an d'thainig focal De;
do dhearbh sùd e ſan am.
20 Do chuir an Righ fios air ann ſin,
is d' fhuaſgail air gu caoin:
Seadh uachdran mòr nam poibleacha,
is leig ſe e fa ſgaoil.

21 Is

21 Is air a theaghlach thug se dh'a
àrd-uachdranachd gu leir:
Ard-mhaigh'ìtereachd a ſtòrais mhòir,
do thug ſe dh'a d'a reir.

22 Do cheangal reir mar chitfeadh dh'a,
àird-phrionnſuidh mòr na tir':
'S gu d'thugadh ſe d'a ſheanoiribh
teagaſg air ghliocas fior.

23 Do Rioghachd mhòir na hEipht ann ſin
do thainig Iſrael,
Do bhi air chuairt ann talamh Cham
Jacob 's a ſhliochd le cheil'.

24 Do rinn ſe phobull fein ann ſin
lion-mhor gu hiomarcach,
Is ni bu treiſe rinn ſe iad
na 'n naimhde mio-runach.

25 An croidhe sùd do iompoigh ſe
thoirt fuath d'a phobull naomh',
'S gu buineadh ſiad gu fealltach olc
r'a ſhearbhantaibh ro-chaomh.

26 Ann ſin do chuir ſe òglach Maois,
Aron do thagh ſe fein.

27 Nochd ſiad a chomhar' miorbhuileach,
ann talamh Cham gu treun.

28 Duibhre do chuir, le'r dhorchadh iad:
's do fhreagair ſiad a ghuth.

29 D'iompoigh gu fuil an uiſgeacha,
's do mharbh ſe 'n t iaſg nan ſruth.

30 Is loſgain ann an lion-mhoireachd
do bhrùchd an tir amach,

Ann

Am fàrdochaibh an Righridh-ſin
's nan ſeòmrachaibh a ſteach.
31 Air iarrtas thainig iomdha gne
do chuileoguibh gu grad:
Is miola lion-mhor mar an ceadn'
nan còrſaibh fein air fad.
32 Air ſon na fearthuin thug ſe dhoibh
cloich-ſhneachd gu fraſach geur,
Is laſair theine-dhealanaigh
air feadh na tir' gu leir.
33 Na craobhan fion', is fige fòs
do bhuaileadh leis gu trom;
Do bhriſeadh agus reabadh leis
gach crann do bhi nam fonn.
34 Do labhair ſe, is thangadar
locuiſt gu lion-mhor ann,
'S na Caterpilleir iomarcach,
gun orra cuntas ceann.
35 Gach luibh ſan tir do itheadh leo:
do itheadh leo gach meas.
36 Bhuail ſe gach ceid-ghin ann ſan tir:
toiſeach am brigh 's an treis'.
37 Le hòr 's le hairgiod thug ſe 'mach
a phobull fein gun di':
'S ni raibh nan treabhuibh-ſin air fad
neach ea-ſlainteach gun chli.
38 Bu ſhubhach leis na hEiphteachaibh
'n trà' chuaidh ſiad uath' amach:
Air ſon gur thuit an eagal-ſan
orra gu huath-bhaſach.

39 Neul

39 Neul os an cionn do ſgaoil ſe 'mach
mar bhrat no cùirtin mòr:
Le teine mar an ceadn' ſan oidhch'
thug ſolus dhoibh gu leòr.
40 Do iarr an ſluagh, is thug ſe dhoibh
na gearra-goirt gu pailt':
'S le haran neamh' o ſpeuraibh àrd
thug dhoibh an sàith gun airc.
41 Do ſgoilt ſe charraig, bhrùchd amach
na uiſgeacha gu leòr:
S na hàitibh tart-mhor bhid ag ruidh
amhluidh mar amhainn mhòir.
42 Air ſon gur chuimhnigh ſe ann ſin
fhocal 's a ghealladh naomh',
Agus Abraham mar an ceadn'
a ſhearbhant dileas caomh.
43 Is uime ſin do thug ſe 'mach
a ſhluagh le haoibhneas mòr:
An aitim ùd do roghnuigh ſe,
le gàirdeachas is ceòl.
44 Is fearann fòs nan Geintileach
thug dhoibh-ſin Dia nan dùl:
Is mheal ſiad mar an oighreachd fein
ſaothair a' phobuill ùd.
45 Do chum gu d'thugadh iad fainear
a ſtatuin mar is còir,
'S gu coimhdeadh iad a reachd faraon.
Molaibhs' Jehobhah mòr.

SALM

O Thugaibh moladh mòr do Dhia,
is buidheachas faraon,
Oir 'ta se maith, mairfidh gu bràth
a thròcair ghràs-mhor chaoin.
2 Gniomhartha treun Jehobhah mhòir
cia dh'fheadas chur ann ceill?
Cia dh'fheadas fòs a chliu ro-mhòr
a thaisbeineadh gu leir?
3 'S beannuight' an aitim ùd gu beachd
a choimhdeas breitheamhnas,
'S an neach ùd fòs do ni gach uair
ceartas is ionracas.
4 Dhia, cuimhnigh ormsa, leis a' ghradh
thug thu do d' phobull fein,
O thig le d' shlàinte shòlasaich
do m' fhiosrachadh a'm' fheim.
5 Gu 'm faicfinn maith do daoine taght',
's gu deanainn aoibhneas mòr
Nan aoibhneas sùd: 's le toighreachd fein
gu deanainn uaill is glòir.
6 Do pheacuigh sinn le'r sinnseoraibh:
is fòs do rinneadh leinn
Mòir-chiont' a' t aghaidh fein, a Dhe,
gu h aingidh pheacuigh sinn.
7 Nior thuig ar sinnseora gu ceart,
do bhearta miorbhuileach
A rinneadh leat ann tir na hEipht'
gu treun-mhor cumhachdach;
Is lion-mhoireachd do thròcair chaoimh
nior chuimhnigh siad gu truagh:

Ach

Ach ag a' mhuir do bhroſnuid e,
re cois na fairge ruaidh.

8 Ach, theaſairg ſe gu tearuint' iad
air ſgà' dheagh-ainme fein;
Do chum gu nochdfadh e mar ſin
a chumhachda roi-threun.

9 Do leig ſe 'mach geur-achmhaſan
le'r thiormuigh a' muir ruadh;
Is ſtiuir ſe trid nan doimhneachd iad,
mar thrid an fhàſaich chruaidh.

10 O laimh an ti thug dhoibh-ſin fuath,
d' fhuaſgail ſe phobull fein:
'S o laimh an naimhde mio-runach
do ſhaor ſe iad gu treun.

11 Is d' fholuigh uiſg' an eaſ-cairde:
nior dh'fhan fiu aoin diubh beo.

12 Chreid iad ann ſin a bhriathra-ſan:
's a chliu do ſheinneadh leo.

13 Air dearmad leigeadar gu cas
a ghniomhartha roi-threun:
Nior fhanadar gu foighideach
re chomhairl' eagnaidh fein:

14 San fhàſach ghlac miann chiocrach iad:
'n ſin bhuair ſiad Dia gu luath.

15 An iarrtas thug ſe dhoibh; ach chuir
caoil' air an anam truagh.

16 Sa' champa ghabh ſiad farmad mòr
re Maois an duine caomh:
'S re Aron neach a roghnuigh Dia
dh'a fein 'na ſhagart naomh'.

17 An

17 An talamh d'fhoſgail ſe a bheul,
ſhluig Dathan ſios gu grad:
Buidheann Abiram mar an ceadn'
do fholuigh ſe air fad.

18 Is fòs a' meaſg an cuideachd-ſan
do las an teine teith;
Is loiſg an laſair ſuas gu leir
na droch-dhaoin' ùd gu ſeth.

19 Do dhealbhadar is rinn ſiad laogh
gu truagh ag Horeb àrd,
'S do'n iomhaigh leaght' a rinneadh leo
do àdhradar gun chàird'.

20 Mar ſin do chaochail iad gu bochd
an Dia 's an glòir gu leir
Gu coſamhlachd is fioghair bò,
no daimh do itheadh feur.

21 'N Dia bu ſhlànaightheoir dhoibh nam feim
dhio-chuimhnigh ſiad gu grad;
An neach le'r rinneadh bearta mòr
ann tir na h Eipht' air fad:

22 Is gniomhartha roi-iongantach
ann dùthaigh Cham le buaidh:
Is nithe fòs ro-uathbhaſach
re cois na fairge ruaidh.

23 Air 'n àdhbhar ſin a dubhairt ſe
gu millt' iad leis gu leir,
Mun' ſeaſadh Maois a ſhearbhant taght'
fa chomhair, ann ſa' bheim:
Do chum gu deant' a chorruigh mhòr
a philleadh uath' air hais,

D'eagal 'na fheirg gu deanadh se
a phobull fein a sgrios'.
24 Dhiùlt siad le tàir an tir ro-mhaith:
nior chreid siad briathar De:
25 Nam pàilliunaibh rinn monmhur mòr:
's d'a fhocal-san nior gheill.
26 Ann sin nan aghaidh thog se làmh:
d'an sgrios san fhàsach lom.
27 Do sgrios an sliochd measg fineacha,
's d'an sgaoileadh air gach fonn.
28 Re Baal-peor mar an ceadn',
cheangluid iad fein gu dlù':
Is dh'itheadar do iobairtibh
nan iodhol marbh nach fiu.
29 Mar sin chum feirg' do bhrosnaid e,
le 'n innleachdaibh gu truagh:
Is bhris a' phlàigh ann sinn gu mòr
a steach a measg an tsluaigh.
30 Sheas Phinehas, is rinn se 'n ceart:
'n sin sguir a' phlàigh d'an claoidh'.
31 Sùd mheasadh dh'a mar fhireantachd:
o linn gu linn a chaoidhch'.
32 Ag uisge coimh-stribh Meribah
bhrosnuigh siad Dia a ris:
Air chor sa chùis a' phobuill ùd
gu d'eirigh olc do Mhaois:
33 Oir rinneadh leo a spiorad-san
a bhrosnachadh gu geur:
Ionnus gur labhair se ann sin
gu h obann le na bheul.

34 Nior

34 Nior ſgrioſadh leo na poibleacha,
mar dh'àithn Jehobhah dhoibh:
35 Ach mheaſgadh iad 's na fineacha
is d'fhoghlaim ſiad an dòigh.
36 Do iodholaibh nam fineacha
ſeirbhis do rinn gu truagh:
Bhi sùd mar lion 's mar ribe dhoibh
le'r ghlacadh iad gu luath.
37 Ach tuille fòs, do rinneadar
a' mic 's an inghean' fein
A thabhairt ſuas mar iobairte
do dheamhnaibh mar an ceadn'.
38 Is fuil nan neimh-chiontach gu truagh
do dhoirteadh leo gun ſgàth,
B'i fuil a' mac 's an inghean fein
do dhoirt ſiad gun cion-fàth,
Do iodholaibh Chanaan fòs
mar iobairt thug an ſliochd:
Mar ſin do thruailleadh leo an tir
le fuil gun truas gun iochd.
39 Is amhluidh ſin le 'n gniomharthaibh
do thruailleadar iad fein:
Chuaidh ſiad air ſtriopachas o Dhia
le 'n innleachdaibh gu leir.
40 Fa 'n àdhbhar ùd las corruigh Dhe
r'a phobull fein gu teith:
Ionnus gur ghabh ſe gràin gu mòr
d'a oighreachd air gach leith.
41 Is amhluidh rinn ſe 'n tabhairt ſuas
ann laimh nam fineach fiat':

Is thug se dhoibh mar uachdarain
an drong a dh'fhuathaigh iad.
42 Do bhi siad air am fòireigneadh
le 'n naimhdibh làidir treun:
Is leagadh iad gu hisiol sios
fuidh 'n laimh sùd mar an ceadn'.
43 Gu minic thug se saoradh dhoibh:
ach bhrosnuid e a rìs
Le'n comhairlibh, is leagadh iad
ar-son an aing'eachd sios.
44 Ach, thug se 'n amhghar mòr fainear:
an glaodh 'n tràth eisdeadh leis.
45 Is dhoibh-sin fòs do chuimhnigh se
an ceangal rinn siad ris:
Is ghabh se aithreachas do reir
moir-lion-mhoireachd a ghràis.
46 Thug air an dream le'r ghlacadh iad
gur ghabhadar dhiubh truas.
47 Thusa Jehobhah mhòir ar Dia,
dean saoradh dhùinn 'n ar feim,
Is dean a' measg nan Geintileach
ar tional leat gu leir,
Do tainm ro-naomh' gu tiubhramaid
mor-bhuidheachas gu pailt':
Do chliu 's do mholadh mòr faraon
gu seinneamaid gu hait.
48 'S beannuight' an Triath, Dia Israeil,
o chian nan cian gu bràth:
Abradh am pobull uil', Amen.
Molaibhse Dia do ghnàth.

O Thugaibh moladh mòr do Dhia,
is buidheachas faraon,
Oir 'ta se maith: mairfidh gu bràth
a thròcair ghràs-mhor chaoin.
2 Pobull Jehobhah shaoradh leis
labhruid mar so gun tàmh:
A' mhuintir ùd do bhuin se saor
amach o laimh an nàmh.
3 Is as gach tir ann rabhadar
do chruinnigheadh iad leis,
O 'n àird' an ear, 's o 'n àird' an iar,
o 'n àirde tuath, is deas.
4 San di-threabh bhid air seacharan
air bealach uaignidheach:
Is bail' air bith chum comhnuidh ann
ni 'n d'fhuair re dol a steach.
5 Bhid ocrach agus iot-mhor fòs:
chlaoidheadh an anam truagh.
6 Ghlaodh siad ann sin re Dia nan teinn:
shaor iad o'n amhghar chruaidh.
7 Do threòruigh agus stiuir se iad
air bealach ceart fa'n cois:
Do chum gu rachadh siad d'a thrid
gu baile tàimh is fois.
8 O b'fhearr gu moladh daoine Dia
ar-son a mhaitheis chaoin,
'S ar-son a bhearta iongantach
rinn se do chloinn nan daoin'.
9 Oir ni se 'n tanam miannach trom
a shàsughadh gun airc,

'S an tanam ciocrach lionaidh se
le mhaitheas fein gu pailt'.

10 An dream do shuidh ann dorchadas,
is ann an dubhar bais:
Fuidh chuibhreach 'ta ann amhghar truagh,
's ann iarunn cruaidh ann sas.
11 Ar-son gu raibh siad ceannairceach
ann aghaidh briathra De,
'S air comhairle an ti a's aird'-
do rinn siad tair d'a reir.

12 Ann sin do leag se 'n croidhe sios
le saothair is le pein:
Do thuiteadar, is ni raibh neach
d'an cuideachadh nam feim.
13 Ghlaodh siad ann sin re Dia nan airc:
d'fhuasgail o'n teinn gu grad.
14 O'n dorch' do bhuin, 's o dhubhar bais,
's an cuibhreach bhris air fad.

15 O b'fhearr gu moladh daoine Dia
ar-son a mhaitheis chaoin:
'S ar-son a bhearta iongantach
rinn se do chloinn nan daoin'.
16 Fa 'n adhbhar gur do bhriseadh leis
na geataidh prais gu leir:
Na stapuill iaruinn is na croinn
do sgaoil se as a cheil'.

17 'Ta amadain fa'n cron, 's fa'n lochd,
le amhghar goirt ann sas.
18 'Ta 'n anam gabhail grain do bhiadh:
'taid dluth do dhoirsibh bais.

19 Ghlaodh

19 Ghlaodh ſiad ann ſin re Dia nam feim:
d'fhuaſgail o'n teinn gu grad.
20 Le fhocal rinn ſe 'n ſlànughadh:
is ſhaor o'n ſgrios air fad.
21 O b'fhearr gu moladh daoine Dia
ar-ſon a mhaitheis chaoin:
'S ar-ſon a bhearta iongantach
rinn ſe do chloinn nan daoin'.
22 is deanaid iobairt' buidheachais
thabhairt do Dhia na glòir:
Is airiſid a ghniomhartha,
le sùbhachas is ceòl.
23 Luchd-loingeis theid air muir, 's a bhios
re gniomh ann uiſgibh buan:
24 Dhoibh sùd is leir mor-oibridh De,
is iongantais ſa' chuan:
25 Air iarrtas, dùiſgear leis a' ghaoth
gu hàrd 's gu doinionnach:
Le'n togbhar ſuas gu at-mhor borb
a thonna garbh fa ſeach.
26 'Taid uair gu neamh ag eirghe ſuas:
'taid uair dol domhain ſios:
Ionnus gur leagh an anam truagh
le triobloid chruaidh 's le ſgios.
27 Dol chuig' is uaidh', gu tuiſleach fòs
amhluidh mar dhuin' air mheiſg':
Ionnus gur threig gu buileach iad
gach gliocas bhi na' meaſg.
28 Ghlaodh ſiad re Dia nan teinn ann ſin:
o'n triobloid ſhaor ſe iad.

29 Do chuireadh leis an ſtoirm gu fèith:
'ſ na tuinn nan tàmh do bhid.
30 Ann ſin ata ſiad ait, ar-ſon
gu bhuilid sàmhach beo:
'S gu d'thug ſe iad do'n chaladh ſin,
'ſ do'n phort bu mhiannach leo.
31 Ob'fhearr gu moladh daoine Dia
ar-ſon a mhaitheis chaoin:
'S ar-ſon a bhearta iongantach
rinn ſe do chloinn nan daoin'.
32 Is fòs ann coimh-thional an t ſluaigh,
àrd-mholfaid e gu mòr;
'S ann cruinneachadh nan ſeanoir glic
cliu thugar dh'a is glòir.
33 Na h aimhne ni nam fàſach lom,
tobair nan talamh cruaidh:
34 Tir bheartach ni ſe fàs: ar-ſon
mòr-aingidheachd an t fluaigh.
35 Am fàſach tirim tionnduigh' ſe
'n a uiſge tàimh nach gann,
'S 'n a thobar ſior-uiſg' iompoigh' ſe
am fearann tart-mhor teann.
36 Do dhaoinibh ocrach bheir ſe sùd
mar àite fois is tàimh:
Do chum gu deaſuight' cathair leo
chum comhnuidh ann do ghnàth.
37 Chum craobhan fion' do ſhuidheachadh,
is ſiol do chur ſan fhonn:
Do thabhairt uath' ſan aimſir cheirt
cinneis is toraidh thruim.

38 Bhean-

38 Bheannuigh se fòs am pobull ùd,
is d'fhàs gu lion-mhor mòr:
'S nior leig se dhoibh dol air an ais
nan eallach no nan stòr.
39 'Taid air an laghdughadh a rìs,
is leagsar iad gu bochd
Le fòireigneadh, is amhghar geur,
le doilghios brònach goirt.
40 Air phrionnsuibh doirtsear tarcuis' leis:
san fhàsach mar an ceadn',
Do ni se 'n cur air seachran siar
gun bhealach ann d'an ceim.
41 'S o thriobloid togbhaidh se am bochd,
's ni teaghlach dh'a mar threud.
42 Do chi na firein sùd, 's bid ait:
is druidsear beul nam beud.
43 Cia neach 'ta glic, 's na nithe sùd
a bheir sainear gu ceart,
Siad sin a thuigeas tròcair chaomh
is maitheas Dhe nam feart.

## SALM CVIII.

A Ta mo chroidhe gleust', a Dhe,
gu socair mar is còir:
Is seinnidh mi gu ceòl-mhor dhuit,
is molsam thu le m' ghlòir.
2 Mosglaibh, is eir'ghibh chean' an àird',
shaltair 's a chlàirseach ghrinn:
Mosglaidh mi fhein, is eir'gheam fòs
gu moch chum ceòl do sheinn.

3 O Thighearna Jehobhah mhòir,
meafg phoibleach, molfam thu:
'S a' meafg an tfluaigh gu hurramach
àird-feinnidh mi do chliu.
4 Oir 'ta do thròcair mòr oifcionn
na' neamha fhuas gu leir:
Is rigidh tfirinn mar an ceadn'
gu neultaibh àrd nan fpeur.
5 Bi thus', a Dhe, oifcionn na' neamh'
air tàrdughadh gu mòr:
Is fòs oifcionn gach uile thir'
togbhar gu fior do ghlòir.
6 Do chum gu deanta fuafgladh leat
do d' phobull ionmhuin fein,
O teafairg le do ghàirden deas,
is freagair mis' a'm' fheim.
7 Do labhair Dia 'na naomhthachd fein,
biaidh aoibhneas orm nach gann,
Air Sechem ni mi roinn gu ceart,
gleann Sucot toimhfear leam.
8 'S leam Gilead le dlighe cheirt,
Manaffeh 's leam gu beachd,
'S i treabh Ephràim neart mo chinn:
bheir Judah 'mach mo reachd.
9 'Ta Moab 'na pot' ionnlait dhamh,
tilgeam thar Edom ruadh
Mo bhrog: is deanam caith-reim bhinn
thar Phalefiin le buaidh.
10 Cia bheir do'n chathair dhaingein mi?
's gu hEdom bheir gu ceart?

11 Nach

11 Nach tus', a Dhe, le'r threigeadh sinn?
's nach d'theid thu 'mach le'r seachd?
12 O thriobloid tabhair comhnuidh dhùinn:
oir 's diomhaoin furtachd dhaoin'.
13 Trid Dhia do ni sinn treabhantas:
's e shaltras naimhde fuidhn.

## SALM CIX.

O Dhia, 'ta tàdhbhar molaidh dhamh,
gu balbh a'd' thosd na bi.
2 Oir beul nan daoi, 's nam fealltach 'ta
gnà'-fhosgailt' air mo thi,
Le teangaidh bhreugaich labhradar
a'm' aghaidhse do ghnàth.
3 Chuartuigh siad mi le briathraibh fuath:
chuir cath orm gun cion-fàth.
4 Ar-son mo ghaoil 'taid naimhdeil dhamh,
ach taims' re guidh' a ghnàth:
5 Do chùit'ghid olc ann eric maith:
is fuath ar-son mo ghràidh.
6 Droch-mharascal cuir os a chionn:
biodh Satan ag a dheis.
7 Urnaigh gu raibh 'na peacadh dh'a:
fàgthar am binn' e ris.
8 Gearr gu raibh aois: is glacadh neach
oifig 's a dhreachd gun iochd.
9 Gu raibh a bhean 'na bain-treabhaich,
's nan dilleachdain a shliochd.
10 Air seachran biodh a shliochd do ghnàth,
's ag iarraidh deirc' nam feim:

Is as an àitibh falamh fàs
ag iarraidh bidh dhoibh fein.

11 Gu glacadar luchd-fòirneignidh
gach ni a bhuineas d'a:
'S a fhaothair-fin mar chabhartach
gu buineadh coigrigh leo.

12 Na biodh neach ann ni tròcair air:
na bitheadh fòs a haon
A ghabhas truas d'a fhliochd, 'n trà' bhid
nan dilleachdain gun mhaoin.

13 Sgrios gu raibh air a ghineil-fin;
d'an fgathadh as gu leir;
Gu cuirfear as an ainm air fad
fan àl do thig nan deigh.

14 'S gu raibh aingidheachd athrach-fan
air chuimhn' ag Dia do ghnàth:
Is ciont' a mhàthar mar an ceadn'
nior chuirfear as gu bràth.

15 Gu rabhaid air an taisbeanadh
am fiadhnais Dhia do fhior:
Do chum gu fgathadh fe amach
an iomradh as an tir.

16 Oir dhearmaid fe bhi tròcaireach,
d'fhòirneignidh fe am bochd
'S an tainnis, chum gu marbhadh fe
neach 'gan raibh eroidhe goirt.

17 Mar thug fe toil do mhallachadh,
malluight' gu raibh gach la:
Mar nach d'thug toil do bheannughadh,
nar cir'ghiodh beannachd dh'a.

18 Amh-

18 Amhluidh mar rinneadh leis e fein
a chuartughadh gach am,
Le h eaſ-cain' is le mallachadh
mar le na bhrat gu teann,
'S amhluidh gu d'thigeadh sùd gu beachd
mar uiſg' a ſteach 'na chom,
'S mar òla drùidheadh sùd gu geur
'na chnàmhaibh fein gu trom.
19 Biodh sùd mar eadach uimeſin
le'm foluigh'r e gach tràth:
Is amhluidh mar an crios do bhios
'ga chrioſlughadh do ghnàth.
20 O'n Tighearna gu tiubhrar sùd
do m' naimhdibh mar an duais:
'S do'n droing ann aghaidh m'anma 'ta
gnà'-labhairt uilc gun truas.
21 Ach air mo chrann bi thuſa, Dhe,
air ſga' tainm uaſail fein:
Do bhrigh gu bhuil do thròcair maith,
dean ſaoradh dhamh a'm' fheim.
22 Oir 'ta mi aim-beartach gu beachd,
is 'ta mi ainnis lom,
Ata mo chroidhe air a lot
ann leith a ſtigh do m' chom.
23 Is amhluidh 'ta mi gabhail thart'
mar ſgàil' ag claonadh ſios:
Air m' fhuadach' mar an locuſt truagh
chuig' agus uaidh' a rìs.
24 Mo ghlùine 'taid air fàillneachadh
ag mead mo throiſg do ghnà':

Is

Is m'fheòil ag diobhail fàill' is fult
air teireachdain ata.
25 A'm' àdhbhar fochaid bhi mi fòs
do'n aitim ùd gu leir:
Chrath fiad an cinn gu fanoideach,
'n trà' fheall fiad orm gu geur.
26 Fòir orm, a Thighearna mo Dhia:
a'd' thròcair cuidigh me.
27 Gu tuigfid gur i fo do làmh:
's gur tu rinn sùd, a Dhe.
28 'N trà' bhitheas iad re mallachadh,
beannuighfe finn gu pailt':
Biodh orra nàir', air eirghe dhoibh:
ach bitheadh t òglachs' ait.
29 Gu rabhaid air an cuartughadh
m'uil' easfcairde le nàir',
'S mar fhalluing air an uachdar biodh
an amhluadh fein le tàir.
30 Ach mife chean', ard-mholaidh mi
Jehobhah le mo bheul:
Is fòs, a' measg a' choimh-thionail
cuirfeam a chliu ann ceill.
31 Oir 'ta fe leis an duine bhochd
'na fheafamh air a dheis:
D'a theafairgin o'n droing le'r b'àill
anam-fan fhàgbhail ris.

## SALM CX.

DUbhairt an Tighearna re m' Thriath,
bi d' fhuidhe air mo dheis,

Tuil'

Tuil' eas-cairde gu cuirfeam dhuit
nan stòl fuidh bhonn do chois.
2 As Sion cuirfidh Dia amach
slat-shùaitheantais do neart:
'S am builsgean teas-cairde gu leir
bi fein a' tuachdran ceart.
3 Bithidh do phobull taghta fein
ro-thoileach mar is còir,
San la sin ann am foillsigh thu
do chumhachda gu mòr.
Am mais' 's ann sgeimh na naomhthachd ghrinn
o bholg na maidne moich,
Mar dhealt a thig anuas o neamh
'ta tòigridh iomarcach.
4 Do mhionnaigh Dia Jehobhah mòr,
's nior aithreach leis ge d' rinn,
Do reir deagh-òrd' Mhelchisedec,
gur sagart thu gach linn.
5 An Tighearna 'ta air do dheis,
trom-bhuailthear leis gu garg
Moir-Righridh làidir cumhachdach,
san la do lasas fhearg.
6 Do bheir se breith 'measg Gheintileach,
lionfaidh gach àit' gu fior
Le corpaibh marbh: is lotar leis
na h uachdrain os gach tir.
7 Is ann san tslighe òlfaidh se
deoch as na sruthaibh luath:
Is air an àdhbhar ùd fai-dheoidh
togbhaidh se cheann le buaidh.

SALM

MOlaibhſe Dia, ſior-mholfams' e
le m' uile chroidh' gu hàrd;
Ann coimh-thional nam firean còir,
ſa' chuideachd mhòir gun chàird'.
2 'Ta gniomhartha an Tighearna
iomarcach mòr gu leir:
Is leis an dream le'r tlachd-mhòr iad,
rannſuighear iad gu geur.
3 'Ta obair-ſin ro-onorach
ro-ghlòr-mhor fòs gun cheiſt:
'Ta fireantachd Jehobhah fòs
buan-mharthanach am feaſd'.
4 A ghniomhartha roi-iongantach
air chuimhne chuir gu beachd:
Ata Jehobhah gràs-mhor caoin,
is làn do thròcaireachd.
5 Do thug ſe biadh is lòn do'n droing
d'an eagal e do ghnàth,
'S a choimh-cheangal do rinn ſe leo
cuimhnighidh ſe gu bràth.
6 D'a phobull fein do chuir ſe 'n ceill
neart oibridh iongantach:
Do thabhairt dhoibh mar ſheilbh gu buan
oighreachd nan Geintileach.
7 Firinn is ceartas gniomh a làmh:
'ta ſtatuis daingean fior.
8 'Taid deant' ann ceartas firinneach:
'taid ſeaſmhach buan do ſhior.
9 Do ſhaoradh leis a phobull fein:
is dh'orduigh ſe am ſeaſd'

A choimh-

A choimh-cheangal: 'ta ainm-sin naomh',
is urramach gun cheist.
10 'S e tùs a' ghliocais eagal De,
'ta deagh-thuigs' ag an dream
Le'r coimh-lionthar a statuin-sin:
's mairtheant' a chliu gach am.

## SALM CXII.

O Thugaibh moladh mòr do Dhia,
's beannuight' an ti gu beachd
D'an eagal Dia, 's a ghabhas toil
gu mòr d'a lagh 's d'a reachd.
2 Biaidh shliochd-san-làidir ann san tir,
's roi-bheannuight' siol nan saoi.
3 Biaidh maoin is saidhbhreas ann a theach:
biaidh cheartas buan a choidhch'.
4 'N trà' bhitheas saoi ann dorchadas
eirighidh solus d'a:
Ata se gràs-mhor tròcaireach
is comh-thromach gun ghò.
5 Is truacant' fòs, deagh-choingheallach,
an duine maith a choidhch':
Is bheirthear leis gu crionna glic
a ghnothaiche gu crich.
6 Gu dearbh cho d'thig aon ni am feasd'
le'n gluaisfear e gu mòr:
Ach cuimhn' is iomradh maith a choidhch'
biaidh air an fhirean chòir.
7 Is air-sin cho bhi faiteachas
air cluinntin d'a droich-sgeil;

'Ta

'Ta chroidhe ſocrach muinghineach
ann Dia Jehobhah treun.

8 'Ta chroidhe-ſin air ſocrachadh,
cho ghluais an teagal e;
Gu nuig an uair, air eaſ-cairdibh
a mhiann gu 'm faiceadh ſe.

9 Do ſgaoil ſe chuid, is thug don' bhochd,
's buan fhireantachd am feaſd';
Biaidh adharc air a hàrdughadh
le onoir mhòir gun cheiſt.

10 Crädhthar an daoi, 'n trà' chi e ſo;
caſaidh ſe fhiacla geur,
Seargaidh ſe as: is ſgriosfar miann
nan aing'each ùd gu leir.

## SALM CXIII.

MOlaibhſe Dia, O molaibh e,
ſhearbhanta dileas De:

Ard-mholaibh fòs gu hurramach
deagh-ainm Jehobhah threin.

2 Aimn Dhe biodh beannuighte gu mòr,
o'n am-ſa 'nois gu bràth.

3 O eirghe gu nuig luidhe grein:
ainm Dhe ion-mholta 'ta.

4 'S àrd os gach tir Jehobhah mòr:
's a ghlòir os neamha fòs.

5 Cia 's coi'-meas ris an Tighearna
ar Dia, 'ta 'n comhnuidh ſhuas:

6 'S eiſin an neach a chromas ſios,
is dh'iſſligheas e fein

Dh'amh-

Dh'amharc gach ni ſan talamh 'ta,
's ann neamhaibh àrd nan ſpeur.
7 Togbhaidh ſe 'n deòraidh' truagh o'n dùs;
's am bochd o'n otrach bhreun.
8 D'an cur nan ſuidh' le prionnſuibh àrd;
le prionnſuibh phobuill fein.
9 Bheir ſe do'n mhnaoi a'ta gun ſliochd
tigh comhnuidh teaghlaich mhòir;
Do bhi 'na mathair macan ait;
molaibhſe Dia na glòir.

## SALM CXIV.

AIr teachd do Iſra'l as an Eipht',
teachd Jacob 'mach o'n droing
'Gan raibh an uirghioll cruaidh do-thuigs',
ag coimheachas an teang'.
2 Bhi Judah dh'a mar chomhnuidh naomh',
budh Rioghachd Iſra'l leis.
3 Air faicſin sùd, do theich an cuan;
ſruth Jordain phill air ais.
4 Mar reithe bras leim beanntaidh ſuas:
leim cnocain bheag mar uain.
5 Jordain, creud as far phill air tais?
creud as far theich, o chuain?
6 Creud as far leim ſibh, ſhleibhte àrd
mar reithe meargant' bras:
Creud as mar uain nan caorach fòs,
far leim ſibh chnoca glas?
7 O thalaimh criothnuigh fòs le geilt
roimh ghnùis Jehobhah mhòir:

Ann

Ann làthair gnùis Dhe Jacob fòs,
o criothnuigh mar is còir.
8 Le'r thionntoidheadh an ailbheinn theann
'na loch do uisge tàimh,
'S a' charraig chruaidh 'na tobar uisg'
le cumhachdaibh a laimh.

## SALM CXV.

NIor dhùinn' a Thighearna, nior dhùinn',
ach tabhair cliu, is glòir
Do d' dheagh-ainm fein: air sgà' do ghràis,
is t firinn mar is còir.
2 Creud as fa'n abradh Geintilich:
ca bhuil an Dia anois?
3 Ar Dia ata air neamh: is rinn
gach gniomh bu toileach leis.
4 An iodhoil 's airgiod iad is òr:
gniomh laimh nan daoine fein.
5 'Ta beil ac', leis nach labhair siad:
is sùile, leis nach leir.
6 'Ta cluasan ac', 's nior chluinnid leo:
is sròin', gun àileadh ionnt'.
7 'N làmh cho dean greim; no 'n cosan ceim;
o'n scornuigh cho d'thig caint.
8 'N luchd deant', is mead 's a gheilleas dhoibh,
's ro-chosmhuil iad riu fein.
9 O Isra'l, deanta bun a Dia:
's e 'n sgia', 's an congnamh treun.
10 Thigh Aròin, O dean bun a Dia:
's e 'n congnamh, is an sgia'.

11 Luchd

11 Luchd eagail De, làin-earbaibh as:
an sgia' 's an neart 's e Dia.
12 Do bhi Jehobhah cuimhneach oirn,
beannuighidh e sinn fein,
Beannuighear leis tigh Isracil:
's tigh Aroin mar an ceadn'.
13 Na big 's na mòir d'an eagal Dia,
beannuighidh se gu caoin.
14 Cuirfidh e sibh ann lion-mhoireachd,
sibh fein, 's ar sliochd faraon.
15 Is beannuight' sibh o'n Tighearna:
rinn neamh is làr gu leir.
16 An talamh, thug do chloinn nan daoin';
's leis fein àird-neamh nan speur.
17 Na mairbh, no 'n dream theid tosdach sios
do'n uaigh; cho mholaid Dia.
18 Ach molfar leinn e 'nois, 's gu bràth.
Molaibh gu hàrd an Triath.

## SALM CXVI.

IS toigh leam Dia, ar-son gu d'eisd
re m' ghuth, 's re m'ùrnaigh fòs.
2 Sir-eigheam ris, re m' bheo: ar-son
gur chrom se rium a chluas.
3 Chuaidh umam dochar geur a' bhàis,
ghlac piantaidh ifrinn mi:
Do ghlacadh mi le triobloid thruaigh,
is amhghar cruaidh do m' chlaoi'.
4 Air ainm Jehobhah ghair mi 'n sin:
mar so do labhram ris,

O Dhia,

O Dhia mo Thighearn', guidheam ort,
saor m'anam bochd anois.
5 Ata Jehobhah gràs-mhor, ceart:
's is tròcaireach ar Dia.
6 'S e choimhdeas daoine simplidh ciuin:
bhiom lag, is d'fhòir an Triath.
7 O m'anam, feuch gu pill thu 'nois,
gu d' shuaimhneas is gu d' thamh:
Oir dheonuigh Dia gu pailte dhuit
mòr-thoirbheartas a laimh.
8 O ghàbhadh is o chunntart bais
do shaor tu m'anam bochd,
Mo chos' do shaor o shleamhnachadh,
's mo shùil' o dheuraibh goirt.
9 Ann sealladh Dhe, ann tir nam beo
gu direach gluaisfear liom.
10 Ar-son gur chreid mi, labhair mi:
bhiom air mo chlaoi' gu trom.
11 A'm' dheifir dubhairt mi mar so;
's breugach gach duin' air bith.
12 Creud iocfas mi do Dhia, ar-son
na rinn se dhamh do mhaith?
13 Cupan na slàinte glacar leam,
air ainm Dhe gairéam fein.
14 Iocfam mo mhòid re Dia, anois
ann làth'r a shluaigh gu leir.
15 Ag Dia 's roi-phriseil bàs a naomh.
Dhe, t òglach 's mi gu beachd,
'S mi t òglach mac do bhan-òglaich:
mo chuibhreach sgaoileadh leat.

17 Do

16 Do bheiream iobairt molaidh dhuit:
air ainm Dhe gairéam fein.
17 Iocfam mo mhòid re Dia, anois
ann làth'r a fhluaigh gu leir.
18 Ann cùirtibh àluin àrois De,
a'd' bhuilfgean fein gu fior,
O chathair àrd Jerufàleim.
molaibh an Triath gu fior.

## SALM CXVII.

O Thugaibh moladh mòr do Dhia,
gach fine 't'ann fa leith:
Gach uile phoibleacha air bith,
molaibhfe Dia gu feth.
2 Oir 's mòr a chaoimhneas tròcaireach,
do dheonuigh fe dhùinn' fein,
'Ta firinn De fior-mharthanach.
Molaibh Jehobhah treun.

## SALM CXVIII.

O Molaibh Dia, oir 'ta fe maith:
fior-mhairtheant' tròcair Dhe.
2 Abradh clann Ifraeil anois:
gur buan a ghràs gach rè.
3 Tigh Aroin abradh fiad anois:
fior-mhairtheant' tròcair De.
4 Abradh an drong d'an eagal Dia,
gur buan a ghràs gach rè.
5 A'm' eigin ghair mi air an Triath:
fhreagair fe mi gu deas,

Ann

Ann ionad fairſing agus reidh
  ſhòcruigh ſe mi le treis'.
6 'Ta Dia Jehobhah air mo chrann,
  ni heagal leam a choidhch':
Aon ni a dh'fheadas clann nan daoin'
  a dheanamh orm dom' chlaoidh'.
7 Meaſg luchd mo chuideaghaidh 'ta Dia
  ag ſeaſamh leam gu beachd:
Air luchd mo mhio-ruin uime ſin
  chi mi mo mhiann ag teachd.
8 'S fearr na bhi 'g earbs' a duine beo,
  ar dòchas chur ann Dia.
9 'S fearr na bhi 'g earbs' a prionnſuibh mòr,
  ar dòchas chur ſan Triath.
10 Do chuartuigh umam air gach laimh
  na dùthanna gu leir:
Ach ſgatham as, is ſgriosfam iad
  ann ainm Jehobhah threin.
11 Do chuartuigh ſiad mi air gach taoibh,
  do chuartuighd miſe fòs:
Ach ſgatham agus ſgriosfam iad
  ann ainm Jehobhah mhòir.
12 Mar bheachaibh 's amhluidh chuartuighd
  chuaid as mar theine dreis; [mi,
Oir ann an ainm Jehobhah threin
  ni mi gu leir an ſgrios.
13 Do m' leagadh, theann tu orm gu dlùth:
  ach chuidigh leamſa Dia.
14 'S e Dia mo cheòl, 's mo ſhlàinte fòs,
  is ſe mo threòir an Triath.

15 Guth

15 Guth gàirdeachais is flàint' ata
am pàilliunaibh nan faoi:
Is gàirden deas Jehobhah threin
fhuaradh gu treabhach i.
16 'Ta gairden deas an Tighearna
air àrdughadh gu mòr;
Do rinneadh bearta treabhantais
le deas-làimh Dhe na glòir.
17 Ni 'm fuigheam bàs, ach mairfeam beo,
is innfeam oibridh Dhe.
18 Throm-fmachduigh Dia mi, ach chum bàis
cho d'thug fe thairis me.
19 O foſglaibh dhamh gu fairfing reidh
geataidh an ionracais:
Do racham orra-fan a fteach,
Jehobhah molaidh mis'.
20 So doras De, air 'n d'theid a fteach
na daoine còire naomh'.
21 Sior-mholam thu, oir chual tu mi:
is tu mo fhlàinte chaomh.
22 A' chloch do dhiùlt na clochairean,
cloch chinn na hoifinn i.
23 'S e Dia rinn sùd, 's roi-iongantach
'n ar sùilibh-ne an gniomh.
24 So fein an la a dh'orduigh Dia:
am bi finn fuilbhir ait.
25 Fòir guidheam, guidheam ort a Dhe:
'nois foirbhigh leinn gu pailt'.
26 Beannuight' gu raibh an neach do thig
ann ainm Jehobhah threin:

Do thug ſinn beannachd oirbhs' a mach,
a teach Jehobhah fein.

27 'S e Dia Jehobhah dhealruigh oirn',
ceanglaibh le cordaibh cruaidh
Re adharcaibh na haltair naomh',
an iobairt bheir ſibh uaibh.
28 'S tuſa mo Dhia, is molam thu:
àrduigheam thu, mo Dhia.
29 O molaibh Dia, oir 'ta ſe maith:
ſior-mhairtheant gràs an Triath.

## S A L M CXIX.

### ℵ Aleph.

'S Beannuight' an drong 'ta foirfe glan
ſan tſlighe dhireich cheirt;
An drong do ghluaiſeas ann an lagh
àird-Thighearna nam feart.
2 'S beannuight' an aitim ùd faraon
le'r choimhdear teiſteis De,
'S a dh'iarras e gu dicheallach
le 'n uile chroidhe fein.
3 'N a ſhlighthibh-ſin ſior-ghluaisfear leo:
's nior dhean ſiad aingidheachd.
4 Dh' àithn tu dhùinn' gu coimheadamaid
gu dicheallach do reachd.
5 O ſtiuir mo cheim, 's gu coimhdear leam
do ſtatuin dhireach fein!
6 Cho ghabh mi nàir', 'n trà bheir mi ſpeis
do taitheantaibh gu leir.

7 Le

7 Le croidhe treibh-dhireach gun ghò
mòr-mholam thu gu binn:
'N trà' dh'fhoghlumas mi breitheamhnais
do cheartais naomhtha ghrinn.
8 'S e so mo rùn gu coimhdear leam
do ſtatuis cheart do ghnàth:
O Thighearna, na treigſe mi
gu buileach no gu bràth.

ב Beth.

9 Crèud leis an glan an tòganach
a ſhlighe fein gu ceart?
Trid faicill mhaith is furachrais
reir tfhocail is do reachd.
10 Le m'uile chroidhe fein, a Dhe,
do iarr mi thu gu caomh:
Na leig dhamh dol air ſeacharan
o taitheantaibh ro-naomh'.
11 Air eagal peacaidh; d'fholuigh mi
a'm' chroidhe tfhocal ceart.
12 O teagaiſg dhamh do ſtatuin naomh':
's beannuight' thu, Dhia nam feart.
13 Le m' bhilibh, breitheamhnais do bheil
nochd mi air fad 's air lead.
14 Slighe do theiſteis b'aoibhneich leam,
na ſaidhbhreas mòr d'a mhead.
15 Socraichidh mi mo ſmuainteachadh
air aitheantaibh do reachd:
Air ceimeanaibh do ſhlighe fein
ſir-dhearcaidh mi le beachd.

16 Gabhaidh mi tlachd is ciata mhaith
do d' ſtatuiſibh gu leir:
Air dearmad fòs cho leig mi choidhch'
deagh-fhocal glan do bheil.

ג GIMEL.

17 Riumſa 'ta m'òglach dhuit, a Dhe,
dean toirbheartas gach am:
Do chum gu bithinn beo, is fòs
gu coimhdeadh tfhocal leam.
18 Foſgail mo ſhùilean, 's chi mi 'n ſin
mòir-iongantais do reachd.
19 'S coigreach air talamh mi: na ceil
orm taitheanta roi-cheart.
20 'Ta m'anam briſte brùit' a ſtigh,
is muladach do ghnàth;
Ag mead mo thograidh is mo mhiann
do d' bhreitheamhnais gach tràth.
21 Luchd-uabhair mhalluight' ſmachduigh thu,
do chlaon o tiarrtas ceart.
22 Cuir ſpìd is maſladh fada uam:
oir choimhdeadh leam do reachd.
23 A'm' aghaidh labhair prionnſaidh mhòr,
air ſuidheadh dhoibh le cheil':
Ach air do ſtatuiſibh ro-naomh'
do ſmuaintigh tòglach fein.
24 'Taim gabhail tlachd is ciata mhòr
do d' theiſteas firinneach:
Is mar an ceadn' 'ta ſe a'm' fheim
dhamh fein 'na chomhairleach.

25 'Ta

ד DALETH.

25 'Ta m'anam leantuin ris an ùir:
reir tfhocail beothaich mi.
26 Nochd mi mo ſhligh', is dh'eiſd tu rium
feòl dhamh do lagh, a Dhe.
27 Air ſlighe fhior-ghlan taitheanta
toir dhamhſa tuigſe gheur:
Mar ſin air toibribh iongantach
labhram 'gan cur ann ceill.
28 'Ta m'anam leaghadh as le bròn:
reir tfhocail deonuigh neart.
29 Cuir ſlighe bhreugach fada uam:
a'd' ghràs toir dhamh do reachd.
30 Slighe na firinn fhoirfidh ghloin
is i bu roghain leam:
Do chuir mi do cheirt-bhreitheamhnais
fa m' chombair fein gach am.
31 Do lean mi fòs gu tul-chuiſeach
re d' theiſteas naomhtha fein:
Na cuir gu h amhluadh nàire mi,
o Thighearna roi-threin.
32 Ann ſlighe fhior-ghlan taitheanta
ſior-ruidhidh mi le tlachd:
'N trà' chiotfar dhuit mo chroidhe teann
a chur am fairſingeachd.

ה HE.

33 Slighe do ſtatuin, teagaiſg dhamh,
O Dhia Jehobhah threin:
Is coimhdeam i gu dichiollach
gu crich mo ſhaoghail fein.

34 Tuigs' agus eòlas tabhair dhamh,
is coimhdidh mi do reachd:
Is fòs le m'uile chroidhe fein
coimhdear leam e gu beachd.

35 Ann ceim do lagh' toir orm bhi triall:
oir leam 's ro-thlachd-mhor e.
36 Gu d' theisteas naomh', 's ni hann gu sant,
mo chroidhe lùb a Dhe.
37 Mo shùile pill mun' amhairc mi
air diomhaoineas gun stà:
Ach ann do shlighthibh naomhtha fein
aith-bheothaigh mi do ghnà'.

38 O daingnigh t fhocal firinneach
do tòglach fein gu mòr:
Do'n neach thug suas e fein air fad
do t eagal mar is còir.
39 Pill uam an nàir' a's eagal leam:
oir 's maith do bhreith, a Dhe.
40 Feuch, 's miannach leamsa taitheanta:
a'd' cheartas beothaigh mi.

ו VAU.

41 Tiucfadh do thròcair mar an ceadn'
do m' ionnsuidh fein, a Dhe:
Do chomh-fhuasgladh, 's do shlàinte chaomh
a reir do gheallaidh fein.
42 Mar sin do'n neach bheir masladh dhamh
biaidh agam freagradh deas:
Oir ann do bhriathar firinneach
mo dhòchas cuirfidh mis'.

43 Focal

43 Focal na firinn na buin leat
gu hiomlan as mo bheul;
Oir ann do bhreitheamhnas roi-cheart
do bhi mo dhòchas fein.
44 Mar sin gu suthain is gu sior,
gnà'-choimhdidh mi do reachd:
45 Ar-son gur iarram taitheanta:
gluaiseam am fairsingeachd.
46 Re Righribh labhram air do theist,
gun amhluadh orm no sgàth.
47 Is gàbham tlachd do taitheantaibh,
's ann doibh do thug mi gràdh.
48 Re taitheantaibh d'an d'thug mi toil,
togbham mo làmhan fein:
Is ann do statuisibh ro-naomh'
bitheam re cnuasachd gheir.

ז ZAIN.

49 Cuimhnigh am focal ùd, a Dhe,
do tòglach fein anois,
Thug tu mar bharrant' dòchais dhamh,
's thug orm gu d'earb mi ris.
50 'S e so mo chomh-fhurtachd ro-mhòr
a'm' theinn 's a'm' amhghar geur:
Oir rinn do bhriathar firinneach
m'aith-bheothachadh gu treun.
51 Do bhiom mar àdhbhar fanoid mhòir
ag daoinibh àrdanach:
Gidheadh nior aom mi o do lagh
le claonadh seachranach.

52 Do bhreitheamhnais do bhi o chian
chuimhnigh mi, Dhia, gu leir:
Is ghlac mi chugam ann an sin
deagh-chomh-fhurtachd a'm' fheim.

53 Ar-son gur threig an daoi do lagh,
ghlac uamhunn mi gu mòr.
54 Ann tigh mo chuairt is m' oil-thire
do statuin b'iad mo cheòl.
55 Chuimhnigh mi tainm, san oidhch', a Dhe,
is choimhdeadh leam do reachd.
56 B'e so mo chuid; oir choimhid mi
tiarrtais a Dhe gu beachd.

## ⊓ Cheth.

57 Mo chuimh-rionn is mo chrannchar thu,
O Thighearn' is a Dhe:
Le gealladh cinnteach dubhairt mi,
gu coimhdinn t'fhocal fein.
58 Le m'uile chroidhe d'iarram ort
do ghnùis, 's do ghràsa saor:
A reir do bhriathair fhirinneich
dean tròcair orm gu caoin.
59 Do chnuasaigh mi mo shlighe fein:
's re d' theisteas phill mo chos.
60 Rinn deifir choimhead t aitheanta,
's nior ghabh mi càird' no fois.
61 Chreach buidheann dhroch-dhaoin' mi:
nior dhearmaid mi do reachd.
62 Eir'gheam mu mheadhon oidhch'; do chùm
gu molam do bhreith cheart.
63 'S fear-[gidheadh

63 'S fear-comuinn mi is companach
do'n dròing d'an eagal thu:
'S do'n aitim ùd do choimhdeas fòs
t fhior-aitheanta gu dlù'.
64 O Thighearna, 'ta 'n talamh làn
do d' ghràs, 's do d' thròcair chaoimh:
Tuigs' agus eòlas tabhair dhamh
a' d' ſtatuiſibh ro-naomh'.

D TETH.

65 Do t òglach rinn tu maith, a Dhe,
do reir do bhriathair cheirt.
66 Deagh-thuigs' is eòlas teagaiſg dhamh:
oir chreid mi fhein do reachd.
67 Sol bhiom ann teinn, air ſeachran
ach t fhocal ghleidh mi 'nois. [chuaidhm:
68 'S maith thus', is nithear maitheas leat:
a' d' ſtatuis' teagaiſg mis'.
69 A'm' aghaidh luchd an àrdain bhuirb
do dhealbh ſiad breug le cheil':
Ach coimhdidh miſe taitheanta
le m' chroidhe fein gu leir.
70 'Ta 'n croidhe-ſin coimh-reamhar fòs,
re faill ag mead an sògh':
Ach gabhaidh miſe tlachd dhamh fein
a'd' lagh-ſa Dhe gach lo.
71 'S maith dhamhs' anois gu raibh mi fhein
ann teinn 's ann amhghar geur;
Do chum gu foghlumainn le beachd
do ſtatuin cheart gu leir.

72 'S fearr dhamh gu mòr an lagh a'ta
ag teachd o d' bheul amach,
Na milte mòr do'n airgiod ghlan,
's do'n òr a's deirge dreach.

JOD.

73 Do rinn, 's do dhealbh do làmhan mi:
dean tuigseach mi d'a reir,
Do chum gu fuighinn eòlas maith
air taitheantaibh gu leir.
74 'N trà' chi luchd teagail mi, bid ait:
oir dh'earb mi as do theist.
75 Dhia chiom gur ceart do bhreith, 's le còir
do leòn thu mi gun cheist.
76 Dhe, guidheam ort, do thròcair chaoin
bhi dhamh mar chomh-fhurtachd:
Do reir an fhocail labhair thu
re tòglach fein gu beachd.
77 O tiucfadh chugam fein anois
do thròcair chaomh, a Dhe,
Do m' chunbhail beo: oir 's e do lagh
mo thlachd 's mo mhiann gach rè.
78 Biodh nàir' air luchd an àrdain mhòir,
bhuin riumsa, gun chion-fàth,
Gu fealtach fiar: ach smuaintigheam
air taitheantaibh do ghnàth.
79 Pillfidh luch teagail rium: 's an drong
'ta eòlach air do theist.
80 Gu raibh mo chroidhe ceart a'd' reachd,
nach nàirighear mi 'm feasd'.

81 'Ta

כ CAPH.

81 'Ta m'anam air a chlaoidh' gu mòr
feitheamh do chaibhre, Dhe:
Ach 'ta mo dhòchas bunaiteach
ann t fhocal tairis fein.
82 Ag feitheamh t fhocail chaith mo ſhùil:
furtachd cia uair do ni?
83 Oir 'taim mar bhuideal ann ſan toit:
's do reachd nior dhearmaid mi.
84 Ca lion iad làith' do ſhearbhaint fein?
is fòs, a Dhe, cia uair
Chuirfeas tu breitheamhnas ann gniomh
air droing 'ta orms' ann tòir?
85 An dream 'ta làn do 'n àrdan bhorb,
threachail ſiad dhamh gu beachd
Sluic dhomhain, chum mo ghlacadh leo,
nach raibh a reir do reachd.
86 'Taid orm ann tòir gu h ea-corach;
Dhe, cuidigh leam gu grad:
Oir tairis agus firinneach
'ta taitheanta air fad.
87 'S beag nach do chlaoidhd air talamh mi:
nior threig mi t iarrtais naomh'.
88 'S gu coimhdinn teiſteas fior do bheil;
aith-bheothaigh mi gu caomh.

ל LAMED.

89 'Ta t fhocal bunaiteach, gu bràth,
ſna neamhaibh àrd, a Dhe.
90 'Ta t fhirinn is do thairiſneachd
buan-mhairtheant' fad gach rè:

Do dhaingnicheadh an talamh leat,
's 'n a ſheaſamh 'ta d'a reir.
91 'Taid buan an diugh reir t orduigh fein:
do ſhearbhant' iad gu leir.
92 Mur bhith' gur ghabh mi ciata mhòr
do t fhocal firinneach:
Do fhàillnighinn is gheibhinn bàs
a'm' amhghar iomarcach.
93 T iarrtais cho dio-chuimhnigh mi choidhch':
oir bheothaigh thu mi leo.
94 'S leat mi, fòir orm: oir dh'iarr mi fhein
t aitheanta fein gach lo.
95 Do bhi luchd-aing'eachd furachair
ga m' fheitheamh chum mo ſgrios:
Ach air do theiſteas firinneach
le m' ſmuaintibh dearcaidh mis'.
96 Chunnairc mi crioch gach nithe 'ta
s a' bheathaidh ſo d'a mhead:
Ach t fhocal 'ta gun tomhas fòs
ag fairſingeachd is lead.

D MEM.

97 Cia ionmhuin leam do lagh-ſa Dhe!
mo ſmuainteagh' e gach la.
98 Os m'eaſ-car thug tu gliocas damh
le d' reachd; 'ta leam do ghnà'.
99 Is tuigſeich mi n'an aitim ùd
thug teagaſg dhamh gu leir:
Bhrigh gur ann àir do theiſteas naomh'
'taim ſmuainteaghadh gu geur.

100 'Taim

100 'Taim tuigſeach eagnaidh fòs oiſ-cionn
gach ſeanoir ann ſan tir:
Ar-ſon gur choimhdeadh leam gu beachd
iarrtais do reachd gu fior.
101 Phill mi mo chos o ròd gach uilc:
gu coimhdinn t'fhocal ceart.
102 Nior chlaon mi fòs o d' bhreitheamhnas:
oir theagaiſgeadh mi leat.
103 Cia milis le mo bhlas, a Dhe,
do bhriathra ceart gu leir!
Is milſe do mo chàirin iad
na mil air feadh mo bheil.
104 Trid taitheanta 'taim faghail fòs
tuigs' agus eòlais mhaith;
Is uime ſin 's ro-fhuathach leam
gach ſlighe cham air bith.

J NUN.

105 Is lò-chrann t'fhocal fein do m' chois:
ſolus do m' cheim gu ſeth.
106 Do mhionnuigh mi is niom d'a reir:
gu coimhdinn do cheirt-bhreith.
107 'Ta mis' ann triobloid iomarcaich:
O Thighearna nam feart,
Do reir an fhocail labhair thu,
aith-bheothaigh mi le d' neart.
108 Gabh uam gu taitneach (guidheam ort)
ofrail mo bheil anois,
A bheiream dhuit gu toileach ſaor,
ſtiuir mi a'd' bhreitheamhnas.

109 'Ta

109 'Ta m'anam bochd a'm' làimh do ghnàth:
ach chuimhnigh mi do reachd.
110 Leag droch-dhaoin' romham lion: gidh-
nior chlaon o tiarrtas ceart. [eadh
111 Do theisteis fhior do ghabh mi fhein
mar m'oighreachd bhuain am feasd':
Oir 's iad a bheir do m' chroidhe leònt'
subhachas mòr gun cheist.
112 Dh'aom mi mo chroidhe fòs do chum,
gu deanta leam do ghnàth;
Do statuin cheart do chur ann gniomh,
'nois is a rìs gu bràth.

D SAMECH

113 Is fuath leam smuainteagh' diomhaoine ach:
do d' reachd ach thug mi gràdh.
114 'S tu m' ionad-foluigh, 's tu mo sgiath:
as t fhocal m' earbs' ata.
115 O sibhs' a chleachd bhi deanamh uilc,
imichibh uam anois:
Oir aitheanta mo Thighearna
le curam coimhdidh mis'.
116 Reir t fhocail dean mo chunbhail suas,
do chum gu mairsinn beo:
'S na leig fuidh nàire mi, fa chùis
mo dhòchais fein gach lo.
117 Neartuigh mi, 's tearnaidh mise slàn:
sir-dhearcam air do reachd.
118 Shaltair thu air na chlaon o d' lagh:
oir 's breug am feall gu beachd.

119 Mar

119 Mar ſhal droich-mhiotail tilgear uait
gach daoi air talamh 'ta:
Is uime ſin 's ro-chaomh leam fhein
teiſteis do bheil a ghnà'.
120 Do chriothnuigh m'fheòil fa'n eagal ùd
do ghabh mi romhad fein:
Is lionadh mi le uamhunn fòs,
fa d' bhreitheamhnais gu leir.

Y GNAJIN.

121 Rinn mi breith chomh-throm cheart: na fàg
fuidh iochd luchd m'fhòirneart mi.
122 Bi 'n ràith air tòglach fein air mhaith:
na leig luchd-buirb do m' chlaoi'.
123 Mo ſhùilean 'ta air fàillneachadh
feitheamh do ſhlàinte, Dhe:
'S ag feitheamh gus an coimh-lionthar
deagh bhriathar ceart do bheil.
124 Re tòglach buin a reir do ghràis,
mùin dhamh do lagh gu beachd.
125 'S mi tòglach, tabhair eòlas dhamh:
gu tuiginn fein do reachd.
126 'S mithidh dhuit gniomh a thaisbeanadh,
a Dhe Jehobhah threin:
Ar-ſon gur ſgaoil, 's gur bhriſeadar
taitheanta naomh' gu leir.
127 Fa'n àdhbhar ùd, O Thighearna,
gu dearbh is ionmhuin leam
Taitheanta fein oiſ-cionn an òir,
an tòr a's fearr a't'ann.

128 Meaſ-

128 Meaſam t uil'-iarrtais uime ſin
bhi anns gach aoin-ni ceart:
Is fuathach le mo chroidhe fein
gach ſlighe bhreig' gu beachd.

Ð Pe.

129 'Ta t fhocal is do theiſteis fein,
a Dhe, roi iongantach:
Air 'n àdhbhar ſin ni m'anam bochd
'n coimhead gu curamach.
130 Bheir tionnſgnadh t fhocail ſolus maith
re dol a ſtigh 'na phàirt:
Do dhaoinibh ſimplidh ain-eolach
do bheir ſe eòlas àrd.
131 Gu fairſing d'fhoſgail mi mo bheul,
ag ploſcartaigh gu mòr:
Fa mhead mo thoil do t aitheantaibh
bhiom muladach gu leòr.
132 Séall agus amhairc orm, a Dhia,
dean tròcair orm gu caomh:
Mar rinneadh leat a ghnà' do'n dream,
le'r b'ionmhuin t ainm ro-naomh'.
133 Peacadh na biodh ann uachdar orm:
ann t fhocal ſtiuir mo cheim.
134 O fhòirneart dhaoine teaſairg mi:
is coimhdeam t iarrtais fein.
135 Dealradh do ghnùis air t òglach tog:
mùin dhamh do ſtatuin cheart.
136 Ruidh ſrutha deur o m' ſhùilibh fòs:
air briſeadh leo do reachd.

137 'S ro-

## ץ Tsaddi.

137 'S ro-chomh-thromach thu fein, a Dhe,
's is direach reidh do bhreith.
138 Do theisteis dh'àithn thu dhùinn' ataid
ro-thairis ceart gach leith.
139 Do rinn mo ghradh is m' eud ro-mhòr
mo chaitheadh roimhe cheil':
Do bhrigh gur dhearmaid m'eas-cairde
deagh bhriathra ceart do bheil.
140 'S roi-fhior-ghlan t fhocal: uime sin
's ionmhuin le t òglach e.
141 'Taim suarrach beag: gidheadh do reachd
air dhio-chuimhn' nior leig me.
142 Do cheartas fein is ceartas e
'ta siorruidh buan gu bràth:
Is amhluidh sin do lagh roi-cheart
'n a fhirinn ghloin ata.
143 Ghlac triobloid mi, is dh'amais orm
teinn agus amhghar geur:
Gidheadh do bhi mo thlachd gu mòr
ann taitheantaibh gu leir.
144 Ceartas do theisteis fein, a Dhe,
'ta siorruidh buan gun cheist:
Deagh-thuigse tabhair thusa dhamh,
is bitheam beo am feasd'.

## ק Koph.

145 Ghlaodh mi le m' uile chroidh': a Dhe,
eisd, 's coimhdidh mi do reachd.
146 Do eigheam riut, fòir orm: 's ann sin
coimhdeam do theist gu beachd.

147 Do

147 Do thionnſgain mi roimh 'n ſcarthanaigh,
is ghlaodh mi riuts' a Dhe:
Do bhi mo dhòchas bunaiteach
ann t'fhocal daingean fein.

148 Mo ſhùilean bhi ni b'fhurachair
na forair' theann na h-oidhch':
Do chum gu bithinn ſmuainteaghadh
air t'fhocal fein a choidhch'.

149 A reir do chaoimhneis thròcaireich
eiſd re mo ghuth anois:
Do reir do bhreitheamhnais ro-mhòir,
Jehobhah beothaigh mis'.

150 Luchd leanmhuin uilc 'taid teannadh orm
ata ſiad fad o d' reachd.

151 Dhe, 'ta tu 'm foguſg: agus 'ta
t'uil' iarrtais fior is ceart.

152 Fa thimchioll fòs do theiſteis naomh',
o thoiſeach b'fhioſrach me,
Gur rinneadh leat an ſocrachadh
do chum bhi buan gach rè.

ר RESH.

153 Amhairc, a Dhe, air m'amhghar goirt,
is fuaſgail orm a'm' fheim:
Fa'n àdhbhar nach do dhearmaid mi
an reachd a dh'àithn thu fein.

154 Tagair mo chùis, is fuaſgail orm:
reir t'fhocail cum mi beo.

155 'S fad ſlàint' o dhroch-dhaoinibh: ar-ſon
do reachd nach iarrthar leo.

156 'S roi-

156 'S roi-lion-mhor mòr do thròcair chaomh,
O Thighearn' is a Dhe:
Do reir do bhreitheamhnais roi-cheirt
dean beodhail ealamh me.
157 'S lion-mhor luchd leanmhuin orm ann
is m'eas-cairde faraon; [tòir,
Gidheadh o d' theisteas firinneach,
nior chuaidhm air seachran claon.
158 Chunnairc mi peacaich, chràdh sùd mi
do reachd oir bhriseadh leo.
159 Feuch mar is ionmhuin leam do lagh:
a'd' chaoimhneas cum mi beo.
160 A Thighearna 'ta tfhocal fein
o thoiseach daingean fior:
Is 'taid do bhreitheamhnais air fad
ceart agus buan gu sior.

Ψ SCHIN.

161 Bhi prionnsaidh làidir orm ann tòir:
gun àdhbhar no cion-fàth.
Ach air mo chroidh' 'ta eagal mòr
roimh tfhocal fein do ghnàth.
162 'Ta aiteas orm re tfhocal maith:
mar neach fhuair creach gun tòir.
163 'S oillteil 's is fuath leam breug: gidheadh
do d' lagh thug gràdh gu mòr.
164 Ataim ag tabhairt molaidh dhuit
fa sheachd gach uile la:
Ar-son do bhreitheamhnais gu leir
'ta ceart, a Dhe, gu bràth.

165 'S mòr

165 'S mòr ſith na muintir ùd a'ta
ag tabhairt gràidh do d' reachd:
Cho'n eirigh tuiſleadh idir dhoibh,
no oil-bheim fòs gu beachd.

166 Do fheith mi re do ſhlàint', a Dhe:
choimhdeam do reachd air chòir.

167 Do theiſteis choimhid m'anam fein:
's ionmhuin leam iad gu mòr.

168 Do theiſteis agus tairheanta,
do choimhdeadh leam do ghnà':
Oir 'taid mo ſhlighthe fein gu leir
fa d' chomhair fein gach la.

## ת Tau.

169 Tiucfadh mo ghlaodh am foguſg dhuit,
ann t fhiadhnais fein, a Dhe:
Is fòs reir t fhocail fhirinneich
dean tuigſeach eòlach mi.

170 A'd' làthair tiucfadh m' ath-chuinge:
reir t fhocail ormſa fòir.

171 Air teagaſg dhuit do ſtatuin dhamh,
mo bheul bheir dhuitſe glòir.

172 Labhraidh mo theang' air t fhocal fior:
oir 'ta tuil' iarrtais ceart.

173 Deanadh do lâmh-ſa congnamh leam:
oir roghnaigh mi do reachd.

174 Ag feitheamh air do ſhlàinte, Dhe,
bhiom fein gu tuirſeach trom:
Is mar an ceadn' do bhi do reachd
ro-thlachd-mhor ciatfach liom.

175 Deo-

175 Deonuigh do m'anam bochd bhi beo,
is dhuit do bheir se glòir:
Is deanadh do cheirt-bhreitheamhnais
deagh-chongnamh dhamh le fòir.
176 Do chuaidheas fein air seacharan
mar chaoirigh chaillte thruaigh,
Iarr tòglach: oir nior leig do d' reachd
dol as mo chuimhne uam.

## SALM CXX.

A 'M' eigin ghlaodh mi suas re Dia:
is dh'eisd se rium gach rè.
2 O'n teangaidh chealgaich, m'anam saor;
's o bheul nam breug, a Dhe.
3 Creud bheirthear dhuit? no nithear ort
a theanga làn do ghò?
4 Geur-shaighde laoich; 's roi-chinnteach
's do'n aiteal eibhle beo. [beachd.
5 Mo thruaighe mi, gu bhuil mo chuairt
am Mesech: is mo thàmh
Am bothaibh Cedair choigrich bhuirb
gu muladach gun dàimh.
6 Rinn m'anam comhnuidh fhada fòs
le neach thug fuath do shith.
7 Gu cogadh 'ta siad togarach;
air sith 'n trà' labhras mi.

## SALM CXXI.

MO shùile togbham suas do chum
nam beann, o'n d'thig mo neart.

2 O'n

2 O'n Dia rinn talamh agus neamh,
'ta m' fhurtachd uile teachd.
3 Cho leig do d' chois air ghne air bith
gu fleamhnuigh fi gu bràth:
Tàimh-neul cho d'thigeann air an neach
's fear-coimhid ort do ghnàth.
4 Feuch air fear-coimhid Ifraeil,
codal cho'n aom no fuain:
5 'S e Dia t fhear-coimhid: 's e do fgàil'
air do laimh dheis gu buan.
6 A' ghrian cho bhuail fi thu fan la:
no ghealach fòs fan oidhch'.
7 Ni Dia do choimhead o gach olc:
ni tanam dhion a choidhch'.
8 Do dhol amach, 's do theachd a fteach
coimheadaidh Dia do ghnàth:
O'n aimfir fo anois a't'ann,
's o fin a leith gu bràth.

## S A L M CXXII.

BHi aoibhneas orm 'n trà dubhradar,
gu tigh De theid finn fuas.
2 A'd' dhoirfibh, o Jerufalem,
air cofa feafaidh fòs.
3 Jerufalem mar chathair i,
thogbhadh gu dileas dlùth.
4 D'an rachaid fuas na treabh' gu léir,
fiad treabha Dhe nan dùl.
Gu teifteas Ifraeil, do chum
ainm Dhe gu molfadh fiad.

5 Oir cathraidh breitheamhnais 'ta 'n sùd :
cathraidh' tigh Dhàibhidh iad.
6 Sior-ghuidhibh do Jerusalem
sioth-shaimh is sonas mòr :
An drong sin fòs le'r 'n ionmhuin thu
soirbhichidh siad gu leòr.
7 Ann taobh a stigh do d' bhallaibh fein
biodh sith is sonas maith :
Deagh-shoirbheas fòs gu raibh gu bràth
a'd' lùchairt àird a stigh.
8 Air sgà' mo bhràithreach 's luchd mo ghaoil ;
dhuit guidheam sith do ghnàth.
9 Air sgà' tigh naomh' ar Tighearn' Dia
iarram do leas gu bràth.

## SALM CXXIII.

MO shùile togbham riuts' : a'ta
'n comhnuidh air neamh nan speur.
2 Feuch mar 'ta sùil nan seirbhiseach
air làimh a' maigh'stir fein,
'S mar shùile ban-oglaich air laimh
a bain-tighearn' faraon :
Feithidh air sùil' air Dhia gu 'n dean
se tròcair oirn gu caoin.
3 Dean gràsan oirn, a Thighearn' Dhia,
dean gràsan oirn gu luath :
Oir 'tamaid air ar lionadh làn
do tharcuis' is do fhuath.
4 Le fanoid luchd na seasgaireachd
lionadh ar n anam bochd ;

'S le

'S le ſpìd na' muintir ùd a'ta
làn àrdain is ain-iochd.

## SALM CXXIV.

'NOis abradh Iſrael gu fior:
mur bhiodh Jehobhadh leinn':
2 Mur bhiodh Jehobhah, as ar leith,
'n trà' dh'eirigh daoine ruinn';
3 'N ſin dheanta leo ar ſlugadh beo,
'n trà las am fearg-ſan ruinn'.
4 Rachmaid fuidh 'n tuil, 's ar n anam fòs
rachadh fuidh ſhruthaibh teann.
5 'N ſin rachadh thar ar n anam bochd,
na tuilte àrd gu leir.
6 Moladh do Dhia, nach d'thug e ſinn
mar chreich d'am fiaclaibh geur.
7 Mar eun as lion nan eanadair
ar n anam as do chuaidh:
Do ſgaoileadh is do bhris an lion,
is ſhaoradh ſinn le buaidh.
8 Ar congnamh 'ta 's ar cuideaghadh
ann ainm Jehobhah threin:
An neach do rinn an talamh ti,
's a chruthaigh neamh nan ſpeur.

## SALM CXXV.

'TA 'n dream ni dòchas ann an Dia
mar ſhliabh Sion a ghnàth,
Nach feadar fòs a chorrughadh,
ach mhaireas ann gu bràth.

2 Cear

2 Ceart mar ata na beanntaidh tric timchioll Jerusalem,
'Ta Dia mar sin, o 'nois gu sior, timchioll a phobuill fein.

3 Oir slat luchd uilc cho ghabh si tàmh air chrann nan daoine còir:
D'eagal gu sin na fireanaidh an làmh gu peacadh mòr.

4 An aitim ùd 'ta maith, a Dhe, do mhaitheas pàirtigh leo:
Is leis an droing 'ta treibh-dhireach 's nan croidhe 'ta gun ghò.

5 Ach fòs an drong do theid a thaoibh g'an slighthibh claon le cheil',
Iomanaidh Dia le luchd an uilc: 's biaidh sith air Israeil.

## SALM CXXVI.

'NTrà' thug Jehobhah air a h ais bruid Shioin, do bhi sinn
Mar dhaoine chunnairc aisling mhòr do mhosgail as an suain.

2 Lionadh ar beul le gàir' ann sin, 's ar teanga fòs le ceòl:
A dubhradar 'measg Gheintileach, rinn Dia dhoibh bearta mòr.

3 Rinn Dia mòir-bhearta air ar son: chuir oirne gàirdeachas.

4 Jehobhah, pill ar bruid a rìs: mar shruth san àirde-deas.

5 An drong do chuir gu deurach fiol,
gu sùbhach ni fiad buain.
6 An neach gu curth'achd theid amach
le fiol roi-phrifeil caoin,
Air bhith dh'a gul gu muladach
'g a iomchar sùd gu fonn,
Le haiteas pillfidh fe gu dearbh,
a' giulan fguaba trom.

## SALM CXXVII.

MUr tog Jehobhah fein an tigh,
luchd-togbhail diomhaoin iad:
Mur gleidh Jehobhah 'm baile fòs,
luchd-faire diomhaoin 'taid.
2 Dhuibh 's diomhaoin bhi re moich-eirghe,
fan oidhch' re caithris bhuain,
Bhi 'g itheadh arain bròin: mar fin
d'a fheircin bheir fe fuain.
3 'S e Dia bheir toradh bronn mar dhuais:
mar oighreachd bheir fe clann.
4 Biaidh mic na hòig' mar fhaighde geur,
'n làimh ghaifgeich threin gach am.
5 'S bu nearachd fear 'gam bi dhiubh sùd
a ghlac 's a dhorllach làn:
Gun ruidheadh labhruidh fiad fa' phort
re'n naimhdibh olc gu dàn'.

## SALM CXXVIII.

'S Beannuight' gach aoin-neach air am bi
eagal Jehobhah mhòir:

Is ann an ſlighthibh ſior-ghlain' De
ſtiuireas a cheim air chòir.
2 Oir toradh gniomh do làmhan fein
ithidh tu e gu h-ait:
Beannuighear thu gu mòr mar ſin,
's biaidh ſonas ort gu pailt'.
3 Mar fhìneamh'n tharbhaich biaidh do bhean
'n taobh ſtigh do thfhàrdoich fein,
Do chlann mar phlantaidh òl-chrainn ùir
timchioll do bhùird gu leir.
4 Feuch, 's amhluidh ſin do bheannuighear
an neach d'an eagal Dia.
5 As Sion gheibh thu beannughadh,
is ſonas chean' o'n Triath;
Is chi thu maith Jeruſaleim
re fad do làith' gu leir.
6 Is clann do chloinne chi thu fòs:
is ſith air Iſraeil.

## SALM CXXIX.

BU tric do chràdh ſiad mi o m' òig',
deir Iſrael gu truagh:
2 O m' òig' do chràdh ſiad mi gu tric,
gidheadh nior rug ſiad buaidh.
3 Na treabhthaich threabh ſiad air mo
tharraing ſiad claiſean fad. [dhruim:
4 Ach bhris Jehobhah ceirt-bhreitheach
còrdan nan daoi gu grad.
5 Air naimhdibh Shioin gu raibh nàir',
pillfid air cùl gun chaird'.

6 Mar fheur a chrionas ſol fa'm fâs,
bhios ſhuas air tigh gu hàrd:
7 Ni leis nach lionthar glac an fhir
a bhios gu tric ag buain:
Is leis nach lionthar ſgia' an ti,
a bhios re ceangal ſguab.
8 Ni mo deir luchd a' bhealaich leo,
gu raibh oirbh beannachd De:
'Ta ſinne fòs 'g ar beannachadh
ann ainm Jehobhah threin.

## SALM CXXX.

O'N doimhne, O Jehobhah Dhe,
do ghlaodh mi riutſa ſuas.
2 Dhia, eiſd re m' ghuth gu furachair:
's re m'ùrnaigh crom do chluas.
3 Ma chomh'rthuighear leat aingidheachd,
a Dhe, cia ſheaſmhas riut?
4 Ach agadſa 'ta iochd: do chum
gu ſtriochd' a' teagal duit.
5 Re Dia ataim ag feitheamh, fòs
'ta m'anam feitheamh ris,
Is ann a fhocal firinneach
mo dhòchas cuirfidh mis'.
6 'Ta m'anam bochd ni 's furachair
ag feitheamh Dhe do ghnàth,
Na bhios luchd-faire maidne fòs
re ſgarachdain nan tràth:
Ni 's furachair, a deiream fòs,
'ga fheitheamh-ſan gun ghò,

Na

Na bhios luchd-faire ann fan oidhch'
re teachd a fteach do'n lo.
7 Biodh dòchas Ifraeil ann Dia:
oir 'ta a thròcair mòr,
'S ann ag an Tighearna gu beachd
'ta fuafgladh pailt' gu leor.
8 Is bheir fe fein gun cheift air bith
d'a phobul Ifrael,
Làn faoradh agus fuafgladh glan
o'n aingidheachd gu leir.

## SALM CXXXI.

MO chroidhe ni bhuil àrdanach,
no fòs mo fhùil, a Dhe:
Nior ghluaifeas ann an cùifibh mòr,
a's àirde na mi fhein.
2 Gu dearbh, mar naoidh air chur o'n chich
chumas mi fhein a'm' thofd;
Mar naoidh air dol o chich a mhàth'r,
is ambluidh m'anam bochd.
3 Biodh dòchas maith ag Ifrael
ann Dia Jehobhah treun,
O'n aimfir fo anois a't'ann,
's air feadh gach linn ann cein.

## SALM CXXXII.

AIr Daibhidh deanfa cuimhn', a Dhe,
's air uile amhghar geur:
Mar thug fe mionn' do Dhia, is mòid
do Dhia ùd Jacob treun.

3 Do m' thigh ni racham fhein a fteach,
no air mo leabaidh fuas:
4 Ni leigeam codla do mo fhùil',
no fuain do m' roſcaibh fòs.

5 Gu nuig an uair am fuigheam àit'
do Dhia Jehobhah treun,
Is ionad-comhnuidh bunaiteach
do Dhia ùd Jacob fein.
6 Feuch, ann an criochaibh Ephrata
do chualamar an ſgeul:
Air machairibh nan coillteach dlùth
fhuaramar mar an ceadn'.

7 Ag ſtòl a choiſe ſleachdaidh ſinn,
ann àros Dhia nam feart.
8 Eirigh, a Dhe, gu tionad tàimh:
thu fein is àirc do neart.
9 Sgeuduight' gu raibh do ſhagairt-ſe
do ghnà' le hionracas:
Is deanadh do luchd-muintir naomh'
gun tàmh ùr-ghàirdeachas.

10 Air ſgà' do ſhearbhaint dhileis fein
Daibhidh d'an d'thug thu buaidh,
Aghaidh an ti do ungadh leat
na cuir air hais gu truagh.
11 Do Dhaibhidh mhionnaigh Dia gu fior,
's cho phill e uaidh' am feaſd',
A'd' chathair-rioghail cuirfidh mi
tiarmad 's do ſhliochd gun cheiſt.
12 Ma ni do chlann mo choimh-cheangal
a choimhead, is mo reachd,

An teiſt do ni mi theagaſg dhoibh,
ma chumar leo gu ceart:
An ſliochd-ſan ſuidhidh mar an ceadn'
a'd' chathair-riogh, gu bràth.
13 Oir mhiannuigh agus roghnuigh Dia
Sion mar ionad tàimh.
14 'S i ſo mo thàmh 's mo ſhuaimhneas fòs
gu ſuthain is gu ſior:
Ann ſo do dheanam fàrdoch dhamh,
oir 's i mo mhiann gu ſior.
15 Mòir-bheannuigheams' a ſtòr gu pailt':
diolfam a bochd le lòn.
16 Le ſlàint' a ſagairt euduigheam:
's a naoimh nid iolach mhòr.
17 Bheiream ann ſin gu hùrur glas
air adhairc Dhaibhidh fàs:
Is lò-chrann dh'orduigh mi do'n ti
do ungadh leam tre gràis.
18 Cuartùighidh mi a naimhde-ſin
le nàir' is ruidheadh gruaidh:
Ach airſin biaidh a choroin ſein
ag fàs le hiomdha buaidh.

## SALM CXXXIII.

O Feuch, cia mead a' maith anois,
cia mead na tlachd faraon,
Bràithre do bhi nan comhnuidh ghnàth
ann ſith 's ann ceangal caoin.
2 Mar òla phriſeil air a' cheann,
ruidh air an fheuſoig ſios,

'S i feusog Aroin, is do shruth
gu iomall eudaich 'ris.

3 Mar dhealt air Hermon, 'n dealt do thuit
air sleibhtibh àrd Shioin,
'N sin dh'orduigh Dia am beannughadh,
a' bheatha shiorruidh bhuan.

## SALM CXXXIV.

O Shearbhantadh Jehobhah mhòir,
beannuighibh Dia a choidhch';
D'an gnà' bhith ann an àros De
'n ar seasamh seadh na hoidhch'.

2 'Na theampull togaibh suas bhur làmh,
beannuighibh Dia nam feart.

3 Beannuigheadh Dia as Sion thu,
rinn neamh is làr le neart.

## SALM CXXXV.

MOlaibhse Dia, àrd-mholaibh fòs
deagh-ainm Jehobhah threin,
Is thugaibh cliu is moladh dh'a,
shearbhanta De gu leir.

2 O sibhse 'ta 'n ar seasamh fòs
ann tigh Jehobhah mhòir,
Ann cùirtibh àluin tigh ar Dia,
molaibh e mar is còir.

3 Molaibh an Tighearna, do bhrigh
gu bhuil se maith gach rè:
D'a ainm-sin scinnibh moladh ait,
oir 's ni ro-thlachd-mhor e.

4 Oir

4 Oir Jacob fòs do roghnuigh Dia
'na thròcair mhòir dh'a fein;
Dh'a fein mar ionmhas is mar fheilbh,
do thagh se Israel.

5 Oir 's fiosrach mi 's is dimhin leam
gu bhuil Jehobhah mòr,
Gu bhuil ar Tighearna faraon
oisc-ionn gach Dia ann giòir.

6 Gach ni air bith bu mhiannach leis,
rinn Dia ann neamh nan speur,
'S air talamh, 's anns na cuantaibh mòr,
's na doimhneachdaibh gu leir.

7 Do bheir se air a' cheo dol suas
o chrich na talmhain ti,
Uisge do ni le dealanaich;
gaoth as a stòr gun di'.

8 Gach ceid-ghin do bhi ann san Eipht'
do bhuaileadh leis gu trom.
Do dhuin' is ainmhidh fòs faraon,
bhi 'g imtheachd air a fonn.

9 O Eiphte chuir se comhartha,
is miorbhuile le cheil',
A'd' bhuilsgean fein; air Phàroh fòs,
's a shearbhantaibh gu leir.

10 Na cinneich lion-mhor chlaoidheadh leis:
mharbh Righridh cumhachdach.

11 Do mharbhadh Og Righ Bhàsain leis,
Sihon Righ n' Am'riteach:

Gach uile Rioghachd mar an ceadn',
cia h iomdha bhi siad ann,

Do sgriosadh, is do mhilleadh leis
d'an raibh ann tir Chanaan.
12 Am fonn 's am fearann sùd air fad
mar oighreachd thiodhlaic se;
Mar oighreachd do chloinn Israeil,
siad pobull dileas De.
13 'Ta tainm, a Thighearna nam feart,
buan-mharthanach do ghnàth:
'Ta tiomradh buan air chuimhn', a Dhe,
o linn gu linn gu bràth.
14 Oir air a phobull fein ni Dia
ceirt bhreitheamhnas gu beachd:
Is gabhaidh eisin aithreachas
m'a shearbhantadh le iochd.
15 Iodhoil nan cinneach 'taid do'n òr,
's do'n airgiod ghlas faraon:
Is ni bhuil ionnt' ach diombaoineas
rinneadh le làmhaibh dhaoin'.
16 'Ta beul ac', is gun chomh-radh ann:
is sùilean, leis nach leir.
17 'Ta cluasan ac', 's nior chluinnid leo:
gun anal fòs nam beul.
18 A' mhuintir 'ta 'gan deanamh sùd,
'taid fein ro-chosmhuil leo:
Is amhluidh 'ta gach uile neach
do chuireas ionnt' a dhòigh.
19 O beannuighibh Jehobhah-mòr,
a theaghlaich Israeil:
'S a theaghlaich Aroin, beannuighibh
an Tighearna le cheil'.

20 O

20 O theaghlaich Lebhi, beannuighibh
is thugaibh cliu do Dhia:
Sibhſe d'an eagal Dia faraon,
mòir-bheannuighibh an Triath.
21 As Sion beannuight' gu raibh Dia;
'gam bhuil a chomhnuidh bhuan
Ann cathair naomh' Jeruſaleim.
Molaibhſe Dia gach uair.

## S A L M CXXXVI.

O Thugaibh buidheachas do Dhia,
do bhrigh gur sàr-mhaith e:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
2 Thugaibh do Dhia nan uile Dhia
mor-bhuidheachas le cheil':
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
3 An Tighearn' os gach Triath ata,
àrd-mholaibh e gu leir:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
4 Do'n ti 'na aonar fòs do rinn
mòir-mhiorbhuile gu treun:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
5 Do'n ti le gliocas iongantach
do chruthaigh neamh nan ſpeur:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.

6 Do'n ti do fhìn air uachdar tuinn
an talamh trom gu leir:
Ar-fon gu mair a thròcair chaomh
gu fiorruidh feadh gach rè.

7 Do'n ti do rinn na foluis mhòr
'ta foillfeachadh nan fpeur:
Ar-fon gu mair a thròcair chaomh
gu fiorruidh feadh gach rè.

8 A' ghrian gu huachdranachd fan la,
chum dhùinne gu bu leir:
Ar-fon gu mair a thròcair chaomh
gu fiorruidh feadh gach rè.

9 A' ghealach is na reulta glan
do riaghladh oidhch' le cheil':
Ar-fon gu mair a thròcair chaomh
gu fiorruidh feadh gach rè.

10 Do'n ti rinn bualadh trom fan Eipht'
air ceid-ghin dhaoin' is fpreidh:
Ar-fon gu mair a thròcair chaomh
gu fiorruidh feadh gach rè.

11 Thug as am builfgean-fan amach
a phobull Ifrael:
Ar-fon gu mair a thròcair chaomh
gu fiorruidh feadh gach rè.

12 Le neart a ghàirdein fint' amach,
's le laimh a'ta roi threun:
Ar-fon gu mair a thròcair chaomh
gu fiorruidh feadh gach rè.

13 Do'n ti le'r fgoilteadh a' muir ruadh
'na bhloidibh as a cheil':

Ar-fon

Ar ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
14 Is trid a mheadhoin do thug ſe
gu tearuint' Iſrael:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
15 San fhairge ruaidh do ſgrioſadh leis
Phàroh 's a ſhluagh gu leir:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
16 Do'n ti ſin trid an fhàſaich mhòir
threòruigh a mhuintir fein:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
17 Do'n ti do bhuail, 's do lot gu trom
na Righridh làidir threun:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
18 Is Righridh uaſal iomraiteach,
do mharbh le ghàirden fein:
Ar ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
19 Na' meaſg sùd do bhi Sihon Righ
nan Amoriteach treun:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.
20 Is Og air Bàſan bhi 'na Righ,
do mharbh is chaſgair ſe:
Ar-ſon gu mair a thròcair chaomh
gu ſiorruidh feadh gach rè.

21 Is thug se fòs mar oighreachd bhuain
am fearann-san gu leir:
Ar-son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach rè.
22 Ann oighreachd thug do Israel,
a shearbhant dileas fein:
Ar-son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach rè.
23 Neach, air bhith dhùinn' roi-isiol truagh,
do chuimhnigh oirn' 'n ar feim:
Ar-son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach rè.
24 Gu sàbhailt' bhuin se sinn, amach
o neart ar naimhde treun:
Ar-son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach rè.
25 'Ta tabhairt beatha do gach feòil
is lòin do'n uile chrè:
Ar-son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach rè.
26 O thugaibh moladh agus cliu
do Dhia na' neamh 's nan speur:
Ar-son gu mair a thròcair chaomh
gu siorruidh feadh gach rè.

## S A L M CXXXVII.

AG fruthaibh coimheach Bhàbiloin,
shuidh sinn gu brònach bochd;
Air Sion fòs 'n trà' chuimhneamar,
do ghuileamar gu goirt.

2 Air gheugaibh feileich innte sùd
ar clàirseach' chrochadh leinn.
3 Oir dh'iarr siad oran oirn ann sùd,
an dream rinn braighde dhinn,
Is dh'iarr siad luath-ghàir' oirn an drong
le'r chreachadh sinn gu leir:
A dubhradar, dhùinn seinnibh laoidh
do laoidhibh Shioin fein.
4 'N tir choigrigh cia mar fheadar leinn
oran Jehobhah sheinn?
5 Mur cuimhn'gheam thu, Jerusalem,
re m' dheis nior lean a seirm.
6 Mo theanga leanadh re mo ghiall,
mur cuimhn'ghear thusa leam,
Mur togbham os m'uil' aoibhneas àrd
cathair Jerusaleim.
7 Clann Edom, cuimhnigh thus', a Dhe,
oir dubhradar le tàir,
Ann làithibh truagh Jerusaleim,
lom, lom i, sios gu làr.
8 O Inghean uaibhreach Bhàbiloin,
a dh'fhàsaichear gu leir;
Bu nearachd neach, mar rinn tu oirn,
a dhiolfas dhuit d'a reir.
9 Bu nearachd neach a ghlacas fòs
do mhaoth-chlann bheaga thruagh,
'S a phronnas iad gun acarachd,
re clochaibh tuinnidh cruaidh.

SALM

LE m'uile chroidh' àrd-mholfam thu,
àrd-mholfam thu gu caomh
2 'N làthair nan Dia. Is fleachdfam dhuit
m'aghaidh re d' theampull naomh',
Is molfam t ainm, bhrigh t fhirinn cheart,
's do chaoimhneis ghràdhaich fein:
Oir t fhocal fior-ghlan dh'àrduigh thu,
oifcionn t uil' ainm gu leir.

3 San la do ghlaodh mi riut, a Dhe,
fhreagair thu mi gu luath:
Is thug thu fpionnadh dhamh gu leor,
le treòir, a'm' anam truagh.
4 Bheir Righridh mòr na cruinne dhuit,
àrd-mholadh binn gu leir:
San uair an cluinntear leo, a Dhia,
deagh bhriathra glan do bheil.

5 Ann flighthibh fòs Jehobhah mhòir
feinnidh fiad ceòl gu hait;
Ar-fon gur onorach, 's gur àrd
glòir àluin Dhia nam feart.
6 Ge àrd Jehobhah, fcallaidh fe
air daoinibh umhal còir;
Ach 's leir dh'a 'n drong ùd, fad o làimh,
'ta làn do'n àrdan mhòr.

7 D'an gluaisfinn ann am builfgean fòs
na triobloid mhòir do m' chlaoidh',
Ata mi fiofrach dòchafach
gu beothuigh thufa mi;
Ann aghaidh corruigh mhòir mo nàmh,
do làmh-fa fintear leat,

Is

Is ni do dheas-lamh-sa a'm' fheim
mo theasairgin le neart.

8 Gach ni air bith a bheanas damh,
coimh-lionaidh Dia gu treun:
Is buan do ghràs, a Dhia, gu bràth;
oibridh do làmh na treig.

## SALM CXXXIX.

DO rannsuigh thu, 's is aithne dhuit
mise, Jehobhah threin.
2 Mo shuidh', is m'eirghe 's aithne dhuit;
's leir dhuit mo smuain ann cein.
3 Mo cheimne, is mo luidhe sios
do chuartuigh thu gu dlù';
Is air mo shlighthibh fein gu leir
's geir-fhiosrach eòlach thu.
4 Feuch, ni bhuil focal mòr no beag
no uirghioll ann mo bheul:
Mun' labhram iad, a Dhia nam feart,
nach aithne dhuit gu leir.
5 Do chuartuigh thu mi air gach taoibh,
ro'nham faraon 's a'm' dheigh;
Do làmh 'ta neart mhor cumhachdach
do leag tu orm a Dhe.
6 'Ta 'n teòlas so roi-iongantach,
is ormsa 'ta se cruaidh;
Ni 'n ruigeam air, oir 'ta se àrd
r'a thuigsin, is r'a luadh.
7 Cia 'n tàit' air bith am fead mi dol
o d' spiorad glic a Dhe?

O d'

O d' ghnùis 'ta uile-leirsineach
cia 'n taobh a theichfeas mi?
8 D'an rachuinn suas air neamh nan speur,
ata thu fein ann sùd;
D'an luidhinn ann an ifrionn shios,
'ta thu san ionad ùd.
9 Air barraibh sgiath na maidne fòs
d'an siùbhlainn fad o laimh;
Gu hiomallaibh na fairge mòir
chum comhnuidh agus tàimh.
10 Stiuiridh tu mi ann sinn, a Dhe,
le d' laimh 'ta treun ann neart,
Is nithear leat mo chunbhail fòs
le d' dheas-laimh mhòir gu beachd.
11 D'an abrainn, gu dean dorchadas
gu dimhin m' fholach uait;
Biaidh 'n oidhche fein mar sholus glan
ag iadhadh orm m'an cuairt.
12 Chò'n fholuigh uaitse dorchadas,
's comh-shoilleir oidhch' is la:
'S ceirt-ionann duits' an duibhre dorch'
is solus glan nan trà'.
13 Oir feuch do ghabh tu sealbh gu moch
air m'àirnibh is mi maoth:
'S ann leat do rinneadh m'fholach fòs
am bolg mo mhàthar chaoimh.
14 Ard-mholfam thu, oir 's uathbhasach
's is miorbhuileach mo dhealbh:
'Ta t oibridhs' iongantach: 's is leir
do m'anam e gu dearbh.

15 'N trà'

15 'N trà' rinneadh mi ann diomhaireachd,
's a dhealbhadh mi gu ceart
Ann àitibh iochdrach talmhain shios;
bu leir dhuit brigh mo neart.

16 Mo * Cheud-fhàs an-abuidh gun dreach,
do d' shùilibh-se bu leir;
Mo bhuill gu hiomlan chuireadh sios
sgriobht' ann do leabhar fhein;
Gidheadh re aimsir is re ùin
do dhealbhadh iad san am:
Air bhith dhoibh roimhe sin gun dreach,
'snach raibh a haon diubh ann.

17 'S roi-phriseil uime sin, a Dhe,
do smuaint'idhs' uile leam:
'S roi-lion-mhor mòr r'an aireamh iad
's r'an cuir air cuntas ceann.

18 Re 'n aireamh, 's mòr gur lion-mhoir iad
na gaineamh mhin na tràgh':
Air mosgladh as mo chodal damh,
'taim maille riut do ghnàth.

19 Marbhthar an taingidh leat gu beachd,
O Thighearna roi-threin:
Anois, o dhaoine fuileachdach
imthighibh uam ann ceìn.

20 Oir labhradar a' taghaidh, Dhe,
le aing'eachd easaontais;
Is thug do naimhde mio-runach
tainm naomh' ann diomhaoineas.

* Embryo.

21 Nach

21 Nach bhuil mi tabhairt fuath, a Dhia,
do'n droing thug dhuitſe fuath?
Nach bhuil mi gabhail gràin do'n dream,
a' taghaidh dh'eirigh ſuas?
22 Fuath iomlan thug mi dhoibh gu beachd:
mar naimhde nim a' meas.
23 Rannſuigh mi, Dhe, mo chroidhe faic:
mo ſmuaint'idh feuch, fionn mis':
24 Feuch agus amhairc fein am bhuil
ſligh' aingidh olc a'm' chle:
Is ann ſan t ſlighe ſhiorruidh chòir
gu direach treòruigh me.

## SALM CXL.

O'N droch-dhuin' ſaor is teaſairg mi,
O Dhia Jehobhah naomh':
O'n fhear a'ta re fòireigneadh
dean didean dhamh gu caomh.
2 Nan croidhe 'taid ag ſmuainteaghadh
air aimh-léas mòr gach la:
Chum cath' is comhruig chruaidh ataid
air cruinneachadh do ghnà'.
3 Mar theanga naithreach, rinneadar
an teanga ſgaiteach geur:
Ata nimh mhillteach naithreach fòs
am folach ann nam beul.
4 O laimh nan daoi, gleidh mis', a Dhe;
's o luchd an fhòirneirt, dion:
Mo cheimne thilgin bun oiſ-cionn,
's e sùd an rùn 's am miann.

5 D'fho-

5 D'fholuigh na huaibhreich gaoiſte dhamh,
is corda fòs, do m' ſgrios
Re taoibh a' bhealaich ſgaoil iad lion:
do leag iad ceap gun fhios.
6 Re Dia Jehobhah dubhairt mi,
's tu fein gu beachd mo Dhia:
Eiſd re guth m' ath-chuinge anois,
O Thighearn' is a Thriath.

7 Is tu a's ſpionnadh ſlàinte dhamh,
Jehobhah Dhia nam flath:
Chuir dion is folach air mo cheann
ann aimſir troid is cath'.
8 Na deonuigh miann an aingidh uilc,
O Thighearna nam feart:
Ais-innleachd fòs na foirbhigh leis,
mun' àrduigh'r iad ann neart.

9 Ach cinn na droing a chuartuigh mi
m'an cuairt le tuaileas bhreug,
Gu rabhaid air am folach fòs
le tubaiſt' mhòir am beil.
10 Orra gu tuiteadh eibhle loiſgt',
tilg iad ſan teine, beo:
Ann ſlochdaibh domhain ſios, do chum
nach eir'ghiodh iad ni 's mò.

11 Na daingnighear air talamh fòs
fear-labhairt uilc a choidhch':
Biodh olc ag ſealg fir fòireignidh
d'a leagadh is d'a chlaoidh'.
12 Is aithne dhamh gu 'n dearnadh Dia
do'n dream 'ta 'n amhghar goirt

An

An cùis a fheasamh dhoibh gu treun;
is còir nan daoine bochd.

13 Do bheir na fireanaidh gu dearbh
do tainm-se moladh mòr:
Biaidh comhnuidh bhuan a' t fhiadhnais fein,
a Dhe, ag daoine còir.

## SALM CXLI.

O Dhia, ataim ag eigheach riut,
dean deifir chugam fhein:
Is tabhair eisdeachd fòs do m' ghuth,
'n trà' ghlaodhas riut a'm' fheim.
2 Mar bhòltrach tùis a'd' làthair suas,
mar sin biodh m'ùrnaigh riut:
Is togbhail suas mo làmh, gu raibh
mar iobairt fheasgair dhuit.

3 Cuir faire air mo bheul, a Dhia:
dorus mo bheilse gleidh.
4 Gu droich-bheart, no gu olc air bith
na aom mo chroidh', a Dhe:
D'eagal le luchd na haingidheachd,
gu cuirfinn olc ann gniomh,
Ge miljs blaft' an sògh 's an gleus,
nior itheam fein maoin diubh.

5 Buaileadh am firean mi le smachd,
gabhaidh mi sin gu caomh:
Gabhaidh mi uaidh' an tachmhasan,
mar òla phrìseil mhaoth;
Cho bhris am bualadh ùd mo cheann:
oir fòs theid m' ùrnaigh suas,

'N trà'

'N trà' bhios an aitim ùd gu truagh
nan amhghar cruaidh ann sàs.
6 'N trà' thilgfear fios air chlochaibh cruaidh
am breitheamhuin gu leir:
'N sin cluinnidh fiad, oir 's milis binn
deagh bhriathra grinn mo bheil.
7 Ar cnàmhan fòs ag beul na huaigh'
do sgaoileadar le tàir:
Mar ghearrar is mar sgoiltear fiodh
'na spealtaibh air an làr.
8 Ach 'taid mo shùile riutsa suas,
Jehobhah Dhia nam feart:
Na fàgsa m'anam bochd gun treòir,
's tu fein mo dhòigh 's mo neart.
9 O teasairg mi o'n rib', a Dhe,
do leagadar dom' sgrios;
'S o eangaich luchd na haingidheachd,
a d' fholuigh fiad gun fhios.
10 Ach tuiteadh luchd na haingidheachd
nan liontaibh rinneadh leo:
Am feadh bhios mise gabhail thart',
's a' tearnadh asta beo.

## S A L M CXLII.

GHlaodh mi re Dia le m' ghuth: is fòs
le m' ghuth rinn m'ùrnaigh ris.
2 Mo chaoi' 'na fhiadhnais dhoirt mi 'mach:
's mo thriobloid d' fhoillsigh mis'.
3 'N trà' bhi mo spiorad bàit' a stigh,
'n sin b'aithne dhuit mo cheim:

Sa'

S a' bhealach ann do ſhiubhail mi,
gun fhios do leag ſiad lion.
4 D'amhairc mi air mo dheis, is d'fheuch,
's ni 'n raibh fear m'eòlais ann;
No neach do m'anam bheireadh ſpeis:
threig cabhair mi ſan am.
5 O Thighearna, do ghlaodh mi riut,
a dubhairt mi gun ghò,
Gur tu is tearmunn dileas damh,
's mo chuid ann tir nam beo.
6 Ar-ſon gur chlaoidheadh mi gu truagh,
eiſd re mo ghlaodh ſan am,
Is ſaor mi o luchd m'fhòirneirt mhòir:
oir 's treiſe leo na leam.
7 As prioſon m'anam buin amach,
t ainmſe gu molfar leam:
Is iadhfuid umam fireanaidh:
oir ni tu pailteas rium.

## SALM CXLIII.

RE m'ùrnaigh eiſd, is aom do chluas
re m'ath-chuinge, a Dhe:
A' tfhirinn, is a'd' cheartas àrd
gu gràs-mhor freagair mi.
2 Na tionnſgain ann am breitheamhnas
le tòglach dileas fein:
Oir 's dearbh nach ſaorthar duine beo
a' tfhiadhnais ann am binn'.
3 Oir lean an nàmhad ea-corach
le tòir gheir m'anam bochd,

Mo

Mo bheatha thilg se sios le tàir,
leag ris an làr gun iochd:
Do chuir se mi ann dorchadas
chum comhnuidh ann gu truagh,
Is ionann mi 's an dream gu dearbh
bhiodh fada marbh san uaigh.

4 Is uime sin 'ta m'anam bàit'
gu cràiteach ann mo chom:
Mo chroidh' a'm' chliabh gu muladach
air fàs gu tuirseach trom.

5 Na làith' o chian do chuimhnigh mi,
'taim cnuasachadh gun tàmh
Toibridh gu leir: 's ag smuainteaghadh
air gniomharthaibh do làmh.

6 Mo làmhan shìn mi riutsa suas:
ann geall 'ta m'anam ort,
Amhluidh mar bhitheas fearann cruaidh
air tiormachadh le tart.

7 Eisd rium, a Thighearna, gu grad,
chuaidh as do m'anam bochd;
Do ghnùis na ceil, d'eagal gu biom
mar dhroing chuaidh sios do'n tslochd.

8 Toir orm gu cluinntear leam gu moch
guth binn do chaoimhneis ghràidh,
Oir ionnad chuir mi fhein gu mòr
mo dhòchas is mo dhòigh,
Am bealach fòs ann gluaisfear leam
toir orm gu 'n aithnigh mi:
Oir riut ata mi togbhail suas
mo spioraid thruaigh a Dhe.

9 Om' naimhdibh guineach, teasairg mi,
O Thighearn' is a Righ:
Do tionnsuidh theich mi fòs, do chum
gu foluight' leatsa mi.
10 Do thoil do dheanamh teagaisg dhamh,
oir 's tu mo Dhia gu beachd,
O 's maith do spiorad: treòruigh mi
gu tir na fireantachd.
11 Sgà' tainmse, beothaigh mi gu treun,
a Dhe Jehobhah mhòir:
Sgà' tfhireantachd, saor m'anam bochd
o thriobloid ghoirt 's o leòn.
12 Cuir as do m' naimhdibh trìd do ghràis,
is sgrios an drong gu leir
'Ta cur m'anama thruaigh fuidh leòn:
oir 's mise tòglach fein.

## SALM CXLIV.

BEeannuight' gu raibh Jehobhah treun,
mo charraig e 's mo threòir;
Mo làmh a theagaisgeas gu cath,
's gu comhrag maith mo mheòir.
2 Mo mhaith, mo dhion, 's mo bhaideal àrd,
mo shlànaightheoir, 's mo sgiath,
'S e cheannsuigheas mo dhaoine fùm:
mo mhuinighin 's e Dia.
3 Dhia, creud e 'n duine, gu bhuil tu
ag gabhail eòlais air?
No creud e mac an duine fòs,
gu d'thug tu e fainear?

4 An

4 An duine, 's cosmhuil e gu fior
re diomhaoineas gun stà:
'S a làith' mar sgàil', 's mar fhaileas fòs
ag gabhail thart' a'ta.

5 O lùb, a Dhia, do fhlaitheis àrd,
thig fein gun chàird' anuas:
Buin ris na sleibhtibh mòr le d' neart,
is uath' theid deatach suas.

6 Leig chuc' amach do dhealanach,
le'r sgaoilear iad air fad:
Is tilg amach do shaighde geur,
le'r chlaoidhear iad gu grad.

7 Sìn uait do làmh as tionad àrd,
saor mi, is fuasgail orm,
O uisgibh làidir iomarcach:
's o laimh nan coigreach borb.

8 An drong 'gam bhuil am beil ag teachd
air diomhaoineas gach lo:
An deas-làmh sùd, is deas-làmh i
làn iogain agus gò.

9 Dhuit seinneam oran nuadh, a Dhe,
's ann air an t Saltair ghrinn,
Air inneal ciuil nan teuda deich
dhuit seinneam moladh binn.

10 'S e Dia do bheir do Righribh mòr
slàint' agus buaidh gu treun,
'S e shaoras Daibhidh òglach caomh
o'n chloidheamh mhillteach gheur.

11 Saor mi, is fuasgail orm o laimh
nan coimheach, 'g am bhuil beul

Làn diomhaoineis; 's an deas-lamh fòs
'na deas-laimh feill' is breig'.
12 Do chum gu biodh ar macraidh fàs
mar fhaillein ùr nan òig':
'S mar Oision-chloch' ar n ingheana,
snoighte mar àros mòr.
13 Ar sgioboil làn do'n uile stòr;
gu biodh ar treud' ag breith
Na' miltibh, seadh deich miltibh fòs
'n ar sràidibh fein gu seth.
14 Ar daimh gu hobair làidir calm,
gun bhriseadh 'mach no steach;
Do chum 'n ar sràidibh fòs nach biodh
guth caoi' gu gearanach.
15 'S beannuight' am pobull sin a'ta
san inbhe so gu beachd;
'S beannuight' am pobull fòs, d'an Dia
Jehobhah Triath nam feart.

## SALM CXLV.

ARduigheam thu, mo Dhia, 's mo Righ;
tainm beannuigheam gu bràth.
2 Do tainms' am feasd' do bheiream cliu:
àrduigheam thu gach la.
3 'Ta Dia Jehobhah mòr gu dearbh,
ion-mholta Dia gu mòr,
Cho'n fheadar mead a mhòrdhachd-san
a rannsughadh gu leòr.
4 Molfaidh gach àl do ghniomhartha
do'n àl a thig nan deigh,

Is toibridh cumhachdacha fòs
fior-chuirfear leo ann ceill.
5 Onoir do mhòrdhachd ghlòr-mhoir fein
cuirfeam ann ceill gu beachd;
Air toibribh iongantach gu leir
labhram a Dhe nam feart.
6 Labhraidh daoin' eile fòs air neart
do bhearta uath-bhasach;
Is mise foillsigheam gu mòr
do mhòrdhachd iongantach.
7 Is cuirfear leo ann ceill gu pailt'
iomradh do mhaitheis mhòir;
Do cheartas glan, is tionracas
molfaid gu binn le ceòl.
8 'Ta 'n Tighearna ro-ghràs-mhor caoin
is làn do thruacantachd;
Ata se mall chum feirg', is fòs
pailt' ann an tròcaireachd.
9 Is maith Jehobhah do gach dùil;
'ta thròcair chaomh gu beachd
Oifcionn gach obair agus gniomh
do rinneadh leis le neart.
10 Dhia, molfaidh toibridh thu air fad;
le d' naoimhibh molfar thu:
11 Air glòir do Rioghachd labhraidh fiad;
innsid do neart le cliu.
12 Do chum a bhearta cumhachdach
gu tuigfeadh clanna daoin';
Gu bhuil a Rioghachd làn do ghlòir,
is mòrdhalachd faraon.

13 Do Rioghachd fein, is Rioghachd i
'ta fiorruidh buan gu beachd;
Is mairfidh tuachdranachd gu bràth,
air feadh gach àil re teachd.
14 Cunbhaidh Jehobhah fuas le neart
an drong 'ta tuiteam fios;
'S an dream 'ta claonadh chum an làir,
togbhaidh fe 'n àird' a ris.

15 'Ta sùile fòs gach dùil' air bith
ag feitheamh ort a Righ;
Is 'ta tu ann sna tràthaibh ceart
ag tabhairt dhoibh am bidh.
16 Ata tu ann do thoirbheartas
fosgladh do laimh gu mòr,
Is miann gach nithe beo air bith
sàsuighear leat gu leòr.

17 'Ta Dia 'na uile shlighthibh ceart,
naomhtha 'na uile ghniomh.
18 'S dlù' Dia do mhead 'sa ghairmeas air,
seadh ghairmeas air gu fior.
19 Deagh mhiann gach neach d'an eagal e
coimh-lionaidh se gu pailt';
Is eisdfidh eisin re nan glaodh,
saorfaidh se iad nan airc.

20 An drong 'ta tabhairt gràidh do Dhia,
dhoibh ni se tearmunn deas;
Ach fòs na h aingidh olc gu leir
do ni se fein an sgrios.
21 Ag luadh air cliu Jehobhah threin
bithidh mo bheul gun cheist:

Ainm

Ainm naomhtha beannuigheadh gach feòil
gu ſiorruidh buan am feaſd'.

## SALM CXLVI.

DIa moluibh; mol o m'anam, Dia.
2 Molfaidh mi Dia re m' bheo:
Aird-ſeinnidh miſe cliu do m' Dhia,
re fad mo re 's mo lo.
3 Na earbaibh, is na deanuibh bun
a prionnſaibh làidir treun;
No fòs a mac aon-duin' a't'ann,
's gun fhurtachd ann re feim.
4 'Ta anal-ſan dol as amach,
theid ſe g'a ùir air ais,
Theid as d'a ſmuainteaghadh gu leir
ſan lo ſin fein gu cas.
5 'S beannuight' an duine ſin 'gam bhùil
Dia Jacob dh'a mar neart;
'Gam bhuil a dhòchas ann a Dhia
Jehobhah Triath nam feart.
6 'S e chruthaigh neamh, is muir, is tir,
's gach aoin-ni ionnta 'ta;
Is ſe do choimhdeas firinn fòs
gu ſiorruidh is gu bràth.
7 Re daoinibh 'ta fuidh fhòirneart mòr
cumaidh ſe còir gu caoin,
Bheir biadh do'n ocrach; cuirfidh Dia
na prioſunaich fa ſgaoil'.
8 'S e Dia 'ta foſgladh sùl nan dall,
togbhaidh Jehobhah mòr

An drong a'ta air cromadh ſios,
is caomh leis daoine còir.
9 Bain-treabhach, 's dilleachd' ſeaſmhaidh Dia,
ſe 's dion do'n choigreach ann:
Ach ſlighe fhiar nan daoine daoi
tilgidh ſe bun oiſ-cionn.
10 Biaidh Dia 'na Aird-Righ mòr gu bràth,
do Dhias', O Shioin naomh',
O linn gu linn gu marthanach.
Moluibhſe Dia gu caomh.

## S A L M CXLVII.

MOluibhſe Dia, oir 's maith bhith ſeinn
àrd-mholadh binn d'ar Dia:
Oir 's tlachd-mhor e, 's is maiſeil sùd
bhi tabhairt cliu do'n Triath.
2 Suas togbhaidh Dia Jeruſalem;
cruinnighidh ſe le cheil',
An dream d'an d'rinneadh dibearthaich
do ghineil Iſraeil.
3 Do'n aitim 'g am bhuil croidhe brùit'
do bheir ſe ſlàinte mhòr:
'S e cheanglas ſuas gu faicilleach
gach cneadh 'ta orr' is leòn.
4 Na reulta lion-mhor àirmhear leis;
'gan ainmeachadh gu leir.
5 Is mòr ar Dia, 's is mòr a neart;
gun tomhas air a cheill.
6 Togbhaidh Jehobhah ſuas gu dearbh
na daoine ciuin a rìs:

Is

Is leagfar leis na daoi le tàir
gu làr 'g an tilgeadh fìos.
7 Seinnibh do Dhia Jehobhah mòr,
le buidheachas gu binn:
Seinnibh d'ar Dia-ainn moladh àrd
air teud na clàirfeich ghrinn:
8 Noch fholchas neamh le neullaibh tiugh,
ullmhui'dh fe fearthuin fòs
Do'n talamh: 's e bheir air an fheur
bhith fàs air fleibhtibh mòr.
9 Do'n ainmhidh 's do gach beathach fiat
bheir eifin biadh gun dith:
Is do na fiachaibh òg' faraon
a ghlaodhas 'g iarraidh bidh.
10 Ann neart an eich cho bhi a dhùil,
ge mòr a lùth 's a threis';
Cho ghabh fe tlachd ann cofaibh fir
fheafmhas gu direach deas.
11 'Ta Dia ag gabhail tlachd gu mòr
do'n dream d'an eagal e,
Chuirfeas an dòchas is an dòigh
'na thròcair-fin gach rè.
12 Tabh'r moladh O Jerufalem,
do Dhia Jehobhah mòr,
Do d' Dhia-fa tabhair moladh fior,
O Shioin mar is còir.
13 Croinn dhruididh fòs do dhoirfe mòr
do neartuigh fe gu maith:
Do bheannuigh fe do fliochd gu leir
a'd' mheadhon fein a ftigh.

14 'S e chuirfeas ann do chriochaibh fòs
sìth agus sonas mòr:
'S e ni le smior a' chruithneachd ghloin
do shàsughadh gu leòr.
15 'S e chuirfeas aithn' amach air tir,
ni bhriathar ruidh gu luath.
16 Bheir sneachd mar olainn; sgaoilidh se
an liaith-reodh mar an luaith.

17 Leac-oidhre tilgidh se amach
mar ghreamanna nach gann;
Agus san fhuachd a rinneadh leis
cia fheadas seasamh ann?
18 Cuirfidh se bhriathar mòr amach,
is leaghar iad a rìs:
Air seideadh dh'a le gaoith ann sin
sruthaidh na tuilte sios.

19 Do Jacob 'ta se foillsiughadh
a bhriathra fior-ghlan naomh',
A statuin is a bhreitheamhnais
do Israel gu caomh.
20 Nior dheonuigh se a' maitheas ùd
dh'aoin-fhineach 'ta fuidh 'n ghrein:
A bhreitheamhnais nior b'aithne dhoibh.
Moluibh Jehobhah treun.

## SALM CXLVIII.

MOluibhse Dia. Ard-mholuibh fòs
Jehobhah mòr gun chàird'
O neamh' nan speur: moluibhse Dia
s na h ionadaibh a's àird'.

2 Uil' aingle De mòr-mholuibh e:
moluibh e shluagh gu leir.
3 O ghrian 's a ghealach moluibh e:
's a reulta glan nan speur.
4 O neamha àrd nan uile neamh,
is uisgeachan a'ta
Ann comhnuidh shuas oisc-cionn nan speur,
moluibhse Dia do ghnà'.
5 Thugadh iad cliu is moladh binn
do ainm Jehobhah threin,
Oir chuir se àithn' amach le neart,
is rinneadh iad d'a reir.
6 Do rinn se fòs an daingneachadh
do chum bhith buan do ghnàth:
Is chuir se statuin orra sùd
nach d'theid air cùl gu bràth.
7 O'n talamh fòs a'ta fuidh neamh
moluibh Jehobhah treun;
A dhràgon' àdhbhal uath-bhasach,
's na dhoimhneachda gu leir.
8 Tein' aidheir agus cloich-shneachd chruaidh,
an ceò theid suas 's an sneachd;
Gaoth dhoinionnach ag coimh-lionadh
a bhriathar-san gu beachd.
9 Na sleibhte fairsing at-mhor mòr,
's na tulaich fòs le cheil':
Gach craobh bheir toradh agus blàth,
's na Sedair àrd gu leir.
10 Gach beathach, ainmhidh, is gach dùil
a shnàigheas air an làr,

'S gach eunlaith sgiathach iteagach
'ta 'g itealaigh gu h àrd.
11 Gach Righ air talamh làidir mòr,
's gach popull fòs air bith;
Na prionnsuidh is luchd breitheamhnais
'ta os gach tir fa leith.
12 Na h òig-fhir is a' mhacruidh dheas,
's na maighdeana le cheil';
Na seanoire 'ta eòlach glic,
's na leinibh òg gu leir.
13 Ainm Dhe àrd-mholadh iad, oir 'ta
ainm-sin amhàin ro-mhòr:
Oisc-ionn na talmhain agus neamh
do àrduigheadh a ghlòir.
14 Adharc a phobuill àrduigh'r leis,
sùd cliu a naomh gu leir,
Cloinn' Israeil, a phobuill chaoimh.
Moluibh Jehobhah treun.

## SALM CXLIX.

MOluibhse Dia: is oran nuadh
seinnibh do Dhia gu caomh;
Seinnibh a mholadh-san gu binn
ann coimh-thional nan naomh.
2 Biodh Isra'l aoibhneach ann an Dia
an ti do chruthaigh e:
Deanadh clann Shioin gàirdeachas
nan Righ air feadh gach rè.
3 Is ann san damhsa thugadh iad
d'a ainm-sin moladh binn: A chliu

A chliu le tiompan ſeinneadh iad,
is leis a' chlàirſeich ghrinn.
4 Oir 'ta Jehobhah gabhail tlachd
'na phobull dileas fein:
Do ni ſe ſgiamhach le na ſhlàint'
na daoine ſeimh gu leir.

5 Biodh air na daoinibh naomh' ann ſin
ùr-ghàirdeachas ann glòir:
Is air an leabuidh ſeinneadh iad
do Dhia le h iolaich mhòir.
6 Gu raibh àird-chliu an Tighearna
gu dligheach ann nam beul:
Is ann nan laimh-ſin fòs gu raibh
cloidheamh da-fhaobhair geur.

7 Do chum gu deant' air fineachaibh
làin-dioghaltas gu trom:
Is mar an ceadn' air phoibleachaibh
ſmachdachadh goirt mar thoill.
8 Do chum gu deant' an Righridh-ſin
a chuir fuidh chuibhreich gheir,
Fuidh gheimhlibh teann do'n iarunn chruaidh
an uaiſle mòr gu leir.

9 Chum dioghaltas do chur ann gniomh
'ta ſgriobht' 'na fhocal ceart:
So cliu nam fireanach gu leir.
Moluibhſe Dia nam feart.

## SALM CL.

MOluibhſe Dia. 'Na theampull naomh'
moluibhſe Dia gu mòr:

Ann

Ann ſpeuraibh àrd a chumhachda
moluibh e mar is còir.
2 Ar-ſon a ghniomhartha roi-threun
moluibhſe Dia gun chàird':
Do reir a mhòrdhachd moluibh e,
's a ghlòir a'ta ro-àrd.

3 Le guth na gall-truimp mar an ceadn'
moluibhſe Dia gu binn:
Air clàirſeich ſeinnibh moladh dh'a,
is air an tſaltair ghrinn.
4 Le tiompan thugaibh moladh dh'a
ſan damhſa mar an ceadn':
Le organ togaibh ſuas a chliu,
's le inneal ciuil nan teud,

5 Air ſiombalaibh 'ta làbhar binn
moluibhſe Dia gun chàird':
Moluibhſe Dia air ſiombalaibh
ni toirm is fuaim ro-àrd.
6 Gach uile dhùil ſam bith 'ta beo
'gam bhuil an deo nan crè,
Ard-mholadh iadſan Dia gu mòr.
Moluibh Jehobhah treun.

## CRIOCH.

# LAOIDHE

## EIDIR-THEANGAICHT'

AGUS

## EIDIR-MHINICHT'

O

CHUIMH-REANNAIBH EAGSAMHAIL

DO'N

## SCRIOPTUR NAOMHTHA.

---

COMH-CHRUINNICHT' AGUS DEASAICHTE

Le Buidheann ainmnichte le AIRD-SHEANADH EAGLAIS ALBA. Agus, a chuireadh le Reachd AIRD-SHEANAIDH 1745, fa Bhreitheamhnas nan SINSIR r'an Sgrudadh.

---

Agus, iompoicht' anois, gu GAOIDHEILG ALBANNAICH; air Iarrtas SEANAIDH EARRA-GHAOIDHEAL: Chum Leas coitcheann GAOIDHEALTACHD ALBA; le

ALASTOIR MAC-PHARLAIN, M. A. Miniſter an t Soiſgeil ann *CILL-MHEILE AIRT*, 's ann *CILL* an *INBHIR*.

---

ENTERED IN STATIONERS-HALL.

---

Clodh-bhuailt' agus r'an Reic le JOIN ORR, Leabhair-reiceadoir. Ann GLAS-GHO. MDCCLIII.

# ADVERTISEMENT.

IT has been often and earneſtly deſired, by pious and devout Perſons, to have our PSALMODY enlarged, by joining with the PSALMS *of David* ſome other *Scriptural Songs*, out of the *New Teſtament* as well as the *Old*. The Church of *Scotland* had this Deſign in View not long after the Revolution, and it has been at different Times under their Deliberation, as appears by ſeveral Acts and Recommendations of General Aſſemblies. By Act of Aſſembly 1742, a Committee was appointed to collect and prepare Tranſlations and Paraphraſes of SACRED WRIT in Verſe: This Committee having made no Report, the Aſſembly 1744 renewed their Appointment on them for this Purpoſe, and added ſome others to their Number. In Conſequence of theſe Appointments of the Aſſembly, Letters were writ, in Name of this Committee, to the ſeveral Presbyteries, deſiring them to ſend any Materials they could furniſh for this pious Deſign. Theſe Poems, which are now printed, and tranſmitted to Presbyteries, by Act of Aſſembly, are partly collected from the pious and ingenious Dr. *Watts*, and ſome other Writers,

Writers, with such Alterations as appeared to fit them more for the present Purpose; and partly furnished by Ministers of this Church. The Use for which they were intended required Simplicity and Plainness of Composition and Stile. The committee who prepared them chiefly aimed at having the Sense of Scripture expressed in easy Verse; such as might be fitted to raise Devotion, might be intelligible to all, and might rise above Contempt from Persons of better Taste.

The General Assembly 1749 did, by their Act, transmit these Translations and Paraphrases to the Committee, with Instructions to consider the Amendments which have been offered by Presbyteries, to admit such as they judge proper and material, and to cause print a new Impression of the Collection so amended, in order to its being again transmitted to Presbyteries: Accordingly the proposed Amendments have been carefully considered and examined by the Committee, and many of them admitted into this new Impression.

At

AT *INVERARAY*, the Fifth Day of Auguſt, One Thouſand Seven Hundred and Fifty One Years: SEDERUNT, the Provincial Synod of *Argyle*. *Seſſio quinta, hora decima ante meridiem*, after Prayer, Roll called and marked; The Synod having laſt Year recommended to Mr. *Alexander Mac Farlain* to tranſlate into SCOTS GALLIC, the SCRIPTURE SONGS lately offered to the Conſideration of Presbyteries, by the General Aſſembly of this Church; and he having at a former Sederunt, laid before them a Copy of the ſaid Tranſlation; they appointed a Committee to reviſe the ſame. And having now heard and conſidered the Report of the ſaid Committee, and being very well ſatisfied therewith: They appoint the Moderator in their Name to thank Mr. *Mac Farlain* for the great Pains he has taken in making out ſo juſt, exact, and beautiful a Tranſlation; and being convinced, that as the Performance itſelf is excellently adapted to excite Devotion; the publication thereof will be of great Uſe in the ſeveral Corners of this Church, where the

the SCOTS GALLIC is ſpoke; Therefore; they earneſtly recommend to Mr. *Mac Farlain* to prepare a Copy for the Preſs with all convenient Speed; and the rather, becauſe they judge his ſo doing, to be a Step towards introducing the ſaid SCRIPTURE SONGS into our publick Worſhip in the *Highlands*, whenever the Church ſhall approve of, and authorize the ſame; which this Synod do unanimouſly wiſh may ſoon be the caſe. Extracted by

JAMES SMITH, *Clk. Dpt.*

---

LAOIDHE

# LAOIDHE EIDIR-THEANGAICT' AGUS EIDIR-MHINICHT' O'N SCRIOPTUR NAOMHTHA.

## LAOIDH I. Luc. ii. 8.—15.

FEADH dh'fhair aodhaire dibli treud'
air faithch' Bhethleh'm ſan oidhch',
Ghrad-thuirling Aingel ſoills' o Neamh,
theich duibhre las an fhaithch'.
2 Cho 'n eagal duibh, deir ſe, (oir mheath
oillt obann 's geillt-chrith 'n càil)
Ait-theachdaireachd ur-ghàirdeachais
dhuibhs' canam 's do gach âl.
3 'Nochd rugadh dhuibh am Bethlehem,
do ſhliochd Dhaibhidh mhic Jeſs',
An ſlànai-fhear, ſeadh Crioſt an Triath
ſo dhuibh air comhar' deas;
4 An Naoidhin neamhaidh chi ſibh 'n ſin,
follas do roſgaibh dhaoin',
Paiſgt' ann an truſgan an-uaſal,
's 'n a luidh' am praſaich fhaoin.
5 Labhair an Seraph ſo, 's air ball
lion mal-ſhluagh neamhaidh magh
Dh' Ainglibh dealrach chliudhachadh Dhe
's d'am binn-cheol ſo bu bhlàdh:

Gach

6 Gach Glòir do Dhia s na hàrdaibh naomh',
is sìth air talamh choi'ch';
Deagh-rùn o'n am-s' do dhaoin' o Neamh,
'nois thionsgnadh, gun cheann crich'.

## Laoidh Mhuire. II.

Luc. i. 46.—56.

O, An'main chaoimh le aiteas làn,
do Dhia mo thearmainn seinn;
A mhaitheas mòr-s' o inbh'nam bochd
thog Inilt umhal fein.

2 Mis' beannaicht', seadh, le Dia na treis',
sior-aidmhichidh gach Linn;
'Ta ainm-sin fior-ghlan, is a ghradh
sior-mholaidh naomh-shluagh binn.

3 Feach, neart a dheas-laimh nochd Dia treun;
luchd-buirb' spion freamh a bun:
Luchd-àird-inbh' thilg e bonn ois ceann;
's am macant' umhal chrùn.

4 An t Ocrach dhiol le saidh-bhreas lòin;
am Beartach chloidh le gort:
Tearmann d'a òg-laoch Isr'el thug;
ghradh chuimhnich Dia nam feart:

5 A ghradh gheall e d'ar sinsiorachd
's a dhaingnich le mionn' fior,
Do Abrah'm is d'a theaghlach toght',
buan-mairtheanach gu sior.

Laoidh

## Laoidh Shimeoin. III.

Luc. ii. 29.—33.

CEadaich do tòg-laoch triall ann sìth,
chum sìor-ruidheachd mar gheall:
Oir chonnairc mi do shlàint' a Thriath;
is deifrichim mo thriall.

2 Le d' ghràs re'n raibh ar dùil o shean,
follas do rosgaibh dhaoin',
Dhearbh thu do theas-ghradh seasmhach buan,
's do ghealladh fìor neamh-chlaon.

3 So Grian an àidh le'm fògrar duibhr'
a' Gheintileich gun iùl:
Is as an dean do theaghlach togh't'
clann Israeil ard-uaill.

## LAOIDH IV. Luc. iv. 18, 19.

CLuinnibh, sgeal' ait, 'ta Jos' air teachd!
a ghealladh dhuinn' o shean:
Togbhar s gach croidh' dh'a Cathair-Righ,
's cluinnear gach beal dh'a seinn!

2 'Ta 'n Spiorad dhoirteadh air gu pailt',
dealrach 'na ghuth 's 'na ghniomh:
Gliocas gun mhearachd, neart is gradh,
is fonn d'a anam caomh.

3 Air teachd dh'a saorar braighde truadh
bh'ag Diabhla borb fa ghlais:
Le smeide sgaoilidh cuibhreach chruaidh;
is sgealbaidh doirse prais.

4 Air teachd dh'a triallaidh duibh-neal beud,
thig radharc iuil do'n dall,

Claiſteachd do'n bhodhar, caint do'n bhalbh,
's do'n bhacach lùth nam ball.

5 Ioc-ſhlaint' bheir e dh'anamaibh brùit',
ſiabaidh dear bròin o'n ghruaidh;
Agus le ſaidh-bhreas pailt' a ghràis,
ni beartach deòraidh truadh.

6 Jubilee 'n Aird-Righ foillsichear
le torman airgid Jos':
Ar fiacha gu leir loghaidh ſe
's ar n oighreachd bheir dhuinn 'rìs.

7 Le'r n ait Hoſanna, Righ na ſith!
do theachd-ſa failtichear;
Is freagraidh Neamh, is muir, is tir,
le coimh-ſheirm a's binn gàir'!

## LAOIDH V. Isa. xlii. 1.—13.

FEach, m' òg-laoch! feach, mo ſheircin fàs
àird-inbheach ann mo threis'!
Mo roghain e do'n t ſluagh gu leir,
's is ro-mhor dh'e mo ſpeis!

2 Le feartaibh àidh mo Spioraid naomh'
lan-ullmhaichear mo Rùn:
Chum m' fhir-bhreith thoirt do'n Gheintleach
's do'n eilean mu 'n iadh cuan. [thruadh

3 Le ſeamh-chaint bheir e teagaſg iuil,
gun bhuirb' bheir ſmachd air beud:
Cuilc bhrùit' cho bhriſear leis gu bràth,
's cho mhùch lìn fa chaol-ſmùid.

4 Gu

4 Gu lasair seidear drithleann leis,
di-meas air lag cho dean:
Bheir e ceirt-bhreith gu firinn reidh,
suas togbhaidh 'n tuisleach fann.

5 Gu bràth cho mheataich sbairn an laoch,
air ionsuigh' threin bith' buaidh;
Gach mòir-thir 's eilean theid fa smachd,
's fa cheannsal caomh an sluagh.

6 So deir an Triath ghairm Neamh gu bith,
's a las na lò-chrainn iuil;
A dhealbh an cruinne mu 'n iadh Grian,
's chuir spiorad anns gach seòil.

7 'S tu m' Fhàidh slàint-bhriath'rach-sa; le còir
so tinbhe le m' lan-toil;
Is m' Uilea-chumhachd 's leat mar threòir,
s gach ball am bith thu dol.

8 Mo theachdair 's tu thoirt cunnraidh gràis,
do shliochd Isr'eil mar gheall:
Thoirt soills' do'n Gheintleach dhall gun iùl,
's do bhraighdibh comais triall.

9 Is mis' an Triath; 's air m' àrd-ainm JAH,
aithnichear mi s gach ball:
Mo Ghlòir cho sealbhaich Jodhol bhreig',
's mo Chathair-Righ cho mheal.

10 Feach! nithe ghealladh leam o shean,
ag tachairt 's ag dol seach:
'S na nithe nuadh-s' reamh-fhoillsichim,
mar tharlas iad gu beachd.

11 Canaibh do'n Tighearn' binn-cheol nuadh;
coimh-fhreagradh crioch gach tir';

O Luchd-

Luchd-fairg' a fheòlas cuan nan tonn,
's na h eileanaich gu leir!
12 Luchd-àiteachaidh an fhiàdh-fhaſaich,
's nam bailte fluagh-mhor àrd;
'S a threabha ſgaoilt' nan Ceadarach,
dh'a canaibh dàn gun chàird'!

13 Seinneadh gach fluagh gu h aoin-ſgealach,
Glòir-ion-mholt' JAH bhioth-bhuain;
'S cluinnear a chliu gu binn-cheolach
ann innſibh cian a' chuain!

## LAOIDH VI. Isa. liii.

CIa tearc an dream le creideamh beo,
a ghabhas firinn uainn'?
'S a mhothaicheas lan-fhoillſicht' dhoibh
mòr-chumhachd Dhe bhioth-bhuain?
2 'Ta Jos' ag teachd!—'s le greadhnachas
cho'n fhoillſichear a dhlù's:
Cho deàlrach àillne thalmhaidh ann,
a tharraing chuig-e tluis.

3 Mar dh'fhàſas ann an talamh teann,
luibh mhaoth gun churam fluaigh;
Mar ſin ſan t ſaoghal aimrid fhuar-s',
chinn doſrach freamh nam buadh.
4 Fa dhi-meas is fa tharcuis' dhaoin';
feach, fear an amh-ghair thruaidh!
Do-bròn bu chuideachd dh'a gach la,
ann taobh a bhos do'n uaigh.

5 Ach b'i ar cionta a ghiulain e;
bu dòghrainn d'a ar truaidh':

An t saighead chaitheadh oir-n', ghabh e,
'n a chroidh' chum tearmainn sluaigh.
6 Mar an-duin' mallaicht' mheasadh e,
's mar fhògarach o ghràs;
Fa smachd ar cionta chaill e fhuil,
is tharraing osna bàis.

7 Le naomh-fhuil-s' nigheadh dhinn' gu glan,
mor-thruaillidheachd ar lochd;
Loc-shlaint' o bhuille 's beath' o bhàs
fhuair sinn d'ar n-an'maibh bochd.
8 Chuaidh daoine dall is ceannairceach
air iomroll truadh mar threud:
Is leag am Breitheamh comh-thromach
ar seachran air 's ar beud.

9 Fa bhuille trom an achmhasain-s',
seach, giulan caomh Mic De,
Mar uan gun lochd a dh'im-licheas
an làmh a chasgras e!
10 Cia dh'fhoillsicheas a ghinealach?
gidheadh a geimhlibh cruaidh,
Ghraid-spionadh, dhaoradh, 's chasgradh e,
le samhladh reachd gu truadh!

11 E, measg an droch-shluaigh dh'adhlaiceadh;
luchd-saidh-bhreis thug dh'a uaigh:
Mar chaith e bheatha, bhàsaich e;
gun chiont' nam mi-bheas truadh.
12 Ach togbhaidh Dia chum àird-inbh' e,
ann diaigh a chur fa chois:
Dh'a iodh-bairt naomhtha choimh-liont' fein,
o dhòghrainn bheir sior-fhois.

13 Oir, arsa Dia, lan-shoirbhichidh
mo thlachd 'n a laimh gun cheist:
Is le-sin teaghlach iomarcach,
's is glòr-mhor inbh' am feasd'.
14 Le aiteas an'ma dearcaidh se,
air teagar mòr a phein:
'S mile saor-anam beannaichidh
rioghachd Mheshiah threin.
15 Le laochraidh neart-mhor roinn e chreach,
uil' eas-cairde scath sios:
Am measg luchd-uilc ge d' thuit e 'n so,
mar bhuaidh-fhear dh'eirich 'ris.
16 Dh'fhulang trom-dhòghrainn dh'eag an
chum logha ciont' a shluaigh: [Triath;
'S mar charaid sior-bheo shuas air Neamh,
tagraidh se 'n cùis le buaidh.

## LAOIDH VII. Philip. ii. 5.—12.

TRiallaibhs' 'ta ainmichte air Criost,
gu bràth 'n a cheimibh naomh';
Sior-aithrisibh air esempleir,
is deàlradh i 'n ar gniomh.
2 Dreach Aird-Righ Neamh' ge d' ghiulain Jos',
ge b'ionann natur dh'a,
'S ge nach do mheas mar ea-coir riamh
bith 'n coimh-meas inbh' re Dia:
3 Air ar son-ainne dh'islich e,
'n ard-mhòrdhachd-sa car seal:
Is comhnuidh ghabh san natur dhaon'
's a Dhiadhachd chuir fa smal.

4 Mar

4 Mar neach gun mheas's mar thràill fa ſmachd,
dh'uir-iſlich Crioſt e-fein;
Umhal chum bàis, ſeadh bàs na croich',
a's ro-mhòr maſla 's pein.

5 Duais luach-mhor uim-e-ſin thug Dia,
do charaid caomh a ſhluaigh;
Lain-cheannſal oibre mòr gu leir,
's àrd-ainm ion-mholt' r'a luadh;
6 Chum as air cluintin ainm-s', gu ſleachd
mal-ſhluagh ſir-bheo nan Neamh,
'S le glùnaibh lùbt' gu h urramach,
gach duine d'a chuid naomh.

7 Neart Ifrinn chum gu tuit fa ſmachd,
's gu 'n aidmhich inbh-s' le crith;
'S chum cliu 'n Athar, gu ſeinn gach beal
àird-cheannſal-s' os gach bith.

## LAOIDH VIII. EABH. iv. 14.—16.

JOſa Mac Dhe, thug ſuas an deo,
aon uair air ſon a ſhluaigh,
Ar Sagart àrd, ſir-bheo, ro-chaomh,
chaidh ſuas chum Neamh', le buaidh.
2 Trid beatha 's bàis, ris leanamaid
gun dealachadh am feaſd':
Bheir creideamh nuaidh-neart, 's fògrar oillt,
le dòchas trean, gun cheiſt.

3 Gu borb cho d' bhuin re laigſe dhaoin'
Caomh-ſhagart àrd an àidh:
'Ta anam làn do thiom-chroidh' chaoin,
's uaidh' fruthaidh tuillte gràidh.

4 Le caomh-chomh-mothach' dearcaidh 'n gach am air laigs' a shluaigh: [Triath,
Oir ionsuigh' bhorb na seachain ghairbh lan-mhothaich, ge d'thug buaidh.

5 Gun chiont', gun gheilt-chrith, sheas 'n at an Gaisgeach tearmainn trean; [n àit',
'S gear-shaighead chaith an Diabhol oir-n', ghabh sàite 'na chorp fein.

6 Bu tuirseach dearach air ar son, an Dia-dhuin' bhos fa'n ghrein;
'S ge hàrd e 'nois air deas-laimh De, comh-mothaichidh ar pein.

7 Le dòchas naomh' graid-ghreasamaid, chum Ard-chathair nan gràs;
Is fàth ar gearain doirteamaid, 'na làthair anns gach càs.

8 Do chum gu faigh sinn cobhair chaomh o shaidh-bhreas iochd nach traogh,
Lain-dion gach am o ionsuigh' uilc is suaimhneas o gach dragh.

## LAOIDH IX. Taisb. v. 6.—14.

ANn Cathair riogh'ail Athar fein, seach dealra Glòir an Uain:
Ur-urram deasaichibh d'a ainm, is canaibh nuaidh-cheol buan.

2 Iadhadh m'a thimcheall 's àdhradh dh'a, gach sein-fhear glic 's gach drong:
Le boladh cùmhra iodh-bairt thùis, 's le clàirseich 's ceòl-mhor fonn.

3 Is

3 Is iad so ùrnaigh' naomh-shluaigh De;
's iad so an luath-ghair' bhinn;
'Ta Crioft d'ar gearan freagarrach;
's le tlachd ar coimh sheirm chluinn.
4 O, Athair shior-ruidh! cia d'an leir
uil' iom-laineachd do thoil'?
'N Leabhar-s' cia ghlacas ach do Mhac,
no dh'fhuasgaoileas gach seàl?
5 'Nois air Uan De, ar n iodh-bairt-ne,
gu raibh mòr-àdh sior-bhuan:
Ard-aimhneas, slàint' is Glòir, gu mair
gu bràth ar ceann an Uain!
6 A boilsgean fineach im-theangach,
roighnich is thug e shliochd:
Gach mòir-thir chian is innse cuain
lan-mhothaich saidh-bhreas iochd.
7 Le fhuil gun chionta shaor e sinn;
thug braighde truadh a pein;
Righ' is Sagarta De rinn d'inn',
a riaghlachadh leis fein.
8 Cluinn! ard-luath-ghair' armailte Neamh'
timcheall Riogh chathair De:
Milte do mhiltibh binn-bheal seinn
gu h aoin-sgealach gach rè.
9 'S airidh, an t Uan a dh'iodh-baireadh,
deir siad, air inbh' ro-àird!
'S airidh, oir b'e ar n iodh-bairt-ne!
coimh-fhreagradh daoin' gun chàird'.
10 'S airidh air geill 's air ceannsal Crioft,
ann Neamh nan Neamh gu bràth:

Is àdh 's ro-mhò na dh'fheadas daoin'
thoirt dhuit fir-mheals' a Thriath.

11 Luchd-àiteachaidh nan Neamha shuas,
's a' chruinnc-chè a bhos,
Gu haoin-sgealach do Righ nan sluagh
àrd-chanaibh cliu gun fhois!

12 An cruthach' iom-lan aontaicheadh,
thoirt geill is cliu do'n Triath
Shuidheas ann cathair Neamh' nan Neamh,
's do'n Uan ion-mholt' gu brath!

## LAOIDH X. MAT. vi. 9.—14.

A Thair 's Aird-Righ gach uile bhith!
dhuit 's comhnuidh Neamh nan speir;
Gidheadh le d' Dhiadhachd ion-mholt' lion
thu 'n saoghal mòr gu leir.

2 Sir-bheannaichear do naomh-ainm mòr,
le d' theaghlach reasont' fein:
Do rioghachd ghràs-mhor àrdaichear;
's deàlradh do Ghlòir ann cein.

3 Urram 's buidheachas thugamaid
le an'maibh naisgte reut:
Air Neamh do thoil mar choimh-lionar,
air talamh geillear dhuit.

4 Gach la le buidh'chas molamaid
'n làmh fhial a bheathaich sinn.
Ar lòn-saoghalt' deonaich a Dhe;
is foghnadh do thoil leinn',

5 Ar seachran peacach 's aithreach leinn';
O Athair maith dhuinn' e!

An

An tròcair nochdas finn do chàch,
nochd dhuinn' a famhail, Dhe.
6 Air flighe d'an ceann-uidhe Neamh,
O ftiuir gach fluagh le d' reachd!
'S air cafan olc na feachain ghairbh,
chum dòghrainn na leig neach.
7 Oir rioghachd, cumhachd 's glòir ion-mholt',
is leat mar chòir a Thriath:
O Shior-ruidheachd 's tu fhealbhaich iad;
's dhuit buinidh iad gu bràth!

## LAOIDH XI. 1 Cor. xiii.

GE d' chuireadh deas-chaint dhaoine fgeimh
air impidh bhlaft' mo bheil;
Ni 's fearr na Aingel binn-bhriath'rach
ge d' aithrifinn mo fgeal;
2 Aird-fhiofachd fàidh ge d' fhealbhaichinn,
's lain-eòlas diamhaireachd:
Is faoin na tiodhlaicthe fin-fein
as eagmhuis carthannachd.
3 Le creideamh trean ge d' iompoichinn,
feadh fleibhte bun oif-ceann;
Is neimh-ni mi mur riaghlaich gradh
mo ghniomhartha gach am.
4 Le m' mhaoin ge d' bheathaichinn am bochd;
ge d' loifginn chum leas m'anm'
Mo chorp, 's mi 'm' mhairtireach gun feirc:
cho chliudhaich deagh-dhaoin' m'ainm.
5 'S fad-fhulangach, neamh-fharmadach,
's is caomh an gradh gach rè:

Ard-uaill as fein cho dean gu bràth,
is buirb' cho dual d'a ghne.
6 Cho taisbin gradh mi-ghiulan choidhch';
cho nochd fein-ſpeis gu bràth:
Ach cuiridh dàil 'na thairbhe fein
a mheadachadh leas chàich.

7 Cho toir gradh fois do dhroch-amh'rus;
ni foidhid re luchd-cluain;
'S fàth bròin leis iom-radh uilc is cionf';
's le aiteas firinn chluinn.
8 'S mòr creideamh 's fulangas a' ghràidh;
'ta ſior-dhùil aig' re fòir:
Fuilingidh gradh le macantachd,
ge d' chlaoidhear e gu mòr.

9 Sir-riaghlaichidh an teas-ghradh buan
talamh is Neamh, gu bràth;
'N uair choiſgear teanga 's fioſachd fàidh,
's gach tiodhlac' ach an gradh.
10 'S neimh-iom-lan tiodhlaicthe ann ſo;
ach 's fagus dhuinn' deagh linn,
'N uair riaghlaicheas lain-iom-laineachd,
's a theicheas ſamhla uainn'.

11 Ann aois ar n òige gluaiſidh ſinn,
mar naoidhine gun iùl:
Chum foirfeachd ach 'n uair dh'fhàſas ſinn,
theid leanbuidheachd air cùl.
12 Air talamh mar trìd duibh-neoil duirch,
is leir dhuinn' deàlra Dhe:
Ach gnùis re gnùis ann Neamh na Glòir',
gu ſoilleir chi ſinn e.

13 Comh

13 Comh-chomhnuidh ata 'nois fa'n ghrein,
ag dòchas, creideamh 's gradh;
Ach creideamh 's dòchas criochnaichidh
is maridh ghradh gu bràth.
14 Oir fluigear dòchas le lain-fheilbh,
is creideamh le beachd sùl:
So na meadhona, d'an crioch gradh,
lagh-fior-ruidh Dhe nan dùl.

## LAOIDH XII. Eabh. xii. 1.—13.

FEach, fiadhnaife neamh-fhaicfionach,
mu'r timcheall air gach laimh;
Daoin' dearbht' o fhean le fulangas,
ach fona 'nois air neamh.
2 Air loirg nan naomh-s' fior-ruidheamaid
chum Chriofl, le foidhid bhuain:
Gach leath-trom 's peaca leanailteach,
graid-thilgeamaid fad uainn'.
3 Ach efempler 's roi-fhearr na fo,
's ion thoirt fai-dear air tùs:
Criofl threòraicheas ann creideamh finn,
's a chrùnas finn le duais.
4 Air ar Ceann feadhna dearcamaid,
neach air ghaol sòlais mhòir
Gun ghearan ghiulain croich, is naìr',
's a riaghlas 'nois ann Glòir.
5 Ma ghiulain e le foidhid mhòir,
gear-an-chaint pheacach truadh,
'N ion duinn' le anmaibh sàraichte,
bith gearan air ar truaidh'!

6 'N do chuir sibh cath air seachain ghairbh,
mar Jos', gu fuil is bàs?
Is focal Dè 'n do dhearmaid sibh,
a gheallas saidh-bhreas gràis?

7 A mhic, deir se, le foidhid mhòir
sior-fhuiling mo throm smachd;
Is creid tràth dhearbhas amh-ghar thu,
gu gabh do Dhia dhiot tlachd.

8 Mar so sior-mhùinidh 'n t-Athair caomh,
a naomh-chlann dhileas fein,
Le docair chruaidh 's le fiosrachadh
an dòlais is na pein.

9 Chi sinn mar so, gur caomh leis sinn,
ma mhùinear sinn le smachd;
'S mar shliochd dio-lan mur leig dhuinn'dol,
air seachran cian o reachd.

10 'S tric dh'athairibh nan corpa so,
geill urramach thug sinn:
'S c'air son dh'Athair ar spiorada,
gu sior nach geillear leinn'?

11 'S tric bhuaileas Athair talmhaidh chlann,
chum lain-diol an-toil' chlaoin:
Ach chum ar leas 's ar sonais bhuain,
'ta smachd-shlat Neamh' ro-chaoin.

12 Ge dochunnach slat-achmhasain
is dòghrainneach fa'n ghrein:
Ma mhùineas i sinn, 's toradh dh'i,
sith, slàint' is saoirs' o phein.

13 Na meathadh 'nois an-dòchas sinn,
no mi-mhisneach ni 's mò:

Ach

Ach earbamaid ſinn-fein re Dia,
's dh'a geilleamaid gach lo.

## LAOIDH XIII. Job. i. 21.

LOm-nocht' mar dh'eirich ſinn ar tùs
o'n ùir chum beatha nuaidh,
Chum ùire pillidh ſinn airìs,
is taiſgear ſinn ſan uaigh.

2 An sòlas luach-mhor mhealas ſinn
air talamh mar ar maoin,
Is iaſachd gairid diom-buan e,
a dhiolar leinn' re hùin.

3 Ardaichidh Dia ar comh-fhurtachd,
no leagaidh ann ſan ùir:
Na thug e uaidh' bheir leis airìs,
àrd-mholar ainm gach uair!

4 'Nois ſith gu raibh air diom, air buirb',
's air oſna cheannaireach
Mu fhreaſdal De, is toſd gu bràth
air do-bron gearanach.

5 Le tròcair chaoimh ma chrùnar ſinn,
ſgaoilear a chliu ann cein;
'S a bhreith neamh-chlaon bheir sòlas uainn'
àrd-mholar mar an ceadn'.

## LAOIDH XIV. Join. xiv. 1.—5.

NA buaireadh ro-churam ar croidh',
no geilt mhio-dhòchaſach;
Ach creidibh freaſdal De, is fòs,
mo thearmann carthannach.

2 Chum Phàrais m' Athar pillidh mis':
ann, 's lion-mhor comhnuidh chaomh:

'S is

'S is deàlrach glòir nach traogh gu bràth,
air fad na Rioghachd naomh'.

3 Mur bitheadh Rioghachd neamhaidh ann,
dhuibh dh'inn'sinn sin o thùs;
Cho mheall mi sibh le dòchas baoth,
no muinghin fhaoin mu 'n chùis.
4 Anois reimh-thriallaidh mi, 'n ar n ainm
a ghabhail seilbh air Neamh;
Is ann san Rioghachd ghealladh dhamh,
dhuibh dheasach' àite tàimh.

5 Ach 'n-uas o Neamh aith-phillidh mi,
is bheir mi suas leam sibh:
'N sin coinn'chidh sinn gun dealachadh,
's bith' mi gu sior-ruidh leibh!
6 'Nois 's aithne dhuibh 'n taobh thriallas mi;
an t slighe nochd mi dhuibh:
Mo bhàs, mo theagasg, 's m' esempler,
's iad threòraicheas chum Neamh'.

## LAOIDH XV. JOIN xiv. 25.—29.

MO ghuth cho chluinn sibh tuille 'nois;
ghairm m' Athair mi chum Neamh',
O'n d'thig gun dàil an Comh-fhuirt-fhear,
an spiorad gràs-mhor naomh'.
2 A'm' ainm-se cuiridh 'n t Athair e,
d'ar trèorachadh chum Neamh';
Dh'ath-chuimhneach' dhuibh gach firinn
a chual' sibh uamsa riamh. [naomh'
3 Mo shith mar bheannachd dealachaidh
's mar dhilib gheibh sibh 'n trà's':

'N deagh

'N deagh thiodhlac' thug mi 'n-uas o Neamh,
dhuibh naisgidh mi le m' bhàs.
4 A reir droch-nòis an t saoghail chlaoin,
cho mheall mi sibh gun cheist,
Is gealladh gun a choimh-lionadh
cho toir mi dhuibh am feasd'.

5 'S fàth do-broin leibh, gu d' innseadh dhuibh,
gu sgarar mise uaibh:
Ach chualadh sibh gu pill mi 'ris,
is lionadh luath-ghair' sibh.
6 Fior-bhuidheachas is teas-ghradh dhamh,
ma lasas ann ar croidh',
'S fàth sòlais leibh gu dubhairt mi
chum m'Athar triallaidh mi.

## LAOIDH XVI. Isa. xl. 27.—31.

C'Air son a dhoirteas tu amach
do-bron gun dùil re h iochd;
Ceart mar nach d'thugadh Dia fai-dear
cùis duin' air bhith d'a shliochd?
2 Nach cuimhnich thu Jehobhah trean
a ghairm gach dùil gu bith?
Am fead an làmh a dhealbh gach gne
fàs meat' gu bràth no sgith?

3 Gear-chuis gun mhearachd, 's maith nach
shior-ghnàthaich an Dia caomh: [traogh,
A ghliocas ge nach faic do rosg,
no mhaitheas anns gach gniomh.
4 'S mòr fàth ar misneich re am feim
fa cheannsal Dhe nam feart;

Do'n

Do'n deagh-dhuin' làmh-lag bheir e buaidh,
do'n mheat' 's cul-taic a neart.

5 Neart bàs-mhor ſhean-daoin' fàillichidh,
treis' òigridh ſeargaidh as:
Ach mothaichidh luchd-àdhraidh De
càil an anam' ag fàs.
6 Le coſaibh neimh-ſgith ſiùbhlaidh ſiad
air ſlighe neamhaidh 'n leas:
Sior-fhaſaidh 'n ead mar thriallas iad,
is deàlr'aidh an deagh bheas.

7 Air ſgiathaibh cràbhaidh eir'ghidh ſiad
mar iolair luath gun chàird';
Oiſ-ceann an tſaoghail dhuibh-nealaich-s',
chum Dhe s na Neamhaibh àrd.

## LAOIDH XVII. Isa. xlix. 13.—17.

A Neamha, togaibh luath-ghair' àrd!
a thalamh, binn-cheòl ſeinn!
A ſhleibhte, canaibh coimh-ſheirm ait;
's gach dùil air feadh gach linn!
2 Feachaibh, cia tròcaireach ar Dia!
comh-fhurtachd bheir d'a ſhluagh,
Ni iochd air amh-ghar, 's lain-ſhiabaidh
ſe tuilte bròin o'r gruaidh!

3 Sguiribh do chaoidh' le an'maibh buart',
air teachd do'n aimſir thruaidh:
Ceart mar nach d'thugadh Dia fai-dear
ſtaid duine d'a naomh-ſhluagh.
4 Am fead deagh-mhâthair ciochran maoth
a dhearmad le ain-iochd?

Meaſg

Meaſg mile ſmuainteach' carthannach,
nach nochd i tlus d'a ſliochd?
5 Tlus màthaireil ge d' iompoichear
gu ain-iochd anns gach mnaoidh;
Arſa Dia, Sion cuimhnichim
mar chusboir buan mo ghràidh.
6 Domhain air dearnaibh mo dha laimh,
a hainm-ſi ſgriobh mi ſios:
A balla brùit' 's a bàbhun briſt'
ſuas togbhaidh mo làmh 'rìs.

## LAOIDH XVIII. Job. ix. 2.—10.

'MFead ſiol-Adhaimh bith glan o chiont'
ann làthair Dhe gu beachd!
Ma chathaicheas e 'n ceartas r'iad'
grad-thuitidh ſinn f'a ſmachd.
2 Gu gear-ſhuileach ma dhearcas e,
air gniomh, air guth, 's air ſmuain;
Do mhile ciont' a dh'agras e,
an dealbh ſinn leith-ſgeal haoin?
3 Is glic a chroidh', 's is trean a làmh;
's nach dream an-dàn' an ſluagh,
A thairngeas lann ann aghaidh Dhe?
'n ſaoil iad gu toir iad buaidh?
4 Grad-mhothaichidh na ſleibhte fhearg,
is cliſgidh as an ceal;
Air phoſtaibh luaiſgidh 'n talamh trom,
le gairbh-chrith 'nonn 's ann-'all!
5 Fa thoirmeaſg cuiridh eirghe grein,
bheir grian d'a thoirmeaſg geil:

Duibh-

Duibh-neala ſgaoilidh ſe thar Neamh,
is naiſgidh ſuas gach reall.
6 'S luath thriall air ſgiathaibh ſtoirmeil gaoith,
air borb-fhairg' ſpaiſtrichidh:
A chaſan àrd co lorgaicheas,
no chois-ceim dorch' co chidh?

## LAOIDH XIX. TITUS iii. 3—9.

AIdmhichidh ſinn le tuirſe croidh'
roi-mhead ar cionta Dhe!
B'amaideach faoin ar n uile ſmuain,
's cho b'fhearr ar giulan gne.
2 Ach ſeinneadh m'anam cliu is gradh,
dh'ainm ion-mholt' Righ nan ſluagh;
Nach d'leig dhamh ruidh gun teafairgin,
chum dòghrainn ſhior is truaidh'.
3 Cho d' ſhaoradh ſinn le deagh-rùn an'm',
no deagh-obair ar làmh;
Ach ſhaoradh ſinn le tuiltibh gràis,
dhoirt Mac De oir-n o Neamh.
4 Sior-ſhruthaidh dòchas muinghineach,
o chaoimh-iochd Dhe nam feart:
O dhòghrainn ſaoraidh thrôcair ſinn,
's dh'inn' nighidh ciont' droich-bheart.
5 'Ta 'n ſpiorad dhoirteadh oir-n trid Jos',
ag compartach' caoimh-theas;
Ag fadadh teas-ghraidh neamhaidh croidh';
's ag glanadh ſal mi-bheas.
6 Togbhar ſinn fireanaicht' le Crioſt,
chum beatha nuaidh o bhàs;

Seilbh

Seilbh ſhior-ruidh gheibh ſinn ann an Glòir,
ann làthair Dhe nan gràs.
7 Bith' luchd a' chreideimh mhuinghineich
lain-ſhaidhbhir ann deagh ghniomh;
Oir dearbhar fir-chreideamh, amhàin,
le deagh-rùn ghniomhaich naomh'.

## LAOIDH XX. JOHN. iii. 14.—19.

MÀr thog Maois am fàidh eabhruidheach,
gu hàrd an nathair phràis',
Dh' amhairc is ſhlànaicheadh an ſluagh,
o ghathaibh lot-mhor bàis.
2 O bhàs ma 's aill leibh tearmann grad,
ſuas dearcaibh, ghlaodh am fàidh:
Ach ſlàint' 's ro-mhò bheir Crioſt do'n t ſluagh,
dhearcas le creideamh 's gradh.
3 Spàrrta re croich, ſuas thogbhadh Crioſt,
dh'àird-riaghlas 'nois air Neamh:
Dearc air, 's cho lot an t ſean-nathair
thu choidhch' le gath no nimh.
4 Chuir Dia o thiom-chroidh' is o ghradh,
d'ar n ionſuigh' Mac nam buadh;
A ghiulan ciont' an-trom ar bead,
's d'ar ſaoradh o ſhior-thruaidh'.
5 Cho d' thuirling Aon-mhac ſior-ruidh De,
a dhaoradh chlann nan daoin';
Ach chum gu cluint' guth ait na ſlàint',
o bheal, am briathraibh caoin.
6 Le creideamh ſlàinteil cluinnibhſe
guth Chrioſt, a luchd mi-bheas;

Guth

Guth bheir dhuibh logha ciont' is fith,
's a ſtiuireas chum ar leas.

7 Ach dian-ruagaidh ceirt-dioghaltas
luchd ceannairc anns gach càs,
Feadh ni iad di-meas air Mac De,
is tàir air tairgs' a ghràis.

## LAOIDH XXI. Romh. iii. 19.—22.

AGniomharthaibh an làmha fein
is diomhaoin earbſa dhaoin';
O chroidhe neamh-ghlan droch-mhunta,
cho ſruth ach mi ghniomh claon.

2 Toſd air Judhuidheach 's Geintileach,
gun ghearan uath' gu bràth,
Is ſeaſmhadh uile ghineal dhaoin',
ciontach ann làth'r an Triath.

3 Deagh-mhuingh'in gràis na fireantachd
na ſteidhich air an reachd:
An lagh a nochdas ciont' luchd-uilc,
leis daorar iad gu beachd.

4 Joſa, cia luach-mhor dhuinn' do ghràs,
tràth dh'earbas ſinn as t ainm!
Oir ghcibh ar creideamh fireantachd
chum logha ciont' an an'm'.

## LAOIDH XXII. Romh. vi. 1. 2. 6.

ADhe! am meadaich ſinn ar ciont'
do bhrigh mòr-phailteis t iochd?
No 'n ceas ſinn ath-bhuailt' Triath nam feart,
's an ſàth ſleagh 'ris 'n a chreachd?

2 Nar

2 Nar leigeadh Dia! gu ſmuaintich, no
gu 'n abair ſinn am feaſd';
Gu togbhar leinn' airìs o'n uaigh,
ar peacaidh adhlaict' cheaſt'!

3 Seadh, 'nois cho tràille ſinn ni 's mò,
O ſhaor ar Tighearn' ſinn;
Spàrr e r'a chroich ar n ain-tighearn',
is cheannaich ſaoirſe dhuinn'.

## LAOIDH XXIII. Romh. ii. 4. 5.

A Dhaoidh! an dean thu fanoid bhaoth
air gràs fad-fhoidhideach?
Le mire cuthaich 'n dean thu tàir
air Dia lan-chumhachdach?

2 Re t iompochadh do bhrigh gu feith
fad-fhoidhid 's tiom-chroidh' chaoin,
Am breab thu ſaidh-bhreas iochd nach traogh,
's am meadaich ſeachran claon?

3 A dhaill! nach aithne dhuit, gur i
rùn maitheis Righ nan ſluagh,
T fhior-aithreachas a bhroſdachadh,
's a mhaothach' t aigne chruaidh?

4 Tràth thaiſgeas tuſa tuille feirg,
'm beag leat lain-fhearg do Thriath?
Ann uair nach traogh an t ſior-ruidheachd
an tionmhas ſin gu bràth.

5 Is obann thig la dioghaltais,
a naiſgeas binne ſluaigh,
'S a dh'fhoillſicheas breith chomh-thromach,
le greadhnachas is buaidh.

6 Grad-

6 Grad-mhòsgladh, leaghadh, 's tiomaicheadh,
an ſmuain-s' ar croidhe cruaidh;
'Nois gabh'maid mar Righ-tearmainn Crioſt,
d'ar dion ann ſin o thruaidh'.

## LAOIDH XXIV. Jós. viii. 11.—22.

GUn làthach am fàs luachair ghlas?
'm fàs ſiolaſtair gun ſruth?
Ur-ghlas neimh-ghearrt' graid-ſheargaidh ſiad;
's ceirt-ionann daoidh ann cruth.
2 Sgathar is millear dòchas baoth
an fhuar-chràbhaich; mar lion
An damhan-allaidh ghraid-gheilleas,
do laimhſeachadh ro-fhaoin.
3 Tràth leigeas e a thaic r'a thigh,
aomaidh gach cloch is crann;
'S luath ghreamaicheas e ris, ach 's luaith'
theid fhàrdoch bun oiſ-ceann.
4 Re grein 'na ghàradh fein ge d'fhàs
a gheagadh doſrach ùr;
Ge d'ſgaoil e fhreamhach domhain teann,
doi-ſpionta as an ùir:
5 Gidheadh air teachd d'a bhinn' o Neamh,
ſpionar a fhreamh a bun;
Is cho ghabh oighreachd ris mar Thriath,
a ſhealbhaich riamh am fonn.
6 Feach, gàirdeachas droch-dhaoin', a ni
tailceas air ceart-lagh Neamh';
Grad-thuitidh ſiad, 's nan ionad-ſan
graid-eirghidh daoine ſeimh.

7 Ach

7 Ach cuiridh Dia chum leas deagh-dhaoin',
a chumhachd mhòr ann gniomh:
Lionaidh se 'n croidh' le gàirdeachas,
's am beal le binn-cheol naomh'.

## LAOIDH XXV. Luc. xv. 13.—25.

FEachaibh, le misg 's neimh-gheanmnaidh-[eachd
an geòcach struidh a mhaoin,
Ag iarraidh deirce measg-nam muc,
do phlaosgaibh falamh faoin.

2 Ghlaodh se, ge d' bhàsaichims' le gort,
am fearann coigreach cein,
Gheibh tràill ann teaghlach m'Athar chaoimh
na dh'iarras inntin fein.

3 'Nois pillidh, tuitidh, 's guilidh mi,
ann làthair m' Athar chaoimh:
Och ciontach truadh! cho 'n airidh mi
air t iochd-sa no iochd Neamh'.

4 Ag ràdh so, ghreasadh dh'a thigh leis,
's iochd athaireil d'a dhith;
Ann cein tràth chonnairc Athair e,
ghrad-mhaothaich tlus a chroidh':

5 Ghrad-ruidh 'n a chomh-dhail, chrom, is thug
e pòg na failt' d'a mhac;
Is b'aithreach leis an struidh-fhear thruadh
gu d'theich e riamh o smachd.

6 'Mach thugaibh ars' an t Athair ait,
a' chulaidh thoghta dh'a;
'Nois thugar urram 's nochdar iochd,
do'n iompoichte, gach la.

7 Mo mharbh-mhac cailte fhuaradh beo,
an diugh; is uim-e-fin,
'S la feil' an la-s'; is canamaid
gu fubhach caith-reim bhinn.

## LAOIDH XXVI. MAT. xi. 25. gu crich.

BUidheachas follafach thug Crioft,
d'a Athair fein, ag ràdh:
Sir-bheannaicht' gu raibh Triath nam feart,
o linn gu linn gu bràth;
2 A cheil air daoinibh crionna glic
deirbh-fhirinn fhlàinteil Neamh';
Gidheadh, a nochd gu foilleir i,
do leanbaibh macant' feimh.

3 'S i fo do dheagh-thoil-s' Athair chaoimh!
's do naoimh-reachd feafmhach buan;
Na iarradh aingle naomh' no daoin'
lain-fhios an àdhbhair uainn'.
4 Dh'eid m' Athair mis' le uile-neart;
oir 's taitneach leis mo ghne:
A ghne-s' cho 'n iùl do neach ach dhamhs',
's do'n dream d'an nochd mi e.

5 O, an'ma 'ta le uallach trom
na ciont' 's an eagail fgith;
Creidibh, 's ar n uallach leagaibh orms',
is gheibh fibh fois is fith.
6 Le muineal lùbt', gu h inntineach
mo chuing-fe giulanaibh;
Do m' cheannfal geillibh is do m' reachd,
's mo dhòigh fior-fhoghlomaibh.

Fonn

7 Fonn macant' umhal foghlomaibh,
o ghiulan ſeimh ar Triath;
Is gheibh ar n an'ma sàraichte
tàmh, fois is ſith gu bràth.
8 'S ea-trom ſoi-ghiulan cuing mo reachd,
a ſhaoras daoidh o phein,
A laghdaicheas gach uallach trom,
's cho'n eire choidhch' i fein.

## LAOIDH XXVII. Isa. lv.

O! Dhaoine tart-mhor, thigibh chum
' ſruith phailt' ſior-ſhonais mhòir;
An-naſgaidh gheibh am bochd a dhiol,
gun airgead is gun òr.
2 C'air ſon a gheallas ſibh mòr luach,
air nithibh faoin gun ſeagh?
'S a ſtruidheas ſibh ar n ùin gu baoth,
mu ni nach diong ar dragh?
3 Gu deonach claonaibh reums' ar cluas,
is mealar sòlas leibh:
'S beathaicht' le teagaſg fior mo bheil,
's lòn buan duibh ſuaimhneas Neamh'.
4 Cluinnibh, is mairibh beo gu bràth!
ath-nuadhaichear le m' iochd,
A' mhuinghin rinn croidh' Dhaibhidh ait,
ann cunnra r'ibh gu beachd.
5 Mar m'fhiadhnais, roighnich 's thogh mi e,
mar cheann-ard trean mo ſhluaigh:
Is gairmidh ſe gach fineach cian,
's 'n a chreideamh bheir iad buaidh.

6 Feach, criocha cian bu ghraineil beas,
is do nach b'aithne thu,
Ard-Fhàidh! graid-fhreagraidh fiad do ghairm;
's do m' ainm-fe feinnidh cliu.

7 Sir-iarraibh Dia, am feadh 'ta chluas
lan-fhoſgailte d'ar glaodh;
Sleachdaibh ag ſtòl a chos, am feadh,
's dìùth tairgs' a ghràis nach traogh.
8 'Nois glacadh aithreachas luchd-uilc;
is ſguireadh daoidh do lochd:
'S air pilleadh dhoibh grad-choinn'chear iad
le Dia ag tairgſeadh iochd.

9 Dia loghaidh ciont', o ghradh nach traogh;
oir, cluinnibh guth ar Triath:
Cho'n ionann natur dhamh is dhuibh,
's cho'n ionann dòigh gu bràth.
10 Mar 's an-àrd ſpeire deàlrach Neamh'
oiſ-ceann a' chruinne-chè;
'S comh-àrd mo ghne, mo ſmuain 's mo dhòigh,
oiſ-ceann ar ſmuain 's ar gne.

11 'N-uas ſilidh fraſadh ſneachd is uiſg',
's cho phill airìs chum Neamh';
An talamh gus an taiſlich iad,
a ghiulan lòin a threabh.
12 Mar ſo cho ſruth aon fhocal uams',
nach d'theid ann an deagh-bhuil;
Oir coimh-fhreagraidh gach dùil mo ghairm,
is bheir iad geill do m'thoil.

13 'N ſin ſtiuirear dùthaich iompoichte,
le aimhneas is le fòis:

I

Is saoilidh neach gu seinn gach sliabh,
's gu buail gach craobh a bos'.
14 Ann ionad droighneich agus dreas,
thig mirtil 's giumhus 'n-ios:
Mar so sior-mhairidh; 's bheir gach dùil,
sir-chliu do Dhia gun sgios.

## LAOIDH XXVIII. Isa. ii. 2.—6.

SUas eirghidh san linn dheireannaich
nabimh-theampull Dhe nan dùl,
Oisceann nam beann 's nan sliabh, an-àrd,
fàth iongantais nan sùl.
2 D'a ionsuigh' triallaidh 's crùinnichidh,
gach fineach ait 's gach treabh;
Ag ràdh s gach àit', suas greasamaid,
gu teampull Aird-righ Neamh'.
3 Teagaisgidh se fhior-chasan duinn',
's ann siùbhlaidh sinn gun phein:
O Shàlem is o Shion àrd
triallaidh a reachd ann cein.
4 Measg fineach 's eilean iomarcach,
àrd-shuidhidh se gu breith:
Crioslaicht' le gliocas, iochd, is neart,
chùm binn' gach dùil' fa leith.
5 Le conspoid is le ain-iochd borb,
cho bhuaidhrear linn nan gràs;
Gu speal is coltar iompoichear,
gach cloidheamh 's gear-ghath bàis.
6 'N sin sluagh cho chasgair sluagh le arm,
s an àr-fhaithch' cho bhi caoidh':

A'ghall-trumpcho ſeinn ſluagh-ghairm,'s neach
ch'on fhoghlom cath no cloidh'.

7 O, ſhiol-Jacob, cruinnicheamaid,
le an'maibh 's làmhaibh naiſgt';
S ann ſoillſe Neamh' ſir-thriallamaid,
ann truſgan deàlrach paiſgt'.

## LAOIDH XXIX. Isa. xxvi. 1.—6.

CIa oirdheirc urramach an tàit',
ann ſeas luchd-àdhraidh Dhe;
Sion, mor-uaill nan eabhruidheach,
is mais' a' chruinne-chè!

2 Ard-bhàbhun a' ghràis chumhachdaich,
is dion d'ar cathair threin:
Balla le clochaibh tearmainn togt',
bheir dùbh-'lan ifrinn fein.

3 A dhoirſe ſior-ruidh foſgailibh!
gu healamh fairſing reidh!
Is rachaibhſe ſteach fhineacha,
bheir geill do naoimh reachd De.

4 Ann ſo gun choimh-meaſg mealaidh ſibh,
ſith ſhòlaſach, gu bràth;
Sibhs' leis an ionmhuin àrd-ainm JAH,
's a dh'earbas as an Triath.

5 Earbaibh a Dia, ſir earbaibh as,
gach eagal fògraibh uaibh;
Mar 's bioth-bhuan e, 's mòr buan a neart
thoirt ſaoirs' is tearmann duibh.

6 Ge daingean bàbhun ceannairceach,
bheir deas-lamh De air buaidh:

Is

Is leagaidh se an ceann-uallach,
coimh-isiol ris an uaigh.

7 Air Bàbiloin bhuirb saltraidh sinn,
gu h ait le caith-reim buaidh;
A tuighneach 's ùrlar spaisdeorachd
do dheòraibh bochd an t sluaigh.

## LAOIDH XXX. 1 Join. iii. 1.—4.

FEachaibh, àird' iongantach a' ghràidh,
a nochd an t Athair dhuinn',
Dhuinn', gineal chiontach dhroch-mhuint'
tràth dh' uchd-mhacaich e sinn! [dhaoin',
2 Folaichte fòs 'ta 'n urram-sa.
o'n t saoghal dhorch' gun iùl;
Mar so, cho b' leir do'n t saoghal teachd,
Mic shior-ruidh Righ nan dùl.

3 'S àrd-urramach ar staid fa'n ghrein;
ach àrdaichear sinn fòs:
Do rosgaibh bàs-mhor ge nach leir,
ar n inbh' s na Neamhaibh shuas.
4 Ach 's leir dhuinn' so, air teachd do Chriost,
nach leir anois do'n t sluagh,
Lain-sgeadaicht' le Glòir Athar fein,
a mhosgladh mharbh o'n uaigh;

5 San la sin iompoicht' gu bith sinn
chum iomhaigh ghlòr-mhoir Jos';
Oir gnùis re aghaidh chi sinn e,
le iongantas gun sgios.
6 Is dual do dhùil choimh-neamhaidh mhòr,
bith sulangach s gach càs;

Gach mi bheas fhògradh as a' chroidh',
's bith naomh' mar Dhia nan gràs.

## LAOIDH XXXI. Hab. iii. 17. 18.

CHoidhch' ge nach tilg crann fige blàth,
ge d' dhiùltas fion-chrann bladh:
Ge d' chaillear saothair a' chrainn òl',
is toradh trom a' mhaigh.

2 O'n mhainnir ge do sgarar tread,
gu h obann 's gun dùil ris;
Graigh ge nach fàg a' ghort air lòn,
no buar air buailidh, 'rìs;

3 Gidheadh nim gàirdeachas ann Dia,
is earbam as a ghradh:
Nim aimhneas ann san Triath, oir 's e
mo thearmann trean gach la.

4 'S e Dia Jehobhah ionmhas m'an'm';
m'aimhneas nach traogh am feasd':
Seadh, cho bhac amh-ghar m'aimhneas mòr,
's cho chriochnaich bàs, gun cheist:

## LAOIDH XXXII. 2 Tim. i. 12.

CHo'n àdhbhar nàire leamsa Criost,
tagram a chùis gun cheist;
Is Glòir a cheasaidh tagrar leam,
's geillear d'a reachd am feasd'.

2 Josa, mo Dhia! is iùl damh ainm,
is earbam as gach tràth;
Cho nàirich e-sin m'anam truadh,
's cho mheall mo dhùil gu bràth,

3 Sir-

3 Sir-ſheaſmhach mar a Chathair-righ,
'ta gealla fior an Triath;
'S is tearaint' m'anam dh'earb mi ris,
'na làmhaibh gu la-bhràth.
4 S an la ſin fàiltichidh ſe m'ainm,
ann làthair Athar fein;
Is ann an Nuaidh-Jeruſalem,
bheir ſeilbh dhamh mar an ceadn'.

## LAOIDH XXXIII. 2 Tim. iv. 6. 7. 8. agus 18.

MO chath's mo choimh-ling' chriochnaich
is dlùth dhamh bàs is uaigh, [mi;
Ach m'anam choiſrig mi do Dhia,
triallaidh chum Neamh' le buaidh.
2 Le armaibh neamhaidh chathaich mi,
fa bhrataich Aird-Righ Neamh';
Mo choimh-ling' ruidh, mo dhilſeachd dhearbh,
's mo luigheachd ſhior-ruidh gheibh.
3 Dhamh thaiſg am breitheamh ceart, air
crùn Glòir' nach ſearg am feaſd'; [Neamh
A chuireas a làmh chaomh mu m' cheann,
ann la na breith gun cheiſt.
4 Mo Righ cho d' orduich dhamhs' amhàin,
a' choroin ſo mar dhuais;
Ach do gach neach le'n ionmhuin teachd,
a Mhic o Neamh an-uas.
5 Mo chos o ſheachran dionaidh Crioſt,
's o bhead mo chroidh' 's mo làmh:
'S gu tearaint' m'anam trèoraichidh,
gu rioghachd ghlòr-mhoir Neamh'.

6 Bheir mi le congnamh trean mo Thriath,
lan-dùbh-'lan ifrinn fein;
Is dho-ſan gu raibh Glòir an-àrd,
is cliu gun chlos. Amen.

## LAOIDH XXXIV. EABH. xiii. 20. 21.

A Thair na ſith, 's a Dhe na ſeirc!
's ion-mholt' do neart r'a luadh,
A ſgaoil gun sbàirn ar n Aodhair' caomh,
o chuibhreich theann na h uaigh'.
2 A làmhaibh glaſta rag a' bhàis,
ſpion thu do ſheircin caomh;
'S daingnicht' le fhuil 's le ais-eirghe
do ſheas ſior-chunnra naomh'.
3 Le d' Spiorad naiſg ar n an'ma Dhe,
's dean umhal iad do d' thoil;
Chum as o d' naoimh-reachd nach bith ſinn,
air ſeachran truadh ag dol.
4 O! ſgriobh do naoimh-reachd air ar croidh',
is deàlr'adh e 'n ar gniomh;
Is rigidh ſinn fa cheannſal Chrioſt,
air ſeilbh ann rioghachd Neamh'.

## LAOIDH XXXV. ROMH. viii. 31. gu crich.

AR n anam eirgheadh 'nois chum Neamh'
os eagal ciont' is truaidh':
'S e Dia ar tearmann càirdeil trean;
cia 'n teas-car' bheir oirn buaidh?
2 'N ti air ar ſon thug Mac a ghràidh,
mar chobhartach do'n bhàs,

An

An diùlt e tiodhlac' 's lugha dhuinn'
a dh' earbas as a ghràs.

3 'S e Crioſt geall-barantais graidh Neamh'
a naiſg gach ſonas mòr;
Gach ſith is gràs air talamh 'bhos,
's àdh bioth-bhuan ſhuas ann Glòir!

4 Cia 'nois a chuireas cionf' as leith
ſluaigh thoghta Dhe nan gràs?
Cia dhaoras iad, oir ſhaoradh iad,
o dh' fhuiling Crioſt am bàs?

5 Bhàſaich is dh' adhlaiceadh ar Triath,
ach dh' eirich 'rìs le buaidh;
'S tagraidh ar cùis gu cumhachdach,
air deas-laimh Righ nan ſluagh.

6 Cia ſgaras ſinn o chaidreabh Chrioſt,
's o ghradh nach traogh gu bràth?
No ſgaoileas choidhch' a chuibreach naomh'
a naiſgeas ſinn r'ar Triath?

7 Ge d' bhagras dragh is duibhre dorch';
's ge d' bheacas gàbhadh cruaidh;
Trìd Chrioſt bheir ſinn gu dùbh-'lanach,
orr' uile tuille 's buaidh.

8 Beatha no bàs, ifrionn no Neamh,
no ceannſal millteach ùin,
Cho'n fhògair ſinn o chroidh' ar Triath,
's cho phill a chaomh-ghradh uainn'.

9 Beannaichidh 'n linn-s' an linn chaidh ſeach,
's an linn re teachd an linn-s':
O ſhior-ruidheachd gu ſior-ruidheachd,
is togh' le'r Tighearn' ſinn.

## LAOIDH XXXVI. Sean. viii. 1. 22.—36.

'N Glaodh eagnadh Neamh' gu hàrd-ghuth-
's nach cluinn gach sluagh a fuaim? [ach,
Fuaim focail an De shior-ruidh mhòir,
nach airidh leibh air suim?

2 Primh-sheircin 's Aon-Mhac sior-ruidh De,
bu mhi o chian nan cian:
Mu 'n d'eirich dùil air iarrtas De
gu bith, bha mise ann.

3 Roimh aer, is nealadh seachranach,
's mu 'n raibh an cruinne-cè;
Is roimh gach magh, is tuil air bith,
bha mis' air deas-laimh De.

4 Tràth thog Dia Neamh, gu snas-mhor àrd,
bha mis' ann sin gu beachd;
Ag riagh'ladh eirghe 's luidheadh grein,
's ag cur gach reall fa reachd.

5 Tràth thomhais Dia an grinneal mòr,
's a dhoirt e mòr-chuan ann;
Do thonnaibh borb dol thar an crich,
'n sin thoirmisg mi gu teann.

6 Tràth chrochadh 'n talamh comh-thromaicht',
s an uidhe fhairsing fhaoin,
Dhearc mis' ann sin le sòlas mòr,
air ionad-comhnuidh dhaoin'.

7 Dhealbh smuain mo chroidh' o shior-ruidh-
lain-tearmann dhaoin' o ghàbh'; [achd,
Roimh chiont' air bith, 's air iarrtas De
o'n ùir mu 'n d' eirich Adh'mh.

8 Re

8 Re m' theagaſg eiſdibh, uim-e-ſin,
a chlann, le gear-chuis croidh':
Is ſona 'n ti bheir geill do m' lagh;
ach toillidh mi-gheill cloidh'.

9 Is mis' a ni an tiùl chum Neamh',
's bheir duais nach meath gu bràth:
Bheir beatha do m' luchd leanmhuin caomh,
is gràſa buan o'n Triath.

10 Is naimhde mòr dhoibh-fein air chint',
dream dhiùltas geill do m' reachd:
'S drong bheir ſior-fhuath do m' theagaſg-ſa,
chum ifrinn theid gu beachd.

## LAOIDH XXXVII. Gen. i.

ONeimh-ni eirgheadh domhan mòr,
ars' Cruthai-fhear nan dùl:
Ghraid eirich talamh 's Neamh na Glòir',
air iarrtas-ſan gu humh'l.

2 Bu dorch' an t aigein, dh' fholaich tuil
an cruinne-cè gu leir:
Ghairm e gu bith an ſolus iuil;
làs an cead la d'a reir.

3 Dh' aith'n e do'n cheo dol ſuas chum Neamh';
ghrad-thog an ceo gun chàird',
Torrach le ionmhas uiſg', a ſhnàmh
air feadh nan ſpeir gu hàrd.

4 Dh' aith'n e do'n fhairg' a dh'iadh mu 'n
grad-chruinneach' chum aon-ait': [fhonn,
Chomh-rol an fhairge tonn air thonn,
is feach, an talamh tràight'.

5 An cruinne lom-nocht' sgeadaich e,
le treabhaibh luis-bheo grinn;
Roimh shileadh fhrasa Neamh' air gne;
suil gharadh fonn le grein.
6 Ann sin sgeadaich e an taer àrd;
feach, dhealbhadh 's las a' ghrian:
'Rìs chumadh gealach 's reall' gun chàird',
a thomhas mios is bliadh'n.

7 Dhealbh Dia Jehobhah le ghuth trean,
beo-dhùile grinn do'n uisg';
Uil'-ealta snas-mhor sgiathach ean,
is fòs gach gineal eisg.
8 Do'n leòmhan bhorb 's do'n chnuimh le cheil',
bith iongantach thug e;
'S lan iongnaidh, beathaich' eagsamhail
bhrùchd as a' chruinne-chè.

9 Triath uil' oibre s a' chruinne-chè,
fa dheireadh dhealbhadh Adh'mh:
Bheannaicheadh anam le dreach Dhe,
's bu chrùn d'a cheann gloir Neamh'.
10 Glòr-mhor mar so ann sealladh Dhe,
'n tòg chruthach' àluin sheas:
'N-uas dhearc Jehobhah air gach gne,
's dubhairt gu b' shàr-mhaith deas.

## LAOIDH XXXVIII. TAISB. XXI. 1.—9.

NAch glòr-mhor mòr an sealladh so
do radharc creideimh dhaoin'!
Am fonn s an fharg' ag dol nan smàl,
's na speire sean mar-aon.

2 O Neamh thig Nuaidh-Jerusalem,
d'a Triath lan-ullmhaichte:
Feach, 'nois gach ni ath-nuadhaichte
is Phàras aisigte.

3 Cliu seinnidh aingle coimheadachd,
's armailte deàlrach Neamh',
Dhaoin'! faicibh chathair choisrigte
ann tùirling Righ nan naomh.

4 Dh' atharraich Dia, chum dhaoin' an-uas,
a phubull naomhtha fein:
Measg dhaoin' 'ta chomhnuidh'; 's iad a
's d'a shluagh 's e 'n tearmann trean. [shluagh,

5 Dear do-broin siabaidh se le laimh
gu càirdeil, bhàrr an gruaidh;
Is eagaidh eagal, caoidh' is pein,
is amh-ghar bàs is uaigh.

6 Feach, gach ni saoghalt' muthaidh mi!
so deir an Dia sir-bheo:
An Domhan as an amharc theid,
is cho ruidh uin ni 's mò.

7 'S mi 'n cead neach 's an neach deireannach,
gun atharrach' gu bràth!
'Ta mi, 's e m'ainm 's mo chuimhneachan,
gach aimsir is gach tràth.

8 Do'n deagh-dhuin' bheir mo ghràsa saor,
ni maith, gun luach gun dragh:
O! dhuine thart-mhoir, òl do dhiol,
do shruth na slàint' nach traogh.

9 Re naomh bheir buaidh air ionsuigh' uilc,
mar chaomh-mhac gabham fein;

An

An saoghal 's leis mar dhuais na buaidh'
a chosnadh leis gu trean.
10 An sluagh neimh-gheanmnaidh 's breagaire,
's luchd-muirt a dhealbhas bàs;
Is prasgan fanoideach gun seirc,
a bhreabas tairgse gràis;
11 As m' fhiadhnais togbhar 's tilgear iad,
cuibhricht' le langar cruaidh,
Am boilsgean fairg' na dearg-lasair,
le'n cloidhear iad gu truadh.
12 Air deis a' bhreitheamh guidhim bith
tràth theicheas fonn is cuan!
Is e gam' fhailteachadh air m'ainm,
's ga m' bheannachadh gu buan!
13 Cia fhad uainn' 'nois la breitheamhnais,
a Thighearna, cia fhad!
O! ruidheadh aimsir seach gu luath,
is tarladh e gu grad!

## LAOIDH XXXIX. Job. iii. 17.——20.

CIa sàmhach tosdach an leab' uaigh!
a ghabhail tàimh is fois!
Theid crioch air dragh luchd-aing'eachd int';
's gheibh daoine sgith int' clos.
2 Cho chaoidh am prios'nach (saort' ann sin)
ann geibhlibh teann na cloidh':
Cho dochain smachd an droich-righ bhuirb;
's is balbh guth millt-fhir dhaoidh.
3 'Ta tràill is Tighearn', beag is mòr,
coimh-shint' ann sin le cheil':

'Ta

'Ta naimhde mòr int' taobh rè taoibh,
gun dùbh-lan borb nam beal.

## LAOIDH XL. 1 Pet. i. 3.—5.

BEannaicht' gu raibh an Dia sir-bheo,
caomh-athair Chriosd ar Triath:
'S ion-mholt' a thròcair phailt' nach traogh,
's a mhòrdhachd naomh' gu bràth.

2 O'n uaigh tràth ghairm e aon-mhac caomh,
's airìs chum Neamha suas,
D'ar n an'maibh thug lan-dòchas dearbh,
nach blais iad choidhch' am bàs.

3 Ciod e ge d' thoill ar peaca croidh'
gu tuit ar feòil 'n a smùr;
Gidheadh mar dh' eirich Criosd o'n uaigh,
'ris eirghidh sinn o'n ùir.

4 Air choimhead chum na h ais-eirghe
'ta oighreachd mhòr nan naomh,
Neamh-thruaillt', gun sal, 's cian-mhairtheanr'a mealtain choidhch' air Neamh. Inach

5 'S tearaint' fa cheannsal Chriosd gach naomh,
gu teachd an t sonais mhòir:
Le creideamh 'n so, ma ghluaisear leinn',
suas gairmear sinn gu Glòir.

## LAOIDH XLI. 1 Cor. xv. 52. gu crich,

LE fuaim na gall-truimp dheireannaich
criothnaichidh 'm fonn gu garbh,
Foighaidh gach uaigh is brùchdaidh 'n-ios,
chum beatha cuirp nam marbh.

2 Feach,

2 Feach, eirghidh cuirp nan saoidh ann sin,
gun truaille no mi-sgeimh:
Iad bàs-mhor thuit, ach eirghidh chum
neamh-bhàs-mhorachd air Neamh.

3 Feach fàist'neachd fhior nam faidhe naomh',
lan-choimh-lionta fa dheòidh;
Do cheannsal beatha gu geill bàs,
's gu bràth nach tog arm-cloidh'.

4 Suas togbhadh creideamh luath-ghair' ait,
is canadh e an laoidh-s':
C'ait 'nois a'm bhuil do ghath a bhàis?
c'ait' uaigh a'm bhuil do bhuaidh-s'?

5 'S i chogus chiontach, fhein-reabach,
sleagh chorranach a' bhàis:
A shàthar le lagh Dhe gu teann,
ann croidhe luchd mio-ghràis.

6 Ach beannaicht' gu raibh Dia gu bràth!
a dhio-armaich ar namh';
'S bheir buaidh dhuinn' air bàs uath-bhasach,
trìd Chriost ar ceann-ard caomh.

7 'Nois uim-e-sin sior-shaothraichibh,
ag cur lagh' Dhe ann gniomh;
'S bheir Josa luach ar saothair dhuibh,
neamh-bhàs-mhorachd air Neamh.

## LAOIDH XLII. 2 Cor. v. 1.—11.

GRad-thuitidh an corp talmhaidh so
'na smùr, le buille bhàis:
Ach gheibh ar n anam comhnuidh 's fearr,
air Neamh, o Dhia nan gràs.

2 Gheibh

2 Gheibh anam fior-ghlan comhnuidh ghrinn,
tigh fior-ruidh togt' le Dia;
Tràth thuiteas balla phriosoin so,
a's gainn-tir cumhain d'a.

3 Lain-sgith do'n eire thalmhaidh so,
's tric thairngear osna leinn';
Ach saoraidh bàs ar n an'ma uaith',
's bheir Dia leis dh'a thigh sinn.

4 Feach, lom-nocht' choidhch' cho b'aill leinn'
air teicheadh dhuinn o'n chorp-s'; [bith,
Ach càil nach bàsaich thoirt do chruth
a's oirdheirce na'n corp-s'.

5 Is i so muinghin luchd deagh bheas,
a fhuair iad o Dhia caomh:
'S mar àirlis seilbh' ann rioghachd Neamh',
dhoibh thug e 'n Spiorad Naomh'.

6 Thig creideamh beo air gealla Dhe,
's ann triallaidh sinn gu rath:
Ach, feadh is comhnuidh dhuinn' an corp,
's fad leinn' gu teachd ar Triath.

7 Na 's ait le creideamh chreidsin, 's fad,
's ro-fhad, leinn uainn' an teachd:
Air imirc b'ait leinn' dol o'n fheòil;
's bith leats' a Thriath! gu beachd.

8 Ach ann sa' chorp, no as a' chorp,
's i crioch ar guth 's ar gniomh,
Ar n ùin a chaithear 'n obair Chriosd,
a chriochnach' 'na ghradh caomh.

9 Chum cathair-breitheamhnais Mic De,
oir, cruinnichidh gach neach,

'N sin

'N sin dh' fhaghail pein no tuarasdail,
o làmhaibh comh-thromach.
'N sin, breith neamh-chlaon 's neamh-
gheibh giùlan maith is saith: [chaochladhach
'S bithidh ar sior-ruidheachd mar thoill
ar gniomhar', olc no maith.

## LAOIDH XLIII. Taisb. vii. 13—17.

NAch deàlrach Glòir nan an'man ùd!
cia thug dhoibh 'n trusgan grinn?
Cia dh' àrdaich iad chum comhnuidh soills'
a dheàlras feadh gach linn?
2 Feach! sùd an dream, o sheachain ghairbh,
a dh' eirich chum maith bhuain;
'S ghealaich an trusgan ann am fùil,
fuil ioc-shlainteach an Uain.
3 'Nois sleachdaidh siad le glùnaibh lùbt',
ain siadhnais carbair Dhe;
'S le an'maibh cr bhach molaidh siad
a mhòrdhachd, feadh gach rè.
4 Ni siadhnais De gach anam air;
gleataidh gach beal gu sceinn:
Ath-chanaidh 'n teampull naomh' gach tràth
gach Ard-Hosanna bhinn.
5 Cho dochain tart no ocras chaoidhch',
no boilsge loilgeach grein:
'S e Dia ar grian, 's o dheàlra caomh
sgaoilidh sior-la ann cein.
6 Saodaichidh 'n t Uan a naoimh-threud fein
gu tobar slàint' nach traigh;

'S gu

'S gu càirdeil fiabaidh bhàrr an gruaidh,
dear do-broin agus truaidh'.

## LAOIDH XLIV. Gen. xxviii. 20. 21. 22.

DHe bhethel, le d' laimh thoir-bheartaich
's tu bheathaich tlsr'el fein!
'S ar sins'reachd trìd an oil'-thire,
's tu threòraich mar an ceadn'.

2 Ar mòide umhal bheir-sinn dhuit;
is àdhradh mar an ceadn':
Lain-earbaidh sinn gu muinghineach
re d'fhreasdal caomh sinn-fein.

3 Anns na garbh-rodaibh do-choiseachd,
ma threòraicheas tu sinn;
Ar n aran laitheil 's trusgan cuirp,
ma dheonaicheas tu dhuinn'.

4 Um-ainn ma sgaoileas tu do sgiath,
is sinn le seachran sgith;
Gus an rig ar n anama teach,
ar n Athar chaoimh ann sith:

5 Dhe ar coimh-cheangail, bheir sinn dhuit,
sinn-fein 's ar geill mar-aon;
'S cho toir sinn 'mhàin ar deachmhadh dhuit,
ach iom-laineachd ar maoin'.

## LAOIDH XLV. Taisb. i. 5.—9.

AN Dia-dhuin' ghràdhaich an'ma dhaoin',
's a nigh dhinn' ciont' le fhuil;
A rinn dhinn' Righ' is Sagarta
d'a Athair Dia nan dùl:

2 Lionar

2 Lionar gach beal le binn-cheol d'a,
's gach croidh' le teas-ghradh caomh!
Air talamh canar buidh'chas d'a,
's air Neamh le ainglibh naomh'!

3 Feach, teachd Mic De air nealaibh luath!
's ait leis gach naomh an la;
Feadh ghuileas a luchd cafgraidh truadh,
le amh-ghar is le crà'.

4 'S mi 'n cead neach 's an neach deireannach;
's leam bith gun tùs gun chrioch:
Maith, glic, is uilea-chumhachdach,
bha, 'ta mi, 's bithidh choidhch'!

## CRIOCH.

# NOCHDOIR TEAGSA nan *Reimh-eidir-theangachadh.*


| Aireamh. | | Taobh-dhuilleog. |
|---|---|---|
| 1. | LUc ii. 8.—15. | 7 |
| 2. | Luc. i. 46.—56. | 8 |
| 3. | Luc. ii. 29.—33. | 9 |
| 4. | Luc. iv. 18. 19. | 9 |
| 5. | Isa. xlii. 1.—13. | 10 |
| 6. | Isa. liii. | 12 |
| 7. | Philip. ii. 6.—12. | 14 |
| 8. | Eabh. iv. 14.—16. | 15 |
| 9. | Taisb. v. 6.—14. | 16 |
| 10. | *Urnaigh an Tighearna*, Mat. vi. 9.—14. | 18 |
| 11. | 1 Cor. xiii. | 19 |
| 12. | Eabh. xii. 1—13. | 21 |
| 13. | Job i. 21. | 23 |
| 14. | Join xiv. 1.—5. | 23 |
| 15. | Join xiv. 25.—29. | 24 |
| 16. | Isa. xl. 27.—31. | 25 |
| 17. | Isa. xlix. 13.—17. | 26 |
| 18. | Job. ix. 2.—10. | 27 |
| 19. | Tit. iii. 3—9. | 28 |
| 20. | Join. iii. 14.—19. | 29 |
| 21. | Romh. iii. 19.—22. | 30 |
| 22. | Romh. vi. 1. 2. 6. | 30 |
| 23. | Romh. ii. 4. 5. | 31 |
| 24. | Job. viii. 11. 22. | 32 |
| 25. | Luc. xv. 13.—25. | 33 |

| Aireamh. | | Taobh-dhuilleog |
|---|---|---|
| 26. | MAT. xi. 25. gu Crich. | 3 |
| 27. | ISA. lv. | 3 |
| 28. | ISA. ii. 2.—6. | 3 |
| 29. | ISA. xxvi. 1.—6. | 3 |
| 30. | 1 JOIN iii. 1.—4. | 3 |
| 31. | HAB. iii. 17. 18. | 4 |
| 32. | 2 TIM. i. 12. | 4 |
| 33. | 2 TIM. iv. 6, 7, 8 agus 18. | 4 |
| 34. | EABH. xiii. 20. 21. | 4 |
| 35. | ROMH. viii. 31. gu Crich. | 4 |
| 36. | SEAN. viii. 1. 22. 36. | 4 |
| 37. | GEN. i. | 4 |
| 38. | TAISB. xxi. 1.—9. | 4 |
| 39. | JOB. iii. 17.—20. | 4 |
| 40. | 1 PEAD. i. 3.—5. | 4 |
| 41. | 1 COR. xv. 52. gu Crich. | 4 |
| 42. | 2 COR. v. 1.—11. | 5 |
| 43. | TAISB. vii. 13.—17 | 5 |
| 44. | GEN. xxviii. 20. 22. | 5 |
| 45. | TAISB. i. 5.—9. | 5 |

CRIOCH.